

Sìm Roy Innes

M.A. (Urram.) (Glaschu), P.G.C.E. (Srath Chluaidh), M. Phil. (Glaschu)

Cràbhachd do Mhoire
Òigh air a'
Ghàidhealtachd sna
meadhan-aoisean anmoch,
le aire shònraichte do
Leabhar Deadhan Lios
Mòir

Tràchdas a chuireadh a-steach gus riatanais
ceum Dotair na Feallsanachd (Ph.D.) a
choileanadh



Oilthigh | Roinn na Ceiltis
Ghlaschu | is na Gàidhlig

Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig,
Dàmh nan Ealain
Oilthigh Ghlaschu
An t-Iuchar 2010

© Sìm R. Innes, 2010

Geàrr-Chunntas

Bha Naomh Moire Òigh fìor chudromach ann an cràbhachd Eòrpach nam meadhan-aoisean anmoch. Tha e na amas aig an tràchdas seo faighinn a-mach a bheil an aon rud fìor airson Gàidhealtachd na h-Alba. Thathar a' caoidh nach eil tùsan gu leòr ann a tha ceadachadh dhuinn mòran ionnsachadh mu chràbhachd nan Gàidheal aig an àm. Ach thèid cur air adhart an seo nach eil sin buileach ceart. Chithear gum faod sgrùdadh air ainmean, clachan-snaighte, clàraidhean eachdraidheil is eile a bhith torrach ma bhios sinn airson sealladh fhaighinn air cràbhachd do Mhoire.

Ach thèid sealltainn cuideachd gur e sgrùdadh air litreachas an dòigh as fheàrr tuilleadh ionnsachadh mu chràbhachd do Mhoire. Chithear gum faod sgrùdadh mar sin ionnsachadh dhuinn mu chleachdaidhean cràbhaidh agus an dòigh a bhathar a' tuigsinn àite na h-Òighe anns an diadhachd. 'S e a' bhàrdachd chlasaigeach chràbhaidh a gheibhear anns an làmh-sgrìobhainn Leabhar Deadhan Lios Mòir (1512-1542) prìomh thùs an tràchdais seo.

Thèid coimhead air nòsan na bàrdachd seo a bha ga dèanamh ann an Èirinn agus Alba agus thèid ceistean a thogail mu amasan, diadhachd agus tùsan nan dàn agus gu dè an ìre a tha iad a' toirt dhuinn fianais airson creideamh a bha àraid do na Gàidheil. Gheibhear clàr agus sgrùdadh airson na bàrdachd chràbhaidh air fad a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain. Tha còig dàin air Moire ann an Leabhar an Deadhain agus 's iad sin: 'Éistidh riomsa, a Mhuire mhór', 'Fuigheall beannacht brú Mhuire', 'Binn labhras leabhar Muire', 'Iomdha sgéal maith ar Mhuire', agus 'Ná léig mo mhealladh, a Mhuire'. Seallaidh sgrùdadh mionaideach air na còig dàin sin gun robh iomadh feart aig Moire do na Gàidheil, mar a bha air feadh na h-Eòrpa.

Cur an Cèill an Ùghdair

Tha mise, Sìon R. Innes, a' cur an cèill gur e an obair agam fhìn a gheibhear anns an tràchdas seo, ach a-mhàin far a bheil mi a' tarraing air an obair aig daoine eile. Cha do rinneadh measadh air an obair seo airson ceum sam bith eile, aig Oilthigh Ghlaschu neo aig oilthigh sam bith eile. Rinn mi an rannsachadh airson an tràchdais seo agus mi nam oileanach ann an Roinn na Ceiltis agus na Gàidhlig, fo stiùir an Ollaimh Roibeard Ó Maolalaigh agus an Ollaimh Thomas Clancy. Rinn mi an rannsachadh thairis air na trì bliadhna acadaimigeach 2005-06, 2006-07 agus 2007-08, agus sgrìobh mi an tràchdas ann an 2009-10. Fhuair mi taic-airgid bhon Arts and Humanities Research Council.

Buidheachas

Tha mi gu mòr an comain mo luchd-stiùiridh, an t-Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh agus an t-Ollamh Thomas Owen Clancy aig Oilthigh Ghlaschu. Bu mhath leam cuideachd mo thaing a thoirt dhan luchd-obrach eile ann an Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig, Bronagh Ní Chonaill, Sheila Kidd, Michel Byrne, Aonghas MacCoinnich agus Katherine Forsyth nam measg. Bha luchd-rianachd Oilthigh Ghlaschu leithid Kathleen Johnston agus Valerie Stringfellow air leth cuideachail. Fhuair mi comhairle agus cobhair bho iomadh caraid ach gu sònraichte Carol Nic a' Ghobhainn agus Julia Kühns. Fhuair mi taic cuideachd bhon Roinn Cheilteach agus bho Shusan Chamshron san Leabharlann aig Oilthigh Naomh Francis Xavier ann an Antigonais, Alba Nuadh, Canada agus mi ag obair ann fad na bliadhna 2008-09. B' e taic-airgid bhon AHRC a cheadaich dhomh tòiseachadh air rannsachadh aig ìre iar-cheum agus tha mi glè thaingeil.

Mo thaing dha mo theaghlach agus do Ghiovanni Giacoia a bha daonnan ann nuair a bha feum agam air agus a rinn na dealbhan dhomh. *Grazie infinite!*

Bu mhath leam gum biodh an tràchdas seo mar chuimhneachan air Nigel Hall (1962-2008)

Glaschu, An t-Iuchar 2010

Clàr-Innse

Clàr Dhealbhan.....	7
Clàr Mhapaichean.....	8

Caibideil 1: Cràbhachd agus Gàidhealtachd na h-Alba.....	12
1.1 Cràbhachd na h-Alba.....	12
1.2 Cràbhachd Ionadail na Gàidhealtachd anns na meadhan-aoisean.....	15
1.2.1 Na meadhan-aoisean tràtha.....	16
1.2.2 Na meadhan-aoisean anmoch.....	18
1.3 Sgìre Fhairtìrchill.....	22
1.4 Leabhar Deadhan Lios Mòir.....	28
1.5 Moire Òigh – Leudachadh <i>cultus</i> Eòrpach agus Gàidhealach?.....	31
1.6 Co-dhùnadh.....	33

Caibideil 2: Tùsan seach bàrdachd airson cràbhachd do Mhoire air a’ Ghàidhealtachd.....	34
2.1 Ainmean.....	34
2.2 Fèilltean na h-Òighe agus Tabhartasan.....	40
2.3 Ùrnaighean agus rosg cràbhaidh mu Mhoire.....	46
2.4 Ìomhaighean.....	55
2.4.1 Moire agus Naomh Eòin Soisgeulaiche aig a’ Cheusadh.....	57
2.4.2 A’ Mhàthair agus an Leanabh/Naoidhean.....	66
2.5 Co-dhùnadh.....	73

Caibideil 3: Bàrdachd Chràbhaidh Leabhar an Deadhain.....	74
3.1 Bàrdachd chràbhaidh chlasaigeach.....	74
3.1.1 Amas agus Cuspairean nan Dàn.....	76
3.1.2 Diadhachd nan Dàn.....	77
3.1.3 Sgeulachdan Mì-cheart.....	80
3.1.4 Creideamh Gaoidhealach?.....	82
3.2 A’ Bhàrdachd Chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain.....	86
3.2.1 Cuspairean na bàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain.....	97
3.2.2 ‘Réalta na Cruinne Caitir Fhíona’.....	102
3.2.3 Moire anns na dàin shaoghalta.....	110
3.2.4 Co-dhùnadh.....	120

Caibideil 4: ‘Éistidh riomsa, a Mhuire mhór’.....	121
4.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair.....	121
4.2 Càirdean na Maighdinn.....	123
4.3 Bòidhchead agus Daonnachd na Maighdinn.....	129
4.4 Fearg Moire.....	135
4.5 Co-dhùnadh.....	137

Caibideil 5: ‘Fuirgeall beannacht brú Mhuire’.....	139
5.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair.....	139
5.2 Sgeulachdan Apocraphach san dàn.....	141
5.2.1 A’ Bhuain Obann.....	142
5.2.2 Iaichim agus Gineamhainn gun Smal.....	147
5.2.3 Breith Ìosa agus Na Trì Rìghrean.....	149
5.2.4 Griogair.....	151
5.3 Moire ann am ‘Fuirgeall beannacht’.....	155
5.4 Co-dhùnadh.....	157

Caibideil 6: ‘Binn labhras leabhar Muire’	159
6.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair.....	159
6.2 Exemplum an Dàin.....	159
6.3 Freumhan Èireannach aig an exemplum?	166
6.4 Co-dhùnadh	169
Caibideil 7: ‘Iomdha sgéal maith ar Mhuire’	171
7.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair.....	171
7.2 Tùs airson Sgeul an Dàin	173
7.3 An Dàn agus Leabhar an Deadhain	177
7.4 Mìorbhailean Moire	178
7.5 Co-dhùnadh	187
Caibideil 8: ‘Ná léig mo mhealladh, a Mhuire’	188
8.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair.....	188
8.2 An Dàn agus Peacadh-Collaidh	190
8.3 Eagal agus Dòchas a’ Bhàird	193
8.4 Fearg is Iochd Moire anns an dàn	197
8.5 Co-dhùnadh	200
Co-dhùnadh	201
Aguisean: a’ bhàrdachd.....	206
9.1 ‘Éistidh riomsa a Mhuire Mhór’	206
9.2 ‘Fuirgeall beannacht brú Mhoire’	212
9.3 ‘Binn Labhras Leabhar Muire’	219
9.4 ‘Iomdha sgéal maith ar Mhuire’	223
9.5 ‘Ná Léig mo mhealladh, a Mhuire’	227
Clàr-Leabhraichean	232

Clàr Dhealbhan

Dealbh 1 Ceusadh Innis Fhadhail	45
Dealbh 2 Paidirean: Mariota NicIain	50
Dealbh 3 Paidirean: Cill Bhreannain, Cinn-Tìre	51
Dealbh 4 Paidirean: Eilean Idhe	51
Dealbh 5 Paidirean: Cas-Croise Chill An Rubha, Ìle	52
Dealbh 6 Paidirean: Leac à Cill An Rubha, Ìle	52
Dealbh 7 Cochall-Cluig Ghuthrie.....	56
Dealbh 8 Crois Alasdair Mhic a' Mhaolain, Cille Mhoire, Cnapadal a-Deas	59
Dealbh 9 Crois à Cille Mhoire, Dearbhaig, Eilean Mhuile	59
Dealbh 10 Crois Fhionghuin à Circeabol. Tìriodh	60
Dealbh 11 Crois Cheann Loch Chille Chiarain	61
Dealbh 12 Crois Chill Chomain, Ìle	61
Dealbh 13 Crois Maighread à Rois, Eilean Mòr, Cnapadal	62
Dealbh 14 Crois à Cill Chomain, Ìle.....	63
Dealbh 15 Crois à Roghadal, Na Hearadh	63
Dealbh 16 Abaid Eilean Idhe	64
Dealbh 17 Ceusadh à Roghadal, Na Hearadh	64
Dealbh 18 Teacsa, Ìle	65
Dealbh 19 Àird Chatain	67
Dealbh 20 Peighinn a' Ghobhainn, Muile	67
Dealbh 21 Alasdair Crotach, Roghadal.....	68
Dealbh 22 Anna Ban-Phrìòireach Idhe	69
Dealbh 23 Borlinn	70
Dealbh 24 Portico Abaid Idhe.....	71

Clàr Mhapaichean

Mapa 1 Mapa Sgìre Loch Tatha	22
Mapa 2 Fairtìrchill agus Am Bealach.....	24
Mapa 3 Ìomhaighean de Mhoire agus Paidirean air obair-shnaighte.....	72

Ro-Ràdh

Tha an tràchdas seo a’ dèanamh sgrùdadh air cuid den fhianais airson cràbhachd do Naomh Moire Òigh air Ghàidhealtachd na h-Alba sna meadhan-aoisean anmoch. ’S e a’ bhàrdachd chràbhaidh bho Leabhar Deadhan Lios Mòir (1512-42)¹ a tha aig cridhe an tràchdais seo. Bheirear sùil air a’ bhàrdachd sin feuch an cuir sinn clach air càrn ar n-eòlais mu roghainnean cràbhaidh nan uaislean a chruinnich a’ bhàrdachd, cho math ri cràbhachd nam bàrd a rinn i. Ach bidh cothrom againn cuideachd cur ri ar n-eòlas mu Leabhar an Deadhain fhèin agus litreachas na Gaoidheilge² ann an Alba.

Chaidh cràbhachd do Naomh Moire a thaghadh a dh’aon ghnòthach leis gu bheil e fìor chudromach gum faighear sealladh air roinnean mòra de chràbhachd Eòrpach mheadhan-aoiseil air a’ Ghàidhealtachd, cho math ri sealladh air cràbhachd nas ionadail, mar cràbhachd do naoimh dhùthchasach. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air diadhachd agus exempla nan dàn a tha ann an Leabhar an Deadhain ann an oidhirp faighinn a-mach a bheil a’ bhàrdachd coltach ri litreachas cràbhaidh a bha cumanta air feadh na h-Eòrpa neo a bheil i ann an dòigh air choreigin a’ toirt dhuinn fianais airson cràbhachd a bha gu sònraichte Gaoidhealach (cumanta do na Gàidheil eadar Alba agus Èirinn anns na meadhan-aoisean anmoch), neo fiù Gàidhealach (àraid do Ghàidheil na h-Alba a-mhàin). Ach cha sheas fianais na bàrdachd leatha fhèin agus feumaidh sinn faighneachd a bheil fianais de sheòrsa sam bith eile ann bhon Ghàidhealtachd airson cràbhachd do Mhoire.

Tha Caibideil 1 a’ cur sgoilearachd air cràbhachd an aithne don leughadair agus toirt dhuinn cothrom eòlas a chur air sgìre agus prìomh chuspairean an tràchdais. Thèid tòiseachadh le bhith coimhead air cuid de na ceistean sgoileireil mu chràbhachd mheadhan-aoiseil agus ceum air cheum gheibhear dealbh nas mionaidiche anns a’ chaibideil le bhith a’ cur na prosbaig air an obair a chaidh a dhèanamh air cràbhachd na h-Alba. Chithear gu bheil beachd ann nach gabh mòran a ràdh mun Ghàidhealtachd leis

¹ Dùn Èideann, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, LS Adv. 72.1.37, air loidhne aig <http://www.isos.dias.ie/>

² Thèid ‘Gaoidhealg’ a chleachdadh anns an tràchdas seo airson a’ chànain sgrìobhte a bhathar a’ cleachdadh airson litreachais an dà chuid ann an Èirinn agus Alba gus sgaradh a dhèanamh eadar sin agus Gàidhlig, gnàth-chainnt na h-Alba agus Gaeilge, gnàth-chainnt na h-Èireann. Airson ‘Gaoidhealg’ faic Roibeard Ó Maolalaigh, ‘Forás na nDeirí Dispeagtha -ean agus -ein i nGaeilge na hAlban’, ann am Brian Ó Catháin agus Ruairí Ó hUiginn (deas.), *Béalra: Aistí ar Theangeolaíocht na Gaeilge* (Maigh Nuad: An Sagart, 2001), 2-43. Air a’ chuspair faic Kenneth Jackson, ‘Common Gaelic’: *The Evolution of the Gaelic Languages* (London: G. Cumberlege, 1951), 77; T. F. O’ Rahilly, *Irish Dialects Past and Present* (Dublin: DIAS, 1932), 123; Roibeard Ó Maolalaigh, ‘The Scotticisation of Gaelic: A Reassessment of the Language and Orthography of the Gaelic Notes in the Book of Deer’, ann an Katherine Forsyth (deas.), *Studies on the Book of Deer* (Dublin: Four Courts Press, 2008), 188.

cho gann is a tha an fhianais agus 's i prìomh cheist a' Chaibideil a bheil sin fìor? Thèid gluasad a-steach gu fianais airson cràbhachd anns an sgìre às an tàinig Leabhar an Deadhain. Bheirear sùil air Leabhar an Deadhain fhèin agus mu dheireadh eachdraidh na sgoilearachd air Moire gus am faic sinn cho cudromach is a tha bàrdachd mu Mhoire anns an Leabhar. Mar sin, le bhith a' toirt a-steach fòcas nas giorra agus nas giorra chithear carson a tha an sgrùdadh seo riatanach.

Tha a' mhòr chuid den tràchdas seo stèidhichte air na tha a' bhàrdachd sin ann an aon làmh-sgrìobhainn ag innse dhuinn mu chràbhachd do Mhoire air a' Ghàidhealtachd. Ach tha e deatamach gun tèid sealltainn gu bheil tùsan eile ann a ghabhas cleachdadh gus cur ri ar n-eòlas air cràbhachd. Tha feum cuideachd air co-theacs a dhearbhas a bheil a' bhàrdachd do Mhoire ann an Leabhar an Deadhain annasach agus gun samhail air a' Ghàidhealtachd neo a bheil tùsan eile ann a bheir taic dhan fhianais sin. 'S e sin a nì Caibideil 2. Thèid faighneachd anns a' chaibideil sin dè na tùsan eile seach bàrdachd a ghabhas a chur gu feum gus dealbh fhaighinn air cràbhachd do Mhoire air a' Ghàidhealtachd. Tha an caibideil seo na thoiseach-tòiseachaidh air an fhianais sin. Tha e na amas agam tuigsinn dè na tùsan a ghabhas cleachdadh, dè cho luachmhor is a tha iad agus dè cho lionmhor is a tha iad. Bheirear sùil air ainmean, fèiltean agus tabhartasan, rosg agus ùrnaighean agus mu dheireadh obair-shnaighte. Tha dòchas agam gun seall an caibideil seo cuideachd cho riatanach is a tha an sgrùdadh air a' bhàrdachd.

Tha Caibideil 3 a' tilleadh gu bàrdachd chràbhaidh chlasaigeach, prìomh thùs an tràchdais. Nithear geàrr-chunntas air beachdan sgoilearach air a' bhàrdachd chràbhaidh seo a rinneadh an dà chuid ann an Èirinn agus Alba. Feumar sin a dhèanamh mus coimhead sinn air Leabhar an Deadhain gum faigh sinn a-mach dè na ceistean a bu chòir dhuinn faighneachd ma tha sinn airson bàrdachd a chleachdadh mar fhianais airson cràbhachd. A bharrachd air sin bidh cothrom againn cuideachd ionnsachadh a bheil bàrdachd Leabhar an Deadhain a' gabhail ri modhannan corpas na bàrdachd chràbhaidh. Faodaidh e bhith cianail doirbh do dhaoine greimeachadh air na tha de bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain idir agus mar sin gheibhear 'Clàr na bàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain' taobh a-staigh Caibideil 3. Nithear sgrùdadh aithghearr air cuspairean na bàrdachd chràbhaidh anns an Leabhar agus sgrùdadh beagan nas doimhne air aon dàn, 'Réalta na Cruinne Caitir Fhíona'. Tha an dàn sin a' crìochnachadh le rann air Moire agus bidh an earrann mu dheireadh de Chaibideil 3 a' sealltainn gur e nòs rudeigin cumanta a tha sin eadar bhàrdachd chràbhaidh agus bàrdachd shaoghailta.

Bidh an còrr den tràchdas seo a' toirt seachad torradh an rannsachaidh air còig dàin air Moire a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain. 'S iad sin 'Éistidh riomsa, a Mhuire mhór', 'Fuirgeall beannacht brú Mhuire', 'Binn labhras leabhar Muire', 'Tomdha sgéal maith ar Mhuire' agus 'Ná leig mo mhealladh, a Mhuire'. Tha caibideil fa leth ann air gach dàn. Bidh sinn a' coimhead air an diadhachd mu Mhoire anns gach dàn agus a' feuchainn ri tuigsinn an gabh rud sam bith ionnsachadh mu chràbhachd do Mhoire air Gàidhealtachd na h-Alba. Bidh sinn cuideachd a' sgrùdadh fhreumhan nan exemplum a gheibhear sna dàin mar phàirt den iomairt tuigsinn a bheil a' bhàrdachd a' toirt dhuinn fianais airson creideamh a tha gu sònraichte Gaoidhealach.

Feumar a dhèanamh gu math soilleir nach eil e na amas aig an tràchdas seo eagrain ùra a thoirt seachad de na dàin. Às na còig dàin a tha gan deasbad an seo chaidh dhà de na dàin a dheasachadh agus a chur an clò mu thràth agus an t-eagran stèidhichte air na tha ann an Leabhar an Deadhain. Chaidh dhà eile a dheasachadh agus a chur an clò ach bha na h-eagrain stèidhichte air tùsan eile, làmh-sgrìobhainnean eile, airson nan dàin. Ged nach fhaighear eagrain ùra den dà dhàn sin an seo tha mi air feuchainn ri aire an leughadair a thoirt gu loidhnichean neo fiù 's rannan far a bheil Leabhar an Deadhain eadar-dhealaichte seach na h-eagrain fhoillsichte. Air uairean dh'fhaodadh sin a bhith cudromach. Cha deach an dàn mu dheireadh a chur an clò fhathast idir agus tha feum air eagan ceart. Bidh an sgrùdadh air an dàn sin stèidhichte air na pàipearan aig Edmund Quiggin a tha an-diugh ann an Leabharlann, Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann.³ Faodar a ràdh gu bheil e rudeigin truimeach-air-shearrach a bhith a' toirt seachad toraidhean rannsachaidh air dàin nuair nach eil eagrain chinnteach ann dhaibh fhathast. Ach leis gu bheil e cho fìor dhuilich stuthan bho Leabhar an Deadhain a dheasachadh tha dòchas agam gun toir an obair seo nas fhaighe sinn air fuasgladh airson nan dàin sin.

Gheibhear na còig dàin aig deireadh an tràchdais anns an Aguisen gus am bi e nas fhasa don leughadair beachd fhaighinn air gach dàn iomlan. Chan e eagrain ùra a th' anns an Aguisen. Cha do rinn mi ach fìor thoiseach-tòisichidh air an obair-deasachaidh. Mar sin, chan urrainnear na tha a' nochdadh anns an Aguisen a chleachdadh mar dhreach deireannach idir. An toiseach ge-tà, dè as aithne dhuinn mu chràbhachd mheadhan-aoiseil an Alba agus air a' Ghàidhealtachd? Dè th' ann an Leabhar an Deadhain agus dè an eachdraidh a th' aig cràbhachd do Mhoire?

³ Dùn Èideann, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, LS 14870.

Caibideil 1: Cràbhachd agus Ghàidhealtachd na h-Alba

Tha an caibideil seo ag amas air cràbhachd do Mhoire air a' Ghàidhealtachd a ruighinn le bhith a' siubhal tro na chaidh a sgrìobhadh air cràbhachd na h-Alba sna meadhan-aoisean anmoch. Bheir sinn sùil an uair sin air na chaidh a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd air fad. An dèidh sin thèid coimhead air sgìre Fhairtichill a-mhàin gus am faigh sinn dealbh nas mionaidiche. An sin thèid sgoilearachd Leabhar Deadhan Lios Mòir a chur an aithne don leughadair leis gur e sin prìomh thùs an tràchdais. Mu dheireadh leis gum bi ar n-aire air Moire anns an tràchdas seo thèid geàrr-chunntas glè aithghearr a thoirt seachad air eachdraidh a *cultus* tro na linntean. Bidh an caibideil goirid seo a' dearbhadh carson a tha sgrùdadh mar seo riatanach.

1.1 Cràbhachd na h-Alba

Tha tòrr eas-aonta am measg sgoilearan air na faclan cearta a bu chòir dhuinn a chur gu feum airson bruidhinn air creideamh nam meadhan-aoisean.⁴ Airson bruidhinn air na cleachdaidhean agus beachdan cràbhaidh a bh' aig daoine thagh Eammon Duffy 'traditional religion' mar dhòigh air 'popular religion' a sheachnadh.⁵ Thagh e an tiotal sin agus e den bheachd nach robh beàrn mhòr sam bith eadar creideamh na clèire agus creideamh nan daoine (neo creideamh na neo-chlèir/na tuaithe). Cha do ghabh feadhainn eile ris na briathran 'creideamh traidiseanta' ge-tà agus iad a' cumail a-mach gu bheil na briathran sin a' cleith dhòighean nach robh traidiseanta.⁶ Is fheàrr le daoine eile am facal 'piety' agus iad a' cumail a-mach gu bheil sin a' cur an cèill dòigh airson cleachdaidhean oifigeil neo 'ceart-chreidmheach', agus feadhainn nach robh, a mheasadh.⁷ A dh'aindeoin deasbad air briathran tha a' chuid as motha de sgoilearan a' gabhail ris a' bheachd a leanas bho Shalvador Ryan:

Something of a cultural consensus can be identified in the late medieval period that spanned a variety of social orders. More particularly, a

⁴ Airson eachdraidh an deasbaid faic Peter Biller, 'Popular Religion in the Central and Later Middle Ages', ann am Michael Bentley (deas.), *Companion to Historiography* (London: Routledge, 1997), 221-46.

⁵ Eamon Duffy, *The Stripping of the Altars: Traditional Religion in England 1400-1580*, 2^{na} deas., (London: Yale University Press, 2005), 2-3.

⁶ Christopher Marsh, *Popular Religion in Sixteenth-Century England* (London: Macmillan Press, 1998), 7.

⁷ Andrew Brown, *Popular Piety in Late Medieval England: The Diocese of Salisbury 1250-1550* (Oxford: Clarendon Press, 1995), 2.

distinctive and identifiable religious culture pervaded Western Europe in the Middle Ages that was largely shared across the divide.⁸

Agus a rèir Peter Biller, ged nach e dòigh-obrach ùr a th' ann, 's e rannsachadh aig ìre roinneil neo ionadail an t-slighe as fhèarr air adhart airson eachdraidh 'creideamh nan daoine', 'creideamh traidiseanta', 'cràbhachd' neo ge be dè a chanas sinn ris.⁹ Tha sin furasta ann an dùthchannan mar Shasainn, far a bheil fianais aca am pailteas: rinneadh rannsachadh air sgìre-easbaig Shalisbury agus diofar bhailtean, leithid Durham agus Norwich.¹⁰

Cha deach mòran obrach a dhèanamh air a' chuspair airson na h-Alba ge-tà. Rinn Audrey-Beth Fitch sgrùdadh air Siorrachd Inbhir Àir¹¹ agus thug i sùil aithghearr air an Ear-Thuath.¹² Anns an tràchdas aice air diadhaidheachd na tuaithe ann an Lodainn tha Helen Brown a' caoidh nach eil air maireachdainn ach bloighean de thùsan agus i a' toirt seachad rabhadh do luchd-eachdraidh gun cus a dhèanamh asta.¹³ Bha Mairi Cowan a cheart cho faiceallach na co-dhùnaidhean ach chuir i ris an tuigse againn air creideamh roinneil na h-Alba:

Localism was a characteristic of lay piety throughout medieval Europe, and if Scotland's geography and multi-ethnic population gave it a greater internal diversity than most European countries, nevertheless Scotland was never excluded from wider European society... Scots did participate in wider European religious culture but they did so locally. So, for example, they venerated universal saints such as Mary, but at local centres of devotion such as the Marian shrine at Musselburgh. They participated in the international cult of the Holy Blood, but did so by joining a local confraternity. They read devotional literature and listened to religious poetry, but could do so in their local vernaculars.¹⁴

⁸ Salvador Ryan, 'The Most Traversed Bridge: A Reconsideration of Elite and Popular Religion in Late Medieval Ireland', ann an Kate Cooper agus Jeremy Gregory (deas.), *Elite and Popular Religion* (Woodbridge: The Boydell Press, 2006), 123.

⁹ Biller, 'Popular Religion', 241-42. Chaidh 'cràbhachd' a thaghadh anns an tràchdas seo seach 'diadhaidheachd' leis gu bheil am facal sin ro fhaig air 'diadhachd'.

¹⁰ Margaret Harvey, *Lay Religious Life in Late Medieval Durham* (Woodbridge: The Boydell Press, 2006); Brown, *Popular Piety*; Norman P. Tanner, *The Church in Late Medieval Norwich 1370-1532* (Toronto: Pontifical Institute of Mediaeval Studies, 1984).

¹¹ Faic caibideil 6 ann an Audrey-Beth Fitch, 'The Search for Salvation: Lay Faith in Scotland, 1480 to 1560', 2 leabhar, tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (1994). Tha seo air tighinn a-mach ann an clò o chionn ghoirid mar Audrey-Beth Fitch, *The Search for Salvation: Lay Faith in Scotland 1480-1560*, deas. le Elizabeth Ewan (Edinburgh: John Donald, 2009).

¹² Audrey-Beth Fitch, 'Religious Community in the North East at the Reformation', ann an James Porter (deas.), *After Columba – After Calvin: Community and Identity in the religious Traditions of North East Scotland* (Aberdeen: The Elphinstone Institute, 1999), 107-24.

¹³ Helen Brown, 'Lay Piety in Later Medieval Lothian c.1306-1513', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Edinburgh (2007), 316-18.

¹⁴ Mairi Cowan, 'Lay Piety in Scotland before the Protestant Reformation: Individuals, Communities and Nation', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Toronto (2003), 298.

Chleachd Fitch feadhainn de na tùsan sin, ann an gnàth-chainnt na Beurla Ghallda, na sgrùdadh air beachdan dhaoine air Nèamh, Ifrinn, Purgadair, Dia, Moire agus Ìosa.¹⁵ Chaidh obair chudromach a dhèanamh air feartan fa leth eile de chràbhachd na h-Alba anns na meadhan-aoisean anmoch cuideachd. Mar eisimpleir, A. A. MacDonald air cràbhachd an fhulangais, John Higgitt air ìomaighean, Peter Yeoman agus Mark Hall air cuairtean-cràbhaidh/ eilthireachd.¹⁶ Chaidh obair ionmholta a dhèanamh air cràbhachd do naoimh: Triduana, Magnus, Cliamhainn, Seòras, Na Trì Rìghrean, Faolan, Calum Cille agus is cinnteach gum faic sinn tuilleadh an cois na pròiseact ‘Survey of Dedications to Saints in Medieval Scotland’.¹⁷ Rinneadh deasachadh air na mìorbhailean aig Æbbe à Coldingham agus Mairead Banrigh na h-Alba.¹⁸ Chaidh toiseach-toiseachaidh a dhèanamh air iomadh naomh eile leithid Anndra, na ban-mhairtirich, Briannan agus eile.¹⁹ A dh’aindeoin càineadh bho chuid ann an Alba aig an àm, tha e

¹⁵ Fitch, ‘The Search for Salvation’.

¹⁶ A. A. MacDonald, ‘Passion Devotion in Late-Medieval Scotland’, ann an A. A. MacDonald, H. N. B. Ridderbos agus R. M. Schlusemann (deas.), *The Broken Body: Passion Devotion in Late Medieval Culture* (Groningen: Egbert Forsten, 1998), 109-31; John Higgitt, ‘*Imageis Maid with Mennis Hand*’: *Saints, Images, Belief and Identity in Later Medieval Scotland* (Whithorn: Friends of the Whithorn Trust, 2003); Peter Yeoman, *Pilgrimage in Medieval Scotland* (London: B. T. Batsford Ltd / Historic Scotland, 1999); Mark A. Hall, ‘Crossing the Pilgrimage Landscape: Some thoughts on a Holy Rood Reliquary from the River Tay at Carpow, Perth and Kinross, Scotland’, ann an Sarah Blick (deas.), *Beyond Pilgrim Souvenirs and Secular Badges* (Oxford: Oxbow Books, 2007), 75-91.

¹⁷ Helen Brown, ‘Saint Triduana of Restalrig ? Locating a Saint and Her Cult in Late Medieval Lothian and Beyond’, ann an Debra Higgs Strickland (deas.), *Images of Medieval Sanctity* (Leiden: Brill, 2007), 45-69; Haki Antonsson, *St. Magnús of Orkney: A Scandinavian Martyr-Cult in Context* (Leiden: Brill, 2007); Barbara E. Crawford, ‘The Dedication to St Clement at Rodil, Harris’, ann am Barbara E. Crawford (deas.), *Church, Chronicle and Learning in Medieval and Early Renaissance Scotland* (Edinburgh: Mercat Press, 1999), 109-22; Barbara Crawford, *The Churches Dedicated to St. Clement in Medieval England: a Hagio-geography of the Seafarer’s Saint in 11th Century North Europe* (St. Petersburg: Axiōma, 2008); Steve Boardman, ‘The Cult of St George in Scotland’, ann an Steve Boardman, John Reuben Davies & Eila Williamson (deas.), *Saints’ Cults in the Celtic World* (Woodbridge: The Boydell Press, 2009), 146-59; Eila Williamson, ‘The Cult of the Three Kings of Cologne in Scotland’, ann am Boardman et al., *Saints’ Cults in the Celtic World*, 160-179; Simon Taylor, ‘The Cult of St Fillan in Scotland’, ann an Thomas R. Liszka & Lorna E.M. Walker (deas.), *The North Sea World in the Middle Ages* (Dublin: Four Courts Press, 2001), 175-210; Thomas Owen Clancy, ‘Columba, Adomnán and the Cult of Saints in Scotland’, ann an Dauvit Broun agus Thomas Owen Clancy (deas.), *Spes Scotorum / Hope of Scots: Saint Columba, Iona and Scotland* (Edinburgh: T&T Clark, 1999), 3-33; Steve Boardman, ‘The Survey of Dedications to Saints in Medieval Scotland’, *The Innes Review* 59.2 (2008), 189-91. Faic <http://www.shc.ed.ac.uk/Research/saints/index.htm> airson na Suirbhìdh fhèin.

¹⁸ Robert Bartlett (deas.), *The Miracles of Saint Æbbe of Coldingham and Saint Margaret of Scotland* (Oxford: Clarendon Press, 2003).

¹⁹ Beagan air Naomh Anndra anns na meadhan-aoisean anmoch aig Ursula Hall, *The Cross of St Andrew* (Edinburgh: Birlinn, 2006), 86-123; air Anndra a-rithist faic James Fraser, ‘Rochester, Hexham and Cennrìgmonaid: the Movements of St Andrew in Britain, 604-747’ ann am Boardman et al., *Saints’ Cults in the Celtic World*, 1-17; Air Anndra a-rithist faic Simon Taylor le Gilbert Márkus, *The Place Names of Fife: Volume Three* (Donnington: Shaun Taylor, 2009), 405-433 agus 564-615; Audrey-Beth Fitch, ‘Power Through Purity: The Virgin martyrs and Women’s Salvation in Pre-Reformation Scotland’, ann an Elizabeth Ewan agus Maureen M. Meikle (deas.), *Women in Scotland c.1100-c.1750* (East Linton: Tuckwell Press, 1999), 16-28; Jonathan M. Wooding, ‘The Medieval and

coltach gun robh cràbhachd do naoimh, an dà chuid ionadail agus eadar-nàiseanta, làidir ann an Alba²⁰ Thathar ag ràdh cuideachd gum faic sinn dùsgadh ùidh às ùr ann an naoimh ionadail na h-Alba bhon chòigeamh linn deug air adhart le dioghras ga shealltainn airson naoimh coltach ri Dubhthach ann am Baile Dhubhthaich, Mungo agus Thenew ann an Glaschu.²¹ Rinneadh oidhirp mhòr traidiseanan nan naomh ionadail a thasgadh ann am *Breviarum Aberdonense*, a chaidh a chlà-bhualadh ann an 1510. Tha cuid a' faicinn an ùidh seo ann an naoimh Albannach mar ghluasad nàiseantachd.²² Ach a rèir David Ditchburn

It is right and proper that this 'nationalistic' trend has been acknowledged, but unfortunate that it has been allowed to overshadow the simultaneous, but cosmopolitan, trend in devotional practice which is every bit as evident in Scotland as elsewhere in the Latin west.²³

Ge be dè ar beachd air na tha an ùidh seo ann an naoimh ionadail na h-Alba a' ciallachadh, tha e deatamach faighneachd an robh an aon mheasgachadh de naoimh ionadail agus cràbhachd 'chosmopolitan' fìor air a' Ghàidhealtachd. Agus 's e ceist a th' ann nach deach fuasgladh fhathast.

1.2 Cràbhachd Ionadail na Gàidhealtachd anns na meadhan-aoisean

Tha sinn air coimhead air an sgoilearachd air cràbhachd na h-Alba ach dè mu dheidhinn cràbhachd air a' Ghàidhealtachd? Rinneadh obair air eagrachadh, luchd-obrach agus toglaichean na h-eaglaise anns a' Ghàidhealtachd o chionn ghoirid, a' sealltainn gun robh an eaglais na bu treasa na bhathar an dùil thuige seo.²⁴ Ach anns na chaidh a

Early Modern Cult of St Brendan', ann am Boardman et al., *Saints' Cults in the Celtic World*, 195-8 air Alba. Faic cuideachd Alan Macquarrie, 'The Cult of Saints in Medieval Scotland', ann an Colin MacLean & Kenneth Veitch (deas.), *Scottish Life and Society: A Compendium of Scottish Ethnology, Vol. 12 Religion* (Edinburgh: John Donald, 2006), 42-59.

²⁰ Càineadh ri fhaighinn bho leithid David Lindsay, faic Higgitt, 'Imageis Maid with Mennis Hand'.

²¹ Michael Lynch, 'Religious Life in Medieval Scotland', ann an Sheriden Gilley agus W. J. Sheils (deas.), *A History of Religion in Britain* (Oxford: Blackwell, 1994), 116-17.

²² David McRoberts, 'The Scottish Church and Nationalism in the Fifteenth Century', *The Innes Review* 19.1 (1968), 3-14.

²³ David Ditchburn, *Scotland and Europe: The Medieval Kingdom and its Contacts with Christendom, 1214-1560*, 2 leabhar (East Linton: Tuckwell Press, 2001), Leabhar I, 52.

²⁴ A. D. M. Barrell, 'The Church in the West Highlands in the Late Middle Ages', *The Innes Review* 54.1 (2003), 23-46, far am faighear boillsgeadh neo dhà air cràbhachd phearsanta bho thùsan na pàpachd mar gun robh cràbhachd shònraichte aig fear Eòin mac Aonghais ann an Àird nam Murchan do Naomh Comhghan. Faic cuideachd Iain Gerard MacDonald, 'The Secular Church and Clergy in the Diocese of Argyll from circa 1189 to 1560', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (2008); Sarah Thomas, 'From Rome to the Ends of the Habitable World: the Provision of Clergy and Church Buildings in the Hebrides, circa 1266 to circa 1472', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh,

sgrìobhadh air cràbhachd nam meadhan-aoisean anmoch ann an Alba 's ann glè ainneamh a gheibhear fiù 's iomradh air Gàidhealtachd na h-Alba neo luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.²⁵ Mar eisimpleir, thuirt Cowan nach do choimhead i air luchd-labhairt na Gàidhlig na tràchdas:

Not because of a presumption that they were just like their English- or Scots-speaking compatriots, nor because their contributions to Scottish religious life are deemed to have been unimportant, but because the available written sources do not have a great deal to say about these people.²⁶

Tillidh sinn a dh'aithghearr gu ceist nan tobraichean sgrìobhte airson na Gàidhealtachd anns na meadhan-aoisean anmoch ach mus dèan sinn sin b' fhiach e sùil a thoirt air na chaidh a sgrìobhadh air cràbhachd 'ionadail' luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba anns na meadhan-aoisean tràtha.

1.2.1 Na meadhan-aoisean tràtha

Bidh Gàidheil na h-Alba a' nochdadh gu soilleir anns an sgoilearachd air sgaoileadh na h-eaglaise anns na meadhan-aoisean tràtha. Thathar air ainmean-àite a chleachdadh gu math tric ann an oidhirp eagrachadh na h-eaglaise a thuigsinn agus air uairean thèid cur ris an tuigse againn air cràbhachd aig an aon àm.²⁷ Sheall Thomas Clancy mar a bha Calum Cille agus Adhamhnan cho cudromach do dh'Albannaich anns na meadhan-aoisean tràtha agus na riochdan eadar-dhealaichte a bhathas a' cruthachadh air an son gu h-àraid ann am bàrdachd.²⁸ Tha litreachas a nì dealbh dhuinn air cràbhachd nan Gàidheal ann an Èirinn cho fìor phàirt an coimeas ris na tha againn airson Gàidheil na h-Alba.²⁹ Mar eisimpleir, b' fheudar do Clancy stuthan, 'relating to Scotland' a

University of Glasgow (2009); Janet MacDonald, 'Iona's Local Associations in Argyll and the Isles, AD 1203-1575', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (2010).

²⁵ Audrey-Beth Fitch, 'Religious Life in Scotland in the Late Middle Ages', ann an Colin MacLean agus Kenneth Veitch (deas.), *Scottish Life and Society: A Compendium of Scottish Ethnology, Vol. 12 Religion* (Edinburgh: John Donald, 2006), 60-102; James Galbraith, 'The Middle Ages', ann an Duncan Forrester agus Douglas Murray (deas.), *Studies in the History of Worship in Scotland* (Edinburgh: T & T Clark, 1996), 19-35.

²⁶ Cowan, 'Lay Piety in Scotland', 14-15.

²⁷ Simon Taylor, 'Place-Names and the Early Church in Eastern Scotland', ann am Barbara E. Crawford (deas.), *Scotland in Dark Age Britain* (Aberdeen: Scottish Cultural Press, 1996), 93-110; Rachel Butter, 'Cill-names and Saints in Argyll: A Way Towards Understanding the Early Church in Dál Riata?', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (2007); Simon Taylor, 'Columba East of Drumalban: Some Aspects of the Cult of Columba in Eastern Scotland', *The Innes Review* 51.2 (2000), 109-28.

²⁸ Clancy, 'Columba, Adomnán', 21-33.

²⁹ Faic mar eisimpleir, John Carey, *King of Mysteries: Early Irish Religious Writings* (Dublin: Four Courts Press, 2000).

chleachdadh gu tric seach stuthan as urrainn dhuinn a ràdh le cinnt a rinneadh ann an Alba.³⁰

Tha an litreachas cràbhaidh Èireannach sin a bhuineas do na meadhan-aoisean tràtha ainmeil airson an dòigh a phòs e bunaitean a' chreidimh Chrìostail agus feartan de dhualchas dùthchasach. Chithear sin gu soilleir anns a' bhàrdachd aig Blathmhac anns an ochdamh linn, a chleachd briathrachas nan sgeul saoghalta airson beatha Chrìosd agus eile innse.³¹ 'S e deagh eisimpleir eile den phòsadh seo a tha sna traidiseanan mu Mhogh Ruith, a dh'innis gum b' e draoidh Èireannach a mharbh Eòin Baiste. Eadar bhàrdachd agus rosg gheibh sinn a-mach gun do dh'ionnsaich Mogh Ruith a dhraoidheachd bho Shimon Magus agus air sgàth gum b' e Èireannach a bh' ann am Mogh Ruith gun tigeadh call mòr air muinntir na h-Èireann mar a tha an rann gu h-ìosal, bhon dàn 'Clanna Israel uli' bho Leabhar Uí Mhaine, ag innse dhuinn:

Tresin sgél sin, báidh go mbloidh,
in féil Eóin ar Gaedelaibh,
nách bía do tshil Gáedeal nglan
acht madh aentrian gan marbudh.³²

Tha am buaireadh a dh'abhbhraich litreachas mar seo anns a' bhliadhna 1096 a' sealltainn cho cumhachdach is a dh'fhaodadh litreachas cràbhaidh le blas Èireannach a bhith agus a-rèir Annála Uladh gun robh, 'Uamon mór for feraibh Erenn ria feil Eoin na bliadhna-sa co ro thesairc Dia tria troiscibh comarba Patraic & clèireach n-Erenn archena'.³³ Ceangailte ri seo tha an dòigh a dh'fhaodadh sgeulachdan èirigh anns an litreachas seo a bha ceangailte ri nithean a bha ann an dà-rìribh.³⁴ 'S i a' cheist mhòr ge-

³⁰ Clancy, 'Columba, Adomnán', 5.

³¹ Brian Lambkin, 'The Structure of the Blathmac Poems', *Studia Celtica* 20/21 (1985/86), 67-77; J. Carney (deas.), *The Poems of Blathmac Son of Cú Brettan* (Dublin: Irish Texts Society, 1964).

³² Annie M. Scarre, 'The Beheading of John the Baptist by Mog Ruith', *Ériu* 4 (1910), 180. ('Tron sgeul sin – oidhirp ainmeil – [thig] Fèill Eòin air na Gàidheil, gus nach bi ach trian de shìol nan Gàidheal uasal, gun am marbhadh.') Airson tuilleadh mu Mhogh Ruith faic Aideen M. O' Leary, 'Mog Ruith and Apocalypticism in Eleventh-Century Ireland' ann an Joseph Falaky Nagy (deas.), *The Individual in Celtic Literatures* (Dublin: Four Courts Press, 2001), 51-60; Benjamin Hudson, 'Time is Short: The Eschatology of the Early Gaelic Church', ann an Caroline Walker Bynum agus Paul Freedman (deas.), *Last Things: Death & the Apocalypse in the Middle Ages* (Philadelphia: University of Pennsylvania Press, 2000), 101-23; Käthe Müller-Lisowski, 'Texte zur Mog Ruith Sage', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 14 (1923), 145-63; Käthe Müller-Lisowski, 'La légende de St Jean dans la Tradition Irlandaise et le Druide Mog Ruith', *Études Celtiques* 3 (1938), 46-70; Brian Ó Cuív, 'Two Items from Irish Apocryphal Tradition', *Celtica* 10 (1973), 87-113.

³³ Air loidhne aig CELT, <http://www.ucc.ie/celt/published/G100001A/index.html> agus eadar-theangachadh gu Beurla ri fhaighinn aig <http://www.ucc.ie/celt/published/T100001A/index.html> (Sultain 2009) ('Eagal mòr air fir na h-Èireann ro Fhèill Eòin na bliadhna seo, dhìon Dia iad air sgàth trasgan comharba (neach-ionaid) Phàdraig agus clèirich Èireannach eile.') Bha plàigh mhòr ann an Èirinn a' bhliadhna roimhe (1095) air a chlàradh mar *bliadhna na mortla* (Bliadhna na Bàsmhorachd), mo thaing do Thomas Clancy airson seo a chur air shùilean dhomh.

³⁴ Tha *cuilebad* Chaluim Chille a' nochdadh ann an aon sgeul agus fios againn gun robh leithid a *cuilebad* ann. B' e gaotharan a bh' ann an *cuilebad* a bhiodh air a chleachdadh aig an Aifreann.

tà, gu dè an ìre a bha litreachas mar seo air a dhèanamh le, neo fiù aithnichte do, Ghàidheil na h-Alba anns na meadhan-aoisean.³⁵ Air a' cheist an robhar ris an t-seòrsa litreachais sin ann an Alba, thuirt Clancy gu bheil an fhianais air leth gann ach rinn e iomradh air *immram* a chaidh athsgriobhadh ann an Eilean Idhe mu Sniaghus agus MacNiaghus:

This tale gives us a glimpse into both Gaelic imagination and narrative technique from the earlier Middle Ages. It allows us to see that Scotland too participated in that extra-ordinary fusion of native creativity and Christian belief which infuses so much of early Irish literature... If we are limited to fragments for the lost genres of early Scottish literature, those fragments can at times convince us that what we have lost was rich and deep indeed.³⁶

Mar sin, ma tha sin fìor airson nam meadhan-aoisean tràtha a bheil e fìor cuideachd airson nam meadhan-aoisean anmoch? Nuair a bhios sinn a' sgrùdadh an litreachais a tha air maireachdainn bho na meadhan-aoisean anmoch faodaidh sinn measadh a dhèanamh air gu dè an ìre a tha e a' sealltainn cothlomadh eadar an creideamh agus cultur dùthchasach anns an dòigh a bha cho follaiseach anns na linntean roimhe. Chunnaic sinn mu thràth an ùidh às ùr ann an naoimh ionadail bhon chòigeamh linn deug air adhart is mar sin bhiodh seòrsa de dhùil againn gum biodh litreachas Gàidhealach bho na meadhan-aoisean anmoch a' dearbhadh sin aig a' char as lugha.

1.2.2 Na meadhan-aoisean anmoch

Mar a chunnacas gu h-àrd tha faireachdainn anns an sgoilearachd air cràbhachd Albannach nam meadhan-aoisean anmoch nach tèid againn air sgrùdadh a dhèanamh air a' Ghàidhealtachd agus an fhianais ro ghann. Ach nuair a thèid beachd a thoirt seachad gheibhear a' bharrail gum feum e bhith gun robh cùisean eadar-dhealaichte. Mar eisimpleir, ann an iomradh air leabhraichean na h-ùrnaigh-choitcheann thuirt James Galbraith, 'in the Celtic west of Scotland, some distinctive practices presumably

Kevin Murray, 'The Role of the Cuilebad in Immram Snédgusa & Maic Riagla', ann an Jonathan M. Wooding (deas.), *The Otherworld Voyage in Early Irish Literature* (Dublin: Four Courts Press, 2000), 187-93.

³⁵ Mar a thachras tha sgeul Mhogh Ruith ri fhaighinn ann an tè de na làmh-sgrìobhainnean ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. 'S e sin Dùn Èideann, NLS Adv. LS 72.1.1 a bhuineas don chòigeamh linn deug agus a rinneadh ann an Èirinn (Cúige Chonnacht agus Urumhain) ach le làmh Albannach ann. Airson a' bhàrdachd a tha anns an làmh-sgrìobhainn faic Donald Mackinnon, 'The Executioner of John the Baptist', *The Celtic Review* 8 (1912-13), 168-70. Air an làmh-sgrìobhainn faic Ronald I. M. Black, 'The Gaelic Manuscripts of Scotland', ann an William Gillies (deas.), *Gaelic and Scotland/Alba agus a' Ghàidhlig* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 1989), 154; Ronald Black [ri thighinn], *Catalogue of the Classical Gaelic MSS. in the National Library of Scotland*; nota 192 gu h-ìosal.

³⁶ Thomas Owen Clancy, 'A Fragmentary Literature: Narrative and Lyric from the Early Middle Ages', ann an Ian Brown et al. (deas.), *The Edinburgh History of Scottish Literature* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2007), 130-31.

existed’.³⁷ Chan urrainn dhuinn ach gabhail ris gu bheil an fhianais gann airson cha mhòr gach sgìre den Ghàidhealtachd. A bharrachd air sin, ma mhair tùsan idir is àbhaist dhaibh a bhith ann am Beurla/Beurla Ghallda neo Laideann is cha bhi iad againn ann an Gaoidheilg. Ach ma tha cead againn litreachas a chleachdadh bho na meadhan-aoisean anmoch airson measadh a dhèanamh air cràbhachd, tha tùsan Gaoidheilge ann a rinneadh ann an Alba.

Mar a luaidh sinn mu thràth bidh sgoilearan cràbhachd mheadhan-aoiseil a’ cleachdadh litreachas mar fhianais gu math tric. Chleachd MacDonald làmh-sgrìobhainnean anns a bheil bàrdachd chràbhaidh sa Bheurla Ghallda le William Dunbar, Walter Kennedy agus William à Touris gus tuilleadh ionnsachadh mu spioradalachd Rìgh Sheumais IV.³⁸ Rinn Fitch feum mhòr de bhàrdachd sa Bheurla Ghallda airson beachdan an t-sluaigh a lorg air feartan eadar-dhealaichte den chreideamh. Mar sin, nach bu chòir cead a bhith againn rosg agus bàrdachd ann an Gaoidheilg a chleachdadh anns an aon dòigh? Chan eil e buileach ceart a ràdh nach eil tùsan sgrìobhte ann, mar a chì sinn.

Tha bàrdachd Gaoidheilge ann air cuspairean diadhaidh agus bidh an tràchdas seo stèidhichte air bunait na bàrdachd sin. Gheibh sinn a-mach am faod bàrdachd chràbhaidh ann an Gaoidheilg cur ri ar n-eòlas air cràbhachd nan uaislean neo cràbhachd ionadail co-dhiù aon sgìre den Ghàidhealtachd anns na meadhan-aoisean anmoch. Chaidh teagamh a chur anns a’ bheachd ‘gun do dh’fhan Gàidheil Èirinn agus Alba nan aona nàisean, a thaobh cultuir, suas gus an t-seachdamh ceud deug.’³⁹ Feumaidh sinn aideachadh nach urrainn dhuinn a bhith cinnteach an-còmhnaidh cò iad na roinnean de chultar, chreideamh agus litreachas as aithne dhuinn bho Ghàidheil na h-Èireann a bha co-ionnan do Ghàidheil na h-Alba anns na meadhan-aoisean.⁴⁰ Chan eil sin ri ràdh nach robh ceanglaichean làidir ann ge-tà, gu h-àraid aig ìre litreachais agus air uairean *literati*.⁴¹ Mar sin, dè an seòrsa litreachas cràbhaidh Gaoidheilge a bha ga

³⁷ James Galbraith, ‘The Middle Ages’, 21.

³⁸ MacDonald, ‘Passion Devotion’, 120.

³⁹ Dòmhnall Eairrdsidh Dòmhnallach, ‘Trì Ginealaichean de Sgeulachd’, ann an William Gillies (deas.), *Gaelic and Scotland/Alba agus a’ Ghàidhlig* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 1989), 185.

⁴⁰ Wilson McLeod, *Divided Gaels: Gaelic Cultural Identities in Scotland and Ireland c.1200 – c.1650* (Oxford: Oxford University Press, 2004); Martin MacGregor, ‘[Lèirmheas air] *Divided Gaels*’, *The Scottish Historical Review* 85.2 (2006), 342-44; Mícheál B. Ó Mainnín, ‘[Lèirmheas air] *Divided Gaels*’, *Speculum* 81.3 (2006), 889-91; María Coira, ‘[Lèirmheas air] *Divided Gaels*’, *Scottish Gaelic Studies* 22 (2006), 232-35.

⁴¹ Faic mar eisimpleir, Jane Dawson ‘The Gaidhealtachd and the Emergence of the Scottish Highlands’, ann am Brendan Bradshaw agus Peter Roberts (deas.), *British Consciousness and Identity* (Cambridge: Cambridge University Press, 1998), 259-300; D.E. Meek, ‘The Gaelic Ballads of Medieval Scotland’, *TGS* 55 (1986-88), 47-72; Martin MacGregor, “Làn-mara’s mile seòl” (“Floodtide and a thousand sails”) Gaelic Scotland and Gaelic Ireland in the Later Middle Ages’, ann an *A’Chòmhdhail*

dhèanamh ann an Èirinn agus Alba anns na meadhan-aoisean anmoch agus dè na beachdan a th' aig sgoilearan air?

Tha beachd làidir ann gur e eadar-theangachadh bho Laideann gu Gaoidheilge as motha a gheibhear mar rosg cràbhaidh ann an Èirinn anns na meadhan-aoisean anmoch agus glè bheag den phòsadh sin eadar an creideamh agus an dualchas.⁴² Bhiodh *Smaointe Beatha Chrìost* na dheagh eisimpleir den t-seòrsa saothair sin. 'S e eadar-theangachadh a th' ann bho c.1450 de *Mheditationes Vitae Christi*, a rinneadh anns an treas neo ceathramh linn deug le manach Francisceanach à San Gimignano.⁴³ Tha an teacs gar piobrachadh ar mac-meanmna a chleachdadh gus tachartasan mòra ann am beatha Chrìosd fhaireachdainn, mas fhìor gun robh sinn fhìn an làthair. 'S e eagal, bròn agus deòir mar a bh' aig Moire a bheir sinn nas fhaig air gaol do Chrìosd. Bheir an earrann ghoirid seo blas seachad air mar a rinn an teacs sin:

Ocus rucadur Isa cengailti bruiti toirirsech leo co Caluarie ... Togaibh suil t'indtinde anois, ocus do-chifir drong dibh ag sathadh na croichi annsa talamh, agus drong ele ag ullmhughadh cloo, ocus drong eile ac ullmhughadh ord, ocus drong eli ag ullmhughadh dreimiredh ocus innstruimintid ele.⁴⁴

Bha àite sònraichte aig a' Cheusadh, fulangas Chrìosd agus fulangas Moire ann an creideamh nam meadhan-aoisean anmoch.⁴⁵ Thèid againn air measadh a dhèanamh a bheil an seòrsa cràbhachd seo ri fhaicinn ann an Leabhar an Deadhain.

'S àbhaist sgaradh a dhèanamh eadar rosg cràbhaidh na Gaoidheilge agus bàrdachd bhon àm seo. Thathar ag ràdh gur e eadar-theangachadh as motha a th' againn mar rosg Gaoidheilge ach nach eil an aon rud fìor mun bàrdachd. Thuirte Cainneach Ó

Cheilteach Eadarnàiseanta / Congress 99: Cultural Contacts Within the Celtic Community (Inverness: A'Chòmhdhail Cheilteach (Alba), 2000), 77-97; D. S. Thomson, 'Gaelic Learned Orders and Literati in Medieval Scotland', *Scottish Studies* 12 (1968), 57-78. Cuideachd air an dòigh a bha buaidh aig litreachas clasaigeach air litreachas a bha a' tighinn troimhe ann an gnàth-chainnt na h-Alba faic Katie Louise Mathis, 'An Ulster Tale in Breadalbane? Personae and Literary Allusion in the Poetry of Mòr Chaimbeul', *Aiste* 2 (2008), 43-69.

⁴² Air an rosg faic Canice Mooney O.F.M., *The Church in Gaelic Ireland 13th to 15th Centuries* (Dublin: Gill and Macmillan, 1969), 32-39.

⁴³ Cainneach Ó Maonaigh, O.F.M (deas.), *Smaointe Beatha Chrìost* (Baile Átha Cliath: DIAS, 1944). Airson eadar-theangachadh Beurla den *Mheditationes* faic Francis X. Taney, Anne Miller agus C. Mary Stallings-Taney, *Meditations on the Life of Christ: Translated from the Original Latin and Edited* (Ashville, NC: Pegasus Press, 2000); C. Mary Stallings-Taney, 'John of Caulibus', ann an Leslie Houlden (deas.), *Jesus in History, Thought and Culture* (Oxford: ABC-CLIO, 2003), 495-98. Air mar a tha an teacs ag obair faic Lawrence F. Hundersmarck, 'The Use of Imagination, Emotion, and the Will in a Medieval Classic: The *Meditaciones Vite Christi*', *Logos: A Journal of Catholic Thought and Culture* 6.2 (2003), 46-62.

⁴⁴ Ó Maonaigh, *Smaointe Beatha Chrìost*, 146. 'Agus thug iad òsa ceangailte brùite sgìth gu Calbharaidh ... Tog suil t' inntinn a-nis agus chì thu buidheann dhiubh a' sàthadh na Croiche anns an talamh, agus buidheann eile ag ullachadh tarragan, agus buidheann eile ag ullachadh uird agus buidheann eile ag ullachadh fàraidhean agus ionnstramaidean eile.'

⁴⁵ Gordon Mursell, *English Spirituality: From Earliest Times to 1700* (London: SPCK, 2008), 159-238.

Maonaigh mun bhàrdachd, ‘we find that original compositions instead of being the exception are the rule’.⁴⁶ Ged a tha e fìor gu bheil tòrr ann a chaidh eadar-theangachadh bho chànanan eile tha e cudromach nach dèan sinn dearmad air an ùidh leantainneach ann am beathannan nan naomh dùthchasach cuideachd. Tha an ùidh mhòr ann an naoimh Èireannach ri fhaicinn gu soilleir ann an Leabhar Mhic Cárthaigh Riabhaigh / Leabhar an Leasa Mhóir a rinneadh anns a’ chòigeamh linn deug.⁴⁷ Tha iomadh beatha ann, Mochua Balla, Ciarán agus Brìghde nam measg. Dh’fhaodte nach deach an cruthachadh anns a’ chòigeamh linn deug ach tha an cànan anns na beathannan seo a’ sealltainn dhuinn gun robhar a’ dèanamh athsgriobhadh agus ùrachadh orra. Tha seo cudromach agus feumar meòrachadh gu dè an ìre a bha athsgriobhadh mar seo air teacsaichean tràtha a’ toirt buaidh air cràbhachd nam meadhan-aoisean anmoch. A-rithist ged a tha an Leabhar Breac (tràth sa chòigeamh linn deug) a’ sealltainn barrachd ùidh ann an eadar-theangachaidhean, agus iomadh ‘páis’ ann mar *Páis Longínis* agus *Páis Eoin Baupstaist*, tha beathannan Phàdraig, Brìghde agus Chaluim Chille ann agus teacsaichean cràbhaidh eile cuideachd.⁴⁸ Tha an dòigh a dh’fhaodadh traidiseanan bho na meadhan-aoisean tràtha a bhith beò fhathast anns na meadhan-aoisean anmoch soilleir cuideachd ann am *Betha Colaim Cille* (1532) aig Magnus Ó Domhnaill.⁴⁹ Mar sin, tha e fìor nach deach cus rosg cràbhaidh Gaoidheilge a chruthachadh anns na meadhan-aoisean anmoch ach ’s e measgachadh de stuthan ùra Eòrpach agus seann bheathannan nan naomh dùthchasach a gheibhear anns na làmh-sgrìobhainnean.

Mar a chunnaic sinn, tha an sgoilearachd ag innse gu bheil bàrdachd chràbhaidh Gaoidheilge bho na meadhan-aoisean anmoch tionnsgalach an coimeas ris an rosg. Bidh an treas caibideil a’ coimhead gu dlùth air an sgoilearachd seo. Bha cuid de sgoilearan buailteach a bhith a’ cur bàrdachd chlasaigeach chràbhaidh an suarachas agus iad a’ meas nach robh na bàird cinnteach às an diadhachd. Thathar tric ag ràdh gum bi sgeulachdan cràbhaidh a’ nochdadh anns a’ bhàrdachd ann an dòighean riaslach neo air uairean ceàrr. Thathar den bheachd gur e as adhbhar airson sin nach robh na bàird a’ faicinn tùsan sgrìobhte is nach robh ach bloighean de chuimhne aca air sgeul a chuala iad. Bidh a’

⁴⁶ Mooney, *The Church in Gaelic Ireland*, 39.

⁴⁷ Whitley Stokes (deas.), *Lives of Saints from the Book of Lismore* (Oxford: The Clarendon Press, 1890). Airson liosta de na beathannan bho thùsan eile faic Charles Plummer, *Miscellanea Hagiographica Hibernica* (Bruxelles: Société des Bollandistes, 1925).


⁴⁸ Robert Atkinson, *The Passions and the Homilies from Leabhar Breac: Text, Translation and Glossary* (Dublin: Royal Irish Academy, 1887).

⁴⁹ A. O’Kelleher agus G. Schoepperle (deas.), *Betha Colaim Cille* (Urbana, Illinois: University of Illinois, 1918); Brendan Bradshaw, ‘Manus “The Magnificent”: O’Donnell as Renaissance Prince’, ann an Art Cosgrove agus Donal McCartney (deas.), *Studies in Irish History, Presented to R. Dudley Edwards* (Dublin: University College Dublin, 1979), 15-36.

cheist seo ga togail tric is minic anns an tràchdas seo agus chì sinn gu bheil uairean ann ge-tà far a bheil dàimh gu math dlùth ann eadar a' bhàrdachd agus rosg air an aon chuspair.

1.3 Sgìre Fhairturchill

Tha sinn air coimhead air cràbhachd ann an Alba, cràbhachd air a' Ghàidhealtachd agus mar a dh'fhaodadh litreachas na Gaidheilge a bhith feumail dhuinn. Bheir sinn sùil a-nise air an sgìre anns an deach prìomh thùs an tràchdais seo a chur ri chèile. Chì sinn gu bheil co-dhiù aon sgìre den Ghàidhealtachd beairteach an coimeas ri sgìrean eile san fhianais airson cràbhachd agus 's e sin sgìre Fhairturchill ann an Siorrachd Pheairt. Tha baile beag Fhairturchill aig beul Ghleann Lìomhainn ann am meadhan na Gàidhealtachd, beagan tuath air Abhainn Lìomhainn agus nas fhaide deas a-rithist tha Loch Tatha. Tha an t-àite air leth beairteach a thaobh àrceolais agus iomadh clach shnaighte, clag, agus eile air maireachdainn bho na meadhan-aoisean tràtha.⁵⁰ Faic an dà mhapa gu h-ìosal (Mapa 1 agus 2) airson feadhainn de na h-àitichean a thèid ainmeachadh an seo.



Mapa 1 Mapa Sgìre Loch Tatha

⁵⁰ Niall M. Robertson, 'The Early Medieval Carved Stones of Fortingall', ann an David Henry (deas.), *The Worm, the Germ and the Thorn: Pictish and Related Studies Presented to Isabel Henderson* (Balgavies, Angus: The Pinkfoot Press, 1997), 133-48.

Tha ainmean-àite, clàraidhean eachdraidheil agus beul-aithris ag innse dhuinn gun robh naoimh Ghàidhealach air leth cudromach anns a' cheàrnaidh seo de dh'Alba. Tha beachd ann gum b' e Naomh Coide, easbaig Idhe a chaochail anns an ochdamh linn,⁵¹ naomh na h-eaglaise ann am Fairturchill.⁵² Bhathar a' cumail Fèill Mo-Choide ann am Fairturchill air an 20mh den Lùnastal.⁵³ Tha àite air a bheil Dail Mo Choide an ear air Fairturchill aig Taigh-Neimhidh (Duneaves).⁵⁴ Bha beul-aithris an àite ag innse gun robh Coide air a thiodhlaiceadh ann am Fairturchill agus mallachd ceangailte ri leac-uaigh, 'am fear a chairicheas leac Mo Choide, cha tig an latha bhios mac air a leac-tighe féin'.⁵⁵ Bha Coide air a chuimhneachadh cuideachd ann an eaglais eile glè fhaisg air Fairturchill, aig Innis Chaidnidh (Inchadney); bha an eaglais mu choinneamh Caisteal a' Bhealaich.⁵⁶ Beagan nas fhaide air falbh tha e anns an ainm-àite 'Logierait' (Log Mo Choid).⁵⁷ A rèir Simon Taylor, 'since Coeti does not seem to have enjoyed great fame or prestige after his death, we can assume that this very localised cult found in Atholl was a result of contemporary presence in that area either of himself or of closely associated clergy'.⁵⁸

⁵¹ Tha a bhàs air a chlàradh ann an Annála Uladh airson na bliadhna 721, 'Coeddi episcopus lae pausat' ('Bhàsaich Coeddi easbaig Idhe'). Faic www.ucc.ie/celt/published/G100001A/index.html. Thèid Coide a chleachdadh bhon as e seo an dòigh a bhios e nochdadh ann an Gàidhlig. Air Coeddi (neo Coeti mar a tha aige air) faic Simon Taylor, 'Seventh-century Iona Abbots in Scottish Place-Names', ann an Dauvit Broun agus Thomas Owen Clancy (deas.), *Spes Scotorum/ Hope of Scots: Saint Columba, Iona and Scotland* (Edinburgh: T & T Clark, 1999), 58-60.

⁵² Robertson, 'The Early Medieval Carved Stones', 135. Ach tha Joseph Anderson ag ràdh, 'The Celtic dedication of Fortingall is unknown. Mr Skene, who investigated the dedications in Athole many years ago, informs me that it seems to have been superseded by a later dedication to St Catharine. The old fair held on 6th December was called *Feile Ceite*', Joseph Anderson, *Scotland in Early Christian Times* (Edinburgh: David Douglas, 1881), 180 nota 2; faic cuideachd nota 60 gu h-ìosal. Airson iomradh air 'Cill Mo-Choide' bho Leabhar an Deadhain faic nota 350 air duilleag 97 gu h-ìosal.

⁵³ William J. Watson (deas.), *Scottish Verse from the Book of the Dean of Lismore* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society, 1937, athchlò 1978), xxxiv.


⁵⁴ W. J. Watson, 'Place-Names of Perthshire: The Lyon Basin', *TGSI* 35 (1929-30), 285.

⁵⁵ Robertson, 'The Early Medieval Carved Stones', 135 agus 145, nota 17. Seo air tighinn bho Watson, 'Place-Names of Perthshire', Erratum air a' Chlàr-Innse.

⁵⁶ Taylor, 'Seventh-century Iona Abbots', 59. Air na dh'èirich do dh'eaglais Innis Chaidnidh faic John Christie, *The Lairds and Lands of Loch Tayside* (Aberfeldy: Duncan Cameron & Son, 1892), 16-19.

⁵⁷ Taylor, 'Place-Names and the Early Church', 102.

⁵⁸ Taylor, 'Seventh-century Iona Abbots', 59.



Mapa 2 Fairturchill agus Am Bealach

Cha b' e naoimh Ghàidhealach a-mhàin a bha cudromach ann am Fairturchill, bhathar a' cumail dà fhèill mhòr eile ann, *Fèill Ceit an Fhrois* (28 Giblean) agus *Fèill Ceit nan Gobhar* (6/7 Dùbhlachd).⁵⁹ Tha Ragnall MacIlleDhuibh air cur air adhart gun robh a' chiad fhèill a' cuimhneachadh Naomh Catrìona à Siena agus an dàrna Naomh Catrìona à Alexandria.⁶⁰ Thèid Naomh Catrìona à Alexandria a dheasbad anns an treas caibideil. Bha ùidh aig na Caimbeulaich anns na Dominiceanaich⁶¹ agus mar sin 's dòcha nach eil e na iongnadh cràbhachd do Chatrìona à Siena fhaicinn ann am Fairturchill. Bhàsaich Catrìona à Siena an 1380 agus chuireadh i an àireamh nan naomh ann an 1461.

B' e Adhamhnan an naomh aig eaglais Duil, an ear air Fairturchill,⁶² far an robh Fèill 'Eonan' agus Tobar 'Eonan'.⁶³ Tha e air a chuimhneachadh ann an ainmean-àite

⁵⁹ Watson, 'Place-Names of Perthshire', 285.

⁶⁰ Rinn Ragnall MacilleDhuibh ceangal eadar *Fèill Ceit an Fhrois* agus Naomh Catrìona à Siena bhon a tha a fèill-se air an 29mh den Ghiblean, agus ceangal eadar *Fèill Ceit nan Gobhar* agus Naomh Catrìona à Alexandria bhon a tha a fèill air an 25mh den t-Samhainn, ach sin 6 neo 7 den Dùbhlachd anns an t-seann dòigh: Ronald I. M. Black, 'Scottish Fairs and Fair-Names', *Scottish Studies* 33 (1999), 26-27 agus 50.

⁶¹ Stephen Boardman, *The Campbells 1250-1513* (Edinburgh: John Donald, 2006), 131-32, 203 agus 118-20 air a' cheangal eadar na Dominiceanaich agus Earra-Ghàidheal.

⁶² W. J. Watson, *History of the Celtic Place-Names of Scotland* (Edinburgh: William Blackwood & Sons Ltd, 1926, ath-chlà 1973), 270.

⁶³ Joseph Anderson, *Scotland in Early Christian Times* (Edinburgh: David Douglas, 1881), 179; Taylor, 'Seventh-century Iona Abbots', 68.

eile faisg air Fairturchill cuideachd.⁶⁴ A bharrachd air Coide agus Adhamhnan tha naoimh eile aithnichte dhuinn bhon dùthaich timcheall air Fairturchill. Bha Cill Da-Bhì faisg air Na Stoiceannan (Stix), faisg air Caisteal a' Bhealaich.⁶⁵ Tha Ciaran ceangailte ri àite neo dhà agus dh'fhaidte Briannan.⁶⁶ Tha eilean beag ann an Loch Tatha faisg air a' Cheannmhor air an robh Eilean nam Ban-Naomh (The Isle of Loch Tay/ Priory Island).⁶⁷ Thug Rìgh Alasdair I an t-eilean (*insulam de Lochte*) do chananaich Sgàin ann an c.1123 gus '*ecclesia Dei ibi pro me et pro anima reginae ibi defunctae fabricetur et in habitu religionis Deo ibi serviant*'.⁶⁸ Ged nach eil cus fianais ann airson prìoireachd leantainneach air an eilean bha traidisean ag innse gun robh mnàthan cràbhaidh air an eilean nuair a dh'fhàg na cananaich.⁶⁹ B' àbhaist dhaibh Fèill nam Ban-Naomh a chumail aig a' Cheannmhor air 26 den Iuchar.⁷⁰ Tha iomradh ann bho 1575 ag innse 'on the Nyn Virgines day at the prasyn and margat was haldin and begun at the Kenmore at the end of Lochthay and ther was na margat nor fayr haldin at Inchadin quar it was wont tilbe haldin.'⁷¹ Bha cràbhachd do na 'Naoi Òighean' cumanta ann an ceàrnaidhean de dh'Alba⁷² agus dh'fhaodadh e bhith gun robh muinntir an àite a' dèanamh ceangal eadar seo agus an t-eilean beag.⁷³

⁶⁴ Taylor, 'Seventh-century Iona Abbots', 68-69; Watson, *Celtic Place-Names*, 314.

⁶⁵ Watson, *Celtic Place-Names*, 273. Airson Da-Bhì faic Butter, 'Cill-names', 301-307.

⁶⁶ Watson, *Scottish Verse*, xxxiv.

⁶⁷ W. J. Watson, 'The Place-Names of Breadalbane', *TGSI* 34 (1927-28), 258.

⁶⁸ 'gus an tèid eaglais Dhè a thogail ann dhomh fhìn agus airson anam na banrigh a chaochail ann agus gus an tèid seirbheis a thoirt do Dhia ann an cleachdadh beannaichte.' Archibald C. Lawrie, *Early Scottish Charters Prior to A.D. 1153* (Glasgow: James MacLehose and Sons, 1905), 42.

⁶⁹ Tha teagamh ann ge-tà an robh cananaich riamh aig Prìoireach Eilean Loch Tatha, faic Kenneth Veitch, 'Replanting Paradise: Alexander I and the Reform of Religious Life in Scotland', *The Innes Review* 52 (2001), 146; Ian B. Cowan agus David E. Easson (deas.), *Medieval Religious Houses: Scotland* (London: Longman, 1976), 98; Christie, *The Lairds and Lands*, 32.

⁷⁰ Watson, 'The Place-Names of Breadalbane', 258; Ronald I. M. Black, 'Scottish Fairs and Fair-Names', 10-11. Airson traidiseanan Fèill nam Ban-Naomh faic John M'Lean, *Translations of the Names of Places Contained in the Deeds of Entail of the Breadalbane Estates* (Edinburgh: Private Circulation, 1887), 40-44.

⁷¹ D. Campbell, *The Book of Garth and Fortingall* (Inverness: Northern Counties Newspaper and Printing and Publishing Company, 1888), 324.

⁷² J. M. Mackinlay, 'Traces of the Cultus of the Nine Maidens in Scotland', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 40 (1905-6), 255-65.

⁷³ Chan eil fhios agam dè cho sàbhailte is tha an ceangal eadar an t-eilean agus na Naoi Òighean ach tha cuid air gabhail ris, mar eisimpleir Stuart McHardy, *The Quest for the Nine Maidens* (Edinburgh: Luath Press, 2003), 24-27 agus 94-95. B' e 'It was supposed that the market was connected with the nunnery that is believed to have existed at one time on the Isle of Loch Tay ... This market, however, commemorated the Nine Maidens', a thuirt William A. Gillies, *In Famed Breadalbane: The Story of the Antiquities, Lands, and People of a Highland District* (Perth: The Munro Press, 1938), 56.

Tha cladhann is eile ann far am faodadh e bhith gun tuigeadh daoine ainm naoinn anns an ainm mar a tha Cladh Bhranno, Cladh Machuim,⁷⁴ Cladh Chunna,⁷⁵ agus Clach Mo-Lucháig.⁷⁶ Feumaidh sinn cuimhneachadh cuideachd gu bheil Fairturchill faisg air Cill Fhinn far an robh cràbhachd do Naomh Faolan glè làidir agus Fèill Fhaolain air an 9mh den Fhaoilleach.⁷⁷ A bharrachd air seo uile, nuair a bhios sinn a' sgrùdadh na bàrdachd ann an Leabhar Deadhan Lios Mòir dh'fhaodamaid sùil a chumail a-mach airson Naomh Mo-Luag à Lios Mòr bhon a bha fear a bha ceangailte ris a' bhàrdachd na dheadhan air Lios Mòr.⁷⁸ Agus mu dheireadh tha àite air taobh a tuath Loch Raineach agus cladh fhathast ann air a bheil Cill Chonnain (Killichonan/Kilchonan).⁷⁹ Bhathar a' tiodhlaiceadh cinn-feadhna Clann Ghriogair aig Dìseart Chonnain ann an Dal Mhàilidh / Clachan an Dìseirt, faisg air Gleann Sraithe, an *dùthaich* aca.⁸⁰ Bha Tobar Chonnain faisg air Dal Mhàilidh cuideachd.⁸¹ Bhiodh dùil againn mar sin gur dòcha gum biodh ùidh aig Griogairich anns an naomh seo Connan. Leis a' gheàrr-chunntas seo de naoinn agus fèilltean na sgìre, tha e soilleir gu bheil fianais ann airson cràbhachd glè ionadail timcheall air baile Fhairturchill.⁸² Bha fèilltean gan cumail

⁷⁴ Robertson, 'The Early Medieval Carved Stones', 134.

⁷⁵ Watson, 'The Place-Names of Breadalbane', 255.

⁷⁶ Watson, *Celtic Place Names*, 293.

⁷⁷ Taylor, 'The Cult of St Fillan'.

⁷⁸ Tha 'la m'Luóc glan ngeldae, grían Liss móir de Albae' (*Iatha Mo-Luag glan, soilleir, grían Lios Mòir na h-Alba*) aig Féilire Oengusso air an 25 den Ògmhios, Whitley Stokes (deas.), *The Martyrology of Oengus the Culdee* (London: Henry Bradshaw Society, 1905), 142. A rèir coltais b' e Mo-Luag naomh eaglais 'St Luke's' aig Dùn Alasdair tuath air Loch Raineach, Alexander Stewart, *A Highland Parish or The History of Fortingall* (Glasgow: Alex. MacLaren & Sons, 1928), ix. Chan eil fhios agam a bheil sin ceart ge-tà.

⁷⁹ Chan eil e soilleir cò bh' ann an Connan, Watson, *Celtic Place-Names*, 282; James Murray Mackinlay, *Ancient Church Dedications in Scotland*, 2 leabhar, (Edinburgh: David Douglas, 1910-14), Leabhar II, 499. Tha a bheachdan fhèin aig Michael Barrett O.S.B., *A Calendar of Scottish Saints* (Fort Augustus: The Abbey Press, 1919), 10. Air an eaglais faic *A Corpus of Scottish Medieval Parish Churches* (<http://arts.st-andrews.ac.uk/~cmas/site.php?id=126632>) far a bheil iad ag ràdh gum b' e Naomh Comhghan naomh na h-eaglaise seo. Tha e coltach gun deach Alasdair Mac Iain Reamhair adhlacaidh ann an 'Kyllichonnan' ann an 1531, Campbell, *The Book of Garth and Fortingall*, 297.

⁸⁰ Faic mar eisimpleir 1528 sa Chlàr-Eachdraidh a tha ann an Leabhar an Deadhain (duilleag 197 den Leabhar). Tha seo aig Campbell, *The Book of Garth and Fortingall*, 296; Donald Gregory, 'Short Chronicle, Being Chiefly an Obituary Relating to the Highlands, and Compiled Early in the Sixteenth Century. By James MacGregor, Dean of Lismore', *Archaeologia Scotica: Transactions of the Society of Antiquaries of Scotland* 3 (1831), 328.

⁸¹ Cosmo Innes (deas.), *Origines Parochiales Scotiae*, Leabhar 2.1 (Edinburgh: Bannatyne Club, 1854), 135.

⁸² Chan e feadhainn ionadail a-mhàin a bha ceangailte ri Fairturchill ge-tà. Tha traidisean ann a tha ag innse gun do rugadh Pontius Pilat anns an sgìre. Faic Stewart, *A Highland Parish*, 39-41. Bha artaigil mu dheidhinn seo anns an *New York Times* ann an 1899 ('Pontius Pilate A Scotsman', *The New York Times*, January 15, 1899). Tha e coltach gur e iomradh air Metellanus agus Na Ròmanaich aig Holinshed anns an t-siathamh linn deug a thòisich seo, faic Sebastian Verweij

air làithean Mo Choide, Adhamhnain, nam Ban-Naomha agus àitichean faisg air làimh ceangailte ri naoimh eile a bha aig diofar amannan cudromach ann an cràbhachd nan daoine mar a bha, Cill Fhinn, Cill Chonnain agus Cill Da-Bhì. Ach a bheil a' chràbhachd ionadail seo ri fhaicinn anns a' bhàrdachd chràbhaidh air am bi an tràchdas seo stèidhichte? Thèid sin a dheasbad anns an treas caibideil.

Bidh an caibideil sin a' coimhead air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad a chaidh a chruinneachadh anns an sgìre sin. Chan e bàrdachd bho làmh-sgrìobhainn à Fairturchill a-mhàin a bheir dhuinn cothrom cur ri ar n-eòlas air roghainnean cràbhaidh. Tha tùsan sgrìobhte a' mairsinn sa Bheurla Ghallda agus an Laideann a bharrachd air Gaoidhealg. Mar eisimpleir, ged a tha e a-nise air chall, bheir Clàr-Eachdraidh Leabhar an Deadhain dhuinn corra bhoillsgeadh air cleachdaidhean tòrraidh an sin. Coltach ri ceàrnaidhean eile de dh'Alba, agus dùthchannan eile, bhiodh uaislean agus pearsachan-eaglaise gan adhlacadh taobh a-staigh na h-eaglaise faisg air an altair neo faisg air an ionad-chiùil.⁸³ Mar as fhaighe air an altair mhòir a chaidh an adhlacadh is ann as uaisle a bha iad.⁸⁴ Mar eisimpleir, fhuair feadhainn bho theaghlaichean mòra gu stairsneach na h-Altrach Mòire mar a fhuair nighean Tighearna Fhasaidh ann an 1493:

*Obitus Katrine Cardny filie Domini de Foss et vxoris quondam Johannis Duncanson
M'Gregor: Et sepulta in Ecclesia de Dul ante gradum Magni Altaris*⁸⁵

Mura faigheadh corp a-steach am broinn na h-eaglaise bha eadar-dhealachadh anns a' chladh cuideachd. Seo bho 1529:

*Obitus sive interfectio Allexandri M'Phatrick Roy ... et Duncani ejus filij per
Duncanum Brek apud Vester Cwldar ... Et sepulti sunt in cemeterio de Fothergill prope
fenestram Summi Altaris*⁸⁶

http://www.edwinmorgan.com/cr_i_st_02_pilate.html (Sultain 2009). Tha teagamh agam gun robh an traidisean seo mu Philat aithnichte cho tràth ri toiseach na siathamh linn deug.

⁸³ Airson na h-Alba faic Fitch, 'Religious Life in Scotland in the Later Middle Ages', 75-6. Airson Sasainn faic Christopher Daniell, *Death and Burial in Medieval England 1066-1550* (London: Routledge, 1997), 95-101;

⁸⁴ Rosemary Horrox, 'Purgatory, Prayer and Plague: 1150-1380', ann am Peter C. Jupp agus Clare Gittings (deas.), *Death in England: An Illustrated History* (Manchester: Manchester University Press, 1999), 103.

⁸⁵ 'Bàs Catriona Cardny, nighean tighearna Fhasaidh agus bean Iain mhic Dhonnchaidh MacGriogair nach maireann. Agus chaidh a h-adhlacadh ann an eaglais Duil air beulaibh stairsneach na h-Altrach Mòire.' Seo bho dhuilleag 189 Leabhar an Deadhain. Faic Gregory, 'Short Chronicle', 322. Airson seo ann am Beurla faic Campbell, *The Book of Garth and Fortingall*, 287. Rinn luchd-arceolais obair ann an eaglais Duil bho chionn ghoirid, faic Robert S. Will et al., 'An Eighth-Century Inscribed Cross-Slab in Dull, Perthshire', *Scottish Archeological Journal* 25.1 (2003), 57-72.

⁸⁶ 'Bàs no mort Alasdair Mhic Phàdraig Ruaidh ... agus Dhonnchaidh a mhac le Donnchadh Breac aig Wester Culdar ... chaidh an adhlacadh ann an cladh Fairturchill faisg air uinneag na h-Altrach Àirde'. Seo bho duilleag 197 de Leabhar an Deadhain. Faic Gregory, 'Short Chronicle', 328; Beurla aig Campbell, *The Book of Garth and Fortingall*, 297. Tha àite siar air Fairturchill air a bheil Cùldoir Mòr, Watson, 'Place-Names of Perthshire', 282.

Tha na clàraidhean seo a' sealltainn gun robh cleachdaidhean tòrraidh anns an sgìre sin coltach ris a' chòrr de dh'Alba agus uaislean ag iarraidh gum biodh an cuirp cho faisg is a ghabhadh air a' phàirt a bu naoimhe den eaglais airson Latha a' Bhreitheanais. Ach cha toir na h-ìomraidhean-bàis dhuinn beachd air cràbhachd do naoimh agus cha fhreagair iad gin de na ceistean a thog sinn thuige seo anns a' chaibideil seo. Feumaidh sinn ar n-aire a thoirt air litreachas agus gu sònraichte bàrdachd airson tuilleadh ionnsachadh mu chràbhachd. 'S e sin a nì an tràchdas seo.

1.4 Leabhar Deadhan Lios Mòir

Tha bàrdachd chràbhaidh anns an làmh-sgrìobhainn ainmeil Leabhar Deadhan Lios Mòir. 'S e làmh-sgrìobhainn phàipeir a th' innte a tha an-diugh ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.⁸⁷ Cha b' fhiach e a dhol thairis a-rithist air eachdraidh Leabhar an Deadhain ach ann am beagan fhaclan; chaidh a ràdh gun deach a chur ri chèile eadar 1512 agus 1542 le Seumas MacGriogair (An Deadhan) (bàs 1551) agus a bhràthair Donnchadh.⁸⁸ Tha beachd ann cuideachd ge-tà gum b' e an athair Dubhghall Maol mac Eòin Riabhaich agus bràthair eile dhaibh Griogair (bàs 1555) a thòisich air na dàin a chruinneachadh.⁸⁹ Bhuineadh na bràithrean do dh'Fhairturchill agus tha Màrtainn MacGriogair air cur ri ar n-eòlas gu mòr air eachdraidh nan daoine agus mar a thuigeas sinn na diofar cheanglaichean a bhiodh aig dithis Ghriogaireach às an àite sin aig an àm agus mar a tha buaidh aig sin air na tha ann an Leabhar an Deadhain.⁹⁰

Tha dòigh-litreachaidh na Gaoidheilge ann, stèidhichte air a' Bheurla Ghallda, connspaideach agus tha e a' ciallachadh cuideachd nach deach a h-uile càil a tha ann a chur an clò fhathast.⁹¹ 'S e bàrdachd as motha a gheibhear ann. Tha mu 250 dàn ann le feadhainn dhiubh sin cho fada ri 50 rann agus feadhainn le aon rann a-mhàin. Tha dàin ann a rinn bàird Èireannach agus Albannach, 'the latter outnumbering the former by about 44 to 21.'⁹² 'S ann à Cúige Chonnacht gu sònraichte a tha a' bhàrdachd

⁸⁷ Dùn Èideann, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, LS Adv. 72.1.37.

⁸⁸ Dòmhnall Eachann Meek, 'Gàidhlig is Gaylick anns na Meadhon Aoisean', ann an William Gillies (deas.), *Gaelic and Scotland/Alba agus a' Ghàidhlig* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 1989), 131-32.

⁸⁹ Martin MacGregor, 'The View from Fortingall: The Worlds of the *Book of the Dean of Lismore*', *Scottish Gaelic Studies* 22 (2006), 43-46.

⁹⁰ MacGregor, 'The View from Fortingall', 35-85.

⁹¹ Airson eachdraidh faic Meek, 'Gàidhlig is Gaylick', 131-35; Mícheál Ó Mainnín, 'Gnéithe de chúlra Leabhar Dhéan Leasa Mhóir' ann am Máirtín Ó Briain agus Pádraig Ó Héalaí (deas.), *Téada Dúchais* (Indreabhán: Cló Iar-Chonnachta, 2002), 398-402.

⁹² Meek, 'The Scots-Gaelic Scribes', 395-96.

Èireannach⁹³ agus ‘a preponderance of Breadalbane and Rannoch poetry’⁹⁴ ri fhaicinn anns a’ bhàrdachd Albannach. Tha bàrdachd ann a rinneadh cho tràth ri c.1200 suas ri dàin bho c.1520,⁹⁵ agus a’ bhàrdachd Èireannach nas tràithe (1200-1500) na a’ mhòrchuid den bhàrdachd Albannach (1400-c.1518).⁹⁶ Tha Uilleam MacGill’Ìosa a’ moladh gum faod sinn na dàin a roinn eadar ceithir seòrsachan mòra de bhàrdachd: bàrdachd chràbhaidh, bàrdachd mholaidh/marbhrainn, bàrdachd ghaisgeil (bàrdachd na Fèinne) agus bàrdachd aighearach.⁹⁷

Anns an naoidheamh linn deug chuir An t-Urramach Tòmas MacLachlainn a-mach *The Dean of Lismore’s Book* (1862),⁹⁸ agus chuireadh an obair aig an Urramach Alasdair Camshron a-mach an dèidh a bhàis mar *Reliquiae Celticae* (1892).⁹⁹ Rinn Edmund Quiggin obair mhòr air a’ bhàrdachd ann an Leabhar an Deadhain ach bhàsaich e mus tàinig a leabhar a-mach.¹⁰⁰ Chaidh na tra-sgrìobhaidhean aige air tòrr den bhàrdachd a chur a-mach an dèidh a bhàis mar *Poems from the Book of the Dean of Lismore* (1937) agus anns an aon bhliadhna nochd *Scottish Verse from the Book of the Dean of Lismore* (1937) le William J. Watson agus an uair sin *Heroic Poetry from the Book of the Dean of Lismore* (1939) leis an urramach Niall Ros, ach le taic bho James Carmichael Watson.¹⁰¹

⁹³ Meek, ‘The Scots-Gaelic Scribes’, 396.

⁹⁴ MacGregor, ‘The View from Fortingall’, 54.

⁹⁵ Martin MacGregor, ‘Creation and Compilation: The Book of the Dean of Lismore and Literary Culture in Late Medieval Gaelic Scotland’, ann an Ian Brown et al. (deas.), *The Edinburgh History of Scottish Literature* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2007), 209.

⁹⁶ MacGregor, ‘The View from Fortingall’, 62-4; MacGregor, ‘Creation and Compilation’, 212.

⁹⁷ William Gillies, ‘Gaelic Literature in the Later Middle Ages: The Book of the Dean and beyond’, ann an Ian Brown et al. (deas.), *The Edinburgh History of Scottish Literature* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2007), 220-21. Faic cuideachd Donald E. Meek, ‘The Scots-Gaelic Scribes of Late Medieval Perthshire: An Overview of the Orthography and Contents of the Book of the Dean of Lismore’, ann an J. Derrick McClure agus Micheal R. G. Spiller (deas.), *Bryght Lanternis: Essays on the Language and Literature of Medieval and Renaissance Scotland* (Aberdeen: Aberdeen University Press, 1989), 395-96 far a bheil e a-mach air trì seòrsachan (chuir e bàrdachd mholaidh agus bàrdachd aighearach ri chèile).

⁹⁸ Thomas M’Lauchlan (deas.), *The Dean of Lismore’s Book* (Edinburgh: Edmonston and Douglas, 1862).

⁹⁹ Alexander MacBain agus John Kennedy (deas.), *Reliquiae Celticae: Texts, Papers and Studies in Gaelic Literature and Philology left by the late Rev Alexander Cameron, LL.D*, 2 leabhar (Inverness: Northern Chronicle, 1892), Leabhar I, 1-109. Chan e dàin bho Leabhar an Deadhain a-mhàin a tha ann an *Reliquiae Celticae*.

¹⁰⁰ Chì sinn gu bheil na pàipearan aige ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba glè luachmhor.

¹⁰¹ E. C. Quiggin, *Poems from the Book of the Dean of Lismore*, air a dheasachadh le J. Fraser (Cambridge: Cambridge University Press, 1937); Watson, *Scottish Verse*; Neil Ross (deas.), *Heroic Poetry from the Book of the Dean of Lismore* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society, 1939).

Chaidh a' bhàrdachd ghaisgeil ath-dheasachadh agus a dheasbad le Dòmhnall Meek.¹⁰² Dh'ionnsaich MacGill'Ìosa dhuinn cho luachmhor is a tha a' bhàrdachd aighearach ann agus dheasaich e na dàin aig Donnchadh Caimbeul, 2na Tighearna Ghlinn Urchaidh am measg feadhainn eile.¹⁰³ Tha cuid mhath den bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain a' nochdadh ann an làmh-sgrìobhainnean eile, làmh-sgrìobhainnean Èireannach, is mar sin chaidh an deasachadh às na tùsan eile mar as trice. Dheasaich MacGill'Ìosa dà dhàn cràbhaidh nach eil ann an tùsan eile agus dheasaich sgoilearan eile dòrlach de dhàin eile.¹⁰⁴ Anns a' chumantas chan eil sgoilearan Leabhar an Deadhain air cus ùidh a nochdadh anns a' bhàrdachd chràbhaidh ge-tà.¹⁰⁵

Tha dàin chràbhaidh ann nach deach a chur an clò agus tha cruaidh-fheum air sgrùdadh air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad ann an Leabhar an Deadhain. Thèid coimhead air a' chruinneachadh sin anns an treas caibideil. Thèid faighneachd a bheil a' bhàrdachd a' sealltainn ùidh sam bith anns a' chràbhachd ionadail a chunnaic sinn gu h-àrd agus a bheil na dàin coltach ri bàrdachd chràbhaidh na Gaoidheilge ann an Èirinn. Anns an tràchdas seo bidh sinn a' sgrùdadh diadhachd nan dàn airson ionnsachadh an dà chuid mu chràbhachd nam bàrd agus luchd-cruinneachaidh Leabhar an Deadhain. A bheil na dàin air Moire Òigh a tha stèidhichte air sgeulachdan is traidiseanan a' sealltainn cràbhachd a bha air a bhiathadh le dualchas a bha gu sònraichte Gàidhealach neo dualchas coitchinn Eòrpach? Ach mus tèid dèiligeadh ri ceistean mar sin b' fhiach giorrachadh aithghearr a dhèanamh air tùsan cràbhachd do Mhoire anns na linntean ro Leabhar an Deadhain.

¹⁰² Donald Eachann Meek, 'The Corpus of Heroic Verse in The Book of the Dean of Lismore', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (1982); tha mi a' tuigsinn gu bheil seo ri thighinn a-mach ann an clò; Donald E. Meek, 'The Gaelic Ballads of Medieval Scotland', 47-72.

¹⁰³ William Gillies, 'Courtly and Satiric Poems in the Book of the Dean of Lismore', *Scottish Studies* 21 (1997), 35-53; William Gillies, 'The Gaelic Poems of Sir Duncan Campbell of Glenorchy (I)', *Scottish Gaelic Studies* 13.1 (1978), 18-45; William Gillies, 'The Gaelic Poems of Sir Duncan Campbell of Glenorchy (II)', *Scottish Gaelic Studies* 13.2 (1981), 263-88; William Gillies, 'The Gaelic Poems of Sir Duncan Campbell of Glenorchy (III)', *Scottish Gaelic Studies* 14.1 (1983), 59-82; William Gillies, 'Créad fa séachnainn-sa suirghe', *Scottish Gaelic Studies* 24 (2008), 215-43

¹⁰⁴ Airson 'Réidhigh an croidhe, a mheic Dhé' faic William Gillies, 'A Religious Poem Ascribed to Muireadhach Ó Dálaigh', *Studia Celtica* 14/15 (1979/80), 81-86; Airson 'Mithidh domh triall go toigh Pharrthais' faic William Gillies, 'A Death-Bed Poem Ascribed to Muireadhach Albanach', *Celtica* 21 (1990), 156-72. Faic an treas caibideal airson clàr den bhàrdachd chràbhaidh.

¹⁰⁵ 'S dòcha nach eil e na iongnadh nach biodh ùidh aig ministearan Pròsdanach anns a' bhàrdachd. Mar a chì sinn bha Quiggin air obair a dhèanamh orra agus chuir e eadar-theangachadh air earrann neo dhà an clò ann an E. C. Quiggin, *Prolegomena to the Study of the Later Irish Bards 1200-1500* (London: The British Academy, [1913?]), 32-39.

1.5 Moire Òigh – Leudachadh *cultus* Eòrpach agus Gàidhealach?

Anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad tha sgrùdadh an dèidh sgrùdaidh air nochdadh a tha a' rannsachadh an àite aig Moire Òigh ann an cràbhachd nam meadhan-aoisean.¹⁰⁶ Tha feadhainn dhiubh sin a' sealltainn mar a bha *cultus* na h-Òighe a' freagairt air suidheachaidhean sònraichte gach dùthaich. Mar eisimpleir, anns a' Ghearmailt bhathar a' togail eaglaisean coisrigte do Mhoire air làraich shionagogan.¹⁰⁷ A bharrachd air sin, dh'fhaodadh eadar-dhealachadh a bhith ann eadar diofar cheàrnaidhean den aon dùthaich.¹⁰⁸ Tha beachd ann nach b' fhiach e coimhead air Moire idir bhon a bha cràbhachd dhi cho cumanta anns na meadhan-aoisean is mar sin nach ionnsaich sinn càil mu 'special devotions in Scotland'.¹⁰⁹ Chan eil mi fhìn a' gabhail ri sin idir agus mi den bheachd gum feum sinn coimhead air gach roinn de chràbhachd ma tha sinn airson dealbh ceart fhaighinn.

Ged nach tèid sinn a-steach ann ro dhomhainn an seo tha eachdraidh fhada chudromach aig an dòigh a dh'fhàs àite Moire anns a' chreideamh.¹¹⁰ 'S e glè bheag a gheibhear air Moire anns a' Bhioball. Bhon a tha na Soisgeil a rèir Eòin agus a rèir Mharcuis a' tòiseachadh le baisteadh Ìosa ann an abhainn Iòrdain gheibhear barrachd mu Mhoire anns an dà Shoisgeul eile.¹¹¹ Cha tug e fada gus an do thòisich leabhraichean apocraphach a' nochdadh leis gun robh am fiosrachadh air Moire cho gann. Gheibhear a h-eachdraidh fhèin, eachdraidh a teaghlaich agus fiosrachadh a bharrachd air na thachair dhi agus do Chrìosd ann am *Protoevangelium Sheumais* (ro AD 150), agus gheibhear fiosrachadh mu a bàs anns na teacsaichean ceangailte ris an *transitus* (ro AD 500) agus

¹⁰⁶ Mar eisimpleir, Mary Clayton, *The Cult of the Virgin in Anglo-Saxon England* (Cambridge: Cambridge University Press, 1990); Peter O'Dwyer O. Carm., *Mary: A History of Devotion in Ireland* (Dublin: Four Courts Press, 1988); Bridget Heal, *The Cult of the Virgin in Early Modern Germany: Protestant and Catholic Piety, 1500-1648* (Cambridge: Cambridge University Press, 2007); Linda B. Hall, *Mary, Mother and Warrior: The Virgin in Spain and the Americas* (Austin: University of Texas Press, 2004); Andrew Breeze, *The Mary of the Celts* (Leominster: Gracewing, 2008).

¹⁰⁷ Heal, *The Cult of the Virgin in Early Modern Germany*, 36-45.

¹⁰⁸ Ann an Sasainn b' e Moire an naomh a bu chumanta ann an coisrigedh eaglaise ach a-mhàin ann an Carlisle far an robh Cuthbert agus Mìcheal na bu chumanta, faic Richard Marks, *Image and Devotion in Late Medieval England* (Stroud: Sutton Publishing, 2004), 38.

¹⁰⁹ Higgitt, 'Imageis Maid with Mennis Hand', nota 12 (gun àireamhan air duilleagan).

¹¹⁰ Faic Miri Rubin, *Mother of God: A History of the Virgin Mary* (London: Allen Lane, 2009); Marina Warner, *Alone of All Her Sex: The Myth and Cult of the Virgin Mary* (London: Picador, 1990); Hilda Graef, *Mary: A History of Doctrine and Devotion*, 2 leabhar (London: Sheed and Ward, 1963). Jaroslav Pelikan, *Mary Through the Centuries: Her Place in the History of Culture* (New Haven: Yale University Press, 1996); Donna Spivey Ellington, *From Sacred Body to Angelic Soul: Understanding Mary in Late Medieval and Early Modern Europe* (Washington: The Catholic University of America Press, 2001).

¹¹¹ Savvas Agourdis, 'The Virgin Mary in the Texts of the Gospels' ann am Maria Vassilaki (deas.), *Mother of God: Representations of the Virgin in Byzantine Art* (Skira Editore: Milan, 2000), 59.

Dormitio Mariae.¹¹² Chithear gu soilleir annta seo an ‘increasing tendency of Christians to exalt Mary by transferring to her aspects of the life of Jesus.’¹¹³ Bha buaidh mhòr aig teacsaichean mar seo agus iad aithnichte ann an riochdan eile thairis air na linntean. Mar eisimpleir, chaidh *Soisgeul Pseudo-Mata (Liber de Infantia)* (c.AD 550 x 700) a stèidheachadh air *Protoevangelium Sheumais*, chaidh an uair sin *Vita Rhythmica* (AD 1200) a dhèanamh agus iomadh ‘Beatha Moire’, ann an iomadh gnàth-chainnt.¹¹⁴ A rèir Averil Cameron, ‘traces of a real cult of the Virgin before the late fourth century are sparse or non-existent’.¹¹⁵ Ach goirid an dèidh sin bha i mar phearsa uaireannan connspaideach anns an diadhachd; mar eisimpleir, bha i aig cridhe an deasbaid aig Comhairle Ephesus (AD 431).¹¹⁶ Tha e soilleir ge-tà gun robh *cultus* a’ fàs dhi ged nach robh aonta ann daonnan air an diadhachd mu Mhoire. Tha sin ri fhaicinn ann an Alba bho Eilean Idhe agus iomradh tràth air na thachair do Mhoire an dèidh a bàis aig Adhamhnan (AD c.624-704) na obair *De Locis Sanctis*,¹¹⁷ an laoidh Laidinn bho mu AD 700 aig Cú Chuimne,¹¹⁸ agus ìomhaighean den Mhàthair agus an Leanabh air a’ Ghàidhealtachd.¹¹⁹

A rèir Rachel Fulton, nuair a ruigeas sinn deireadh an dàrna linn deug anns an Roinn Eòrpa

Devotion to Mary – measured as a frequency of church dedications, a subject of art, an object of pilgrimage, and a focus of formal liturgy – had surpassed that of devotion to all other figures of Christian history other than Christ himself.¹²⁰

¹¹² Air a’ *Phrotoevangelium* faic Hans-Josef Klauck, *Apocryphal Gospels: An Introduction* (London: T & T Clark, 2003), 65 agus Mary Clayton, *The Apocryphal Gospels of Mary in Anglo-Saxon England* (Cambridge: Cambridge University Press, 1998), 11-12. Air an *transitus* faic Clayton, *The Apocryphal Gospels*, 21-66.

¹¹³ J. R. Porter, *The Lost Bible: Forgotten Scriptures Revealed* (London: Duncan Baird, 2001), 134.

¹¹⁴ Air *Pseudo-Mata* faic Clayton, *Apocryphal Gospels*, 18. Airson teacs na *Vita Rhythmica* faic A. Vögtlin (deas.), *Vita Beate Virginis Marie et Salvatoris Rhythmica* (Tübingen: Litterarischer Verein, 1888). Airson Beathannan Muire ann an Gaoidheilg faic O’Dwyer, *Mary*, Appendix I, 307-08. Bha an *transitus* aithnichte ann an Gaoidheilg cuideachd, faic Charles Donahue (deas.), *The Testament of Mary: The Gaelic Version of the Dormitio Mariae Together With an Irish Latin Version* (New York: Fordham University Press, 1942).

¹¹⁵ Averil Cameron, ‘The Cult of the Virgin in Late Antiquity: Religious Development and Myth-Making’, ann an R. Swanson (deas.), *The Church and Mary* (Woodbridge: The Boydell Press, 2004), 6.

¹¹⁶ Faic Richard M. Price, ‘Marian Piety and the Nestorian Controversy’ ann an *The Church and Mary*, 31-38.

¹¹⁷ Clayton, *The Cult of the Virgin Mary*, 12; Dennis Meehan (deas.), *Adamnan’s De Locis Sanctis* (Dublin: DIAS, 1958), 56-59.

¹¹⁸ Thomas Owen Clancy agus Gilbert Márkus, *Iona: The Earliest Poetry of a Celtic Monastery* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 1995), 177-92.

¹¹⁹ Faic Jane Hawkes, ‘Iconic Images of the Virgin and Child in Insular Sculpture’, ann an Cormac Bourke (deas.), *Studies in the Cult of Saint Columba* (Dublin: Four Courts Press, 1997), 107-35.

¹²⁰ Rachel Fulton, *From Judgement to Passion: Devotion to Christ and the Virgin Mary, 800-1200* (New York: Columbia University, 2002), 201.

A-rithist tha eisimpleirean againn bho Alba a dhearbhas gun robh na h-aon fhasain rim faotainn. Tha A. A. M. Duncan den bheachd gu bheil dilseachd Rìgh Dhàibhidh I na h-Alba gu ‘the burgeoning cult of the Virgin’ a’ soillearachadh a stèidhichean-eaglaise bho 1136.¹²¹ Feadh nam meadhan-aoisean anmoch dh’èirich cràbhachd cho làidir do Mhoire mar bhanrigh Nèimh agus mar eadar-mheadhanadair, ‘so powerful and so appealing that she often threatened to supplant the Almighty.’¹²² Mar sin le bhith a’ cur na bàrdachd chràbhaidh Gaoidheilge ann an Alba mu Mhoire na co-theacs Eòrpach cuiridh sinn ris an eòlas air cràbhachd mheadhan-aoiseil a bha cho uile-chumhachdach.

1.6 Co-dhùnadh

Mar a chì sinn tha a’ bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain ag amas gu sònraichte air Moire. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air na dàin ann an dòchas gun ionnsaich sinn mu chràbhachd nam bàrd agus luchd-sgrìobhaidh an Leabhair. Le bhith a’ dèanamh sin thèid ceistean a thogail mu bhàrdachd chràbhaidh agus a dhàimh le rosg. A bheil leantainneachd sam bith eadar an litreachas seo bho na meadhan-aoisean anmoch agus litreachas Gaoidheilge nam meadhan-aoisean tràtha a tha cho ainmeil airson pòsadh eadar an creideamh agus an dualchas? Mus tèid coimhead air a’ bhàrdachd bhiodh e na chuideachadh measadh a dhèanamh air fianais eile airson cràbhachd do Naomh Moire anns a’ Ghàidhealtachd anns na meadhan-aoisean anmoch. Cuiridh seo a’ bhàrdachd na co-theacs Gàidhealach. Ma tha cràbhachd làidir dhi soilleir anns a’ bhàrdachd a bheil sin a’ cheart cho soilleir ann an tùsan eile?

¹²¹ A. A. M. Duncan, ‘The Foundation of St Andrews Cathedral Priory, 1140.’, *The Scottish Historical Review* LXXXIV, 1: 217 (2005), 36. Airson tuilleadh faic Matthew H. Hammond, ‘Royal and Aristocratic Attitudes to Saints and the Virgin Mary in Twelfth- and Thirteenth-Century Scotland’, ann an Steve Boardman & Eila Williamson (deas.), *Cult of Saints and the Virgin Mary in Medieval Scotland* (Woodbridge, Suffolk: Boydell & Brewer, 2010), 61-85.

¹²² John Shinnars (deas.), *Medieval Popular Religion, 1000-1500* (Peterborough, Canada: Broadview Press, 1997), 115.

Caibideil 2: Tùsan seach bàrdachd airson cràbhachd do Mhoire air a' Ghàidhealtachd

Anns a' chaibideil seo thèid sgrùdadh a dhèanamh air na diofar thùsan, seach bàrdachd, a ghabhas cleachdadh gus cràbhachd Ghàidhealach anns na meadhan-aoisean anmoch a thomhas. Cumaidh sinn ar n-aire air Naomh Moire agus bidh seo na chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn co-theacs na bàrdachd dhi ann an Leabhar an Deadhain. Bheirear sùil an seo air ainmean, feilltean agus tabhartasan, rosg agus ùrnaighean agus mu dheireadh obair-shnaighte. Bidh an caibideil seo a' teannadh dlùth air daoine agus tùsan ceangailte ri Leabhar an Deadhain cuideachd.

2.1 Ainmean

Tha iomradh aig Fordun air eileanan na h-Alba na chlàr-eachdraidh (Leabhar 2 Caibideal 10), a rinneadh anns an dàrna pàirt den cheathramh linn deug, agus mar phàirt den liosta sin tha e a-mach air Eilean Sgarba, '*Insula Scarbay, longitudinis quindecim milliarium, ubi capella beatae Virginis, qua multa fiunt miracula. Juxta quam gurgis oceani decurrit fortissima Corebrekane*'.¹²³ Mura b' e iomradh Fordun cha bhiodh againn ach ainm seann chladha agus tobhtaichean 'Cille Mhoire',¹²⁴ a dh'innseadh dhuinn gun robh an t-àite riamh ceangailte ri Moire. Tha fhios againn gun robh àitichean air a' Ghalldachd a bha ainmeil airson mìorbhailean ceangailte ri Moire, mar a bha Loretto ann am Baile nam Feusgan bho 1533.¹²⁵ Tha Fordun a' daingneachadh dhuinn, leis an iomradh seo air

¹²³ William F. Skene (deas.), *Johannis de Fordun Chronica Gentis Scotorum* (Edinburgh: Edmonston and Douglas, 1871), 43. Ann am Beurla ann an William F. Skene (deas.), *John of Fordun's Chronicle of the Scottish Nation* (Edinburgh: Edmonston and Douglas, 1872), 39. 'Eilean Sgarba, còig mìle deug a dh'fhaid, far a bheil caibeal na Naomh-Òigh, far am bi mòran mhìorbhailean a' tachairt. Ri taobh seo ruithidh cuan-choire glè làidir Coire Bhreacain.'

¹²⁴ Dh'fhaodadh na h-ainmean-àite *Cille Mhoire*, *Port a' Chaibeil* agus *Poll na h-Ealaidh*, a tha uile faisg air a' chladh agus tobhta, a bhith mar fhianais airson làrach a bha reusanta cudromach airson cuairtean beannaichte aig aon àm. (Seo ma ghabhas sinn ri *ailad* ann an DIL airson ciall 'ealaidh' seach an t-eun.)

¹²⁵ Tha toiseach-tòiseachaidh Loretto air a chlàradh ann an 1533, faic Thomas Thomson (deas.), *A Diurnal of Remarkable Occurrents that Have Passed Within the Country of Scotland since the Death of King James the Fourth till the Year M.D. LXXV* (Edinburgh: Bannatyne Club, 1833), 17. Choisich Seumas V gu Loretto ann an 1536 mus deach e dhan Fhraing a phòsadh, faic Thomas Thomson (deas.), *The History of Scotland, from the Death of King James I in the Year M.CCCC.XXXVI by John Lesley Bishop of Ross* (Edinburgh: Bannatyne Club, 1830), 150. Tha an *Diurnal* ag innse cuideachd gun do chuir Màiri à Guise seachad fichead latha ann, ann an 1543, an dèidh dhi coiseachd ann, faic duilleag 30 agus Audrey-Beth Fitch, 'Maternal Mediators: Sainly Ideals and Secular Realities in Late

Sgarba, gun robh làraich air a' Ghàidhealtachd aithnichte anns an aon dòigh. Tha seo a' cur ris a' bheachd aig Cowan, a chunnaic sinn anns a' chiad chaibideil, mu chràbhachd eadar-nàiseanta ach ann an suidheachaidhean ionadail.

Feumaidh gun robh iomadh eaglais coisrigte do Mhoire air a' Ghàidhealtachd.¹²⁶ Air uairean gheibh sinn iomradh air eaglais neo caibeal coisrigte dhi nach eil air maireachdainn. 'S e Caibeal na h-Òighe Moire ann an Caisteal Charraig aig Ceann Loch Goill aon eisimpleir a tha air ainmeachadh ann an 1540.¹²⁷ Mar phàirt de rannsachadh air coisrigeadh nan eaglaisean air fad air a' Ghàidhealtachd ghabhadh tuilleadh ionnsachadh mu cho lionmhor is a bha eaglaisean coisrigte don Òigh seach naoimh eile. Cha tèid sin a dhèanamh an seo ach b' fhiach e giorrachadh a dhèanamh air feadhainn de na ceistean ceangailte ri ainmean eaglaisean. 'S e ainmean àite gu tric a dh'innseas dhuinn gun robh eaglaisean ceangailte ri Moire air a' Ghàidhealtachd. Tha iomadh 'cill(e) Mhoire' ann, cuid dhiubh sin mar ainm eaglaise a-mhàin agus feadhainn eile far a bheil baile beag, neo sgìre, air ainmeachadh an dèidh na h-eaglaise. Ann am Beurla tha *Cill(e) Mhoire* a' nochdadh ann an dà riochd mar as trice. 'S iad sin *Kilmuir* (An t-Eilean Sgitheanach is àitichean eile) agus *Kilmory* (Eilean Rum is eile). 'S dòcha gu bheil sinn a' faicinn caochlaideachd an seo eadar Moire agus Muire.¹²⁸ Thèid togail air an eadar-dhealachadh sin a-rithist gu h-ìosal.

A rèir W. F. H. Nicolaisen tha ainmean-àite ann an Alba le 'cill' annta gu math tràth.¹²⁹ Agus tha beachd ann nach biodh eaglaisean coisrigte do Mhoire ann idir, tràth sna meadhan-aoisean.¹³⁰ Mar sin, tha an dà bheachd sin a' dol an aghaidh a chèile gu ìre. Dh'fhaodadh e bhith ann an cuid a shuidheachaidhean gum b' àbhaist naomh eile a bhith ceangailte ris an àite is gun deach Moire a chur ri ainm na h-eaglaise na àite. Mar eisimpleir, thathar ag ràdh gur e Maolrubha a th' air cùlaibh cuid de na cilltean do Mhoire.¹³¹ Thug Mary Clayton sùil air manachainnean coisrigte do Mhoire ceangailte ri

Medieval Scotland', *The Innes Review* 57.1 (2006), 23. Tha fiosrachadh air CANMORE cuideachd, nì 53850 air <http://canmore.rcahms.gov.uk/> (An t-Samhainn 2009).

¹²⁶ Faic Mackinlay, *Ancient Church Dedications in Scotland*, Leabhar I, 70-179.

¹²⁷ J. R. N. MacPhail (deas.), *Highland Papers*, 4 leabhraichean (Edinburgh: Scottish History Society, 1914-1934), Leabhar IV, 28.

¹²⁸ Dh'fhaodte cuideachd gur e fianais a tha seo airson mar a dh'àrdaicheadh an fhuaimreag /o:/ gu /y:/ sa Bheurla Ghallda, faic A. J. Aitken, *The Older Scots Vowels*, deas. le Caroline Macafee (Glasgow: The Scottish Text Society, 2002), 39.

¹²⁹ W. F. H. Nicolaisen, *Scottish Place-Names: Their Study and Significance* (Edinburgh: John Donald, 2001), 167-68 agus 183-85.

¹³⁰ William Reeves, 'Saint Maelrubha: His History and Churches', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 3 (1857-59), 271.

¹³¹ Reeves, 'Saint Maelrubha', 271.

leasachaidhean an 10mh linn ann an Sasainn agus an toiseach bha i den bheachd gun robh Moire Òigh mar naomh an leasachaidh:

The overwhelming number of dedications or rededications to Mary associated with the Benedictine reform suggests that this dedication was regarded almost as a hallmark of the reform, an outward sign of a truly monastic, celibate community.¹³²

Ach dh'atharraich i am beachd sin beagan bhliadhnaichean an dèidh sin agus i a' cur air adhart gum biodh soirbheachas a bharrachd aig manachainn ùr nan cuireadh iad cudrom air naoimh ionadail. Cha robh rèilgean ceangailte ri Moire ann mun àm seo agus mar sin rachadh daoine a bha sireadh leigheas a dh'àite anns an robh duslach naoimh ionadail.¹³³

Thàinig i dhan cho-dhùnadh a leanas:

As a universal saint of the church, Mary's feasts and prayers to her went on being of importance in every Anglo-Saxon house, but the impetus towards regarding her as the personal patron saint of every reformed house seems to have faltered in the face of the need to create local loyalties and to establish a sound financial basis for the continued survival of the communities; both of these needs could be better catered for by local saints.¹³⁴

Ged a tha rannsachadh Clayton a' buntainn ri manachainnean dh'fhaodte gu bheil leasan an seo dhuinne is gu bheil feadhainn de na h-eaglaisean air a bheil 'cill(e) Mhoire' nas anmoiche na tha sinn an dùil. An gabhadh e bhith, mar sin, gun robh am facal *cill* ga chleachdadh le luchd na Gàidhlig an Alba gu math nas anmoiche na tha an sgoilearachd ag innse dhuinn?¹³⁵ Nan gabhadh a' cheist a fhreagairt cuin a thòisicheadh a' coisrigeadh eaglaisean do Mhoire dh'fhaodte gun sealladh tuilleadh rannsachaidh pàtran ann an coisrigeadh eaglaisean do Mhoire air a' Ghàidhealtachd.

Cha b' e *cill* an aon fhacal airson eaglais ge-tà, agus tha *Teampull Mhuire* neo dhà ann cuideachd, gu h-àraid anns na h-Eileanan an Iar, mar a tha ann am Beinn a' Bhaoghla agus Bhàlaigh. Tha *Cladh Mhoire* ann am Baile nan Cailleach an Uibhist agus *Cladh Mhuire*¹³⁶ ann an Calgarraidh, Eilean Mhuile. Coltach ri eaglaisean, tha tobraichean a bha ceangailte ri Moire a' toirt dhuinn beachd gun robh cràbhachd dhi a' gabhail àite ann an àitichean sònraichte. Tha e coltach gun robh àireamh mhòr de thobraichean

¹³² Clayton, *The Cult of the Virgin Mary*, 135.

¹³³ Mary Clayton, 'Centralism and Uniformity versus Localism and Diversity: The Virgin and Native Saints in the Monastic Reform', *Peritia* 8 (1994), 98.

¹³⁴ Clayton, 'Centralism', 102.

¹³⁵ Thog Butter a' cheist seo cuideachd is i a' cur nar cuimhne gun do rinn na Caimbeulaich stèidheachadh-eaglaise ùr anns a' chòigeamh linn deug air an robh 'Cill Chaitriona'. Faic Butter, 'Cill-names', 5.

¹³⁶ Charles Maclean, *The Isle of Mull: Placenames, Meanings and Stories* (Dumfries: Maclean Publications, 1997), 165; RCAHMS, *Argyll: An Inventory of the Ancient Monuments*, 7 leabhraichean, (Edinburgh: RCAHMS, 1971-1992), Leabhar III, 126.

ceangailte ri Moire ann an Alba, barrachd na bha ceangailte ri naomh sam bith eile.¹³⁷ Dh'fhaodadh e bhith gun robh baisteadh ga dhèanamh ann an cuid dhiubh.¹³⁸ Tha *Tobar Mhoire* neo dhà ann, a bharrachd air prìomh bhaile Eilean Mhuile,¹³⁹ mar a tha Tibbermore faisg air Peairt.¹⁴⁰ Chan ann a-mhàin ann an ainm ceangailte ris a' chreideamh a bhios Moire a' nochdadh ach cuideachd ann an ainmean-àite eile. Tha fhios ge-tà gun robh a' chuid as motha de na h-àitichean seo ceangailte ris an eaglais air dòigh air choreigin: *Cearan Mhoire* (Kirriemuir), *Cnoc Mhoire* (an-diugh Kirkhill, Inbhir Nis), *Loch Moire* (faisg air Kildermorie),¹⁴¹ *Dail Mhoire* (Dalmuir), *Eilean Mhoire* (fear de na h-Eileanan Mòra neo na h-Eileanan Sianta), *Tìr Mhoire* (Chirmorie),¹⁴² *Baile Mhoire* (Upper Kilchattan),¹⁴³ *Tràigh Mhoire* (Uibhist a Tuath).¹⁴⁴ Thug ainmean mar seo feadhainn eile dhuinn cuideachd mar a tha *Achadh Dail Mhoire* (Achadalvory) agus eile.¹⁴⁵ 'S dòcha gun seall tuilleadh rannsachaidh a bheil Moire nas lionmhoire ann an ainmean-àite na naomh eile.

Chan e ainmean-àite a-mhàin a dh'fhaodadh a bhith torrach. Tha Fiona Edmonds air sealltainn mar a ghabhadh na h-ainmean *Gille Pàtraic* agus *Gwas-Patric* a chleachdadh airson cur ri eachdraidh Northumbria agus cràbhachd do Naomh Pàdraig.¹⁴⁶ Bha, agus tha, Moire a' nochdadh ann an ainmean dhaoine anns an riochd *Gille Mhuire*, a tha anns an t-sloinneadh MacIlleMhoire agus anns na h-ainmean-àite

¹³⁷ J. Russel Walker, "'Holy Wells" in Scotland', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 17 (1882-3), 163 agus 197-99. Bha tobar Mhoire ainmeil anns na meadhan-aoisean aig Whitekirk ann an Lodainn an Ear, faic Yeoman, *Pilgrimage*, 50-51.

¹³⁸ Air a' cheangal eadar tobraichean agus baisteadh faic Niamh Whitfield, 'A Suggested Function for the Holy Well', ann an Alastair Minnis agus Jane Roberts (deas.), *Text, Image, Interpretation: Studies in Anglo-Saxon Literature and its Insular Context in Honour of Éamonn Ó Carragáin* (Turnhout: Brepols, 2007), 495-513.

¹³⁹ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar III, 163-65.

¹⁴⁰ Watson, *Celtic Place-Names*, 504. Tha e coltach gum b'e *Tobar Maolrubha* a bha air Tobar Mhoire Mhuile an toiseach, Maclean, *The Isle of Mull*, 148.

¹⁴¹ William MacKenzie, 'Bliadhna nan Caorach – The Year of the Sheep', *TGSI* 7 (1877-78), 255.

¹⁴² Iain Mac an Tàilleir, 'Ainmean-àite' (www.scottish.parliament.uk/vli/language/gaelic/vl-trans.htm).

¹⁴³ Mac an Tàilleir, 'Ainmean-àite'.

¹⁴⁴ Alexander Carmichael, *Carmina Gadelica*, 6 leabhraichean (Edinburgh: T & A. Constable agus eile, 1900-1971), Leabhar II, 315.

¹⁴⁵ H. Cameron Gillies, *The Place-Names of Argyll* (London: David Nutt, 1906), 45.

¹⁴⁶ Fiona Edmonds, 'Personal Names and the Cult of Patrick in Eleventh-century Strathclyde and Northumbria', ann an Steve Boardman, John Reuben Davies agus Eila Williamson (deas.), *Saints' Cults in the Celtic World* (Woodbridge: The Boydell Press, 2009), 42-65. Faic cuideachd Thomas Owen Clancy, 'Scottish Saints and National Identities in the Early Middle Ages', ann an Richard Sharpe agus Alan Thacker (deas.), *Local Saints and Local Churches in the Early Medieval West* (Oxford: Oxford University Press, 2003), 397-421.

Gilmerton ann an Dùn Èideann¹⁴⁷ agus Gortanilvorie / Goirtean Ghille Mhuire¹⁴⁸ ann an Ìle. Bha Moire a' nochdadh ann an ainm eile cuideachd, *Máel Mhuire*.¹⁴⁹ Bha ainmean le *Máel* gan cruthachadh na bu thràithe na ainmean le *Gille*.¹⁵⁰ B' e fireannaich a bu mhotha air an robh *Máel Mhuire* ach tha e coltach gun robh an t-ainm air a chleachdadh airson boireannaich cuideachd: tràth sna meadhan-aoisean, bha nighean aig Cinaed mac Alpín air an robh *Máel Mhuire* a chaochail ann an 913.¹⁵¹ Bha sloinneadh *MacMaolMhoire* ann cuideachd a chaidh a-mach à cleachdadh.¹⁵² Feumaidh sinn cuimhneachadh cuideachd nach robhar a' cleachdadh *Moire* mar chiad-ainm airson nighean agus beachd ann gun robh an t-ainm ro naomh.¹⁵³ Tha e coltach gun robhar a' dèanamh dreachan meanbhain den ainm 'Moire' ge-tà, agus 's e seann chleachdadh a tha seo oir thug Blathmhac 'Mairenat' air Moire na bhàrdachd ann an Èirinn anns an ochdamh linn.¹⁵⁴ Tha Alasdair MacIlleMhìcheil (Carmina Gadelica) ag innse dhuinn gun robh an t-ainm *Moirean* ann airson fireannaich agus iomradh aige air sloinneadh bhuaithe MacMoirean (Macmorran/Macmorren).¹⁵⁵ Agus tha e coltach gun robh dreach eile ann cuideachd, *Moireig* agus ainmean-àite coltach ri *Tobar Moireig*¹⁵⁶ ann agus a-rithist sloinneadh MacMoireig (Macmorrag).

¹⁴⁷ Watson, *Celtic Place-Names*, 134. Airson eisimpleirean eile de dhaoine air an robh *Giolla Muire* neo *MacIlleMhuire* faic George F. Black, *The Surnames of Scotland* (New York: The New York Public Library, 1946), *Gilmore* aig 308 agus *Morrison* 612,

¹⁴⁸ F. W. L. Thomas, 'On Islay Place-Names', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 16 (1881-2), 269, 241-276.

¹⁴⁹ Eisimpleirean den ainm Mael Mhuire aig Watson, *Celtic Place-Names*, 133, nota 3; K A Steer agus J W M Bannerman, *Late Medieval Monumental Sculpture in the West Highlands* (Edinburgh: RCAHMS, 1977), 141 agus 158. Tha fear 'Mal-Mori d'Ath[f]ótlá' na neach-fianais air a' chùmhnaidh-sgrìobhte bho Rìgh Dàibhidh ann an *Leabhar Dhéir*, faic Katherine Forsyth, Dauvit Broun & Thomas Clancy, 'The Property Records: Text and Translation', ann an Katherine Forsyth (deas.), *Studies on the Book of Deer* (Dublin: Four Courts Press, 2008), 142. Eisimpleirean eile aig Black, *The Surnames of Scotland*, 578-9 (Malmure).

¹⁵⁰ M. A. O' Brien, 'Old Irish Personal Names', air a dheasachadh le R. Baumgarten, *Celtica* 10 (1973), 229-30.

¹⁵¹ Alex Woolf, *From Pictland to Alba 789-1070* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2007), 115. Tha a bàs air a chlàradh ann an Annála Uladh, faic CELT.

¹⁵² Steer and Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 158. Black, *The Surnames of Scotland*, 540 (Macmalmur).

¹⁵³ Donnchadh Ó Corráin agus Fidelma Maguire, *Gaelic Personal Names* (Dublin: The Academy Press, 1981), 133. Thòisich an cleachdadh seo san treas linn deug a rèir Diarmuid Ó Laoghaire, 'Mary in Irish Spirituality', ann am Michael Maher (deas.), *Irish Spirituality* (Dublin: Veritas Publications, 1981), 47.

¹⁵⁴ Ó Laoghaire, 'Mary in Irish Spirituality', 49. Air a' mheanbhan *-nat* faic Rudolf Thurneysen, *A Grammar of Old Irish* (Dublin: DIAS, 1946), 174-75. Faic Carney, *The Poems of Blathmac*, 6 (rann 16).

¹⁵⁵ Carmichael, *Carmina Gadelica*, Leabhar II, 309. Alexander Carmichael, 'The Place-Names of Iona', *Scottish Geographical Journal* 3.5 (1887), 244; Black, 'Scottish Fairs and Fair-Names', 54.

¹⁵⁶ Carmichael, *Carmina Gadelica*, Leabhar II, 309; Gillies, *The Place-Names of Argyll*, 99. Carmichael, 'The Place-Names of Iona', 244.

Tha e na chùis-ùidh gun do lean an cleachdadh, gun an t-ainm Moire a thoirt air ìghnean ach a chumail airson màthair Dhè a-mhàin, ann an Gàidhealtachdan Èirinn agus Alba nuair a chaidh e mach à bith ann an dùthchannan eile agus eadar-dhealachadh ann fhathast eadar Máire/ Màiri agus Muire/Moire. Bhiodh e doirbh a ràdh le cinnt cuin dìreach a thòisicheadh a' cleachdadh an ainm Máire/ Màiri air a' Ghàidhealtachd. Faodaidh e bhith cianail doirbh uaireannan obrachadh a-mach gu dè dìreach an t-ainm a bh' air boireannach ann an Gàidhlig, nuair a bhios na tùsan ann an cànan eile. Mar eisimpleir, tha a' bhean aig Dòmhnall Tighearna nan Eilean, a bhàsaich mu 1437, a' nochdadh air Crois ann an Cnapadal mar *Mariota de Ros Insularum Domina*.¹⁵⁷ Tha an seula aice fhèin air maireachdainn, agus ged a tha e ann an droch staid, chaidh *s(igillum) m(ar)garete de [ros do]mine insularum* a leughadh bhuaithe.¹⁵⁸ Ach tha an seula ceangailte ri litir ann am Beurla bho 1420 far a bheil i nochdadh mar '*Dame Mary of the Ile lady of the Ylis and of Ross*'.¹⁵⁹ Mar sin, tha an aon bhoireannach ga nochdadh fhèin dhuinn mar Mariota, Margarete agus Mary.¹⁶⁰

Mu dheireadh air ainmean, tha Moire ann an iomadh ainm air lus agus dìtheann, mar eisimpleir gruag-Muire (*Ranunculus auricomus*) no Meòir Moire (*Anthyllis vulneraria*).¹⁶¹ Chan eil i cho bitheanta ann an ainmean bheathaichean neo eòin ach tha eisimpleirean ann: Lach-Mhoire¹⁶² (*Anas platyrhynchos*), Fosgag-Moire (*Alauda arvensis*) agus Copan neo

¹⁵⁷ Steer and Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 148. Faic gu h-ìosal air a' chrois seo.

¹⁵⁸ John Horne Stevenson agus Marguerite Wood, *Scottish Heraldic Seals*, 3 leabhraichean (Glasgow: R. Mclehoose, 1940), Leabhar III, 456; Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 148

¹⁵⁹ Jean Munro agus R. W. Munro (deas.), *Acts of the Lords of the Isles 1336-1493* (Edinburgh: Scottish History Society, 1986), 31-33 agus 318. Tha an luchd-deasachaidh a' togail ceist mu '*m(ar)garete*' agus ag ràdh 'when related to the document to which it is attached, it should probably be read as 'mariot' or 'marie'', 318. Ach anns an iomradh aig Stevenson agus Wood (faic nota 33 gu h-àrd) tha am boireannach air an t-seula a' cumail sgiath na làmhnan agus an sgiath na laighe air dràgon agus cuideachd anns an iomradh aig Henry Laing, *Supplemental Descriptive Catalogue of Ancient Scottish Seals: Royal, Baronial, Ecclesiastical and Municipal, Embracing the Period from A.D. 1150 to the Eighteenth Century* (Edinburgh: Bannatyne Club, 1866), 91. Bhon a tha dràgon a' nochdadh air an t-seula chanainn fhìn gum faod sinn a ràdh gur e 'Mairghrèad' a bh'oirre. Tha dràgon anns an sgeulachd mu Naomh Mairead à Antioch agus tha fhios gun robh Mairead à Ros a' sealltainn ùidh ann an Naomh Mairead nuair a chuir i dràgon air a seula.

¹⁶⁰ Airson seo le boireannach eile faic Martin MacGregor, "'Surely One of the Greatest Poems Ever Made in Britain": The Lament for Griogair Ruadh MacGregor of Glen Strae and its Historical Background', ann an E. J. Cowan agus D. Gifford (deas.), *The Polar Twins* (Edinburgh: John Donald, 1999), 124.

¹⁶¹ John Cameron, *Gaelic Names of Plants (Scottish and Irish)* (Edinburgh: William Blackwood and Sons, 1883). Tha liosta aig O'Dwyer, *Mary*, 309-10 cuideachd. Tha feadhainn a bharrachd ann an Edward Dwelly, *The Illustrated Gaelic-English Dictionary* (Glasgow: Gairm, athchlò 1988) a tha air loidhne aig www.dwelly.info, mar a tha àrna Moire. Faic cuideachd Joan W. Clark agus Ian MacDonald, *Ainmean Gàidhlig Lusan/ Gaelic Names of Plants* (North Ballachullish: J. W. Clark, 1999); Douglas Clyne, *Gaelic Names for Flowers and Plants* (Edinburgh: Cruisgean, 1989); Nicholas Williams, *Dìolaim Luibheanna* (Baile Átha Cliath: Sàirséal Ó Marcaigh, 1993).

¹⁶² Tha nota air *Lacha Mhoire* aig Carmichael, *Carmina Gadelica*, Leabhar II, 297.

Coparran Muire (seòrsa de bhàirneach). Tha fhios gun deach a' mhòrchuid ainmeachadh ron Ath-leasachadh. Le co-dhiù feadhainn dhuibh seo bhiodh Moire ceangailte riutha bhon a bha iad a' toirt seachad leigheas neo dìon, mar a bha Meòir Moire agus Cnò Mhoire (*Caesalpinia bonduc*), clach-bhuadhach a bhathar a' creidsinn a bha math an aghaidh buidseachd neo an droch-shùil.¹⁶³

Mar sin, tha ainmean eadar dhaoine, àitichean agus beathaichean a' toirt sanas dhuinn air cho làidir is a bha cràbhachd don Òigh air a' Ghàidhealtachd aig diofar amannan. Ach tha an fhianais seo car lom agus às aonais tuilleadh rannsachaidh tha e doirbh mìneachadh a dhèanamh oirre.

2.2 Fèilltean na h-Òighe agus Tabhartasan

Ged nach gabh cus a ràdh mun ùrnaigh-choitichinn air a' Ghàidhealtachd agus fianais cho gann thathar den bheachd gur ann à Earra-Ghàidheal a tha fèillire bhon chòigeamh linn deug a tha a' comharrachadh fèilltean Moire. 'S e seo am fèillire a tha am broinn *Saltair Ghlinn Urchaidh*.¹⁶⁴ Tha am fèillire a' toirt dhuinn measgachadh air leth inntinneach de naoimh eadar sean is ùr, eadar-nàiseanta agus ionadail. Tha Naomh Bernardino à Siena, a chuireadh an àireamh nan naomh ann an 1450, air a chomharrachadh ann cuide ri naoimh ionadail coltach ri Faolan, Maoineann, Mo Luag, Blàthan, agus eile. Tha làmh nas anmoiche air cur ris le naoimh ionadail eile cuideachd.¹⁶⁵ Chithear na ceithir fèilltean mòra do Mhoire. 'S iad sin Latha Fhèill Moire nan Coinneal air an dàrna latha den Ghearran; Latha Fhèill Moire na Teachdaireachd air an 25mh den Mhàirt (ged as e 'teachdaireachd an Tighearna' a tha an Laideann ag ràdh san t-saltair seo); Deasghabhail do Nèamh air a' 15mh den Lùnastal agus Latha Breith na h-Òighe air an 8mh den t-Sultain. Thòisich fèill ùr do Mhoire ann an 1389, 's e sin Fèill Cuairt Mhoire do dh'Elisabet air an 2na latha den Iuchar, agus gheibhear sin ann an *Saltair Ghlinn Urchaidh* cuideachd.¹⁶⁶ A bharrachd air na còig sin tha Fèill Gineamhainn na h-Òighe, air an 8mh latha den Dùbhlachd, a' nochdadh ann cuideachd. Sin a dh'aindeoin gun robh an fhèill

¹⁶³ Domhnall Uilleam Stiùbhart, *Rìoghachd nan Eilean* (Dùn Blàthain: Clò Hallaig, 2005), 7; faic Cnò-Bhachail neo Cnò-Bhàchair ann an Dwelly agus iomradh aig Martin Martin, *A Description of the Western Islands of Scotland circa 1695* (Edinburgh: Birlinn, 1994), 115-16.

¹⁶⁴ London, British Library, LS Egerton 2899, aithnichte mar an *Glenorchy Psalter*; D. McRoberts, 'Addenda to Catalogue of Scottish Medieval Liturgical Books', *The Innes Review* 3.2 (1952), 132.

¹⁶⁵ Iomradh air na naoimh a tha san fhèillire aig *Catalogue of Additions to the Manuscripts in the British Museum, 1911-1915* (London: British Museum, 1925), 411-13.

¹⁶⁶ R. W. Pfaff, *New Liturgical Feasts in Later Medieval England* (Oxford: The Clarendon Press, 1970), 40.

sin fhathast connspaideach anns a' chòigeamh linn deug.¹⁶⁷ Tha sia fèilltean do Mhoire a' nochdadh ann uile gu lèir.

Thugadh fèill neo dhà ùr eile do Mhoire a-steach anns na meadhan-aoisean anmoch ach cha robh iad uile soirbheachail anns a h-uile h-àite. Bha cuid a' cumail Fèill an Taisbeanaidh (Taisbeanadh Moire anns an Teampall agus i trì bliadhna dh'aois) air an 21 den t-Samhain.¹⁶⁸ Bha Fèill Co-Fhulangas na h-Òighe, air diofar làithean, ga cumail cuideachd.¹⁶⁹ Chan eil iad sin ann an *Saltair Ghlinn Urchaidh*.

Tha *Saltair Ghlinn Urchaidh* cuideachd a' toirt dhuinn boillsgeadh air cho cudromach 's a bha bàrdachd chràbhaidh agus dàn cràbhaidh, 'Aingil Dé dom dhín' a' nochdadh ann, ann an corr-litir.¹⁷⁰ Tha an dàn, a tha ri fhaighinn cuideachd anns an Leabhar Bhreac (tràth sa 15mh linn) am measg làmh-sgrìobhainnean eile, a' sireadh dìon bho aingeal eadar-dhealaichte airson gach latha.¹⁷¹ Tha nota air taobh eile duilleag an dàin a tha ag ràdh, 'Liber Coline Campbell of Glenurquhay eiusdem Glenurquhay', agus a rèir David McRoberts 's e seo Cailean Caimbeul, 3s Tighearna Ghlinn Urchaidh, (bàs 1523).¹⁷² Mar sin, tha am fèillire seo a' toirt sealladh dhuinn air làithean-fèille na h-Òighe, measgachadh inntinneach de naoimh, agus dàn cràbhaidh a tha mar seòrsa de dh'ùrnaigh do na h-ainglean. Tha e a' toirt dhuinn ar ciad sealladh air cràbhachd a bha an dà chuid ionadail agus Eòrpach. Tha e cuideachd a' toirt dhuinn ceangal do na Caimbeulaich; b' e Donnchadh Caimbeul 2na Tighearna Ghlinn Urchaidh (bàs 1513) a b' athair do Chailean agus dìleab mhòr de bhàrdachd Dhonnchaidh ann am BDL.¹⁷³ (B' e Cailean Caimbeul neo *Cailean Dubh na Ròimhe*, 1d Tighearna Ghlinn Urchaidh a b' athair do Dhonnchadh, an dàrna Tighearna). Bha Cailean, 3s Tighearna Ghlinn Urchaidh air a thiodhlaiceadh ann an caibeal a thog e fhèin coisrigte do Mhoire ann am

¹⁶⁷ Faic Pelikan, *Mary through the Centuries*, 198-99.

¹⁶⁸ Pfaff, *New Liturgical Feasts*, 103-15.

¹⁶⁹ Pfaff, *New Liturgical Feasts*, 97-103, faic duilleagean 98 nota 2, 99 agus 102 airson fianais Albannach.

¹⁷⁰ Airson eagraan den dàn ach bho thùs eile faic Thomas P. O' Nolan, 'Imchlód Aingeal', ann an Osborn Bergin agus Carl Marstrander (deas.), *Miscellany Presented to Kuno Meyer* (Halle: Max Niemeyer, 1912), 253-57. Chan eil iomradh air an làmh-sgrìobhainn seo aig O'Nolan.

¹⁷¹ 'S e an Leabhar Breac a th' air Dublin, Royal Irish Academy, LS 23 P 16.

¹⁷² McRoberts, 'Addenda to Catalogue', 132. (Tha 1526 aig McRoberts ach tha a bhàs ann an Clàr-Eachdraidh Fhairtichill aig 1523). Air Cailean faic *Oxford Dictionary of National Biography* (<http://www.oxforddnb.com/index.jsp>) (An t-Samhainn 2009).

¹⁷³ Fiosrachadh air Caimbeulaich Ghlinn Urchaidh bho James Balfour Paul (deas.), *The Scots Peerage*, 9 leabhraichean (Edinburgh: D. Douglas, 1904-14), Leabhar II, 174-80. Fiosrachadh cuideachd air an *Oxford Dictionary of National Biography* (<http://www.oxforddnb.com/index.jsp>) (An t-Samhainn 2009). Airson craobh an teaghaich faic Gillies, *In Famed Breadalbane*, 114. Air bàrdachd Dhonnchaidh faic nota 103 gu h-àrd.

Fionn Làirig, tuath air Cill Fhinn, taobh eile Loch Tatha bhon Bhealaich agus Fairturchill, ‘to be ane buriall for himself and his posteritie’.¹⁷⁴

Tha Mícheál B. Ó Mainnín a’ cur air adhart gur dòcha gur e athair Chailein, Donnchadh mac Chailein, a bha fa-near do Fhionnlagh Mac an Aba (bàs 1525) anns an dàn ‘Duanaire na Sracaire’, nuair a bhrosnaich e do dhaoine gun duain a thoirt, ‘ar mhísheóladh, go a léigheadh go Mac Cailéin’. Mar a chì sinn tha cràbhachd làidir do Mhoire follaiseach anns an taghadh de bhàrdachd ann an Leabhar an Deadhain. Dh’fhaodadh e bhith gur iad an luchd-sgrìobhaidh (Seumas agus Donnchadh) as coireach airson sin ach dh’fhaodadh e bhith cuideachd gun robh miann ‘neach-tabhartais’ aca air an aire. Ma tha Ó Mainnín ceart agus gur e “mac Cailéin”, is é sin Donnchadh Caimbéal, seachas “Mac Cailéin”, an tIarla a bhí i gceist ag Fionnlagh,¹⁷⁵ ’s dòcha nach biodh e na iongnadh gun stèidhicheadh Cailean agus gum biodh e air a thiodhlaiceadh ann an seipeal coisrigte do Mhoire agus cràbhachd dhi cho làidir anns an teaghlach. Bhiodh seo a’ ciallachadh gum b’ e Donnchadh Caimbeul (mac Cailein) athair Chailein 3s Tighearna Ghlinn Urchaidh, neach-tabhartais an Leabhair. Ach ma tha sin fìor feumaidh sinn cuimhneachadh gun do chaochail Donnchadh ann an 1513 agus gu bheilear den bheachd gun deach BDL a sgrìobhadh eadar 1512 agus 1542. Mar sin, ma thòisich iad a’ cruinneachadh bàrdachd le Donnchadh air an aire cha do chrìochnaich iad mar sin. Mar sin tha am feillire seo air iomadh ceist a thogail, feadhainn ceangailte ris an Leabhar. Ach a bheil fianais eile seach sin ann airson feilltean na h-Òighe air a’ Ghàidhealtachd?

Faodar coimeas a dhèanamh eadar am feillire ann an *Saltair Ghlinn Urchaidh* agus *cisiojanus*, rannan cobhair-cuimhne air feilltean nan naomh, ann an Adv. 72.1.2.¹⁷⁶ Thathar den bheachd gur ann am Muile a chaidh a dhèanamh aig toiseach na siathamh linn deug.¹⁷⁷ A-rithist tha na còig feilltean a dh’ainmich sinn gu h-àrd air an comharrachadh: *pur a’ cuimhneachadh don leughadair purificacio marie* (2 Gearran), *iuncta*

¹⁷⁴ Cosmo Innes (deas.), *The Black Book of Taymouth, with Papers from the Breadalbane Charter Room* (Edinburgh: Bannatyne Club, 1855), 18 (bho eachdraidh Bhowie) agus faic iii airson gur ann do Mhoire a bha i coisrigte. ‘S e Clàr-Eachdraidh Leabhar an Deadhain a tha ag innse gun deach Cailean a thiodhlaiceadh an sin an 1523. Faic Gregory, ‘Short Chronicle’, 326; duilleag 194 de Leabhar an Deadhain. Chan eil an caibeal ann an-diugh, faic <http://canmore.rcahms.gov.uk/en/site/24194/details/finlarig+castle/> (An t-Samhainn 2009).

Air na Caimbeulaich agus Griogairich ann am Braghaid Albainn faic John Leonard Roberts, *Feuds, Forays and Rebellions: History of the Highland Clans 1475-1625* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 1999), 175-76. Seo cuideachd aig MacGregor, ‘The View from Fortingall’, 58.

¹⁷⁵ Ó Mainnín, ‘Gnéithe de chúlra’, 405.

¹⁷⁶ David McRoberts agus Alexander Boyle, ‘A Hebridean Cisiojanus’, *The Innes Review* 21.2 (1970), 108-23. Feumar a bhith faiceallach leis an eagan aca ge-tà agus faic William O’Sullivan, ‘An Irish Cisiojanus’, *Collectanea Hibernica* 29 (1988), 7-13 airson an adhbhair.

¹⁷⁷ McRoberts and Boyle, ‘A Hebridean Cisiojanus’, 123.

maria genetice a' cuimhneachadh *nunciata maria genetrice* (25 Màrt), *Sumsio* a' cuimhneachadh *Assumpsio* (15 Lùnastal), *mar* a' cuimhneachadh *nativitas marie* (8 Sultain), *co ce pcio* a' cuimhneachadh *concepio* (8 Dùbhlachd).¹⁷⁸ Tha Fèill na Teachdaireachd an seo ag ainmeachadh Moire fhèin far an robh *Saltair Ghlínn Urchaidh* ag ainmeachadh an Tighearna. A-rithist tha measgachadh fìor inntinneach de naoimh eadar-nàiseanta agus ionadail rim faicinn.

Tha dàimh glè làidir eadar an *cisiojanus* seo agus fear eile ann an Oilthigh Dhùn Èideann, LS Laing III 21, anns a bheil fèillire Èireannach.¹⁷⁹ Tha e coltach gun do sgrìobhadh an *cisiojanus* seo bho Laing tràth san t-siathamh linn deug cuideachd.¹⁸⁰ 'S e làimh-sgrìobhainn mheidigeach a th' innte a bh' aig na Peutanaich na b' anmoiche anns an t-siathamh linn deug.¹⁸¹ 'S d'fhiach e an làimh-sgrìobhainn seo a luaidh bhon a chaidh co-dhiù aon nota a chur rithe leis a' Ghaidheilg airson fèill do Mhoire. Air duilleag 3r. chithear 'ka. Feb.: - Feil Muire na co ...' agus tha fhios gur e sin '*Fèill Moire nan Coinneal*', a' dearbhadh dhuinn gum biodh ainmean nam fèilltean aithnichte do chuid sa Ghaidheilg.¹⁸² Mar sin, fianais bho thùsan eadar-dhealaichte airson fèilltean Moire.

Dè mu dheidhinn tabhartasan mar urram dhi? Ged is beag an fhianais (a-rithist) às a' Ghàidhealtachd bheir tabhartasan sinn ceum nas fhaighe air cleachdaidhean dhaoine fa leth. Thug manachainn Carthusianach ann am Peairt talamh do dh'fhìreannach ann an Cill Fhinn le còraichean malairt nan toireadh e seachad trì puinnnd de chèir gu eaglais na sgìre gach bliadhna. Bha punnd dhith ri toirt seachad mar urram don Òigh, Faolan agus gach uile naomh, agus an dà phunnd eile airson coinnean ro ìomhaigh Naomh Fhaolain (punnd aig Fèill Fhaolain as t-samhradh agus punnd aig Fèill Fhaolain sa Gheamhradh).¹⁸³ 'S e tabhartasan do dh'altairean agus coinnean a bhios

¹⁷⁸ Seo uile bho McRoberts and Boyle, 'A Hebridean Cisiojanus', 108-23.

¹⁷⁹ Alexander Boyle, 'A Scoto-Irish Cisiojanus', *Analecta Bollandiana* 98 (1980), 39-47.

¹⁸⁰ Boyle, 'A Scoto-Irish Cisiojanus', 43.

¹⁸¹ John Mackechnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, 2 leabhar (Boston, Mass.: G. K. Hall & Co., 1973), Leabhar I, 553-58.

¹⁸² An tar-sgrìobhadh bho Mackechnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, 553. Tha na fèilltean eadar-dhealaichte ann am fèillire eile ann an NLS LS Adv. 72.1.3, f.85v-96-r. Anns an eagraan aig Forbes chì sinn '*Fel muire*' air an 2^{na} Ghearran (Latha Fhèill Moire nan Coinneal), '*C. Fheil muire*' air a' 15mh den Lùnastal (Deasghabhail do Neamh), '*F. muire mor*' 8mh den Lùnastal (Latha Breith na h-Òighe) agus '*Concepicio beate marie*' air an 8mh den Dùbhlachd (Fèill Gineamhainn na h-Òighe). Chan eil sgeul air Fèill Teachdaireachd an Aingil (25mh den Mhàirt) ach tha '*uisitacio beate marie*' air an 2^{na} latha den Iuchar (Fèill Cuairt Mhoire do dh'Elisabet) a' nochdadh ann. Chan eil cus a tha Albannach mun fhèillire seo ge-tà agus gainnead naoimh Albannach ann. A rèir Black, 'The Gaelic Manuscripts', 154, dh'fhaodadh e bhith gun robh an làimh-sgrìobhainn seo ann an Alba cho tràth ris a' chòigeamh linn deug, am fèillire bho Alexander Forbes, *Kalendars of Scottish Saints with Personal Notices of Those of Alba, Laudonia, & Strathclyde* (Edinburgh: Edmonston and Douglas, 1872), 81-92.

¹⁸³ John Stuart, 'Historical Notices of St Fillan's Crozier and of the Devotion of King Robert Bruce to St Fillan', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 12 (1876-78), 161-62 nota 5. Tha Stuart

luchd-eachdraidh a' cleachdadh airson tuilleadh ionnsachadh mu roghainnean pearsanta ann an cràbhachd. Leis an eisimpleir seo à Cill Fhinn tha sinn a' faicinn mar a bhiodh manachainn Carthusianach a' brosnachadh cràbhachd am measg an t-sluaigh le bhith toirt air an duine na tabhartasan sin a dhèanamh. Chan eil seo ag innse mòran dhuinn mu roghainnean an duine fhèin ge-tà.

Tha clàraidhean leithid *Registrum Secreti Sigilli Regum Scotorum* agus *Registrum Magni Sigilli Regum Scotorum* a' toirt dhuinn corra shealladh air na tabhartasan cràbhaidh a rinn uaislean air a' Ghàidhealtachd, gu sònraichte na Caimbeulaich. Ann an 1529 thug Gilleasbuig Caimbeul (Gilleasbuig Ruadh Òg), ceathramh Iarla Earra-Ghàidheal, talamh ann am 'Barindryane' do Dhonnchadh 'Makcaus' agus a oighrean mar urram do Dhia, don Òigh Moire, Naomh Findoca¹⁸⁴ agus gach naomh.¹⁸⁵ Gheibheadh iad an talamh '*proviso quod dicti Dunc. &c. suis impensis decenter sustinerent capellam S. Fyndoce fundatam in insula de Inchald, et unam missam omni hebdomida inibi celebrari facerent pro salute animarum Jac. V. Regis, quondam Colini com. Ergadie patris dicti Arch., Jonete comitis ejusdem matris dicti Arch., anime dicti Arch.*'¹⁸⁶ Tha 'insula de Inchald' a-mach air Innis Fhadhail (Inishail), eilean beag ann an ceann a tuath Loch Obha agus tha pàirt de dh'altair air maireachdainn a rinneadh c.1500-1560. Tha e a' sealltainn fireannaich le armachd agus dithis eile a' cruinneachadh fuil Chrìosd. (Faic Dealbh 1 gu h-ìosal).¹⁸⁷ Tha an ìomhaigh a' mìneachadh gu soilleir ciall an tabhartais aig an aifreann. Chaidh an teagasg mu nua-bhrìgh an tabhartais (*transsubstantiatio*) a shoillearachadh aig a' Cheathramh Comhairle Lateran (1215) agus a dhaingneachadh anns an aon linn le Tòmas Aquinas.¹⁸⁸ Feumaidh gun robh taic làidir aig Innis Fhadhail ma bha obair-shnaighte aca. Tha clàraidhean, mar

ag innse gum b'è fear Donald M'Claude a fhuair an talamh ann an 1488. Ach Christie, *The Lairds and Lands*, 63 ag ràdh gur e Donald McCause (McTavish) an t-ainm. Agus thuirt John McNab, *The Clan Macnab: A Short Sketch* (Edinburgh: Clan McNab Association, 1907), 8 gun d'fhuair Fionnlagh Mac an Aba an talamh air an aon phàigheadh ann an 1502. Tha Stuart ag ràdh gu bheil seo air a chumail anns na 'Breadalbane Papers' is ma tha sin ceart bidh e anns na National Archives ann an Dùn Èideann. (GD112, Repository Code 234)

¹⁸⁴ Tha Watson a' dèanamh ceangal eadar Findoca agus Findsech: *Celtic Place-Names*, 286-87.

¹⁸⁵ Innes, *Origines Parochiales Scotiae* 2.1, 130.

¹⁸⁶ 'Cho fad is a chumas Donnchadh agus mar sin air adhart, bho chosgaisean fhèin, caibeal Naomh Findoca suas, stèidhichte ann an Eilean Inchald, agus gun tèid aifreann a chumail gach seachdain an sin airson math anman Rìgh Sheumais V, Cailean Iarla Earra-Ghaidheal nach maireann athair Ghilleasbuig, Seònaid Ban-Iarla a mhàthair agus anam Ghilleasbuig fhèin.' Seo bhon daingneachadh a fhuair iad ann an 1556. John Maitland Thomson (deas.), *Registrum Magni Sigilli Regum Scotorum*, 11 leabhar, (Edinburgh: H.M. General Register House, 1886), Leabhar IV (1546-1580), 229.

¹⁸⁷ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 75 agus James S. Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross at Kilbride, near Oban, with a Note on Cross-heads of Late Medieval Date in the West Highlands', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 61 (1926-27), 160. Tha dealbh-camara aig William Douglas, 'Notes on the Church of St Fyndoca and its Monuments, on the Island of Inishail, Loch Awe', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 46 (1911-12), 428.

¹⁸⁸ Tony Lane, *A Concise History of Christian Thought* (London: T&T Clark, 2006), 116-18 agus 125-27.

chùmhnant Ghilleasbuig, a’ sealltainn mar a bhiodh dragh air na beò mu anman nam marbh agus bhiodh e glè iomchaidh Moire ainmeachadh ann an dòchas tròcair fhaighinn bhuaipe. Cha dèanadh e cron sam bith airson cliù Ghilleasbuig anam an Rìgh ainmeachadh a bharrachd agus chì sinn eisimpleir eile den dol a-mach seo aig Caimbeulach eile gu h-ìosal. ’S ann ainneamh a gheibh sinn an cothrom obair-shnaighte agus clàraidhean sgrìobhte a phòsadh anns an dòigh seo mar a rinn sinn le Innis Fhadhail ge-tà.



Dealbh 1 Ceusadh Innis Fhadhail (Sgeids le G. Giacoia).

Ann an tabhartas mar a rinn Gilleasbuig chan eil Moire a’ faighinn prìomhachas ach gheibh i sin ann an cùmhnant neo dhà eile. Mar eisimpleir, tha fhios againn gun tug Iain Caimbeul Àird Chonghlais ann an 1512 ‘*de tota et integra mercata terrarum de Stokylewnan antiqui extentus, et de quadraginta mercatis terrarum de Knokenbaynocht, unacum pastura octo vaccarum pasturantium infra terras de Ardkynglas*’ gu sagart-caibeil a fhrithealadh air ‘*altare gloriosissime V. Marie situatum in Ecclesia Parochiali de Lochgoil pro prosperitate domini regis et sue consortis*’.¹⁸⁹ Le bhith a’ dèanamh tabhartas mar seo tha fhios gun robh na Caimbeulaich an dòchas gum faigheadh iad buannachd bho bhith a’ biathadh a-steach do chràbhachd Rìgh Sheumais IV agus a bhean Mairead Tudor. Tha dealbh de Mhairead Tudor ag ùrnaigh do Mhoire anns an Leabhar-Uairean a thug Seumas dhi. Tha i air a glùinean air beulaibh leabhar fosgailte agus ìomhaighean de Theachdaireachd an Aingil do Mhoire

¹⁸⁹ M. Livingstone et al. (deas.), *Registrum Secreti Sigilli Regum Scotorum*, 7 leabhraichean (Edinburgh: H. M. General Register House, 1908-1966), Leabhar I (1488-1529), 369. Faic cuideachd Innes (deas.), *Origines Parochiales Scotiae* 2.1, 79, ‘s e *Knockenbaynocht* a tha an seo air *Knockenbaynocht*. ‘Marg-fhearainn shlàn Stokylewnan de sheann chleachdadh agus dà fhichead marg-fhearainn de Knockenbaynocht, le àite-feuraich airson ochd mairt-ionaltraidh air tìrean Àird Chonghlais ... [air] altair na Naomh-Òigh Moire ann an eaglais sgìreil Loch Goill airson rath an Rìgh agus a chèile.’

air altair. Tha fireannach ag ùrnaigh is e na sheasamh air cùlaibh Mairead.¹⁹⁰ Os cionn na h-altarach tha Moire agus an Leanabh a' nochdadh mar gum biodh iad gam foillseachadh fhèin dhi.¹⁹¹ Mar sin, bhiodh sagairt-seipeil aig altair Mhoire glè iomchaidh mar thiodhlaic dhan Rìgh agus a mhnaoi. Mar sin, tha iomradh air fèilltean agus tabhartasan gar toirt ceum nas fhaisge air daoine fa leth, mar as trice na Caimbeulaich. Ach chan eil iad a' toirt dhuinn fiosrachadh sam bith air na beachdan a bh' aig daoine *mu* Mhoire.

2.3 Ùrnaighean agus rosg cràbhaidh mu Mhoire

Faodaidh fianais de sheòrsachan eile dealbh nas leithne a dhèanamh air an fhiosrachadh mu Mhoire a bha ri fhaotainn. Gheibhear rosg air Moire anns a' chruinneachadh de làmh-sgrìobhainnean bho Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Chaidh an ceann-latha 1467 a chur air aon làmh-sgrìobhainn anns a bheil eadar-theangachadh gu Gaidheilig den teacs le Pseudo-Anselm, *Dialogus Beatae Mariae et Anselmi de Passione Domini* (13s linn) (Co-Chaint Moire Naomh-Òigh agus Anselm air Fulangas an Tighearna) bhon treas linn deug.¹⁹² 'S e rosg a tha brosnachadh meòrachadh air tachartasan a' Cheusaidh a th' anns an *Dialogus*, coltach ri *Smaointe Beatha Chrìost*.¹⁹³ Tha iomadh tarraing anns an *Dialogus* air

¹⁹⁰ Tha Patricia Hill Buchanan, *Margaret Tudor Queen of Scots* (Edinburgh: Scottish Academic Press, 1985), 46-47 ag innse gur e seo Naomh Cyriac bhon a phòs a' chàraid air an 8mh den Lùnastal, Fèill Cyriac. Airson an Leabhar-Ùrnaigh faic Franz Unterkircher, *Das Gebetbuch Jakobs IV von Schottland und seiner Gemahlin Margaret Tudor* (Graz: Akademische Druck Verlagsanstalt, 1987).

¹⁹¹ Faic Duncan Macmillan, *Scottish Art 1460-2000* (Edinburgh: Mainstream Publishing, 2000), 26; Fitch, 'Maternal Mediators', 4-5.

¹⁹² Làmh-sgrìobhainn 1467 's e sin Edinburgh, NLS, Adv. LS 72.1.1, fols 8a-13a. Air an làmh-sgrìobhainn seo faic Martin MacGregor, 'Genealogies of the Clans: Contributions to the Study of MS 1467', *The Innes Review* 51.2 (2000), 131-46. Chan e seo an aon làmh-sgrìobhainn bho NLS anns a bheil an *Dialogus*, tha e cuideachd ann an Adv. LS 72.1.25, 1-6a. Faic Martin McNamara, *The Apocrypha in the Irish Church* (Dublin: DIAS, 1975), 75-76. Airson eagraan den *Dialogus* ann an Gaidheilig, ach bho thùsan eile faic, R. A. Q. Skerrett, 'Fiarfaidhi San Anselmus', *Celtica* 7 (1966), 163-87. Airson eagraan den *Dialogus* ann an Laideann faic J. P. Migne (deas.), *Patrologiae Cursus Completus, Series Latina*, 221 leabhraichean (Paris: Garnieri Fratres et successores, 1844-64), Leabhar CLIX, 271-90.

¹⁹³ Cha b' e seo an aon teacs Laidinn den t-seòrsa seo a chaidh eadar-theangachadh gu Gaidheilig. Chuireadh Gaidhealg air pseudo-Bernard *Liber de Passione Christi et Doloribus et Planctibus Matris Eius neo Planctus beatae Mariae* (aithnichte mar "Quis Dabit"); airson eagraan faic R. A. Q. Skerrett, 'Two Irish Translations of the Liber de Passione Christi', *Celtica* 6 (1963), 82-117. Air eachdraidh agus susbaint an 'Quis Dabit' fhèin faic Thomas H. Bestul, *Texts of the Passion: Latin Devotional Literature and Medieval Society* (Philadelphia: University of Pennsylvania Press, 1996), 52-53 le eadar-theangachadh gu Beurla aig 166-85; C.W. Marx, 'The Middle English Verse "Lamentation of Mary to Saint Bernard" and the "Quis Dabit" ', ann an Derek Pearsall (deas.), *Studies in the Vernon Manuscript* (Cambridge: D. S. Brewer, 1990), 140-47. Ged a tha an Laideann ag ràdh gun do phòg i fuil Chrìosd air a' chrann-cheusaidh, air an talamh agus air a chorp, tha fear de na h-eadar-theangachaidhean gu Gaidhealg a' cur ris nach b' e pògadh a-mhàin a rinn i ach gun do dh'òl i an fhuil cuideachd, Skerret, 'Two Irish Translations', 109, loidhne 237 agus an nota air duilleag 117. Air luchd-caoidh ag òl fala ann an litreachas agus eachdraidh nan Gàidheal ann an Èirinn agus Alba faic Mathis, 'An Ulster Tale?', 56-59. Bhon a tha 'Quis Dabit' na Gaidheilge a' nochdadh ann an *Leabhar Chlainne Suibhne* (1513) tha Salvador Ryan a' faicinn seo mar 'Franciscan influence' air Máire Ní

na dh'fhuiling Moire fhèin.¹⁹⁴ Dh'fhàsadh cràbhachd do 'Cho-Fhulangas Moire' na bu chumanta anns na meadhan-aoisean anmoch le cleachdaidhean mar 'Seachd Bròin na h-Òighe'.¹⁹⁵ Bha Moire aig teis-meadhan leudachadh ann an cràbhachd an fhulangais. 'S e seo air sgàth is gun robhar a' meas Moire mar, 'the perfect model for the appropriate emotive response'.¹⁹⁶ Tha e coltach gun deach an *Dialogus* a dhèanamh le Francisceanaich.¹⁹⁷ Chì sinn anns an earrann seo an dà chuid miann easbhaidhean fiosrachaidh a lìonadh agus fianais gun robh 'affective devotion' aithnichte do Ghàidheil na h-Alba:

Do ráidh Anselmus: Cinnus do rinnedar annsin reis? Do ráidh Muire: Inneosadsa sin duit, óir is truadh ro-toirsech hé re innsin, agus ní sgríobunn suibisgéil dona suibisgéluibh hé. An uair tángudar gu Caluaire, gu hinadh césda mo micsi, an inadh adhuathmur urgranna ina(dh) mbídis coin agus bethadhaidh mharbha(dh) ar mbuain a seitheadha díbh agus ina curthai(dh) gadaidhi agus bithúnaidh chunn báis agus tar éis a corp do crochadh gu mbídh an t-inadh lán do mí-baladh agus do mí-dath dá n-éisi. Et do nochtudar mo macsa annsin ar mbuain a (i) édaidh co léir de agus arna feicsin damsa do bhághus leth-marbh ann, agus gidhedh do beanus in cibi[r]si .i. in bréid[ín] do bí umum ceann díam, agus do ceanglus agus do nighus áirne mo mic leis.¹⁹⁸

Tha an earrann seo brìghmhor oir gheibhear ann traidisean a bha bitheanta anns na meadhan-aoisean, gun do phaisg Moire an Leanabh na còmhach-cinn agus gun do chleachd i a-rithist e gus a lomnochd a chleith aig a' Cheusadh. A rèir Gail McMurray Gibson bha a còmhach-cinn na 'visual emblem linking the joyful maternity of the

Mháille, faic Salvador Ryan, 'Windows on Late Medieval Devotional Practice: Máire Ní Mháille's "Book of Piety" (1513) and the World Behind the Texts' ann an Rachel Moss, Colmán Ó Clabaigh agus Salvador Ryan (deas.), *Art and Devotion in Late Medieval Ireland* (Dublin: Four Courts Press, 2006), 7. Tha beagan air an teacs cuideachd aig O'Dwyer, *Mary*, 157-8. Cho fad is as aithne dhomh chan eil fianais ann gun do ràinig an t-eadar-theangachadh Gaidheilge seo Alba.

¹⁹⁴ Airson beagan air tùsan an *Dialogus* fhèin faic Bestul, *Texts of the Passion*, 53-54.

¹⁹⁵ Carol M. Schuler, 'The Seven Sorrows of the Virgin: Popular Culture and Cultic Imagery in Pre-Reformation Europe', *Simiolus: Netherlands Quarterly for the History of Art* 21. 1/2 (1992), 5-28.

¹⁹⁶ Hundesmarck, 'The Use of Imagination', 55.

¹⁹⁷ Amy Neff, 'The "Dialogus Beatae Mariae et Anselmi de Passione Domini": Toward an Attribution', *Storiographica Franceseana* 86 (1986), 105-08.

¹⁹⁸ Seo bho eagan Skerrett, 'Fiarfaidhi San Anselmus', 174-75. 'Thuir Anselm: Dè rinn iad air an uair sin? Thuir Moire: Innsidh mi sin dhut, agus tha e truagh ro-bhrònach ri innse agus cha sgrìobh soisgeul de na soisgeil e. Nuair a thàinig iad gu Calbharaidh, gu àite-ceusaidh mo Mhic-sa, an t-àite uamhasach sgreabhail san robh coin agus beathaichean gan cur nuair a thugadh an seicheannan bhuapa agus far an deach mèirlich agus eucoirich a chur gu bàs. Agus nuair a rachadh an cuirp a chrochadh bhiodh an t-àite làn droch bholadh agus mì-chiatach. Agus rùisg iad mo mhac an sin a' toirt aodach gu lèir bhuaithe agus nuair a chunnaic mi sin bha mi leth-mharbh ann, agus thug mi an còmhach a bh' air mo cheann dhìom agus cheangail mi agus nigh mi leasraidh mo Mhic leis.' Tha an t-eadar-theangachadh agamsa an seo eadar-dhealaichte ann an àite neo dhà bhon fhear aig O' Dwyer, *Mary*, 156. Thug Skerrett 'do [sh]nighis' dhuinn anns an t-seantans mu dheireadh ach 's e *nighus* neo *caitis* neo *coi[r]ighus* a gheibhear anns na diofar thùsan. Chuir mi 'do nighus' air ais ann.

Virgin with her anguish at Calvary'.¹⁹⁹ Tha an aon traidisean ann an cainnt a tha aig amannan glè fhaig air seo ann an *Smaointe Beatha Chríost*.²⁰⁰ Bhathar a' cumail còmhachd-cinn na h-Òighe aig Assisi anns na meadhan-aoisean.²⁰¹ Tha colophon leis an *Dialogus* ann an Gaoidheilg, bho làmh-sgrìobhainn 1467, a tha ag innse gun deach eadar-theangachadh ann an Èirinn ach gun deach a sgrìobhadh a-mach le Dubhghall Albannach mac mhic Chathail.²⁰² Mar sin, leis an *Dialogus* chì sinn gun robh co-dhiù cuid de Ghàidheil na h-Alba a' gabhail pàirt ann an cràbhachd do Mhoire a bha a' cur cudrom air a Co-Fhulangas.

Bha *Albannach* eile ag obair air BL LS Egerton 93 ann an 1477. Anns a' chiad phàirt den làmh-sgrìobhainn seo gheibhear Beatha Trì-Phàirteach Phàdraig agus *Saltair Mhuire*. Tha John D. Miller a' mìneachadh mar a dh'fhàs 'Mary's Psalter' neo 'Our Lady's Psalter' agus conair Moire a-mach à aithris phrìobhaideach an t-Saltair, a' leantainn eisimpleir ùrnaighean na h-uaireach:

In the 'Marian psalm psalters', which originated around 1130, the antiphons that preceded each psalm and announced its theme were replaced by verses that interpreted each of the 150 psalms as a reference to Christ or Mary. Gradually the devotion was shortened to a recitation of the antiphons, and in place of the psalm proper, either a Paternoster or an Ave Maria. Without the psalm, the connection that the antiphon had to a specific theme was lost. As a result, the antiphons themselves came to be replaced by 150 verses in praise of the Virgin. Partly for ease of recitation, the Marian

¹⁹⁹ Gail McMurray Gibson, 'St. Margery: The Book of Margery Kempe', ann an Julia Bolton Holloway, Constance S. Wright agus Joan Bechtold (deas.), *Equally in God's Image: Women in the Middle Ages* (New York: Peter Lang, 1990), 149 agus 160 n. 28. Faic cuideachd Anne Derbes, *Picturing the Passion in Late Medieval Italy: Narrative Painting, Franciscan Ideologies and the Levant* (Cambridge: Cambridge University Press, 1996), 150-53.

²⁰⁰ 'Ocus rucadur Isa cengailti bruiti toirrsach leo co Caluarie ... Fec ocus smuain anois mar do bi an mhathair a timchill a haen-Mhic in tan do-connuic gallrach tarrnocht gortaighthi é. Ocus do-cuaidh naire ocus gortughadh ocus toirrsi a hinntinne tar mod, in uair do-connaic a Mac inmuin tarrnocht a fiadhnaisi na sluagh, uair nir leigidh oired an edaigh secredi lais. Ocus do-cuaidh co dighair tinnesnach chugi, ocus tuc pog do, ocus do tum breid a cinn ris. Uch, is truagh a med do toirsi ocus do sherbhi do bi ar a hanmuin an trath sin,' bho Ó Maonaigh, *Smaointe Beatha Chríost*, 146. ('Agus thug iad lósa ceangailte brùite sgìth leotha a Chalbharaidh ... Seall agus smaoinich a-nis air a' mhàthair le h-aon Mhac, ga fhaicinn tinn lomnochd goirtichte. Agus chaidh naire agus goirteas agus sgìths a h-inntinn thar tomhas nuair a chunnaic i a Mac ionmhainn lomnochd ann am fianais an t-sluaigh, oir cha deach leigeil leis fiù fo-aodach a chosg. Agus chaidh i gu dian agus gu luath thuige agus thug i pòg dha agus dh'islich i brèid a cinn ris. Och, is truagh meud an sgìths agus meud na searbhachd a bh' air a h-anam an uair sin.')

²⁰¹ McMurray Gibson, 'St. Margery', 148-49.

²⁰² Airson feartan de ghnàth-chainnt na h-Alba a dh'fhaodadh a bhith anns an *Dialogus* seo agus airson Dubhghall Albannach faic Colm Ó Baoill, 'Scotticisms in a Manuscript of 1467', *Scottish Gaelic Studies* 15 (1988), 122-39. Thathar a' gabhail ri Dubhghall mar Albannach ach airson cuid de na ceistean mu 'Scot' ann an ainmean pearsanta sna meadhan-aoisean faic Matthew H. Hammond, 'The Use of the Name Scot in the Central Middle Ages Part 1: Scot as a By-Name', *The Journal of Scottish Name Studies* 1 (2007), 37-60.

psalters were subdivided into three sets of 50 stanzas, each set of which was designated as a ‘rosary’.²⁰³

Tha *Saltair Mhuire* ann an Egerton 93 a’ toirt seachad stiùireadh air an dòigh a bu chòir a gabhail, gum bu chòir ‘In ced chaoga do gabail an anoir an Anunti’ (*a’ chiad leth-cheud a ghabhail an onair na Teachdaireachd*), ‘an 2. caoga do rad an anoir na genimna’ (*an dàrna leth-cheud a ghabhail an onair Breith Chrìosd*) agus ‘an 3. caoga do rad an anoir mar rucad Muiri ar nem’ (*an treas leth-cheud a ghabhail an onair Gabhail Moire do Nèamh*).²⁰⁴ Tha e cuideachd a’ toirt seachad rudeigin de dh’eachdraidh na h-ùrnaighe, ‘Do foillsiged o Mhuiri baintigerna do neach ... Saltair Muiri fen do ghabail cach lae amail mar orduicther ann so’.²⁰⁵ Bha traidisean ag ainmeachadh Naomh Dominic mar an duine ris an do dh’fhoillsich Moire a conair agus mar bu chòir a dèanamh. Thathar den bheachd gun do thòisich an traidisean mu Dhominic anns a’ chòigeamh linn deug.²⁰⁶ Tha fear de na h-antiphonan bho Shaltair Mhuire ann an Egerton 93, ann an Laideann le eadar-theangachadh gu Gaidheilg, a’ toirt ‘imperatrix inferni / banimpir ifirn’ oirre:

Aue Marie mater Domini nostri Iesus Christi regina celi domina mundi imperatrix inferni misere mei & totius populi Christiani Amen. / Dia do betha a Muiri a mathair ar Tigerna .i. Isa Crist a righan nimi a baintigerna in domuin a banimpir ifirn / dena trocuiri orum agus ar in pobul ar c[h]ena.²⁰⁷

Bidh sinn a’ tilleadh dhan tìotal *ban-ìmpire Ifrinne* nuair a bheir sinn sùil air a’ bhàrdachd. ’S e fianais air leth inntinneach a tha seo gu robhar ris an t-seòrsa cràbhachd seo do Mhoire, ag eadar-theangachadh gu Gaidheilg dhaibhsan nach tuigeadh Laideann. Tha nota an dèidh Beatha Phàdraig, anns an earrann den làmh-sgrìobhainn anns a bheil *Saltair Mhuire*, ag innse gun deach a sgrìobhadh le Domhnall Albannach Ó Troighthigh ann an 1477.²⁰⁸ Chan eil ach glè bheag de theacsaichean againn bho na

²⁰³ John D. Miller, *Beads and Prayers: The Rosary in History and Devotion* (London: Burns & Oates, 2002), 14.

²⁰⁴ Brian Ó Cuív, ‘Saltair Mhuire’, *Éigse* 11 (1964-66), 116.

²⁰⁵ Ó Cuív, ‘Saltair Mhuire’, 116. ‘Dh’fhoillsicheadh o Mhoire Baintighearna do neach ... Saltair Mhoire fhèin a ghabhail gach latha dìreach mar a dh’òrdaichear an seo.’

²⁰⁶ Miller, *Beads and Prayers*, 7-11; Sarah Jane Boss, ‘Telling the Beads: The Practice and Symbolism of the Rosary’, ann an Sarah Jane Boss (deas.), *Mary: The Complete Resource* (Oxford: Continuum, 2007), 385-94.

²⁰⁷ Ó Cuív, ‘Saltair Mhuire’, 116. Airson an aon antiphon Laidinn faic Carleton Brown (deas.), *Religious Lyrics of the XVth Century* (Oxford: Clarendon Press, 1939), 183. ‘Fàilte dhut a Mhoire, màthair ar Tighearna Ìosa Crìosd, banrigh nèamh, ban-tighearna an t-saoghail, ban-ìmpire Ifrinne dèan trocair ormsa agus air an t-sluagh Chrìosdaidh air fad.’

²⁰⁸ Bha Clann Uí Throighthigh aithnichte mar luchd-leighis anns a’ Mhumhan, faic Aoibheann Nic Dhonnchadha, ‘Medical Writing in Irish, 1400-1700’, *Irish Journal of Medical Science* 169 (2000), 217. Tha làmh-sgrìobhainn mheidigeach ann cuideachd a rinn Domhnall Albannach an C. an Chláir ann an 1482, faic Robin Flower agus Torna Ó Maoilchonaire, ‘Popular Science in Mediaeval Ireland’, *Ériu* 9 (1921-23), 64.

meadhan-aoisean a tha a' toirt dhuinn fiosrachadh air cràbhachd do Mhoire air Gàidhealtachd na h-Alba. Ach mar a chunnaic sinn tha an fheadhainn a th' againn a' toirt sanas dhuinn gun robh ùidh aig feadhainn anns na cleachdaidhean cràbhaidh às ùire, coltach ri *Saltair Mhuire* agus a Co-Fhulangas.

Thèid obair shnaighte Ghàidhealach a dheasbad gu h-ìosal ach b' fhiach e luaidh an seo gu bheil co-dhiù còig ìomhaighean de bhoireannaich (?) le paidirean againn. Tha Mariota NicIain (nighean Alasdair mhic Eòin Mhic Iain Àird nam Murchan), ga sealltainn air an uaigh aice (1500-1560) ann am Priòraireachd Orasaigh le leabhar agus paidirean, còmhla ri dithis eile aig a bheil paidirean.²⁰⁹ (Faic Dealbh 2 gu h-ìosal).



Dealbh 2 Paidirean: Mariota NicIain (sgeids le G. Giacoia).

Tha boireannach le paidirean agus fireannach le sleagh air leac (14mh-tràth 16mh) à Cill Bhreannain, deas air Caisteal Sgiobnais, Cinn-Tìre.²¹⁰ (Faic Dealbh 3 gu h-ìosal).


²⁰⁹ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Monumental Sculpture*, 121.

²¹⁰ Iomradh aig RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar I, 116; Dealbhan den leac air fad aig T. P. White, *Archaeological Sketches in Scotland*, 2 leabhar (Edinburgh: William Blackwood and Sons, 1873-75), Leabhar I Plate LII; Dealbh den Cheusadh a-mhàin aig Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 160.



Dealbh 3 Paidirean: Cill Bhreannain, Cinn-Tìre (Sgeids le G. Giacoia).

Dh’fhaodadh e bhith gur e paidirean a th’ aig an neach air a ghlùinean a tha air leac (14mh-15mh linn) à Eilean Idhe (Faic Dealbh 4 gu h-ìosal).²¹¹



Dealbh 4 Paidirean: Eilean Idhe (Sgeids le Robert Brydall, 1898).²¹²


²¹¹ Steer and Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, Plate 6B.

²¹² Archibald MacMillan agus Robert Brydall, *Iona* [MacMillan, *Its History, Antiquities, etc.* agus Brydall, *Its Carved Stones.*](London: Houlston, 1898), 67. Tha sgeids eile den leac seo aig James

Tha an dà ìomhaigh eile à Cill An Rubha ann an Ìle: tè bho chois-croise air a bheil an t-ainm PAT/RIC[II] (14-15mh linn) agus an tè eile bho leac (14mh -tràth 16mh).²¹³ Faic dealbhan 5 agus 6 gu h-ìosal.



Dealbh 5 Paidirean: Cas-Croise Chill An Rubha, Ìle
(Sgeids le G. Giacoia)



Dealbh 6 Paidirean: Leac à Cill An Rubha, Ìle
(Sgeids le G. Giacoia)

Mar sin, 's dòcha gu bheil còig ìomhaighean de dhaoine le paidirean agus iad uile ann an iar-dheas na Gàidhealtachd. Tha e coltach gur ann bho 1347 a tha a' chiad ìomhaigh de phaidirean ann an Sasainn ach nach robh iad cumanta air cuimhneachaintiodhlacaidh gu deireadh na còigeamh linn deug.²¹⁴ Mar sin, dh'fhaodadh feadhainn de na h-ìomhaighean Gàidhealach seo a bhith nas tràithe. Tha e inntinneach gu bheil na h-ìomhaighean cho faisg air a chèile anns an aon cheàrnaidh. Tha dàn againn ann an Leabhar an Deadhain a chuireas ris an fhianais airson phaidirean anns an aon chèarnaidh

Drummond, *Sculptured Monuments in Iona & the West Highlands* (Edinburgh: Society of Antiquaries of Scotland, 1881), Plate xxvi.

²¹³ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 187 (àireamh 18) agus 188 (àireamh 22).

²¹⁴ Miller, *Beads and Prayers*, 96.

cuideachd. Rinn Oighrig NicCòrcadail ‘A Phaidrín do dhúisg mo dhéar’ dhan duine aice (Niall Òg MacNèill Ghiogha a chaochail mu 1472).²¹⁵ Mar sin, tha e coltach gun robh paidirean gam meas iomchaidh dha na h-uaislean ann an ceann iar-dheas na Gàidhealtachd sna meadhan-aoisean anmoch. Chan aithne dhuinn dè na h-ùrnaighean a bha ceangailte ris na paidireanan aig an àm ach dh’fhaodadh e bhith gun do ghabh cuid *Saltair Mhuire*.

Tha làmh-sgrìobhainn ainmeil eile, NLS LS 21000 neo *Leabhar-Uairean Murthly* (Mòrthlaich?), a’ toirt dhuinn fianais airson cràbhachd do Mhoire, mar phàirt de gheasagan neo obagan airson leigheas. Rinneadh an leabhar-uairean seo ann am Pàras agus Sasainn anns an treas linn deug do bhan-Shasannach.²¹⁶ Ach cha b’ fhada gus an robh an làmh-sgrìobhainn aig Stiùbhairtich Latharna; tha bàs Iain Stiùbhart Tighearna Latharna ann an 1421 air a chuimhneachadh ann agus bàs a mhnà Iseabail ann an 1439. B’ e Iain ‘Gallda’ MacDhùghaill (bàs mu 1371) tighearna Latharna a b’ athair do dh’Iseabail.²¹⁷ Tha e coltach gun robh an làmh-sgrìobhainn aig Clann Dùghaill mun cheathramh linn deug.²¹⁸ Chaidh dà ùrnaigh do Mhoire a chur ris an làmh-sgrìobhainn anns a’ cheathramh linn deug, tè ann am Fraingis ‘Anglo-Normannach’ agus tè ann an Laideann.²¹⁹ Thuirt John Higgitt mun ùrnaigh Fhraingis gu bheil e a’ sealltainn:

focused and practical expression of devotion to the Virgin ... and it is a vivid illustration of faith in her powers ... as a figure with quasi-divine powers of her own, able to protect her devotee from the ills of this world, and from the pains of hell, and even to grant forgiveness to sins.²²⁰

Mura bheil fianais againn gur e tè de chloinn Dùghaill a chuir na h-ùrnaighean ris an làmh-sgrìobhainn tha fhios againn gun robh Gàidheil a’ cleachdadh na h-ùrnaigh Laidinn mar obag-leighis. Chuireadh Gaoidhealg ris an làmh-sgrìobhainn a rèir Ronald Black eadar c.1370 agus c.1430.²²¹ Tha e coltach gur e stiùireadh a tha sa Ghaidhealg air mar a chleachdar an ùrnaigh Fhraingis agus ùrnaigh eile mar obagan-leighis airson

²¹⁵ Watson, *Scottish Verse*, 60-65 agus 271; Wilson McLeod agus Meg Bateman (deas), *Duanair na Sracaire: Anthology of Medieval Gaelic Poetry* (Edinburgh: Birlinn, 2007), 174-79.

²¹⁶ John Higgitt, *The Murthly Hours: Devotion, Literacy and Luxury in Paris, England and the Gaelic West* (London: The British Library, 2000), 1. Tha Murthly an ear-dheas air Dùn Chailleann ann an Siorrachd Pheairt.

²¹⁷ *Oxford Dictionary of National Biography* (<http://www.oxforddnb.com/index.jsp>) (An t-Samhainn 2009).

²¹⁸ Higgitt, *The Murthly Hours*, 19-26.

²¹⁹ Higgitt, *The Murthly Hours*, 27, 171 agus 332-35.

²²⁰ Higgitt, *The Murthly Hours*, 171.

²²¹ Ronald Black, ‘Transcription, Translation and Commentary’, ann an Higgitt, *The Murthly Hours*, 336.

‘gonadh na mball, [ar] at, ar león, ar casg fala.’²²² Tha Moire a’ nochdadh ann an corra ùrnaigh agus obag-leighis eile ann am *marginalia* anns na làmh-sgrìobhainnean meidigeach Gaoidheilge ann an NLS.²²³ Thàinig feadhainn de na làmh-sgrìobhainnean seo à Èirinn ach chaidh cur riutha an uair sin ann an Alba.²²⁴ Bidh i a’ nochdadh mar phàirt de ghuidhe ghoirid, mar ann an Adv. 72.1.2: *Amen. A Muire. A mathair dene trocaire orm fein.*²²⁵ Bidh i uaireanan ann an aithris ghoirid, mar seo bho Adv. 72.1.26: *Uch a Mhuire, is mairg do feraibh Muile atá a mbethaidh, an meid mairfis dib anocht.*²²⁶ Tha i cuideachd a’ nochdadh ann an obag-leighis neo dhà, mar a tha ann an Adv.72.1.3 a bheir cobhair do bhoireannach pàiste a bhreith: *na briathra so do scribad an duilleog agus a cengal fo broinn na mna .i. Maria peiperid Christus Anna Maria Elistabet Iobannim Celma Remisium X Sator X Areop X Tenet X Opera X Rotas.*²²⁷ An seo thathar a’ cur earbsa ann an cumhachd nam màthraichean naomha agus saobh-chràbhadh fhaclan draoidheil, ’s iad *sator arepo tenet opera rotas*, faclan stèidhichte air sean phalindrom Laidinn.²²⁸ Tha na h-obagan-leighis anns na làmh-sgrìobhainnean meidigeach seo cho pailt gu bheil e coltach gun robh fèill mhòr orra.²²⁹ Tha an fhianais airson rosg a’ toirt dhuinn raon de dh’fhiosrachadh air mar a bhathar a’ faicinn agus a’ cleachdadh Moire. Chan eil rosg ceangailte ri Moire againn am pailteas aig a bheil buntanas ri Alba ge-tà agus tha e cho doirbh dèanamh a-mach cò an luchd-leughaidh a bh’ aig na teacsaichean neo an robh iad air an sgaoileadh idir.

²²² Black, ‘Transcription’, 340-43.

²²³ Air na *marginalia* faic Black, ‘The Gaelic Manuscripts’, 166-67.

²²⁴ Black, ‘The Gaelic Manuscripts’, 154-55.

²²⁵ Seo bho Mackechnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, Leabhar I, 117; Duilleag 16b den làmh-sgrìobhainn. Air inneal airson ceann-latha na Càisge obrachadh a-mach le làmh agus cas *aingil* a thèid mun cuairt faic David McRoberts, ‘Two Hebridean Liturgical Items’, *The Innes Review* 19.2 (1968), 172-73. (‘Amen a Mhoire. A mhàthair, dèan tròcair orm fhìn’)

²²⁶ Black, ‘The Gaelic Manuscripts’, 166. Duilleag 6v. den làmh-sgrìobhainn. (‘Och a Mhoire, is truagh do fhir Mhuile a tha beò, iadsan a mhaireas a-nochd’).

²²⁷ Mackechnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, Leabhar I, 134; Duilleag 81r. den làmh-sgrìobhainn. ‘S e *Areop* a th’ aig Mackechnie. Tha O’Dwyer, *Mary*, 129 air mothachadh dhan aon obag ann an RIA 24 B 3. (‘Na faclan seo a sgrìobhadh air duilleig agus a ceangal fo bhroinn na mnà, *agus mar sin air adhart*’. Tha *peiperid* a’ ciallachadh *peperit* bhon bhriathar Laidinn *pariō*/ breith).

²²⁸ Walter O. Moeller, *The Mithraic Origin and Meanings of the Rotas-Sator Square* (Leiden: Brill, 1973), 2.

²²⁹ Tha pàirt de Adv. 72.1.2 a-mach air ‘De demonis maleficiato .i. dona piseocaibh agus genntleacht’, faic MacKenchnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, Leabhar I, 128. (‘Air na h-obagan agus draoidheachd’). Air obagan-leighis faic Lea T. Olsan, ‘Charms and Prayers in Medieval Medical Theory and Practice’, *Social History of Medicine* 16.3 (2003), 343-66.

2.4 Ìomhaighean

Ach tha e nas fhasa beachd a bhith againn gum faiceadh agus gur dòcha gun cleachdadh sluagh ìomhaighean snaighte ann an cloich. Tha stoidhle shònraichte aig obair-shnaighte Ghàidhealach a tha ao-coltach ri obair-shnaighte Èireannach bhon aon àm.²³⁰ Bheirear sùil an seo air na diofar dhòighean anns a bheil Moire a' nochdadh ann an obair-shnaighte Ghàidhealach bho na meadhan-aoisean anmoch. Faodaidh sinn a bhith cinnteach gun deach ìomhaighean a chall ge-tà.²³¹ Mar eisimpleir, tha iomradh air altair a chunnaic Boswell agus Johnson ann an Innis Choinnich, faisg air Muile, anns an ochdamh linn deug, nach eil ann an-diugh.²³²

Inch Kenneth was once a seminary of ecclesiasticks, subordinate I suppose, to Icolmkill. ... Our attention, however, was sufficiently engaged by a venerable chapel, which stands yet entire, except that the roof is gone. It is about sixty feet in length, and thirty in breadth. On one side of the altar is a bas relief of the blessed Virgin, and by it lies a little bell: which, though cracked, and without a clapper, has remained there for ages.²³³

Tha fhios againn cuideachd nach ann air cloich a-mhàin a bhiodh i nochdadh. Mar eisimpleir, bha Moire agus Eòin, uaireigin a' nochdadh air cochall-cluig à Guthrie, ri taobh Chrìosd, ged nach eil ach Eòin fhathast air an dèidh mar a chaidh a sgèadachadh.²³⁴ Tha Dealbh 7 gu h-ìosal a' sealltainn mar a bha an taisèalan mus deach a sgèadachadh le àite bàn Moire. Tha ceangal aig an naomh-chobhan ri Eilean Idhe agus Tighearnan nan Eilean agus beachd ann gun do rinneadh Crìosd, agus Eòin (agus Moire) anns an 12na linn.²³⁵

²³⁰ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 43 agus Dawson 'The Gaidhealtachd', 263.


²³¹ A thaobh ìomhaighean a chaidh a sgrios an dèidh an Ath-Leasachaidh faic David McRoberts, 'Material Destruction Caused by the Scottish Reformation', ann an David McRoberts (deas.), *Essays on the Scottish Reformation 1513-1625* (Glasgow: Burns, 1962), 415-62.

²³² RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar III, 138 nota 5. Faic cuideachd MacDonald, 'Iona's Local Associations', 276.

²³³ Samuel Johnson agus James Boswell, *A Journey to the Western Islands of Scotland and The Journal of a Tour to the Hebrides* (London: Penguin Classics, 1984), 137.

²³⁴ Francis C. Eeles, 'The Guthrie Bell and its Shrine', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 60 (1925-6), 413-14.

²³⁵ Virginia Glenn, *Romanesque & Gothic Decorative Metalwork and Ivory Carvings in the Museum of Scotland* (Edinburgh: National Museums of Scotland, 2003), 97.



Dealbh 7 Cochall-Cluig Ghuthrie (Sgeids le G. Giacoina).

Thèid na h-ìomhaighean-cloiche a roinn an seo a rèir seòrsa. Chan eil ach dà sheòrsa ìomhaigh ann: Ceusadh le Moire agus Eòin, agus a' Mhàthair agus an Leanabh. Tha pàirt de *Phietà* chloiche air maireachdainn à Banbh air taobh an ear na dùthcha.²³⁶ Cho fad is as fhiosrach mi chan eil ìomhaighean againn bho Ghàidhealtachd na h-Alba den *Mhater Dolorosa* neo den *Phietà* far a bheil Crìosd sìnte air uchd Moire. Bhathas gan dèanamh ann an Èirinn ge-tà bhon t-siathamh linn deug a-mach.²³⁷ A bharrachd air *Pietà*, chan eil gin de na h-ìomhaighean cumanta eile de Mhoire againn bhon Ghàidhealtachd, mar 'Our Lady in Gesyn', Deasghabhail do Nèamh/Crùnadh Moire neo Naomh Anna a' teagasg leughadh don Òigh.²³⁸ Tha e doirbh a ràdh, aig an ìre seo, a bheil an dìth sin brìoghmhor.

²³⁶ Alex. Ramsay, 'Notice of a Pieta from the Old Church of Banff', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 20 (1885-1886), 356-57 le sgeids.

²³⁷ Clodagh Tait, 'Art and the Cult of the Virgin Mary in Ireland, c.1500-1660', ann an Rachel Moss, Colmán Ó Clabaigh OSB agus Salvador Ryan (deas.), *Art and Devotion in Late Medieval Ireland* (Dublin: Four Courts Press, 2006), 168-70.

²³⁸ Airson eisimpleirean Sasannach de na h-ìomhaighean sin faic Marks, *Image and Devotion*, 121-56.

2.4.1 Moire agus Naomh Eòin Soisgeulaiche aig a' Cheusadh

Tha grunn math ìomhaighean air maireachdainn a tha a' sealltainn Moire agus Eòin Soisgeulaiche air gach taobh Chrìosd air a Cheusadh. Bha an triùir a' nochdadh tric ann an ealain mheadhan-aoiseil air sgàth na thuirt Eòin (19: 26-27):

Uime sin an uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b' ionmhuinn leis 'n a sheasamh a làthair, thubhairt e r'a mhàthair, A bhean, feuch do mhac! An sin thubhairt e ris an deisciobul, Feuch do mhàthair! Agus o'n àm sin a mach thug an deisciobul sin leis i d'a thigh féin.

Airson Rupert à Deutz (c.1075-1130) bha an abairt seo a' ciallachadh gum faodamaid Moire a mheas mar mhàthair gach Crìosdaidh seach dìreach màthair Chrìosd.²³⁹ Bidh Crìosd air a Cheusadh uaireannan a' nochdadh air croisean leis fhèin, mar a tha air crois Chailein Mhic Dhubh-Shith à Orasaigh bho c.1500,²⁴⁰ neo air cochall-cluig à Cill Mhìcheil Ghlasairigh a rinneadh anns an 12na linn.²⁴¹ Tha Madeleine Gray a' cur air adhart gur dòcha gu bheil eadar-dhealachadh ann eadar ìomhaighean den Cheusadh às aonais Moire agus Eòin agus feadhainn leotha, 'the Crucifixion in isolation being a more focussed devotional image, the Crucifixion with attendant figures prompting meditation on the narrative.'²⁴² Thug Gray an aire cuideachd is i toirt sùil air ìomhaighean Cuimreach den Cheusadh le Moire nach àbhaist do bhròn Moire a bhith air a leasachadh gu ìre mhòr sam bith. Seo a dh'aindeoin cho mòr is a tha a bròn ann an litreachas Cuimreach bhon aon àm.²⁴³ Thuirt i

The visual imagery we find in Wales thus contrasts with the Continental visual depictions of the *Mater Dolorosa*, which made Mary's agony the focus for affective devotion: she is shown particularly in later medieval altarpieces sharing her son's suffering, splashed with blood and fainting with grief.... In the visual imagery, however, the crucified Christ is central and Mary's suffering is played down. While her grief shows the viewer how to grieve for Christ's suffering, her steadfastness encourages hope and expectation of the Resurrection and salvation.²⁴⁴

Bha deasbad ann mu bhròn Moire aig a' Cheusadh le cuid a' faicinn cus caoinidh bho Mhoire mar theachdaireachd gun do chaill i a creideamh.²⁴⁵ Tha e coltach gu bheil na h-

²³⁹ Sarah Jane Boss, 'The Development of the Virgin's Cult in the High Middle Ages', ann an Sarah Jane Boss (deas.), *Mary: The Complete Resource* (Oxford: Oxford University Press, 2007), 160.

²⁴⁰ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 119-20 agus Plate 13.

²⁴¹ Glenn, *Romanesque & Gothic*, 100-04.

²⁴² Madeleine Gray, *Images of Piety: The Iconography of Traditional Religion in Late Medieval Wales* (Oxford: Archaeopress, 2000), 6. Tha feadhainn den h-ìomhaighean de Chrìosd air a Cheusadh leis fhèin air leth ealanta mar a' chrois bho Chill Mhàrtainn, faic <http://canmore.rcahms.gov.uk/en/details/1174443/> (An t-Samhainn 2009).

²⁴³ Gray, *Images of Piety*, 7.

²⁴⁴ Gray, *Images of Piety*, 7.


²⁴⁵ Deasbad inntinneach aig Marx, 'The Middle English Verse', 138-57.

ìomhaighean Gàidhealach de Mhoire aig a' Cheusadh coltach ris na h-eisimpleirean Cuimreach. Ged a tha e doirbh gluasad-inntinn sam bith fhaicinn anns na h-aodainn agus iad cho caithte chan eil Moire 'leth-mharbh' le bròn mar a thuirt an *Dialogus*. Tha a' mhòr-chuid de na h-ìomhaighean a thèid a dheasbad gu h-ìosal den Cheusadh le Moire agus Eòin uile bho chroisean neo altairean is eile. Chan eil an ìomhaigh cho lìonmhor air leacan-uaighe.

Rinneadh Crois Alasdair Mhic a' Mhaolain (faic Dealbh 8 gu h-ìosal) à Cill Mhoire ann an Cnapadal a-Deas ro 1500. Chan eil a' chrois seo ag innse dhuinn gu bheil duine na laighe foidhpe, chan e 'hic iacet ...' ach 'hec est crvx alexandri macmvlén' a tha sgrìobhte.²⁴⁶ Mar sin, tha fhios gum faod sinn croisean mar seo fhaicinn mar thabhartasan-cràbhaidh bho uaislean do dh'eaglaisean ionadail. Le bhith cur ainm oirre dh'fhaodte gun robh Alasdair an dòchas gun cuimhnicheadh daoine air sna h-ùrnaighean aca. Ged a tha coltas truagh air Crìosd tha na figearan eile rudeigin sìmplidh air a' Chrois. Tha leabhar aig Moire na làimh agus a bharrachd air an rud air cùl a chinn tha leabhar ann an làimh Eòin.²⁴⁷


²⁴⁶ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 151-52 agus Plate 24. Sgeidsichean eile aig Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 153; White, *Archaeological Sketches in Scotland*, Leabhar II, Plate XVI.

²⁴⁷ Wilson Dobie Wilson, 'Description of an Ancient Cross at Kilmory in Argyleshire', *Archaeologia Scotica: Transactions of the Society of Antiquaries of Scotland* 4 (1857), Plate XXVII. Dealbhan eile Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, Plate 24; James S. Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 153; White, *Archaeological Sketches in Scotland*, Leabhar II, Plate XVI.



Dealbh 8 Crois Alasdair Mhic a' Mhaolain, Cille Mhoire, Cnapadal a-Deas (Sgeids le G. Giacoia).

Tha an Ceusadh seo car coltach ri dà eisimpleir eile. Tha na figearan a cheart cho sìmplidh air cas-chroise à Cille Mhoire, Dearbhaig, Eilean Mhuile (14mh-15mh linn) (faic Dealbh 9 gu h-ìosal).²⁴⁸



Dealbh 9 Crois à Cille Mhoire, Dearbhaig, Eilean Mhuile (Sgeids le G. Giacoia).

²⁴⁸RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar III, 144-45. Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 153. Chaidh an dà phios den chois-croise seo a dhìth ann an 1964 agus ged a fhuair e am pios as motha (am bonn?) ann an Cinn Tìre ann an 1974 cha d'fhuair e am pios as lugha (An Ceusadh?) air ais a-riamh.

'S e a' chrois eile a tha car coltach ris na dhà seo ach gu bheil Naomh Micheal os an cionn tè à Tìriodh: Crois Fhionghuin à Circeabol, ach a-nis aig Caisteal Inbhir Aora (14mh-15mh linn). Tha e doirbh a ràdh cò an dithis a tha air gach taobh Chrìosd, ge-tà. Tha e ag ràdh aig bonn na croise '*hec est crux fingonii abbatis et suorum filiorum fingoni et eage*'.²⁴⁹ Bha Fionghuin na aba air Eilean Idhe bho c.1357-c.1408. Faic Dealbh 10 gu h-ìosal.



Dealbh 10 Crois Fhionghuin à Circeabol. Tìriodh (Sgeids le G. Giacoia).

Tha dà chrois eile ann far a bheil an triùir (Crìosd, Moire agus Eòin) a' nochdadh am measg figearan eile. 'S e a' chiad tè Crois Cheann Loch Cille Chiarain (*Crux Domini yuari Mac beachryna*), a rinneadh ro 1382.²⁵⁰


²⁴⁹ Marion Campbell agus Mary L. S. Sandeman, 'Mid Argyll: A Field Survey of the Historic and Prehistoric Monuments', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 95 (1961-62), 77; RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar III, 156-57 agus Plate 29B; Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 153. Tha dealbh math air CANMORE. ('S e seo crois Fhionghuin an t-aba agus a mhic Fionghuin agus Aedh[a]')

²⁵⁰ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 159-60 agus Plate 11. RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar I, 103-05 agus Plate I. Sgeidsichean cuideachd aig White, *Archaeological Sketches of Scotland*, Leabhar I, Plate XI; Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 154. (Crois Sir Iomhair MhicEachtighearna)



Dealbh 11 Crois Cheann Loch Chille Chiarain (Sgeids le G. Giacoia).


'S e an dàrna eisimpleir Crois Thàmhais mhic Phàdraig, Cill Chomain Ìle (14mh neo 15mh linn)²⁵¹



Dealbh 12 Crois Chill Chomain, Ìle (Sgeids le G. Giacoia).

²⁵¹ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 124 agus Plate 12; RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 100; Robert C. Graham, *The Carved Stones of Ilay* (Glasgow: James Maclehose & Sons, 1895), Plate XIII; Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 154.

Tha an Ceusadh mar a tha e a' nochdadh air na croisean eile nas toinnte. Chan eil na figearan cho simplidh, tha Crìosd nas motha agus nas diblidh. Tha Moire agus Eòin nas lugha agus mar sin tha e fhathast doirbh a ràdh a bheil gnùis dhoilgheasach orra. 'S e sin an seòrsa Ceusaidh a th' air Crois Maighread à Rois (Bantighearna nan Eilean) ann an Eilean Mór, Cnapadal, ro 1402. Faic Dealbh 13 gu h-ìosal. Bha a' chrois seo na seasamh air an talamh as àirde den eilean.²⁵² Le bhith a' dìreadh suas thuice dhùisgeadh e cuimhne dhaoine air slighe Ìosa chun na Croiche air Golgotha/ Calbhairidh (Claigeann) mar a tha air aithris anns na Soisgeil, 'Agus lean cuideachd mhòr e de'n t-sluagh, agus de mhnathan, a bha mar an ceudna ri bròn, agus 'g a chaoineadh-san.' (Lucas 23:27), agus a-rithist ann an teacsaichean mar an *Dialogus* a chunnaic sinn gu h-àrd. Chan eil na Soisgeil ag innse gum b' e cnoc a bh' ann an Calbhairidh ach sin a bh' ann a rèir traidisean. Bha sin aithnichte do na bàird Ghaoidheilge agus anns an dàn 'Ar n-oide múinte mac Dé' cluinnidh sinn mu na daoine a bha cuide ri Ìosa aig Calbhairidh, 'Truag iad ad chaomhthach ar chnoc'.²⁵³ Tha an cnoc ga shealltainn ann an aon ìomhaigh à Eilean Idhe (faic Dealbh 16 gu h-ìosal).



Dealbh 13 Crois Maighread à Rois, Eilean Mòr, Cnapadal (Sgeids le G. Giacchia).

Tha an aon seòrsa ìomhaigh air Crois à Cill Chomain, Ìle (14mh neo 15mh linn).²⁵⁴ Faic Dealbh 14 gu h-ìosal.

²⁵² Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 148-150 agus Plate 15. RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar VII, 72-73. White, *Archaeological Sketches in Scotland*, Leabhar II, Plate XXXII.

²⁵³ Láimhbheartach Mac Cionnaith, *Dioghlum Dána* (Baile Átha Cliath: Oifig an tSoláthair, 1938), 13, rann 31; faic 'cnoc' ann an DIL. ('Brònach iadsan a bha còmhla riut air cnoc').

²⁵⁴ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 200-201; Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 153. Tha dealbh math air CANMORE.



Dealbh 14 Crois à Cill Chomain, Ìle (Sgeids le G. Giacoia).

Ged nach eil iad ann an-diugh tha amharas agam, ged nach eil mi cinnteach às, gum faodadh e bhith gun robh Moire agus Eòin a’ nochdadh air a’ chrois à Roghadal anns Na Hearadh (linn mì-chinnteach) ach gun deach an toirt aiste. Tha dà dhealbh pinn foillsichte a’ sealltainn tuill far am biodh dùil ri Moire agus Eòin.²⁵⁵ Faic Dealbh 15 gu h-ìosal.




Dealbh 15 Crois à Roghadal, Na Hearadh (Sgeids le G. Giacoia).

Tha an Ceusadh le Moire agus Eòin a’ nochdadh cuideachd air a’ phortico aig Abaid Idhe (15mh linn deug²). Thathar a’ smaoineachadh gur e Cnoc Chalbharaidh a tha a’ nochdadh ri taobh Chrìosd.²⁵⁶


²⁵⁵ Richardson, ‘The Campbell of Lerags Cross’, 153 agus RCAHMS, *Inventory of the Outer Hebrides, Skye and the Small Isles* (Edinburgh: H.M.S.O, 1928), 36.

²⁵⁶ Iomradh aig RCAHMS, *Argyll: An Inventory, Leabhar IV*, 101. Tha beagan air obair-shnaighte aig an Abaid aig Stiùbhart, *Rìoghachd nan Eilean*, 100-01.



Dealbh 16 Abaid Eilean Idhe (Sgeids le G. Giacoia).

Tha glè bheag de dh'ìomhaighean againn den Cheusadh bho uaighean. Tha tè à Roghadal (ceann-latha?) air leac-balla bho uaigh.²⁵⁷ Faic Dealbh 17 gu h-ìosal.



Dealbh 17 Ceusadh à Roghadal, Na Hearadh (Sgeids le G. Giacoia).

Tha an ìomhaigh air leac-uaigh eile: Leac-Uaigh à Cill Bhreanain, Cinn-Tìre (14mh-tràth 16mh).²⁵⁸ (Faic dealbh 3 gu h-àrd am measg ìomhaighean de phaidireanan). Tha ciste-uaighe à Kilmarie/ Cill Maol Rubha? (ri taobh Kirkton), Loch Creiginis (c.1500-60) a' sealltainn Ceusadh air aon cheann agus tha an *Inventory of Argyll* ag ràdh mun ìomhaigh:


The niches contain from left to right : (i) a man armed with a spear and a sword; (ii) a cloaked figure, perhaps the Virgin Mary; (iii) a crucifixion, with a broad rood having an extended base; (iv) a small cloaked figure, perhaps St. John.²⁵⁹

²⁵⁷ Iomradh aig RCAHMS, *Inventory of the Outer Hebrides*, 36. Tha dealbh aig Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 151.

²⁵⁸ Iomradh aig RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar I, 116; Dealbhan den leac air fad aig White, *Archaeological Sketches of Scotland*, Leabhar I, Plate LII; Dealbh den Cheusadh a-mhàin aig Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 160.

²⁵⁹ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar VII, 126 agus dealbh aig 125. Tha dealbh cuideachd aig Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 75.

Tha iad cho neo-àbhaisteach, gu h-àraid anns an aodach, agus mar sin tha teagamh ann an e Moire is Eòin a th' anna (Chan eil dealbh an seo). Tha ceist ann cuideachd mun ath ìomhaigh. 'S ann à Teacsa ann an Ìle (14mh-tràth 16mh) a tha i agus beachd ann gun robh na bloighean a tha air fhàgail bho altair neo ciste-uaighe.²⁶⁰ Faic Dealbh 18 gu h-ìosal.



Dealbh 18 Teacsa, Ìle (Sgeids le G. Giacoia).

Thuir an Inventory:

Although it has been assumed that the figures are those of the Virgin and St John attendant upon the Crucifixion, their poses are more appropriate to the Annunciation... the Annunciation would have been an appropriate subject in a chapel dedicated to the Virgin.²⁶¹

Ach anns an sgeids aig Richardson tha Crìosd ga shealltainn eatorra. Dh'fhaodadh e bhith gur e Teachdaireachd an Aingil a th' ann ach chan eil fhios agam am feum sinn gabhail ris a' bheachd sin air sgàth mar a tha làmhnan na dithis. Dh'fhaodamaid coimeas a dhèanamh eadar an ìomhaigh seo agus ìomhaighean ann an cloich à Èirinn far a bheil cruth Moire agus Eòin glè choltach ri seo. Mar eisimpleir faic an dà ìomhaigh bho chisteachan-cloiche à Caiseal, Tiobrad Áran a bhuineas don t-siathamh linn deug.²⁶² Tha dà ìomhaigh ann à Co. Cill Chainnigh cuideachd a tha coltach gu leòr ris a' bhloigh seo à Teacsa.²⁶³ Bhiodh e inntinneach mas e Teachdaireachd an Aingil a th' ann ge-tà oir chuireadh e ris na seòrsachan ìomhaighean a th' againn de Mhoire bhon Ghàidhealtachd.

²⁶⁰ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 261. Richardson, 'The Campbell of Lerags Cross', 161; Graham, *The Carved Stones of Islay*, Plate XXIX.

²⁶¹ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 261.

²⁶² John Hunt et al., *Irish Medieval Figure Sculpture 1200-1600: A Study of Irish Tombs with Notes on Costume and Armour*, 2 leabhar (Leabhar I Catalog agus Leabhar II Plates), (Dublin: Irish University Press, 1974), àireamh 229a anns a' Chatalog agus Plate 301 airson aon tè agus àireamh 228, Plate 287 airson na tè eile.

²⁶³ Hunt, *Irish Medieval Figure Sculpture*, àireamh 108d anns a' Chatalog agus Plate 307 airson aon tè agus 142f / Plate 286 airson na tè eile. Tha ìomhaigh eile ann à Baile Chill Chainnigh a tha coltach a-rithist ach gu bheil cleòc aig Eòin na làmhnan, Hunt, *Irish Medieval Figure Sculpture*, 158d anns a' Chatalog agus Plate 291.

2.4.2 A' Mhàthair agus an Leanabh/Naoidhean

Tha fada nas lugha ìomhaighean den Mhàthair agus an Leanabh againn bhon àm seo na chunnaic sinn den Cheusadh. Tha dà ìomhaigh air croisean, dà ìomhaigh air uaignean, agus dà ìomhaigh eile, aonan air amar-baistidh agus an tè eile bho phortico Abaid Idhe.²⁶⁴ Tha seòrsa de leantainneachd ri fhaicinn an seo bho nach robh a' Mhàthair agus an Leanabh cho cumanta sin anns na meadhan-aoisean tràtha an Alba a bharrachd.²⁶⁵ Ged a tha Averil Cameron a' cur nar cuimhne aithneachadh nach i Moire leatha fhèin a th' anns na h-ìomhaighean,²⁶⁶ tha i fhèin ag aideachadh gun do chuir na h-ìomhaighean sin ris a' mheudachadh ann an cudromachd Mhoire tràth sna meadhan-aoisean.²⁶⁷ Tha sgoilearan cuideachd air toirt an aire gun tàinig atharrachadh air ìomhaighean den Mhàthair agus an Leanabh. Anns na meadhan-aoisean tràtha bhiodh an ìomhaigh uasal agus rud beag fad-às ach, 'A more empathetic, smiling image of mother and child replaced the stiff and remote hierarchism of the Romanesque *sedes sapientiae*'.²⁶⁸ Tha e doirbh sin a ràdh le cinnt sam bith mu na h-ìomhaighean bhon Ghàidhealtachd ge-tà, bhon a tha na h-aodainn cho caithte.

'S e a' chiad ìomhaigh bho chrois, an tè bho Chrois Eòghainn mhic Shomairle MacDùghall, aig Priòireachd Àird Chatain (c.1500).²⁶⁹ Faic Dealbh 19 gu h-ìosal. Tha a' Mhàthair agus an Leanabh aig teis-meadhan ceann na croise agus Ìosa air a Cheusadh air an taobh eile. Os cionn Moire air a crùnadh tha na facail 'maria gracia ple[na]'.²⁷⁰

²⁶⁴ Tha seòrsa de dh'amharas agam gun robh leac leis a' Mhàthair agus an Leanabh aig Cill 'A Rubha ann an Ìle cuideachd. A bheil peantadh bho 1772 a' sealltainn daoine a' coimhead air leac a tha gan riochdachadh? Faic RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar V, 182.

²⁶⁵ Thathar a' dèanamh sgaradh eadar ìomhaighean den Mhàthair agus an Leanabh leotha fhèin, agus ìomhaighean den dithis mar phàirt de Adhradh nan Trì Rìghrean. Hawkes, 'Iconic Images', 107-08; Dorothy Kelly, 'The Virgin and Child in Irish Sculpture', ann an Cormac Bourke (deas.), *From the Isles of the North: Early Medieval Art in Ireland and Britain* (Belfast: HMSO, 1995), 197-204; Ross Trench-Jellicoe, 'A Missing Figure on Slab Fragment no 2 from Monifieth, Angus, the a'Chill Cross, Canna, and Some Implications of the Development of a Variant Form of the Virgin's Hairstyle and Dress in Early Medieval Scotland', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 129 (1999), 597-647.

²⁶⁶ Averil Cameron, 'The Cult of the Virgin in Late Antiquity: Religious Development and Myth-Making', ann an R. Swanson (deas.), *The Church and Mary* (Woodbridge, Suffolk: Boydell Press, 2004), 18.

²⁶⁷ Averil Cameron 'The Early Cult of the Virgin', ann am Maria Vassilaki (deas.), *Mother of God: Representations of the Virgin in Byzantine Art* (Milan: Skira Editore, 2000), 13.

²⁶⁸ Marks, *Image and Devotion*, 55.

²⁶⁹ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 134-5 agus dealbh-pinn air duilleag 73; RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar II, 111-12.

²⁷⁰ Bha Moire air a crùnadh a' samhlachadh *Regina Coeli* (Banrigh Nèamh) agus tha John Bradley a' cur air adhart gun do dh'fhàs ìomhaighean de Mhoire air a crùnadh lìonmhor ann an Èirinn anns a' 15mh agus 16mh linn, faic John Bradley, 'The Ballyhale Madonna and Its Iconography', ann an Etienne Rynne (deas.), *Figures from the Past: Studies on Figurative Art in Christian Ireland In Honour of Helen M. Roe* (Dun Laoghaire: The Glendale Press, 1987), 264-65.



Dealbh 19 Àird Chatain (Sgeids le G. Giacoia).

Tha an dàrna tè bho chrois à Peighinn a' Ghobhainn, Muile, (c.1500-c.1560).²⁷¹ Bha sgrìobhadh fodhpa ach cha tèid sin a leughadh an-diugh. Faic Dealbh 20.



Dealbh 20 Peighinn a' Ghobhainn, Muile (Sgeids le G. Giacoia).

²⁷¹ RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar III, 160. Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 103 agus Plate 36C.

'Tha a' Mhàthair agus an Leanabh a' nochdadh am measg tòrr eile air uaigh Alasdair Chrotaich (c.1528) MhicLeòid aig Eaglais Naomh Chliamhainn aig Roghadal anns Na Hearadh.²⁷² Tha rudeigin ann an làimh an Leanaibh, agus ann an làimh Moire, slat rìoghail neo lildh?²⁷³ Faic Dealbh 21.



Dealbh 21 Alasdair Crotach, Roghadal (Sgeids le G. Giacoia).

Dh'fhaodte gun robh an Leanabh a' cur a làimh air com na h-Òighe air leac-uaigh Anna NicIllEathain, Ban-Phrìòireach Eilean Idhe (c.1543), aithnichte dhuinn bhon sgeidse aig Thomas Pennant a rinn e anns an ochdamh linn deug. Ach dh'fhaodadh e bhith gu bheil an Leanabh a' dèanamh beannachadh neo a bheil an dìthis a' sealltainn na slighe? Chan eil ìomhaigh na h-Òighe bhon leac air maireachdainn.²⁷⁴ Tha Pennant a' dèanamh luaidh air Clann an Òstair agus traidisean gum b' e Anna an tè mu dheireadh den t-sliochd.²⁷⁵ Bha an ìomhaigh de Mhoire agus Ìosa mar sgàthan de dh'ìomhaigh Anna fhèin.²⁷⁶ Tha dà aingeal a' cumail greim air clusaig a th' air cùl a cinn agus chithear cìr agus sgàthan os cionn Anna. Bha an sgàthan a' samhhlachadh Moire, agus an *speculum sine macula* (Wisdom 7: 26) ga ro-shamhlachadh.²⁷⁷ Tha guidhe anns an sgrìobhadh air an leac a tha

²⁷² Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 97-8 agus Plates 31 agus 32; RCAHMS, *Inventory of the Outer Hebrides*, 32-37.

²⁷³ Mas e slat rìoghail, le cruinne air a ceann a th' ann bhiodh sin a' samhhlachadh uachdaranachd Moire is Chrìosd air an t-saoghal; tha lildh a' samhhlachadh glaineachd. Airson eisimpleirean Èireannach faic Bradley, 'The Ballyhale Madonna', 265.


²⁷⁴ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 118-19 agus Plate 27.

²⁷⁵ Thomas Pennant, *A Tour in Scotland, and Voyage to the Hebrides 1772*, 2 leabhar, (Chester: John Monk, 1774), Leabhar I, 290.

²⁷⁶ Airson tuilleadh air ciall na h-ìomhaigh seo faic Kimm Perkins-Curran, "'Quhat Say Ye Now, My Lady Prioress? How Have Ye Usit Your Office, Can Ye Ges'": Politics, Power and Realities of the Office of a Prioress in her Community in Late Medieval Scotland', ann an Janet Burton & Karen Stöber (deas.), *Monasteries and Society in the British Isles in the Later Middle Ages* (Woodbridge: Boydell & Brewer, 2007), 136-39.

²⁷⁷ Rubymaya Jaek-Woodgate, 'Jacopo da Varagine's Virgin Mary as the "Mirror Without Blemish"', *Australian eJournal of Theology* 10 (2007), aig www.acu.edu.au/acu_national/schools/theology/ejournal/ (An t-Samhainn 2009).

ag ràdh *Santa Maria ora pro me*. Bheir sinn sùil mhionaideach air àite na h-Òighe ann an sàbhaladh mhic an duine nuair a thig sinn chun na bàrdachd agus bu chòir dhuinn an ìomhaigh seo a mheas mar phàirt den aon diadhachd. Le bhith a’ cur Moire agus an Leanabh air leac-uaigh bhathar ag aithneachadh, ‘Mary’s role in mitigating the severity of the Last Judgment. While she nurses Christ in her arms he is less likely to exercise the full severity of his role as judge’.²⁷⁸ Ach bho na tha air maireachdainn chan eil an ìomhaigh cumanta air uaighean air a’ Ghàidhealtachd.²⁷⁹



Dealbh 22 Anna Ban-Phrìoireach Idhe (An Sgeids bho Phennant, 1772).²⁸⁰

²⁷⁸ Madeleine Gray agus Salvador Ryan, ‘Mother of Mercy: The Virgin Mary and the Last Judgment in Welsh and Irish Tradition’, ann an Karen Jankulak agus Jonathan M. Wooding (deas.), *Ireland and Wales in the Middle Ages* (Dublin: Four Courts Press, 2007), 251.

²⁷⁹ Bha a’ ghrian agus a’ ghealach a’ samhachadh gur e Moire banrigh Nèamh airson Pennant, *A Tour in Scotland*, Leabhar I, 282. Tha seo cuideachd a’ cur nam chuimhne gu bheil a’ tuigsinn Moire anns an iomradh seo bho Leabhar an Taisbeanaidh, ‘Agus chunnacas iongantas mòr air nèamh, bean air a sgeadachadh leis a’ ghrèin, agus a’ ghealach fo a casan, agus air a ceann crùn de dhà reult dheug’. Faic Warner, *Alone of All Her Sex*, 93.

²⁸⁰ Pennant, *A Tour in Scotland*, Leabhar I, an dealbh air Plate XXIV.

Tha iad air amar-baistidh Bhorlinn, Loch Aoineart, An t-Eilean Sgitheanach (16mh linn). Faic Dealbh 23. Tha an t-amar a' buntainn ri Cille Maolrubha agus a' sealltainn Crìosd air a Cheusadh, Eòin Baiste agus easbaig a bharrachd air a' Mhàthair agus an Leanabh.²⁸¹ Tha e doirbh fhaicinn a bheil làmh Chrìosd ann an làmh Moire neo air a com?




Dealbh 23 Borlinn (Sgeids le G. Giacoia).

Tha iad a-rithist mar phàirt de phortico Abaid Idhe (Dealbh 24), a chunnaic sinn gu h-àrd. Tha aingeal air gach taobh Moire agus an Leanabh, fear le cruit agus am fear eile le rolla a bha os an cionn mar bhogha.²⁸² Tha an ìomhaigh seo nas coltaiche ri rudeigin bho làmh-sgrìobhainn, agus anns an làmh-sgrìobhainn dh'fhaodte gun robh sgrìobhadh air a' bhogha.


²⁸¹ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Sculpture*, 99-100 agus ged a tha dealbhan air Plate 30 chan eil Moire nam measg. Faic cuideachd RCAHMS, *Inventory of the Outer Hebrides*, 138-39. Tha dealbh air www.scran.ac.uk. Dealbh-pinn agus iomradh air eachdraidh aig J. Russell Walker, 'Scottish Baptismal Fonts', *Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland* 21 (1886-87), 412-18. Bha an amar-baistidh ann an Uibhist mus do chuir Alasdair MacGilleMhìcheil e dhan Taigh-Tasgaidh Nàiseanta; Hugh Cheape, "Every Treasure You Chanced On': Alexander Carmichael and Material Culture", ann an Domhnall Uilleam Stiùbhart (deas.), *The Life and Legacy of Alexander Carmichael* (Port of Ness: The Islands Book Trust, 2008), 129.

²⁸² RCAHMS, *Argyll: An Inventory*, Leabhar IV, 101; Dealbh-pinn aig Pennant, *A Tour in Scotland*, Leabhar I, Plate XXIV.



Dealbh 24 Portico Abaid Idhe (Sgeids le G. Giacoia).

Mar sin, dè tha an obair-shnaughte seo uile ag innse dhuinn? 'S dòcha nach eil e sàbhailte feuchainn ri pàtran aithneachadh agus an fhianais cho gann. Ach faodaidh sinn a ràdh gu bheil ìomhaighean de Mhoire còmhla ri Eòin aig a' Cheusadh nas lìonmhoire na ìomhaighean den Mhàthair agus an Leanabh. A bharrachd air sin ma chuireas sinn suidheachadh nan ìomhaighean air a' mhapa thèid againn air dà phàtran fhaicinn. (Faic Mapa 3 gu h-ìosal) Ma dh'fhàgas sinn Roghadal às tha na h-ìomhaighean den Cheusadh nas bitheanta mu dheas : Ìle, Cinn-Tìre, Eilean Idhe, Muile (deas air an loidhne thiugh air a' mhapa). Ach tha a' Mhàthair agus an Leanabh beagan nas fhaide tuath: Àird Chatain, Muile, An t-Eilean Sgitheanach (tuath air an loidhne bhrìste air a' mhapa). Cuideachd, dh'fhaodamaid sgaradh a dhèanamh a rèir ceann-latha. Tha a' chuid as motha de dh'ìomhaighean a' Cheusaidh le Moire agus Eòin bhon cheathramh agus còigeamh linn deug. Ach tha a' Mhàthair agus an Leanabh nas anmoiche, a' mhòr-chuid bhon t-siathamh linn deug. Mar a luaidh sinn chan eil *Pietà* againn agus chan eil a' Mhàthair mar neach-tagraidh cumanta air uaighean. Anns an ath chaibideil agus ann an Caibideilean 4-8 bidh cothrom againn tighinn gu co-dhùnadh a bheil a' bhàrdachd agus an fhianais anns a' chaibideil seo a' tighinn a rèir a chèile.



Mapa 3 Ìomhaighean de Mhoire agus Paidirean air obair-shnaighte

2.5 Co-dhùnadh

Tha sinn air coimhead air diofar thobraichean airson cràbhachd do Mhoire anns na meadhan-aoisean anmoch agus 's iad na h-ìomhaighean snaighte as torraiche mar fhianais. Thuirtear Martin MacGregor, air an eaglais agus cultar na Gàidhealtachd anns na meadhan-aoisean anmoch, 'For lay devotion at the aristocratic level, monumental sculpture can be supplemented by classical poetry as a source from which precious insights can be gleaned.' Anns a' chòrr den tràchdas seo 's ann air bàrdachd a bhios ar n-aire.²⁸³ Bheirear sùil anns an ath chaibideil air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad ann an Leabhar an Deadhain mus coimhead sinn air na tha ann do Mhoire.

²⁸³ Martin MacGregor, 'Church and Culture in the Late Medieval Highlands', ann an J. Kirk (deas.), *The Church in the Highlands* (Edinburgh: Scottish Church History Society, 1998), 3-4.

Caibideil 3: Bàrdachd Chràbhaidh Leabhar an Deadhain

Nì an caibideil seo sgrùdadh air modhannan na bàrdachd chlasaigich chràbhaidh. Cuirear a’ phrosraig an uair sin air a’ bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain fhèin feuch a bheil na h-aon mhodhannan rim faighinn innte. Thèid sgrùdadh beagan nas mionaidiche a dhèanamh air aon dàn a th’ anns an Leabhar do Naomh Catriona à Alexandria. Bidh e feumail coimhead air dàn do bhan-naomh eile mus tèid coimhead air bàrdachd do Mhoire. Aig cridhe an tràchdais seo tha sgrùdadh air còig dàn do Mhoire ach mus tig sinn thuca sin chì sinn aig deireadh a’ chaibideil seo gu bheil Moire a’ nochdadh gu tric anns na dàn eile san Leabhar, an dà chuid dàn a tha cràbhaidh agus feadhainn nach eil.

3.1 Bàrdachd chràbhaidh chlasaigeach

Feumaidh sinn coimhead air beachdan sgoilearach air bàrdachd chràbhaidh ma bhios sinn a’ feuchainn ri measadh a dhèanamh a bheil bàrdachd Leabhar an Deadhain a’ gabhail ri modhannan na bàrdachd sin. Tha e coltach gu bheil mu 20% den bhàrdachd chlasaigich air fad a-mach air cuspairean diadhaidh.²⁸⁴ Bhon a tha e soilleir gum b’ e bàrdachd mholaidh a bha mar bheòshlaint do na bàird, tha cuid air faighneachd carson idir a rinn iad uiread de dhàin chràbhaidh. Tha Uilleam MacGill’Ìosa a’ cur air shùilean dhuinn gum bi am facal ‘deachmhadh’ tric a’ nochdadh sa bhàrdachd is mar sin, am faodadh e bhith gun robh e mar fhiachaibh air na bàird dàn a dhèanamh mar an deicheamh pàirt den teachd a-steach aca?²⁸⁵ Tha Marc Caball a’ faicinn trì adhbharan a rachadh dàn cràbhaidh fa leth a dhèanamh. ’S e a’ chiad adhbhar creideamh pearsanta a’ bhàird fhèin, an dàrna adhbhar iarrrtas bho neach-taig agus mu dheireadh:

It is possible that ecclesiastical patrons may have engaged poets to compose works to celebrate specific religious events or personages in much the same way as Gaelic lords employed the poets to legitimate their status.²⁸⁶

²⁸⁴ Katharine Simms, ‘Bardic Poetry as a Historical Source’, ann an Tom Dunne (deas.), *The Writer as Witness: literature as historical evidence* (Cork: Cork University Press, 1987), 71.

²⁸⁵ W. Gillies, ‘Gaelic: The Classical Tradition’, ann an Cairns Craig (deas.), *The History of Scottish Literature*, 4 leabhraichean (Aberdeen: Aberdeen University Press, 1987-89), Leabhar I (Origins to 1660), 256.

²⁸⁶ Marc Caball agus Kaarina Hollo, ‘The Literature of Later Medieval Ireland, 1200-1600: from the Normans to the Tudors’ ann am Margaret Kelleher agus Philip O’Leary (deas.), *The Cambridge History of Irish Literature*, 2 leabhar (Cambridge: Cambridge University Press, 2006), Leabhar I, 90.

Ach thuirt MacGill'Ìosa cuideachd, 'A doubt remains as to how and why this genre actually became associated with the Classical *filidh*.²⁸⁷ Tha sgoilearan Èireannach air coimhead air an dàimh eadar na bàird agus an eaglais ann an Èirinn ron 12mh agus a' bhuaidh a bh' aig na Normanaich agus atharrachadh na h-eaglaise an Èirinn air a' bhàrdachd is na bàird.²⁸⁸ Tha Katharine Simms a' dol le MacGill'Ìosa ann a bhith ga mheas rudeigin annasach gun do chùim na bàird orra a' cruthachadh bàrdachd chràbhaidh an dèidh do sgaradh tighinn eadar na bàird agus na manachainnean ùra, thuirt i, 'Chomh fada agus is eol dúinn na hùdair, níor chléirigh iad ach filí gairmiúla saolta de ghnáth; ní heol go cruinn cad a spreag iad.²⁸⁹ An e an dàimh eachdraidheil eadar an eaglais agus na bàird a thug orra bàrdachd chràbhaidh a dhèanamh, neo am bu chòir dhuinn a bhith tuigsinn gun robh spioradalachd làidir aca a dh'aindeoin is nach robh iad a' faighinn cùl-taic bho na manachainnean ùra?

Tha Caball a' cur air adhart gum faodadh e bhith gun do lìon na bàird beàrn nuair a bha smachd aig na Normanaich air an eaglais an Èirinn. Thuirt e, 'Gaelic lords may well have turned to the praise poets to articulate a demotic religious expression in much the same way as they required them to articulate the ideology of lordship.'²⁹⁰ Chan eil rùm anns an tràchdas seo a' cheist seo fhuasgladh mu carson idir a rinn iad bàrdachd chràbhaidh ach 's e am beachd seo, gu bheil 'a demotic religious expression' ri fhaicinn anns na dàin chràbhaidh, a bhios sinn a' rannsachadh anns a' chaibideil seo agus anns a' chòrr den tràchdas. B' e Láimhbheartach Mac Cionnaith (Lambert McKenna) a bha na shagart Ìosaideach a dheasaich a' mhòrchuid de na dàin chràbhaidh agus bha beachd rudeigin suarach aige air na dàin. Thuirt e, 'This poetry... differs very strikingly from any form of religious poetry composed at any time in any other land'.²⁹¹ Saoilidh mi gun robh trì prìomh ghearanan aige: (1) Cuspairean nan Dàn; (2) Diadhachd nan Dàn, neo an dòigh-dèiligidh chràbhach; (3) Sgeulachdan cumanta gan innse mì-cheart. Gabhaidh sinn beachd air na gearanan sin agus cuiridh sinn riutha ceist eile, 's e sin a bheil iad a' toirt dhuinn fianais airson 'demotic religious expression', mar a thuirt Caball, neo dè cho Gaoidhealach is a tha iad?

²⁸⁷ Gillies, 'Gaelic: The Classical Tradition', 256.

²⁸⁸ Katharine Simms, 'An Eaglais agus Filí na Scol', ann am Pádraig Ó Fiannachta (deas.), *An Dán Díreach* (Léachtaí Cholm Cille XXIV) (Maigh Nuad: An Sagart, 1994), 21-36; Proinsias Mac Cana, 'The Rise of the Later Schools of Filidheacht', *Ériu* 25 (1974), 126-46.

²⁸⁹ Simms, 'An Eaglais agus Filí na Scol', 29 ('Cho fad 's as aithne dhuinn cha b' e clèirich ach bàird phroifeasanta a bh' anns na h-ùghdarran; chan eil fios gu dìreach dè thug orra an dèanamh').

²⁹⁰ Caball agus Hollo, 'The Literature of Later Medieval Ireland', 90.

²⁹¹ L. M'Kenna (deas), *Dán Dé: The Poems of Donnchadh Mór Ó Dálaigh, and the Religious Poems in the Duanaire of the Yellow Book of Lecan* (Dublin: Educational Company of Ireland, 1922), x.

3.1.1 *Amas agus Cuspairean nan Dàn*

Thuir MacCionnaith gum faod sinn na dàn a roinn eadar ceithir neo còig seòrsachan, ‘the prayer; the eulogy of God or some saint; the uirsgéal, or story illustrative of some moral lesson; the confession of sins.’²⁹² Faodaidh aon dàn measgachadh de na tha seo uile a thoirt dhuinn ge-tà. Ach a dh’aindeoin sin ’s dòcha gum bu chòir dhuinn tuilleadh feart a thoirt air seòrsachan MhicCionnaith; cha deach sin a dhèanamh gu ìre mhòr sam bith. Rinn Meg Bateman tràchdas PhD air cuspairean nan dàn agus rinn i iomradh air cruinneachadh de dhàn a tha uile gu math coltach ri chèile:

What makes so many of the poems so similar is the unifying purpose of the poets in producing them. As secular eulogists, their purpose was the same: theirs is a poetry of persuasion. The poets try to persuade the Godhead to be clement at Judgement and not to claim full satisfaction from mankind for His sufferings. He is reminded not to waste the sacrifice of the Passion by refusing to forgive us, and He is reminded of Mary’s sufferings on His behalf that constitute a debt that He owes to mankind for Mary is our kinswoman. The poets try to persuade the saints to defend them at judgement in return for praising them, pointing out that the saint’s glory will be enhanced by a large entourage. Their sufferings and martyrdoms, like Christ’s, could be wasted if they fail to win us an acquittal. Man is persuaded of the necessity to repent, for life is short and death comes unexpectedly. Our affection for the world is based on lies for nothing here will last. Descriptions of the bliss of Heaven and the horrors of Hell are further used to coax us into reform.²⁹³

Mar sin ’s e an seòrsa de dhàn molaidh as bitheanta: thuir MacGill’Ìosa, ‘a slightly odd reflex of ordinary court poetry, with God as patron and the poet as a would-be Christian penitent, courting His favours.’²⁹⁴ Ri linn seo tha Bateman ag innse gu bheil cuspairean nan dàn rudeigin gann, ‘introduced only to serve as supporting evidence for the poet’s theme, not as being of interest in its own right.’²⁹⁵ Ach a bheil iad uile mar sin?

Tha e coltach gur iad Fulangas Chrìosd agus Breitheanas a dhà de na cuspairean as cumanta.²⁹⁶ Thugadh an aire cuideachd gum b’ fheàrr leis na bàird fiosrachadh apocraphach air breith, bàs agus aiseirigh Chrìosd agus gu bheil beatha phoblach,

²⁹² M’Kenna, *Dán Dé*, x.

²⁹³ Vivienne Margaret Bateman, ‘The Themes and Images of Classical Gaelic Religious Poetry’, tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Aberdeen (1990), 3. Dh’fhaodte coimeas a dhèanamh le bàrdachd Chuimreach, faic Catherine McKenna, *The Medieval Welsh Religious Lyric: Poems of the Gogynfeirdd, 1137-1282* (Belmont, MASS.: Ford & Bailie, 1991), 27-30.

²⁹⁴ Gillies, ‘Gaelic: The Classical Tradition’, 256. Tha Clancy agus Márkus a’ sealltainn gu bheil eachdraidh aig bàrdachd mar seo ge-tà. Tha iad ag ràdh gu bheil a’ bhàrdachd aig Beccán mac Luigdech (c.650) do Chalum Chille a’ cleachdadh nòsan bàrdachd mholaidh, faic *Iona*, 152.

²⁹⁵ Bateman, ‘The Themes and Images’, 3.

²⁹⁶ Gillies, ‘Gaelic: The Classical Tradition’, 256.

mìorbhailean, paraban agus teagasg Chrìosd a dh'easbaidh anns a' bhàrdachd.²⁹⁷

Mheòraich MacGill'Ìosa air carson a bhiodh seo fìor agus thuirt e:

The answer might be that they were too much a matter of common knowledge. At any rate an explanation in terms of elitism or intellectual snobbery would tie in well enough with what we know of the psychology and pretensions of the classical *filii* in general.²⁹⁸

Agus tha Martin McNamara den bheachd gur dòcha gun do nochd sgeulachdan apocraphach na bu thrice na am Bioball fhèin bhon a bha iad rim faighinn sa Ghaoidheilg seach Laideann agus thuirt e, 'it may be that the vivid accounts of the Apocrypha appealed to the Irish imagination much more than the Bible'.²⁹⁹ Ach chan eil an aon ùidh ann am mion-fhiosrachadh a' chreidimh a' nochdadh anns a' bhàrdachd 's a bha cho làidir ann an litreachas Èireannach nas tràithe, mar a chithear ann an Saltair na Rann, An Teanga Bith-Nua agus teacsaichean eile.³⁰⁰ 'S dòcha nach e cuspairean nan dàn a tha gan dèanamh cho eadar-dhealaichte bho bhàrdachd chràbhaidh bho thraidiseanan eile ach dh'fhaodte gu bheil amas nan dàn eadar-dhealaichte agus buaidh aig sin air na cuspairean fhèin. Tha deagh chuid de na dàn coltach ri ùrnaigh choitcheann, tha dreach poblach orra, eu-coltach ri bàrdachd chràbhaidh na Beurla a rèir Bateman.³⁰¹ Thèid togail air amas agus cleachdadh nan dàn a-rithist anns an sgrùdadh air gach dàn fa leth.

3.1.2 Diadhachd nan Dàn

'S e prìomh ghearan MhicCionnaith nach robh diadhachd nan dàn ceart, gu sònraichte a' chiall a bh' aig Fulangas Chrìosd do na bàird. Thuirt e:

The far-fetched analogies, the unnatural and often untheological conceits, and the unfamiliar points of view adopted by the Bards make their verses on the Passion very difficult to understand, and destroy almost completely the devotional effect of the poems.³⁰²

²⁹⁷ M'Kenna, *Dán Dé*, x; William Gillies, 'The Classical Irish Poetic Tradition', ann an D. Ellis Evans, John G. Griffith & E. M. Jope (deas.), *Proceedings of the Seventh International Congress of Celtic Studies* (Oxford: D. E. Evans, 1986), 112.

²⁹⁸ Gillies, 'The Classical Irish Poetic Tradition', 112.

²⁹⁹ Martin McNamara, 'The Bible in Irish Spirituality', ann am Michael Maher (deas.), *Irish Spirituality* (Dublin: Veritas, 1981), 45. Luaidh air briathran McNamara aig Marc Caball, 'Religion, Culture and The Bardic Elite in Early Modern Ireland,' ann an Alan Ford agus John McCafferty (deas.), *The Origins of Sectarianism in Early Modern Ireland* (Cambridge: Cambridge University Press, 2005), 166 nota 30.

³⁰⁰ Bateman, 'The Themes and Images', 3.

³⁰¹ Bateman, 'The Themes and Images', 1. Airson 'collective I' anns na Sailm agus sa bhàrdachd chràbhaidh sa Bheurla, Douglas Gray, *Themes and Images in the Medieval English Religious Lyric* (London: Routledge & Kegan Paul, 1972), 10.

³⁰² Lambert McKenna (deas.), *Philip Bocht O Huiginn* (Dublin: The Talbot Press, 1931), xviii.

Tha MacCionnaith mì-chofhurtail mun dòigh a bhios an t-àite aig bàs Chrìosd nar sàbhaladh anns a' bhàrdachd uaireannan air a chleith neo gu tur eadar-dhealaichte.³⁰³ Faodaidh sinn aideachadh nach bu chòir dhuinn a bhith sùileachadh ri diadhachd dhomhainn bho na bàird air sàillibh is nach robh iad uile nan sagairtean, mar a rinn Caball agus MacCionnaith fhèin roimhe.³⁰⁴ Ach 's e a' cheist ge-tà cò ris am bi sinn a' samhlachadh na bàrdachd gus breithneachadh a dhèanamh air an diadhachd a gheibhear innte. Tha fhios nach bu chòir coimeas a dhèanamh eadar a' bhàrdachd seo bho fhilidhean proifeiseanta agus bàrdachd bho mhanaich agus bho dhiadhairean ainmeil nam meadhan-aoisean, mar a tha MacCionnaith a' dèanamh gu ìre.³⁰⁵ Feumar coimhead ri litreachas a tha coltach ris a' bhàrdachd seo, litreachas poblach. Chan eil rùm anns an tràchdas seo airson sgrùdadh ceart air ciall an Fhulangais do na bàird ann an sgeama an t-sàbhalaiddh. Agus chan eil rùm ann a bharrachd coimeas a dhèanamh eadar sin agus litreachas coltach ann an cànan eile. Ach is d'fhiach a ràdh nach iad bàird Ghaoidheilge a-mhàin a rinn litreachas cràbhaidh le diadhachd sàbhalaiddh neo-àbhaisteach.³⁰⁶ Mar eisimpleir, tha C. W. Marx air sealltainn mar a bha diadhachd stèidhichte air còraichean an Diabhail fhathast ri fhaighinn ann an teacsaichean a bha gan leughadh suas gu na meadhan-aoisean anmoch. Seo a dh'aindeoin gun do sgrìobh Anselm an aghaidh chòraichean an Diabhail leis an diadhachd as aithne dhuinn an-diugh:

The redemption could then be understood not as a cosmic struggle between God and the Devil, but as a drama with more of a human dimension in which Christ as man and God was the sacrifice for humanity's debt to God.³⁰⁷

Tha Marx cuideachd ag ràdh gum bu chòir dhuinn a bhith ag aithneachadh, 'the essentially eclectic nature of most medieval popular religious texts, both Latin and vernacular, and indeed of most medieval theological writing on the redemption'.³⁰⁸ Mar sin, feumaidh sinn a bhith sùileachadh gun toireadh an diadhachd as ùire buaidh air cuid de na bàird ach nach toireadh air feadhainn eile.

Thug Salvador Ryan sùil air a' chuspair sin agus sgrìobh e mun bhàrdachd chlasaigich chràbhaidh mar 'sighted source'. Tha e a' cur air adhart gun gabhadh ceann-latha na bàrdachd a dhearbhadh, agus barrachd ionnsachadh, le bhith coimhead air

³⁰³ McKenna, *Philip Bocht*, xviii-xix;

³⁰⁴ Caball, 'Religion, Culture and The Bardic Elite', 160; McKenna, *Dán Dé*, x-xi.

³⁰⁵ McKenna, *Philip Bocht*, xviii.

³⁰⁶ Faic McKenna, *The Medieval Welsh Religious Lyric*, 89-91 mar eisimpleir.

³⁰⁷ C.W. Marx, *The Devil's Rights and the Redemption in the Literature of Medieval England* (Cambridge: D. S. Brewer, 1995), 1.

³⁰⁸ Marx, *The Devil's Rights*, 125.

cràbhachd Eòrpach an ama is mar a thathar a' dèiligeadh rithe ann an Gaoidheilg, agus seo ao-coltach ri bàrdachd shaoghalta,

In the realm of bardic religious poetry, it is often possible to distinguish between a poem composed in the thirteenth century and another in the sixteenth century.³⁰⁹

'S ann air an dòigh a bhathar a' dèiligeadh ri Fulangas Chrìosd a bha beachdan Ryan stèidhichte. Sheall e dhuinn mar a tha Fulangas Chrìosd nas mionaidiche agus aig amannan nas oillteil anns a' bhàrdachd mar a tha na linntean a' dol seachad, dìreach mar a tha air feadh na h-Eòrpa. Ach feumaidh sinn measadh a dhèanamh air gach dàn fa leth. B' fhiach e cuimhneachadh air rabhaidhean Mharx mun nàdar 'eclectic' aig litreachas diadhaidh. Dh'fhaodadh e bhith gu bheil diadhachd ann an cuid den bhàrdachd nach eil buileach ceart ach mar a chunnaic sinn an seo, agus mar a chì sinn anns a' chòrr den tràchdas seo, chan ann mu bhàrdachd Gaoidheilge a-mhàin a tha sin fìor.

Is fheàrrde sinn a bhith ag aithneachadh, mar a rinn MacGill'Ìosa, gum faod na dàin seo a bhith luachmhor:

The theatrical tone of bardic verse is well suited to ecstatic exclamation, and its method of envisioning a conventional scene by means of rapid 'close-ups' – e.g. the lattice of coagulating rivulets of blood caused by the crown of thorns – gives it a claim to be considered seriously as meditational poetry.³¹⁰

Tha cuid a' toirt seo nas fhaide agus a' cumail a-mach gu bheil barrachd, 'genuine feeling' anns a' bhàrdachd chràbhaidh na anns na dàin-mholaidh.³¹¹ Mus gluais sinn air adhart gus coimhead air sgeulachdan gan innse mì-cheart anns a' bhàrdachd feumar an aire a thoirt do na thuirt sgoilearan mu dhiadhachd na h-Òighe anns a' bhàrdachd. Bidh sinn a' sgrùdadh a' chuspair seo nuair a bheir sinn sùil air na dàin mu Mhoire ann an Leabhar an Deadhain. Ach is d' fhiach a ràdh gum faighear seòrsa de dh'eas-aonta. Thuirt aon sgoilear a sgrìobh air Moire ann an spioradalachd Èireannach na leanas, 'We know that there have been aberrations in regard to devotion to Mary, but I must say, that in our tradition, I have not come across anything like Mariolatry.'³¹² Ach a dh'aindeoin sin b' e 'an extravaganza of Marianism' a sgrìobh MacIlleDhuibh mu dhàn

³⁰⁹ Salvador Ryan, 'A Slighted Source: Rehabilitating Irish Bardic Religious Poetry in Historical Discourse', *Cambrian Medieval Celtic Studies* 48 (Winter 2004), 79.

³¹⁰ Gillies, 'Gaelic: The Classical Tradition', 256.

³¹¹ Ó Laoghaire, 'Mary in Irish Spirituality', 52. Tha Ó Laoghaire a' toirt seachad beagan eisimpleirean bho Aonghus Fionn is an leithid sin.

³¹² Ó Laoghaire, 'Mary in Irish Spirituality', 47.

ann an Leabhar an Deadhain, air am bi sinn a' toirt sùil anns an tràchdas seo.³¹³ Mar sin, tha cothrom againn an seo faighneachd a bheil fianais anns a' bhàrdachd airson adhradh (*latría*) do Mhoire (a bhiodh thar na còrach) neo fianais airson urram (*doulia/hyperdoulia*³¹⁴) dhi (a bhiodh ceart a rèir na diadhachd). Tha cothrom againn cuideachd na dàin a chur nan co-theacs Eòrpach.

3.1.3 Sgeulachdan Mì-cheart

B' e gearan eile a bh' aig MacCionnaith gun robh fiù 's traidiseanan agus sgeulachdan mòr-aithnichte gan innse ceàrr neo ann an dòigh eadar-dhealaichte seach an àbhaist. Bha beachd aige carson. Nuair a sgrìobh e air sgeulachdan a bha fiaradh air falbh bhon àbhaist thuirt e:

Cases of this kind suggest that the Bards had not a first-hand acquaintance with the sources of their information. One can readily imagine that large books, such as the *Leabhar Breac*, the *Books of Lecan*, etc., or even smaller ones, such as *Liber Flavus Fergusianorum* or *Leabhar Cloinne Suibhne*, were too precious to be accessible to all and sundry.³¹⁵

Tha gu leòr eile air gabhail ris a' bheachd seo bho sgrìobh MacCionnaith na briathran sa. Thuirt Samantha Meigs:

The fact that religious stories often appear in the poetry in rather vague and confused forms suggests oral circulation, and sometimes the poets explicitly refer to trying to remember a particular story they have heard.³¹⁶

Saoilidh mise gum feum sinn a bhith faiceallach an seo. A-rithist feumaidh nach eil e fìor nach do leugh bàrd sam bith sgeulachdan cràbhaidh sgrìobhte. Tha fhios gu bheil e ceart gu bheil cuid de na bàird a' dèanamh ath-aithris air sgeul a chuala iad, ach chì sinn anns a' chaibideil seo agus ann an corra àite eile anns an tràchdas seo gum faigh sinn boillsgeadh an-dràsta is a-rithist a sheallas dhuinn gu bheil dàimh gu math dlùth ann eadar dàn agus rosg sgrìobhte. Ged nach urrainn dhuinn a bhith cinnteach mu na leugh bàrd sam bith, faodaidh sinn coimhead air feadhainn de na làimh-sgrìobhainnean, mar an Leabhar Breac agus Leabhar Chlainne Suibhne feuch a bheil dàimh sam bith eadar an rosg cràbhaidh a gheibhear annta agus na dàin. Tha e aithnichte gun robh litearrachd a

³¹³ Ronald Black, 'Ó Muirgheasain Family', ann an Derick S. Thomson (deas.), *The Companion to Gaelic Scotland* (Gairm: Glasgow, 1994), 220.

³¹⁴ Mar eisimpleir, tha seo air a mhìneachadh anns an t-*Summa Theologiae* aig Tòmas Aquinas anns an treas linn deug, air loidhne aig <http://www.newadvent.org/summa/3103.htm> (An t-Samhain 2009)

³¹⁵ McKenna, *Dán Dé*, xi.

³¹⁶ Samantha A. Meigs, *The Reformations in Ireland: Tradition and Confessionalism 1400-1690* (Basingstoke: Macmillan, 1997), 23. Faic cuideachd Liam P. Ó Caithnia, *Apalóga na bhFilí 1200-1650* (Baile Átha Cliath: An Clóchomhar, 1984), 30.

dhìth air na bàird gus na dàin a chruthachadh.³¹⁷ Mar sin, faodaidh sinn a bhith sùileachadh gum biodh iad ri leughadh.

Cuideachd, am bu chòir dhuinn a bhith cho teann mu na bàird mar bhuidheann fa leth bho dhreuchdan foghlamaichte eile? Ged a bhiodh sliochdan eadar-dhealaichte ag ionnsachadh dreuchd shònraichte don ath ghinealach mar sheòrsa de dhileab tha e coltach gun robh sùbailteachd air choreigin ann dreuchd fhoghlamaichte eile a thogail.³¹⁸ Dh'fhaodte gu bheil teaghlach a' bhàird Èireannaich, Tadhg Dall Ó hUiginn (bàs 1590), na dheagh eisimpleir den t-sùbailteachd seo agus a bhràthair na àrd-easbaig ann an Tuaim agus a mhac na shiorram ann an Sligeach.³¹⁹

Nuair a thig e gu sgeulachdan nan naomh, feumaidh sinn aideachadh gu bheil dàin ann nach eil air a' chiad sealladh a' toirt seachad eòlas ro chruinn air beatha nan naomh. Mar eisimpleir, tha dàn le 40 rann anns a' chorpas de bhàrdachd gu Naomh Mairead à Antioch, 'Iomdha fear suirghe ag San Mairghréag'.³²⁰ Chan eil mion-fhiosrachadh ann mar ainmean nan daoine neo àitichean agus tha am pàirt as ainmeile mun dràgon a dhìth.³²¹ Ach fhathast tha bun na sgeòil anns an dàn: gu bheil a h-ainm a' ciallachadh 'neamhnaid' (rann 8), gun robh fear-suirghe air a tòir (20-27), gun do dhiùlt i e airson gaol Chrìosd (27-30), gun deach a ciùrradh eadar sgiùrsadh/ stialladh (31), uisge (32-33) agus teine (34), gun do ghabh còig mìle duine ris a' chreideamh aig a pianadh (36) agus gu bheil Mairead gu sònraichte èifeachdach airson boireannaich ann an saothair-chloinne (17).

³¹⁷ Ó Mainnín, 'Gnéithe de chúlra', 401. Chaidh a' cheist a thogail o chionn ghoirid ge-tà am faodadh e bhith gun deach aig bàird Albannach air na dàin a dhèanamh as aonais litearrachd sa Ghaidheil agus fianais airson Gaidhealg sgrìobhte cho gann an Alba, faic MacGregor, 'Creation and Compilation', 215. Airson eachdraidh a' chuspair faic Katharine Simms, 'Literacy and the Irish Bards', ann an Huw Pryce (deas.), *Literacy in Medieval Celtic Societies* (Cambridge: Cambridge University Press, 1998), 238-58; Simms, 'An Eaglais agus Filí na Scol', 21-36.

³¹⁸ Faic Thomson, 'Gaelic Learned Orders', air na dreuchdan agus teaghlachan ann an Alba.

³¹⁹ Michelle O Riordan, *Irish Bardic Poetry and Rhetorical Reality* (Cork: Cork University Press, 2007), 179-80.

³²⁰ An teacs ann an Láimhbheartach Mac Cionnaith (deas.), *Dioghluim Dána* (Baile Átha Cliath: Oifig an tSoláthair, 1938), 97-101 agus eadar-theangachadh ann an L. M'Kenna, 'To St. Margaret', *The Irish Monthly* 57 (1929), 593-97. Tha co-dhiù dà bheatha Gaidheilge ann cuideachd airson Mairead, faic Plummer, *Miscellanea Hagiographica Hibernica*, 264. Airson earrannan bho aon bheatha faic Ludw. Chr. Stern, 'Ein Irisches Leben der Heiligen Margarete', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 1 (1897), 119-40. Thuirt Stern, duilleag 134, na leanas mun chànan anns an làmh-sgrìobhainn air an robh e ag obair, 'Die Sprache der Erlanger Handschrift ist durchaus neu-irische, die Sprache Keatings.' ('S e nua-Ghaeilge gu buileach cànan Làmhsgriobhainn Erlanger, a' chànan aig Keating). Tha e coltach gum faodadh a' bhàrdachd a tha mar phàirt den teacs a bhith nas tràithe ge-tà. Faic cuideachd Kenneth E. Nilsen, 'An Irish "Life of St Margaret"', *Proceedings of the Harvard Celtic Colloquium* 4 (1984), 82-104.

³²¹ Dh'fhaodadh e bhith gur e an t-adhbhar nach eil an dràgon ann gu bheil na *Legenda Aurea* ag innse gun an sgeul mun dràgon ga h-ithe a chreidsinn. Faic Jacobus de Voragine, *The Golden Legend: Readings on the Saints*, eadar-theang. le William Granger Ryan, 2 leabhar, (Princeton: Princeton University Press, 1993), Leabhar I, 369.

Chunnaic sinn gu h-àrd gun tug MacGill'Ìosa an aire dhuinn cho math is bha na bàird air 'close-up' a chleachdadh. Ceangailte ri seo, tha an liut a bh' aca airson sgeulachd air fad a lùbadh a-steach ann an aon rann de cheithir loidhnichean. Tha dàn neo dhà ann a tha sònraichte math air mìorbhail air fad innse ann an aon rann. 'S e fear dhiubh dàn mu Naomh Dhoiminic, 'Cia ghabhas m'anmain ré ais', air a chur as leth Thaidhg Òig.³²² 'S e eisimpleir inntinneach a th' ann oir ged a tha e a' toirt dhuinn mìorbhailean bho na *Legenda Aurea*, aon rann airson mìorbhail fa leth, tha e cuideachd a' toirt dhuinn mìorbhailean nach robh, cho fad is as fhiosrach sinn, ceangailte ri Doiminic.³²³ Aig deireadh a' chaibideil seo bheir sinn sùil mhionaideach air dàn do Naomh Catrìona à Alexandria bho Leabhar an Deadhain agus le bhith dèanamh sin bidh cothrom againn breithneachadh a dhèanamh air na bha aithnichte do aon bhàrd mun naomh sin. Mar sin, tha sinn air faicinn gu bheil beachd ann nach biodh na bàird air litreachas cràbhaidh a leughadh agus nuair a gheibh sinn sgeulachd ann an seòrsa de bhreislich tha e furasta tuigsinn carson a bhiodh am beachd sin ann. Ach chì sinn gu bheil dàn ann a tha glè choltach ri rosg, a tha air maireachdainn. Dh'fhaodamaid a ràdh nach b' e ath-aithris sgeulachdan a bha fa-near do na bàird agus nach eil anns na mìorbhailean is sgeulachdan beaga ach seòrsa de thaic dhan ùrnaigh, mar a mhol Bateman cheana. Ach chan fhaod sinn sin a chleachdadh mar leisgeul airson diadhachd cheàrr neo sgeulachdan a chaidh air iomrall. A-rithist feumaidh sinn measadh a dhèanamh air gach dàn fa leth.

3.1.4 Creideamh Gaoidhealach?

'S i a' cheist mu dheireadh, mus coimhead sinn air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad ann an Leabhar an Deadhain, gu dè an ìre a tha a' bhàrdachd chlasaigeach mar *chorpas* a' toirt dhuinn fianais airson creideamh a bha gu sònraichte Gaoidhealach. Thuirt Caball gu bheil sinn a' faicinn, 'A picture of bardic Christian piety heavily coloured by apocryphal influences filtered through a distinctly Gaelic process of inculturation.'³²⁴ Tha feadhainn eile a tha daingeann anns a' bheachd sin, mar a tha Samantha Meigs agus i a' cur air adhart gun robh an 'Gaelic bardic foundation of Irish religion' cho làidir gum b' e sin an t-adhbhar nach robh an t-Ath-Leasachadh soirbheachail ann an Èirinn.³²⁵ Tha am beachd seo a' togail ceist neo dhà ge-tà. Mar fhianais tha a' chiad chaibideil den leabhar

³²² An dàn aig M'Kenna, *Dán Dé*, 6-8 le eadar-theangachadh gu Beurla air 74-75.

³²³ Tha Ó Caithnia, *Apalóga na bhFilí*, ag ràdh gu bheil na sgeulachdan nach eil ceangailte ri Doiminic anns a' chumantas, 'seafóideach', duilleag 172.

³²⁴ Caball, 'Religion, Culture and The Bardic Elite', 160.

³²⁵ Meigs, *The Reformations in Ireland*, 40.

aig Meigs a' dèanamh dealbh math farsaing air litreachas cràbhaidh Èireannach ann an Gaoidheilg agus air a' bhàrdachd, tha an dàrna caibideil an uair sin a-mach air *cultus* nan naomh dhùthchasach agus a' bhuaidh a bh' aig na bàird air sin. Ach tha an argamaid seo a' cleith nach eil dàin againn a rinn na bàird do na naoimh dhùthchasach. A bharrachd air dàin gu naoimh an Tìomnaidh Nuaidh, tha dàin ann gu Naomh Mairead à Antioch, Catriona à Alexandria, Francis agus Doiminic ach tha e coltach gur e feart a th' ann den bhàrdachd nach robhar a' dèanamh dàin mu naoimh dhùthchasach.³²⁶ 'S e glè bheag a gheibhear orrasan: tha dàin ann do Naomh Pàdraig,³²⁷ tha dàin ann ceangailte ri Purgadair Phàdraig,³²⁸ agus tha dàin ann do Naomh Gobnait.³²⁹ Tha cruinneachadh mòr de bhàrdachd ceangailte ri Calum Cille ann an aon làmh-sgrìobhainn bho thoiseach na siathamh linn deug (Laud Misc. 615), ach chan eil mi cinnteach cia mheud dhiubh sin a chanamaid a tha 'clasaigeach' neo a tha *do* neo *air* Calum Cille.³³⁰ Mar eisimpleir, tha aon dàn bho Laud Misc. 615, 'Ná sír fis do tsáegail shúail', a th' air a chur am beul Chalum Chille ach chan eil sinn a' faighinn ach gum bi an naomh a' tachairt ri Dia aghaidh ri

³²⁶ MacKenna, *Philip Bocht*, xxiii.

³²⁷ 'S iad 'Fearg an Choimheadh re Cloinn Adhaimh' le Tadhg Óg agus 'Fada gur háitigheadh Éire' le Philip Bocht an dà dhàn air a bheil MacCionnaith a' dèanamh luaidh ann am *Philip Bocht*, xxiii.

³²⁸ Próinséas Ní Chatháin, 'The Later Pilgrimage – Irish Poetry on Loch Derg', ann am Michael Haren & Yolande de Pontarcy (deas.), *The Medieval Pilgrimage to St Patrick's Purgatory Lough Derg and the European Tradition* (Enniskillen: Clogher Historical Society, 1988), 202-11. Mar a thachras tha a' mhòr-chuid de na dàin Gaoidheilge mu Phurgadair Phàdraig ann an làmh-sgrìobhainn ann an Alba (Dùn Èideann, NLS, Adv. LS 72.2.14). Air eachdraidh agus litreachas a' Phurgadair anns an Roinn Eòrpa air fad faic na h-artaigilean eile san leabhar sin. Bha Purgadair Phàdraig agus an Uaimh air eilean ann an Loch Dearg ann an Dùn na nGall air leth ainmeil gu h-àraid bhon dàrna linn deug air adhart mar àite airson cuairtean-cràbhaidh agus doras gu Nèamh/ Purgadair/ Ifrinn ann. Chuidich an earrann mu Phurgadair Phàdraig anns na *Legenda Aurea* gus cliù an àite a sgaoileadh. Ged nach fhaca mi e, tha eagrann ann de dh'eadar-theangachadh Gaoidheilge a rinneadh anns an t-seachdamh linn deug den rosg, aig Treasa Condún, 'Purgadóir Pádraig Naomhtha', *Lia Fáil* 1 (1924), 1-48. Ged a thàinig òrdugh bhon Phàpa an t-àite a dhùnadh ann an 1497 tha e coltach nach do sheas sin fada. Air òrdugh a' Phàpa faic Bradshaw, 'Manus "The Magnificent": O' Donnell as Renaissance Prince', 20; Michael Haren, 'The Close of the Medieval Pilgrimage: The Papal Suppression and its Aftermath', ann an Haren & de Pontarcy (deas.), *The Medieval Pilgrimage to St Patrick's Purgatory*, 190-201.

³²⁹ 'S ann bhon t-siathamh linn deug a tha aon dàn do Ghobnait, 'Ar do dhíon damh, a Ghobnuit' faic Brian Ó Cuív, 'Two Poems of Invocation to Saint Gobnait', *Éigse* 6 (1948-52), 326-32. Tha Naomh Gobnait ceangailte gu sònraichte ri Baile Bhuirne, a tha an-diugh ann an Gaeltacht Mhúscraí ann an Èirinn.

³³⁰ 'S e seo Oxford, Bodleian Library LS Laud Misc. 615, faic Brian Ó Cuív, *Catalogue of Irish Language Manuscripts in the Bodleian Library at Oxford and Oxford College Libraries* (Dublin: DIAS, 2001), 88-101. Fiù anns an 'duanaire' aig Maghnus Ó Domhnaill (Oxford, Bodleian Library, LS Rawl. B514), chan eil fhios agam cia mheud de na dàin sin a b' urrainn dhuinn a ràdh a tha cràbhaidh? Faic Ó Cuív, *Catalogue*, 261-74 agus J. Fraser, P. Grosjean, agus J. G. O' Keeffe (deas.), *Irish Texts Fasciculus II* (London: Sheed and Ward, 1931). Air bàrdachd mheadhan-aoiseil mu Chalum Cille faic Máire Herbert, 'Becoming an Exile: Colum Cille in Middle-Irish Poetry', ann an Joseph Falaky Nagy agus Leslie Ellen Jones (deas.), *Heroic Poets and Poetic Heroes in Celtic Tradition* (Dublin: Four Courts Press, 2005), 131-40.

aghaidh gach Diardaoin!³³¹ Bidh naoimh dhùthchasach eile uaireannan a' nochdadh gu h-aithghearr ann an dàn, air uairean dìreach luaidh air ainm an naoimh.

Chan eil seo ri ràdh nach robh bàrdachd ann air naoimh dhùthchasach idir. Gheibhear dàn air mìorbhailean is tachartasan nan naomh anns na beathannan aca gu tric.³³² Mar eisimpleir, am measg nam beathannan a dheasaich Charles Plummer bho na chruinnich Mícheál Ó Cléirigh is eile tha 'Betha Máedoc Ferna (II)' làn bàrdachd.³³³ Chan àbhaist dhuinn bàrdachd a gheibhear an cois bheathannan nan naomh dùthchasach a mheas mar phàirt de chorpas na bàrdachd chlasaigich. Chan eil na dàn sin a' nochdadh air *Bunachar Fhilíocht na Scol*, mar eisimpleir. Thathar den bheachd gu bheil a' bhàrdachd seo nas tràithe na linntean na bàrdachd chlasaigich.³³⁴ Ged a bhiodh a' bhàrdachd seo ga leughadh anns na linntean sin is coltach nach do sgrìobh na bàird chlasaigeach air a' chuspair. Mar sin, tha seòrsa de sgaradh an seo eadar an ùidh às ùr a chunnaic sinn ann an naoimh ionadail sna meadhan-aoisean anmoch agus na bàird. Chì sinn anns a' chaibideil seo a bheil sin fìor mu bhàrdachd Leabhar an Deadhain.

'S e Gàidheil na h-Alba an t-adhbhar eile nach eil an argamaid aig Meigs, mu bhunait bhàrdail a' chreidimh a' cumail Ath-Leasachadh air falbh, sàbhailte. Feumar cuimhneachadh gun deach bàrdachd chlasaigeach Gaoidheilge a chleachdadh an cois litreachas Pròsdanach ann an Alba. Tha e soilleir gun robh luchd-leughaidh/ luchd-èisteachd an dà chuid ann an Alba agus ann an Èirinn, air inntinn Sheóin Charsuel (Carsualach Mòr Chàrn-Àsaraidh) nuair a chuir e Gaoidhealg air an obair aig John Knox ann am *Foirm na n-Urrnuidheadh* (1567) le taic bho Ghilleasbaig Donn, Còigeamh Iarla Earra-Ghaidheil.³³⁵ An cois an leabhair tha dàn a rinn Carsuel fhèin 'Gluais romhad a leabhráin bhig' ann an *rannaigbeacht mhór* a' guidhe soirbheachas don t-saothair aige.³³⁶ An uair sin aig deireadh an leabhair tha Ùrnaigh an Tighearna ann am 'meadarthacht dhána', a' chiad rann bhon dàn chràbhaidh Èireannach 'Mairg danab soirbh an saoghal' bhon chòigeamh linn deug, agus dà leth rann bho dhàn cràbhaidh Èireannach eile, bhon t-

³³¹ Kuno Meyer, 'Mitteilungen aus irischen Handschriften', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 7 (1910), 300-01.

³³² Katharine Simms, *Medieval Gaelic Sources* (Dublin: Four Courts Press, 2009), 59.

³³³ Charles Plummer (deas.), *Bethada Náem nÉrenn*, 2 leabhar, (Oxford: Oxford University Press, 1922), Leabhar I, 190-290. Air *cultus* Mháedhóg agus airson smuaintean cudromach air àite na bàrdachd anns a' Bheatha faic Charles Doherty, 'The Transmission of the Cult of St Máedhóg', ann am Próinséas Ní Chatháin & Michael Richter (deas.), *Ireland and Europe in the Early Middle Ages: Texts and Transmission* (Dublin: Four Courts Press, 2002), 273-83.

³³⁴ Tha feum air tuilleadh rannsachaidh air a' chuspair seo ge-tà.

³³⁵ R. L. Thomson (deas.), *Foirm na n-Urrnuidheadh: John Carswell's Gaelic Translation of the Book of Common Order* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society, 1970).

³³⁶ Thomson, *Foirm na n-Urrnuidheadh*, 13 le Beurla air 181.

siathamh linn deug, ‘Olc íochtar ar luagh leighis’.³³⁷ Mar sin, bha bàrdachd chràbhaidh Gaoidheilge ga meas iomchaidh airson oidhirp an Ath-Leasachaidh. Chùm seo a’ dol dhan t-seachdamh linn deug agus dàin chràbhaidh a-rithist a’ nochdadh an cois *Adtimchiol an Chreidimh*, eadar-theangachadh gu Gaoidheilg den *Catechismus Ecclesiae Genevensis* aig Calvin a chaidh a chur an clò mu 1630.³³⁸ Gheibhear ann còig dàin chràbhaidh; ‘Me a faoside mo lochd’, le Eòin Stiùbhairt na h-Apainne (floruit deireadh na siathamh linn deug); dà dhàn a dh’fhaodadh a bhith le Athairne Mac Eòghainn (floruit c.1600?), ‘Is mairg do-ní uaille as óige’³³⁹ agus ‘Mairg dar compánach an cholann’; dàin air na deich Àithntean, ‘Creid díreach do Dhia na ndúl’; ath-chlò-bhualadh de dh’Ùrnaigh an Tighearna bho *Foirm na n-Urrnuidheadh*.³⁴⁰ Mar sin, bha Gàidheil na h-Alba ro dheònach dàin chràbhaidh a chur gu feum airson a’ chreidimh Phròsdanaich a bhrosnachadh.

Chan eil seo ri ràdh nach eil dàin chràbhaidh chlasaigeach ‘Gaoidhealach’ ann an dòigh sam bith ge-tà oir bhiodh sin faoin. Thugadh an aire gu bheil an ìomhaigheachd anns a’ bhàrdachd chràbhaidh gu tric gu sònraichte Gaoidhealach neo a’ sealltainn buaidh mhòr bho litreachas saoghalta Gaoidheilge. ’S e fear de na h-eisimpleirean as follaisiche an t-iomradh aig Aonghus Fionn Ó Dálaigh anns an dàn ‘Meinich do beirear bean ghaoil’, a tha a-mach air Moire mar ‘an t-eo fis’, agus an t-eó fios (neo bradan an eòlais) aithnichte dhuinn bho sgeulachdan na Fèinne.³⁴¹ Cha b’ fhiach e cus a ràdh mu dheidhinn seo aig an ìre seo oir thig sinn air ais thuige feadh an tràchdais ach tha co-dhiù dà thèama eile a tha gam meas gu sònraichte Gaoidhealach anns a’ bhàrdachd. ’S iad sin briathrachas/dòigh-dèiligidh ceangailte ri lagh dùthchasach agus ùidh shònraichte ann an sinnsireachd nan naomh. Gheibhear gu tric briathrachas laghail mar *éiric* agus

³³⁷ Thomson, 111-13 agus notaichean air 171-72. Tha ‘Mairg danab soirbh an saoghal’ aig McKenna, Dán Dé, 13-15 le Beurla 80-81. Tha ‘Olc íochtar ar luagh leighis’, aig MacCionnaith, *Dioghluim Dána*, 145-49.

³³⁸ R. L. Thomson (deas.), *Adtimchiol an Chreidimh: The Gaelic Version of John Calvin’s Catechismus Ecclesiae Genevensis* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society, 1962), air ceann-latha a’ chlò-bhualaidh faic xiii-xiv.

³³⁹ Tha trì rannan den dàn seo le eadar-theangachadh, ach bho thùs eile, air am foillseachadh aig John Mackenzie (deas.), *The Owl Remembers* (Stirling: Eneas MacKay, 1933), 22-23.

³⁴⁰ Thomson, *Adtimchiol an Chreidimh*, xliii-xlviii agus 215-27. Chaidh na dàin aig MacEòghainn fhoillseachadh às ùr le McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 58-65. Air ‘Creid díreach do Dhia na dúl’ faic Colm Ó Baoill (deas.), *Duanaire Colach 1537-1757* (Obar-Dheathain: An Clò Gaidhealach, 1997), 52. Tha Ó Baoill a’ gabhail ris gum b’ e Eachann MacGill’Eathain, Tighearna Chola neo ‘An Clèireach Beag’ (ainmeil airson Caismeachd Ailein nan Sop) a rinn an dàn sin agus gur dòcha ron Ath-Leasachadh.

³⁴¹ L. McKenna (deas.), *Dánta do chum Aonghus Fionn Ó Dálaigh* (Dublin: Maunsel, 1919), xi. Kuno Meyer, ‘Macgnimartha Find’, *Revue Celtique* 5 (1881-83), 201. Airson eadar-theangachadh Beurla faic Joseph Falaky Nagy, *The Wisdom of the Outlaw: The Boyhood Deeds of Finn in Gaelic Narrative Tradition* (Berkeley: University of California Press, 1985), 214.

eineaclann.³⁴² Bhiodh dùil ri ùidh anns an dàimh eadar Ìosa agus a theaghlach, agus an dàimh eadar Ìosa agus mac an duine, bho litreachas meadhan-aoiseil sam bith. Ach a-rithist tha seo ga fhaicinn uaireannan mar feart gu sònraichte Gaoidhealach. Thuirt McKenna, ‘perhaps the constant and special emphasis laid on the brotherhood of Christ with man may be taken as an illustration of the importance attached to blood-relationship in the old Irish polity’.³⁴³ Tha e follaiseach gun robh ùidh shònraichte, aig Gàidheil na h-Èireann co-dhiù, sna meadhan-aoisean ann an sinnsireachd nan naomh dùthchasach, faic mar eisimpleir *Corpus Genealogiarum Sanctorum Hiberniae*.³⁴⁴ Ach a bheil an ùidh seo anns an dàimh eadar Crìosd agus mac an duine cho neo-àbhaisteach sin?

’S e na tèaman, neo na sgeulachdan fhèin a tha uaireannan gan innse sa bhàrdachd chràbhaidh, an dòigh eile gus feartan Gaoidhealach aithneachadh. A bheil na bàird a’ toirt dhuinn aithris air rudeigin a bha cumanta air feadh na h-Eòrpa neo a bheil sinn a’ faicinn tèaman bho chultar dùthchasach? Tha an sgoilear Andrew Breeze air tùsan Eòrpach a dhearbhadh airson cuid de na tèaman.³⁴⁵ Ach mar a thuirt Bateman:

Such scrutiny must be applied to all the themes before it can be ascertained how much the Gaelic religious poets owed to an international battery of motifs and Latin commonplaces (disseminated perhaps by mendicant preachers) and how much grew from the conventions of native poetry.³⁴⁶

Mar sin, le bhith a’ rannsachadh tùsan nan sgeulachd thèid againn air ionnsachadh mu chràbhachd Eòrpach, mar a bha sin ga riochdachadh anns a’ bhàrdachd. Ach cuideachd bidh cothrom againn ionnsachadh a bheil ceangal ann ri litreachas dùthchasach.

Anns an earrainn seo tha sinn air modhannan na bàrdachd chràbhaidh a dheasbad. Anns a’ chòrr den chaibideil seo thèid dealbh a dhèanamh air na tha de bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain agus thèid coimhead air mar a tha cuid de na modhannan air an riochdachadh.

3.2 A’ Bhàrdachd Chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain

An toiseach feumar dèanamh soilleir nach e làmh-sgrìobhainn chràbhaidh a th’ ann an Leabhar an Deadhain idir. Tha mu 250 dàn ann uile gu lèir, agus ’s e bloighean a th’ ann an cuid dhiubh sin, agus às sin chan eil ann ach mu 20 dàn a-mach air cuspairean cràbhaidh. Mar sin, tha barrachd laoidhean gaisgil, dàin eirmseach is eile na dàin

³⁴² McKenna, *Dán Dé*, xv-xvi.

³⁴³ McKenna, *Dánta do chum Aonghas Fionn*, ix.

³⁴⁴ Pádraig Ó Riain (deas.), *Corpus Genealogiarum Sanctorum Hiberniae* (Dublin: DIAS, 1985).

³⁴⁵ Airson na dh’fhoillsich Breeze air a’ bhàrdachd faic an Liosta Leabhraichean aige ann am Breeze, *The Mary of the Celts*, 161-62.

³⁴⁶ Bateman, ‘The Themes and Images’, 2.

chràbhaidh san Leabhar. Feumar cuimhneachadh nach e creideamh neo cràbhachd màthair-adhbhair na làmh-sgrìobhainn. Ach tha dàin chràbhaidh ann agus bidh cràbhachd a' togail ceann ann an cuid de na dàin eile. Tha co-dhiù aithneachadh air a' chreideamh fiù anns na laoidhean gaisgeil agus Naomh Pàdraig ann am feadhainn dhiubh.

Tha ceist ann am bu chòir dhuinn dàin an Leabhair a sgrùdadh mar chruinneachadh agus aonachd sam bith a thuigsinn mas e sop às gach seid a chaidh a chur ann. Ach nuair a thug Wilson McLeod sùil air na dàin Èireannach ann an Leabhar an Deadhain thuirt e na leanas:

It is not always clear how or why particular Irish poems came to Scotland, or came to be copied and recopied there; some may have been exemplars preserved from bardic training in Ireland, some may have been favoured for more personal or aesthetic reasons. Certainly predilection seems to have been the ultimate guiding force for inclusion in the Book of the Dean.³⁴⁷

Ma ghabhas sinn ris a' bheachd seo, mu roghainn phearsanta, tha e a' ciallachadh gum faod sinn sùil mhionaideach a thoirt air a' bhàrdachd chràbhaidh airson na tha e ag innse dhuinn mu roghainnean cràbhaidh luchd-cruinneachaidh an Leabhair neo mu roghainnean an neach-taice. 'S e a' bhuil a th' aig sin gum faodar a' bhàrdachd chràbhaidh seo a chleachdadh gus ionnsachadh mu chràbhachd ionadail agus Eòrpach na sgìre aig toiseach na siathamh linn deug. Mus coimhead sinn air cuspairean nan dàn b' fhiach e fiosrachadh eile a thoirt seachad, bhon a tha e cho doirbh am fiosrachadh a lorg. Mar sin anns a' chlàr a leanas gheibhear fiosrachadh mu gach dàn cràbhaidh anns an Leabhar.³⁴⁸ Ma tha dàn a' nochdadh ann an làmh-sgrìobhainnean eile seach Leabhar an Deadhain chan eil mi air fiosrachadh sam bith a thoirt seachad orra leis gu bheil sin air *Bunachar Fhilíocht na Scol*. Tha iad anns an òrdugh a tha iad a' nochdadh an-diugh anns an làmh-sgrìobhainn:

³⁴⁷ McLeod, *Divided Gaels*, 97.

³⁴⁸ Tha a' mhòr-chuid den fhiosrachadh seo ri fhaighinn eadar Black, *Catalogue* a tha a-nise air loidhne aig www.isos.dias.ie agus *Bunachar Fhilíocht na Scol* a tha air loidhne aig <http://bardic.celt.dias.ie/>. Ach tha an clàr seo a' soillearachadh na chaidh a dhèanamh air na dàin. Far a bheil barrachd na aon eagra/ tar-sgrìobhadh ann tha mi a' toirt seachad an fhear às ùire.

Clàr na bàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain.**Mairg mheallas muirn an tsaoghail**

(Mark maillis mvrn in theil)

Duilleagan: 12-15**Ceàrnaidh:** Èireannach**Ùghdar san Leabhar:** Gofraidh Fionn Ó Dálaigh (Gorree Fynn)**Tùsan eile:** Tha, faic *Bunachar Fhìlìocht na Scol*.**Tar-Sgrìobhadh:** Quiggin, *Poems*, 1-2.**Tionndadh:** Eagan bho thùsan eile ann am Mac Gionnaith, *Dioghlaim Dána*, 109-13.**Beurla:** Tha, faic Gun ùghdar, ‘Fìlidheacht’, *Timthridh Chroidhe Neambha Íosa* 8.2 (1918), 25-31.**Ceann-Latha:** 14mh Linn**Rannan:** 44 ann an Leabhar an Deadhain ach 46 anns an eagan fhoillsichte**Meadarachd:** deibhidhe**Cuspair:** Gun nèamh a thrèigsinn airson tlachd an t-saoghail seo/ exemplum mu leanabh a rugadh sa phrìosan.**Mithidh domh triall go toigh Pharrthais**

(Meith dot/ treyl gow teig pharris)

Duilleagan: 19**Ceàrnaidh:** Albannach? (ach le bàrd a thàinig à Èirinn!)**Ùghdar san Leabhar:** Muireadhach Albannach (Aut^{or} mvrrei^t albana^h)**Tùsan eile:** Chan eil**Tar-Sgrìobhadh:** William Gillies, ‘A Death-Bed Poem Ascribed to Muireadhach Albanach’, *Celtica* 21 (1990), 156-72.**Tionndadh:** Gillies, ‘A Death-Bed Poem’.**Beurla:** Gillies, ‘A Death-Bed Poem’; Thomas Owen Clancy (deas), *The Triumph Tree* (Edinburgh: Canongate, 1998), 282-83.**Ceann-Latha:** 13mh Linn**Rannan:** 7**Meadarachd:** séadna**Cuspair:** bàs/peacadh**Réidhigh an croidhe, a mheic Dhé**(Bai^t ym cre vec zey)**Duilleagan:** 19-20**Ceàrnaidh:** Albannach? (ach le bàrd a thàinig à Èirinn!)**Ùghdar san Leabhar:** Muireadhach Albannach Ó Dálaigh? (Murreith vt supra)**Tùsan eile:** Chan eil**Tar-Sgrìobhadh:** William Gillies, ‘A Religious Poem Ascribed to Muireadhach Ó Dálaigh’, *Studia Celtica* 14/15 (1978/80), 81-86.**Tionndadh:** Gillies, ‘A Religious Poem’.**Beurla:** Gillies, ‘A Religious Poem’; Clancy, *The Triumph Tree*, 281-82.**Ceann-Latha:** 13mh Linn?**Rannan:** 4**Meadarachd:** rannaigheacht mhór**Cuspair:** Peacadh/ faoisid / ùrnaigh airson dìon

Réadla na cruinne Caitir Fhíona(Raitlai ny^t crwneni Katreine)**Duilleagan:** 36-37**Ceàrnaidh:** Èireannach?**Ùghdar san Leabhar:** Chan eil**Tùsan eile:** Tha, faic *Bunachar Fhìlìocht na Scol***Tar-Sgrìobhadh:** Quiggin, Poems, 48.**Tionndadh:** Eagan den dàn ach bho thùs eile ann am McKenna, *Aithdioghlaim Dána I*, 357-58. Ach tha sia rannan a bharrachd anns an dàn ann an Leabhar an Deadhain.**Beurla:** McKenna, *Aithdioghlaim Dána II*, 223.**Ceann-Latha:** ?**Rannan:** 17 (ach cha deach ach 11 rann fhoillseachadh ann an *Aithdioghlaim Dána*)**Meadarachd:** sneadhbhairdne**Cuspair:** Catrìona à Alexandria**Ná léig mo mhealladh a Mhuire**

(Na leg mi wellith a wurri)

Duilleagan: 51-53**Ceàrnaidh:** Albannach**Ùghdar san Leabhar:** Maol-Domhnaigh mac Mhághnais Mhuileadhaigh (Meildoni^t M^c Venis Vulli<cht>)**Tùsan eile:** Chan eil**Tar-Sgrìobhadh:** Quiggin, *Poems*, 20-21**Tionndadh:** David Greene, 'Ná Léig mo Mhealladh, a Mhuire', *Scottish Gaelic Studies* 9.2 (1962), 104-115. Ged nach tug Greene iomradh air tha tionndadh gu Gaidheilg anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 354-61). Chaidh seo fhoillseachadh às ùr ann am McLeod & Bateman, *Duanair na Sracaire*. Ach bha molaidhean aig Brian Ó Cuív air saothair Ghreene, 'Léirmheas', *Éigse* 10 (1961-63), 342-43.**Beurla:** Greene, 'Ná Léig', agus McLeod & Bateman, *Duanair na Sracaire*.**Ceann-Latha:** ?**Rannan:** 25**Meadarachd:** séadna**Cuspair:** Moire – mìorbhail/exemplum mu pheacach**Binn labhras leabhar Muire**

(Bynn lawirris levir mvrr)

Duilleagan: 120-22**Ceàrnaidh:** Albannach**Ùghdar san Leabhar:** Giolla-Críost Táilléar (A howd' so gille crist tailz')**Tùsan eile:** Chan eil**Tar-Sgrìobhadh:** Quiggin, *Poems*, 21-22**Tionndadh:** Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 362-71).**Beurla:** Chan eil air fhoillseachadh ach tha anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 362-71).**Ceann-Latha:** 15mh?**Rannan:** 24**Meadarachd:** deibhidhe**Cuspair:** Moire / Mìorbhail mun mhanach is an t-eun.

Éistidh riomsa, a Mhuire mhór

(Est rwmsy^t a Wvvr mbor)

Duilleagan: 150-153

Ceàrnaidh: Albannach? (ach le bàrd a thàinig à Èirinn!)

Ùghdar san Leabhar: Muireadhach Albannach Ó Dálaigh (Autor huius murreith albannych)

Tùsan eile: Tha, ach ann am fìor dhroch staid faic *Bunachar Filíocht na Sgol*.

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 15-17.

Tionndadh: Osborn Bergin, *Irish Bardic Poetry* (Dublin: DIAS, 1970), 94-100.

Beurla: Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 254-57; McLeod & Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 21-31; Clancy, *The Triumph Tree*, 276-81.

Ceann-Latha: 13mh linn

Rannan: 40

Meadarachd: rannaigheacht mhór

Cuspair: Moire

Fuigheall Beannacht Brú Mhuire

(Fewill bannich brow mvr)

Duilleagan: 166-69

Ceàrnaidh: Albannach

Ùghdar san Leabhar: Tadhg Óg Ó hUiginn (A howdir soo teyg ook)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar filíocht na Sgol*.

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 13-15.

Tionndadh: Eagan den dàn bho thùsan eile ann am McKenna, *Aithdioghlaim Dána I*, 190-94

Beurla: McKenna, *Aithdioghlaim Dána II*, 112-14.

Ceann-Latha: 13mh?

Rannan: 37 anns an Leabhar

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Moire – a Breith fhèin, Breith Chrìosd, mìorbhailean air an t-slighe dhan Èipheit is eile.

Gearr go gcobhra Rí na ríogh

(Gar gow coyvir re nin rei^t)

Duilleagan: 170

Ceàrnaidh: Albannach

Ùghdar san Leabhar: Robert Mac Laghmainn Ascaig (A houdir so Robert M^c Lymon a gassgaik)

Tùsan eile: Chan eil

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 17-18.

Tionndadh: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 340-44).

Beurla: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 340-44).

Ceann-Latha: 15mh?

Rannan: 8

Meadarachd: rannaigheacht mhór

Cuspair: dòighean peacadh a sheachnadh

Trí hingheana rug Anna

(Tre neyn w...)

Duilleagan: 182**Ceàrnaidh:** Èireannach**Ùghdar san Leabhar:** Chan eil.**Tùsan eile:** Tha, faic Lambert McKenna, 'Some Irish Bardic Poems: XVI The Three Maries', *Studies* 19 (1930), 593-94.**Tar-Sgrìobhadh:** Chan eil ach pìosan aig Quiggin, *Poems*, 102.**Tionndadh:** Eagan den dàn bho thùsan eile aig MacKenna, 'Some Irish Bardic Poems: XVI', 593-94.**Beurla:** MacKenna, 'Some Irish Bardic Poems XVI', 594.**Ceann-Latha:** ?**Rannan:** 7 leth-rannan air fhàgail**Meadarachd:** ?**Cuspair:** Anna agus Moire**Seacht saighde atá ar mo thí**

(Seaththa seyda ter mo hee)

Duilleagan: 239**Ceàrnaidh:** Albannach?**Ùghdar san Leabhar:** Donnchadh Óg (A Howdir soo Duncbaa ogga)**Tùsan eile:** Tha, faic *Bunachar filíocht na Sgol.***Tar-Sgrìobhadh:** Cameron, *Reliquiae Celticae* I, 104.**Tionndadh:** Watson, *Scottish Verse*, 252-54.**Beurla:** Watson, *Scottish Verse*, 252-54.**Ceann-Latha:** ?**Rannan:** 10**Meadarachd:** rannaigheacht mhór**Cuspair:** Na seachd peacannan bàsmhor.**Cairt a síothchána ag síol Ádhaimh**

(Cart ey seithane ac seil awzeve)

Duilleagan: 252-55**Ceàrnaidh:** Èireannach**Ùghdar san Leabhar:** Tadhg Óg Ó hUiginn (A houdir so teig ook o huggin)**Tùsan eile:** Tha, faic *Bunachar Filíocht na Sgol.***Tar-Sgrìobhadh:** Quiggin, *Poems*, 6-7.**Tionndadh:** Eagan bho thùsan eile aig M'Kenna, *Dan Dé*, 4-6.**Beurla:** Eadar-theangachadh bho thùsan eile aig M'Kenna, *Dan Dé*, 72-74.**Ceann-Latha:** 15mh?**Rannan:** 31 ann an Leabhar an Deadhain (32 anns an eagan fhoillsichte)**Meadarachd:** séadna

Cuspair: Helena a' lorg a' chrann-ceusaidh

Marthain duit, a chroch an Choimheadh

(Marrin dut y^t chro^t Chomeme)

Duilleagan: 255-60

Cèrnaidh: Èireannach / Albannach ? (mì-chinnt mun ùghdar)

Ùghdar san Leabhar: Muireadhach Albannach Ó Dálaigh (Auto^r huius mvrrei^t albanaⁱ)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar Filíocht na Sgol.*

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 8-10.

Tionndadh: Eagan den dàn bho thùsan eile aig Mac Cionnaith, *Dioghlaim Dána*, 124-29.

Beurla: Chan eil

Ceann-Latha: 13mh Linn?

Rannan: 55 anns an Leabhar, chan eil ach 49 san eagan fhoillsichte

Meadarachd: séadna

Cuspair: An Crann-ceusaidh agus claigeann Àdhaimh

A-táid trí comhraig im chionn

(Id ta tre corrik ym chind)

Duilleagan: 260-63

Cèrnaidh: Èireannach

Ùghdar san Leabhar: Tadhg Óg Ó hUiginn (A Howdir soTeg ok o huggin seqt^t textus)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar filíocht na Scol.*

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 4-5.

Tionndadh: Eagan den dàn bho thùsan eile aig Mac Cionnaith, *Dioghlaim Dána*, 16-19.

Beurla: L. McKenna (deas), 'The Soul's Three Foes', *The Irish Monthly* 57 (1929), 661-64.

Ceann-Latha: 15mh linn

Rannan: 31

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: An corp mar nàmhaid, Àdhamh agus Eubha.

Adhbhar bróin bruadar bailc

(Avir brone broddyr balk)

Duilleagan: 271

Cèrnaidh: Albannach

Ùghdar san Leabhar: Giolla-Críost Táilléar (A Houdyr Gillec'st Talzor)

Tùsan eile: Chan eil

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 23.

Tionndadh: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 374-78).

Beurla: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 374-78).

Ceann-Latha: 15mh?

Rannan: 18

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Exemplum mu aon-adharcach, mealladh an t-saoghail seo.

Réadla na cruinne corp Críost

(Raatla na croney^t corp críst)

Duilleagan: 275-78

Ceàrnaidh: Albannach

Ùghdar san Leabhar: Giolla-Críost Táilléar (A Howdir so Gillecríst Talzar etc)

Tùsan eile: Chan eil

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 18-19.

Tionndadh: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 345-53).

Beurla: Chan eil air fhoillseachadh ach tha oidhirp anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, Pàirt 2, duilleagan 345-53).

Ceann-Latha: 15mh?

Rannan: 31

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Exemplum mu bhoireannach agus corp Chríosd.

Foillsigh do chumhacht, a Chéad

(Foylschee dy^t chowythtith a cheeddi)

Duilleagan: 282-83

Ceàrnaidh: Albannach

Ùghdar san Leabhar: An bárd Mac an tSaoir (A howdir soo in bard m^cynteir)

Tùsan eile: Chan eil

Tar-Sgrìobhadh: Chan eil air fhoillseachadh ach tha anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14871, duilleag 63).

Tionndadh: Chan eil

Beurla: Chan eil

Ceann-Latha: 15mh/16mh Linn?

Rannan: 13

Meadarachd: ?

Cuspair: Naomh Coide?

Déana mo theagosg, a Thríonóid

(Dane mi heggáisk a threnot)

Duilleagan: 284

Ceàrnaidh: Albannach? (ach le bàrd a thàinig à Èirinn!)

Ùghdar san Leabhar: Muireadhach Albannach Ó Dálaigh (A houdir so murreith albany^t)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar filíocht na Sgol.*

Tar-Sgrìobhadh: M^tLauchlan, *The Dean of Lismore's Book*, 122; Cameron, *Reliquiae Celticae* I, 105-06.

Tionndadh: Eagan bho thùsan eile aig McKenna, *Aithdioghlaim Dána* I, 266-70; M^tLauchlan, *The Dean of Lismore's Book*, 123.

Beurla: Eadar-theangachadh bho thùsan eile aig McKenna, *Aithdioghlaim Dána* II, 162-64;

Ceann-Latha: 13mh Linn

Rannan: Chan eil ach 12 ann an Leabhar an Deadhain.

Meadarachd: séadna

Cuspair: ùrnaigh airson dìon

Iomdha sgéal maith ar Mhuire

(Imgh/ by skeall mach er mvr)

Duilleagan: 293

Ceàrnaidh: Èireannach

Ùghdar san Leabhar: Tadhg Óg Ó hUiginn (A Houdir so Teyg ooyg o hwgginn)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar Filíocht na Scol*.

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 12-13.

Tionndadh: Eagraan bho thùsan eile aig McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, 56-59.

Beurla: Eadar-theangachadh bho thùsan eile aig McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, 56-59.

Ceann-Latha: 15mh?

Rannan: chan eil ach 7 rannan ann an Leabhar an Deadhain

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Exemplum mu mhanach air a bhuaireadh.

Air rochtain ríogh na cruinne/ Triúr rígh táinig go taigh nDé

(Oir ractin ryig in cronmíg)

Duilleagan: 294

Ceàrnaidh: Èireannach

Ùghdar san Leabhar: Chan eil

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar Filíocht na Scol*

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 3.

Tionndadh: Eagraan den dàn bho thùsan eile aig J. H. Bernard agus R. Atkinson (deas.), *The Irish Liber Hymnorum*, 2 leabhar, (London, Henry Bradshaw Society, 1898), Leabhar I, 194. Eagraan eile bho thùs eile aig Colm Ó Ceannabháin, 'Hymnus de Tribus Regibus', *Irisleabhar Mbá Nuad* (1961), 45-46.

Beurla: Eadar-theangachadh den dàn bho thùsan eile aig Bernard agus Atkinson (deas.), *The Irish Liber Hymnorum*, Leabhar II, 90-91.

Ceann-Latha: Ach tràth, ro thoiseach na 12mh linn.

Rannan: Chan eil an seo ach na còig rannan mu dheireadh den dàn (a-mach à deich anns an eagraan fhoillsichte).

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Na Trí Rìghrean

Garbh éirghe iodhan bhrátha³⁴⁹

(Garf orffid in a wrai⁴)

Duilleagan: 296-98

Ceàrnaidh: Èireannach

Ùghdar san Leabhar: Donnchadh Mór Ó Dálaigh (Autor hujus Duncha Mor O Daly)

Tùsan eile: Tha, faic *Bunachar Filíocht na Scol*.

Tar-Sgrìobhadh: Quiggin, *Poems*, 11-12.

Tionndadh: Eagraan den dàn bho thùsan eile aig Mac Cionnaith, *Dioghlúim Dána*, 86-90.

³⁴⁹ Tha Caoimhín Breatnach an dùil eagraan ùr den dàn seo fhoillseachadh às na tùsan uile, anns an t-sreath *Apocrypha Hiberniae*.

Beurla: L. McKenna, 'The Signs of the Judgement', *The Irish Monthly* 55 (1927), 260-64. Agus faic na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS LS 14870, duilleagan 249-88).

Ceann-Latha: 13mh Linn

Rannan: Chan eil ach 27 ann an Leabhar an Deadhain.

Meadarachd: deibhidhe

Cuspair: Latha a' Bhreitheanais

A bharrachd air an fheadhainn sin, tha dàin eile neo rannan fa leth ann a tha a' feitheamh air deasachadh neo tionndadh gu dòigh-sgrìobhaidh àbhaisteach a dh'fhaodadh a bhith cràbhaidh cuideachd, neo gu bheil mi a' faicinn briathran cràbhaidh anna. Nam measg tha na dàin a leanas:

	duilleag san làmh-sgrìobhainn	tar-sgrìobhadh
Di pooli (?gooli) crann palma	44	Quiggin, <i>Poems</i> , 96.
A chert feynn one wreow wor (A cheart féin on bhritheamh mhór)	56	Quiggin, <i>Poems</i> , 97.
A for missi mi zeill deive (A, Fóir mise, mo Dhé dhil)	67	
Crea'tith sin a vakkeiwe voir (Créachtach, sin, a mhacaoimh mhóir)	39 agus 59	
Mcoye how is sy ^t mak mnaa (Mac óighe thú is sy ^t mac mná)	250	Quiggin, <i>Poems</i> , 104.
Saytht feychit meillyt ma heatht (Seacht bhfichid míle fá sheacht)	113	Gillies, 'A Religious Poem', 82.
'Tree zarri choillaa gi minnyg (Trí ghártha chuala go minig)	282	Quiggin, <i>Poems</i> , 105.

Thèid coimhead a-nise air pàtrain anns a' chruinneachadh seo de bhàrdachd chràbhaidh. Gabhaidh aithneachadh sa bhad, gur i Moire cuspair mòr na bàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn a bheil na dàin Èireannach neo Albannach is dè an linn anns an deach an dèanamh. B' fheudar dhomh tomhais a thaobh linn airson cuid dhiubh. Tha mi air na dàin aig Muireadhach Albannach a chur air taobh na h-Alba ged a dh'fhaodamaid an cur air an taobh eile cuideachd. Chithear cuideachd nach eil an t-siathamh linn deug a' nochdadh idir. Tha cho beag eòlais againn air feadhainn de na dàin agus mar sin dh'fhaodadh e bhith gun deach dàn neo dhà a dhèanamh san linn sin.

Loidhne-Tìm na Bàrdachd Chràbhaidh

	Foillsigh do chumhacht a Chéad
	Gearr go gchobhra Rí na ríogh
Fuigheall beannacht brú Mhuire	Seacht saighde atá ar mo thí
Éistidh riomsa, a Mhuire mhór	Ná léig mo mhealladh, a Mhuire
Réidhigh an croidhe a Mhic Dhé	Réadla na Cruinne Corp críost
Mithidh domh triall go toigh Pharrthais	Binn labhras leabhar Muire
Déana mo theagasg a Thríonoid	Adhbhar bróin bruadar bailc

DÀIN ALBANNACH GU H-ÀRD**12^{mh} Linn****13^{mh}
Linn****14^{mh}
Linn****15^{mh} Linn
(no 16^{mh}?)*****DÀIN ÈIREANNACH GU H-ÌOSAL***Triúr rígh
táinig go taigh
nDéGarbh éirghe
iodhan bráthaMairg
mheallas
muirn an t-
saoghailIomdha sgéal
maith ar
MhuireMarthain duit
a chroch an
Choim.Trí hingheana
rug AnnaA-táid trí
comhrUIg im
chionnCairt a
síothchána ag
síol ÁdhaimhRéadla na
Cruinne Caitir
Fhíona

3.2.1 Cuspairean na bàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain

Dh'fhaodamaid a ràdh gu bheil a' bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain a' tighinn a rèir corpas na bàrdachd air fad glè mhath. 'S e tha iongantach ge-tà gun tèid againn air ceanglaichean a dhèanamh eadar cuid den bhàrdachd agus cràbhachd na sgìre, cràbhachd nan Caimbeulach agus tachartasan air a' Ghàidhealtachd.

Air a' chiad sealladh 's e an dàn mu Naomh Coide an eisimpleir as treasa den chràbhachd ionadail a gheibhear anns a' bhàrdachd. Cha deach 'Foillsigh do chumhacht a Chéad' a dheasachadh fhathast agus mar sin chan urrainn dhomh bhith buileach cinnteach gur e dàn uile gu lèir cràbhaidh a th' ann nas motha.³⁵⁰ Tha an dàn ag ainmeachadh an naoimh grunn thursan, mar eisimpleir 'a cheddi ossill anglee' (*A Choide/Chéad uasail ainglidhe*) agus ag ainmeachadh dà naomh eile a chunnaic sinn a bha cudromach timcheall air Fairturchill, 'Di chosg connane a cheyw hass' (*Do chosg Connán a' chéibh thais*) agus 'Di chosg eawnane oissill' (*Do chosg Adhamhnán uasal*).³⁵¹ Mar sin, mas e dàn cràbhaidh a th' ann a tha cho ionadail seo dh'fhaodamaid a ràdh gu bheil sin neo-àbhaisteach. Rinn mi oidhirp air choreigin air pìosan den dàn a thuigsinn agus tha tòrr muirt is eucoir ann: 'Di warweis a cheddi hoskre / chalm chroa chossinde' (*Do mharbhais a Chéad choscraigh/chosgartha chalma chruaidh chosanta*). Mar sin, ma tha muirt is eucoir nam pàirt de sgeulachd an naoimh seo dh'fhaodamaid a ràdh gur e dàn cràbhaidh a tha seo. Ach is dòcha gur e dàn a th' ann a tha a' guidhe droch rùn neo dìoghaltas do bhuidheann air choreigin. Tha dàn eile coltach ri sin anns an Leabhar, 'Theast aon diabhal na nGaoidheal', a tha na aoir air Ailéin mac Ruaidhrí ceannard Chloinn Raghnaill. Tha e ag innse gun do mhallaich Fíonán, Dubhthach agus 'gach naomh eile' Ailéin air sgàth gun do chreach e sna sgìrean aca.³⁵² Tha tiotal an dàin seo mu Choide a' cuimhneachadh dhuinn dàn eile a tha mar ùrnaigh le adhbhar poilitigeach. 'S e sin an dàn 'Foillsigh do mhíorbhaile, a Mhoire' a tha a' guidhe do Mhoire airson Niall Garbh Ó

³⁵⁰ Chan e seo an aon iomradh air Coide bho Leabhar an Deadhain. Tha dàn eile ann air a bheil 'Skail cheale in keill mo chedde' air duilleag 181 den Leabhar; faic Quiggin, *Poems*, 102. Tha e coltach nach e dàn cràbhaidh a th'ann ge-tà.

³⁵¹ 'S ann bhon tar-sgrìobhadh aig Quiggin a tha gach earrann bhon dàn seo, na phàipearan, NLS LS. 14871. Tha Quiggin a' toirt dhuinn 'commane' far a bheil an t-Urramach MacLeòid (NLS LS 72.3.12, duilleag 282) agus MacLachlainn (NLS 72.3.3, duilleag 104) a' leughadh 'connane'. Tha Connán anns an dàn 'Parrthas tòrraidh an Díseart' a tha ag ainmeachadh 'Díseart Chonnán' agus 'gardha Chonnán', Watson, *Scottish Verse*, 196-203.

³⁵² Watson, *Scottish Verse*, 134-39.

Dómhnaill a shaoradh às a' phrìosan ann an Eilean Mhanainn.³⁵³ Mar sin, tha 'Foillsigh do chumhacht, a Chéad', ge be dè a b' adhbhar dhan dàn, a' toirt dhuinn fianais airson cràbhachd glè ionadail. Ach mura bheil an dàn mu Choide 'cràbhaidh' tha e a' ciallachadh nach eil a' bhàrdachd aocoltach ris a' chorpas de bhàrdachd leis gu bheil gainnead dhàin do naoimh ionadail ann, mar a chunnaic sinn.

Chunnaic sinn gu h-àrd gur iad sgeulachdan apocraphach mu bheatha agus mu Fhulangas Chrìosd cuide ri traidiseanan ceangailte ris a' Bhreitheanas a bu chumanta. Ann an Leabhar an Deadhain tha dà dhàn ann a tha a' labhairt ris a' Chrann-Cheusaidh: 'Marthain duit, a chroch an Choimdheadh' agus 'Cairt a síothchána ag síol 'Ádhaimh'. Dh'fhaodamaid ceangal a dhèanamh eadar cràbhachd don Chrann-Cheusaidh agus na Caimbeulaich cuideachd. Nuair a rinn an rìgh Seumas IV *burgh* saor do Chill Mhunna airson Cailean Iarla Earra-Ghàidheal chaidh dà fhèill phoblach, 'die S. Mundi' agus 'Inventionis S. Crucis Beltane' a stèidheachadh.³⁵⁴ Mar sin, dh'fhaodamaid an seo dàin bhon Leabhar a cheangal ri fèilltean agus na h-ìomhaighean den Chrann-Cheusaidh ann an cloich a chunnaic sinn anns a' chaibideil mu dheireadh.

Ma tha feart sam bith a tha glè làidir mu na dàin chràbhaidh anns an Leabhar, agus gu sònraichte na dàin a rinneadh ann an Alba, 's e sin gu bheil dàin stèidhichte air exempla cumanta. Rinn MacGill'Iosa iomradh air seo agus thuirt e

in this sort of poetry the 'story' becomes more central. In The Book, this genre is associated most strongly with the name of Giolla-Críost Táilléar, perhaps a professional poet to the Stewarts of Rannoch, to whom three such moral fables are attributed.³⁵⁵

'S iad sin na trì dàin 'Binn labhras leabhar Muire', 'Réatla na Cruinne Corp Críost' agus 'Adhbhar bróin brúadar bailc'. Cha deach gin dhiubh seo a dheasachadh ann an clò. Bheirear sùil air 'Binn labhras leabhar Muire' ann an Caibideil 6. B' fhiach e sùil aithghearr a thoirt air na dhà eile an seo. Tha 'Réatla na Cruinne Corp Críost' ag innse sgeulachd mu bhean ridire a dh'fheuch ri Corp Chrìosd a chleachdadh mar seun gaoil. Ged nach deach a dheasachadh tha oidhirp air tionndadh gu Gaoidheilg àbhaisteach anns na pàipearean aig Quiggin.³⁵⁶ 'S ann air an tionndadh sin a tha na leanas stèidhichte. Tha 'cailleach' a' toirt comhairle don bhoireannach Corp an Tighearna a chumail slàn na beul nuair a thèid i dhan aifreann. Chuir i e ann an ciste na dachaigh. Ach nuair a rinn i

³⁵³ J. Fraser, P. Grosjean agus J. G. O'Keefe (deas.), *Irish Texts Fasciculus II: Poems on the O' Donnells (1200 to 1600)* (London: Sheed and Ward, 1931), 76-78; McKenna, *Aithdiogluim Dána*, Leabhar I, 87-88 agus Leabhar II, 52-53.

³⁵⁴ Seo bhon *Database of Dedications to Saints in Medieval Scotland*, <http://webdb.ucs.ed.ac.uk/saints/>.

³⁵⁵ Gillies, 'Gaelic Literature', 221.

³⁵⁶ NLS LS 14870, Pàirt 2, 345-53.

fhèin is a' chailleach dimeas air an Abhlan chualas gal an Leanaibh bhon chiste. Nuair a gheibh an ridire a-mach na rinn a bhean thèid iad dhan Phàpa agus mu dheireadh thèid am boireannach a losgadh gu bàs. 'S sgeul toinnte a tha san dàn seo is e gu sònraichte mionaideach mu na rinn a' chailleach leis an Abhlan. Gheibhear rudeigin coltach ris ann an làmh-sgrìobhainn Shasannach bhon 14mh linn deug ach an seo ged a dh'fheuch am boireannach ris an Abhlan a chumail na beul, 's i an dùil a chur gu feum airson seun gaoil, leum e tro a gruaidhean dhan altair.³⁵⁷ Tha e cuideachd a' cur nar cuimhne sgeul a dh'innis am Franciscanach Tòmas à Eccleston anns an 13mh linn.³⁵⁸ Anns an sgeul sin tha eagal air mac Gheoffrey an Dispenser ro Thòmas leis gum faca e am Franciscanach ag ithe leanabh air an altair. Tha sgeul an dàin cuideachd car coltach ri fear de na mìorbhailean aig Johannes Herolt, mìorbhail a tha ag innse gun do ghoid boireannach iomhaigh den Leanabh bhon eaglais agus gun do chuir i am falach e ann an ciste na dachaigh.³⁵⁹ Tha an dàn againn inntinneach oir tha e a' toirt fianais dhuinn airson cràbhachd chumhachdach anns na meadhan-aoisean, cràbhachd do Chorp Chrìosd.³⁶⁰ Chuireadh fèill *Corpus Christi* air bonn eadar 1264 agus 1311x1317.³⁶¹ Leis a' chuideam ùr air ciall an tabhartais thàinig rabhaidhean an aghaidh mì-fheum. Bha na rabhaidhean sin gu tric ceangailte ri Iùdhaich.³⁶² Bha cràbhachd làidir do dh'Abhlan ann an Dijon a dh'fhuiling ionnsaigh bho Iùdhach.³⁶³ Tha e inntinneach nach e Iùdhach ach cailleach a

³⁵⁷ H. L.D. Ward, *Catalogue of Romances in the Department of Manuscripts in the British Museum*, 3 leabhraichean, (London: British Museum, 1883), Leabhar III, 514. Tha cruinneachadh de mhìorbhailean ceangailte ri Moire san làmh-sgrìobhainn seo (Lunnainn, BL, Sloane 2478) agus tha an sgeul seo ann an Laideann.

³⁵⁸ Tha *De Adventu Fratrum Minorum in Angliam* aig Tòmas à Eccleston aig J. S. Brewer (deas.), *Monumenta Franciscana* (London: Longman, 1858), 67-68. Tha iomradh air seo aig Shulamith Shuhar, *Childhood in the Middle Ages* (London: Routledge, 1990), 106-07.

³⁵⁹ Johannes Herolt, *Miracles of the Blessed Virgin Mary*, eadar.theang. le C. C. Swinton Bland agus ro-ràdh aig Eileen Power (London: George Routledge and Sons, 1928), 31-32.

³⁶⁰ Miri Rubin, *Corpus Christi: the Eucharist in Late Medieval Culture* (Cambridge: Cambridge University Press, 1991). Tha exemplum eile ann an rosg Gaoidheilge mu Chorp Chrìosd ga shàbhaladh le seilleanan ann an *Liber Flavus Fergusiorum*, c.1437-40, faic E. J. Gwynn, 'The Priest and the Bees', *Ériu* 2 (1905), 82-83. Tha seo cuideachd aig Caesarius à Heisterbach agus eile, faic Íde Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge: An Cnuasach Exempla Gaeilge sa Ls. 20978-9 i Leabharlann Ríoga na Bruiséile* (Maigh Nuad: An Sagart, 2004), 261.

³⁶¹ Stèidhich am Pàpa Urban IV an fhèill ann an 1264 ach chaochail e goirid an dèidh sin agus chaidh a stèidheachadh às ùr eadar 1311x1317 leis a' Phàpa Clement V, faic Rubin, *Corpus Christi*, 164-85. Cha robh an fhèill air a cumail gu 1318 ann an Sasainn, a rèir Duffy, *The Stripping of the Altars*, 43.

³⁶² Miri Rubin, *Gentile Tales: The Narrative Assault on Late Medieval Jews* (Philadelphia: Philadelphia University Press, 1999, eagrán 2004).

³⁶³ Denise L. Despres, 'Immaculate Flesh and the Social Body: Mary and the Jews', *Jewish History* 12 (1998), 62.

tha a' nochdadh san dàn againne agus tha a' bhuidseachd cho mionaideach anns an dàn gu bheil sin fhèin airidh air tuilleadh rannsachaidh.³⁶⁴

Tha an dàn eile, 'Adhbhar bróin bruadar bailc' ag innse sgeul le brìgh shamhlachail. Tha e stèidhichte air exemplum ainmeil mu fhear a' teicheadh bho aon-adharcach a gheibhear mar phàirt den sgeul mu Bharlaam agus Josaphat.³⁶⁵ Chaidh a ràdh gun robh co-dhiù trì diofar dreachan den sgeul aithnichte anns na meadhan-aoisean:

Cette fable existe en latin sous trois formes au moins : 1° dans l' ancienne version latine de Barlaam et Josaphat ; 2° dans les sermons de Jacques de Vitri ; 3° dans ceux d'Eude de Cheriton.³⁶⁶

Bha co-dhiù a' chiad³⁶⁷ agus an treas³⁶⁸ dreach aithnichte ann an rosg Gaoidheilge. Chan urrainnear cus a ràdh le cinnt mun dàn aig an Táilléar gus an tèid a dheasachadh, ach air a' chiad sealladh tha sgeul an dàin nas fhaisge air dreach Odo de Cheriton. B' e measan a ghlac aire an duine anns a' chraoibh agus chan eil sgeul air na ceithir nathraichean a th' anns na dreachan eile.³⁶⁹ Ach tha ùr-ghnàthachadh fìor innleachdach ann an dàn an Táilléir a gheibhear ann an ceathramh dreach nach eil air ainmeachadh gu h-àrd. An àite cnuimh gheal is cnuimh dhubh a' criomadh fhreumhaichean na craoibhe tha boireannach is fireannach le fàradh a' tabhainn cobhair dha. Anns an dòigh seo bha dol às aig an duine a dhiùlt e airson mìlseachd nam measan. Gheibhear an t-ùr-

³⁶⁴ Tha fhios againn gun robh obagan-gaoil aithnichte air a' Ghàidhealtachd, tha dhà ann an làmh-sgrìobhainn mheidigeach a bh' aig na Peutanaich ann am Muile, faic Dùn Èideann, NLS Adv. LS 72.1.2.

³⁶⁵ Quiggin, *Prolegomena*, 123; MacGregor, 'The View from Fortingall', 73.

³⁶⁶ Lucy Toulmin Smith agus Paul Meyer (deas.), *Les Contes Moralises de Nicole Bozon* (Paris: Société des Anciens Textes Français, 1889), 240. (Gheibhear an t-uirsgeul seo ann an co-dhiù trì diofar dreachan Laidinn : a' chiad anns an dreach àrsaidh Laidinn de Bharlaam agus Josaphat ; an dàrna anns na searmoin aig Jacques de Vitri ; an treas anns an fheadhainn aig Odo de Cheriton).

³⁶⁷ Sna meadhan-aoisean bhathar a' cur eachdraidh Bharlaam agus Josaphat as leth Naomh Eòin à Damascus agus tha e coltach gun deach an dreach Greugais a sgrìobhadh san ochdamh linn, faic G. R. Woodward agus H. Mattingly (deas.), *St. John Damascene : Barlaam and Iosaph* (London : William Heinemann, 1914), ix-xii. Bha an dreach seo aithnichte fad is farsaing bho chuir Jacobus de Voragine e na *Legenda Aurea*. A rèir Robin Flower et al., *Catalogue of Irish Manuscripts in the British Museum*, 3 leabhraichean (London : British Museum, 1926-1953), Leabhar II, 559, 's e seo, ann an Gaoidheilg, a gheibhear ann an Lunnainn, BL, LS Egerton 136. 'S e an dreach seo a gheibhear aig Céitinn ann an *Trí Bior-Ghaoithe an Bháis* cuideachd, Osborn Bergin, *Trí Bior-Ghaoithe an Bháis, Séathrun Kéitinn do Sgríobh* (Dublin: Royal Irish Academy, 1931), 21-22.

³⁶⁸ Gheibhear an dreach seo ann an Léopold Hervieux, *Les Fabulistes Latins*, 5 leabhraichean (Paris: Librairie de Firmin-Dido, 1896), Leabhar IV, 217-18 agus ann am Beurla aig John. C. Jacobs (deas.), *The Fables of Odo de Cheriton* (Syracuse : Syracuse University Press, 1985), 120-21. Tha seo ri fhaighinn an Gaoidheilg ach le leudachadh neo dhà ann an Oxford, Bodleian Library, Rawlinson LS B 513 a sgrìobh Conall Ballach Mac Parthaláin sa chòigeamh linn deug, faic Gearóid Mac Niocaill, 'Exempla', *Éigse* 8 (1956-57), 237-38.

³⁶⁹ Airson an dàrna dreach den sgeul aig Jacques de Vitri faic Thomas Frederick Crane, *The Exempla or Illustrative Stories from the Sermones Vulgares of Jacques de Vitri* (London: Folk-Lore Society, 1890), 60.

ghnàthachadh mun fhàradh ann an co-dhiù aon dreach den sgeul bho na *Gesta Romanorum*.³⁷⁰ Thathar den bheachd gun do chuireadh na *Gesta Romanorum* ri chèile aig toiseach a' cheathramh linn deug.³⁷¹ Mar sin, tha dàn an Táilléir a' toirt dhuinn an dreach den sgeul a gheibhear anns an tùs sin. Tha 'Adhbhar bróin' fhathast eadar-dhealaichte ann an àite neo dhà, mar eisimpleir gum b' e dithis a dh'fheuch ri chuideachadh. Mar sin, tha e follaiseach gu bheil na dàin seo a rinneadh ann an Alba stèidhichte air exempla a bha nam pàirt de litreachas cràbhaidh Eòrpach ach gun robh na bàird toilichte cur riutha agus atharrachadh a dhèanamh orra.³⁷²

Tha dàn Èireannach anns an Leabhar a tha stèidhichte air exemplum cuideachd, 's e sin an dàn 'Mairg mheallas muirn an tsaoghail'. Tha e ag innse sgeul mu leanabh a rugadh sa phrìosan agus mar a tha a mhàthair a' fulang ged nach eil e fhèin.³⁷³ 'S e sgeulachd a th' ann a bha anns na *Gesta Romanorum* ach a thàinig bho sgrìobhaidhean Naoimh Ghriogair Mhòir.³⁷⁴ Tha an dàn inntinneach dhuinn airson dà adhbhar. An toiseach, tha fhios gun cuimhneachadh an dàn seo, don luchd-cruinneachaidh agus don luchd-èisteachd air a' Ghàidhealtachd, na thachair do Dhòmhnall Dubh. Ma tha firinn anns na tha *Leabhar Chloinne Raghnail* ag innse, 's ann anns a' phrìosan a rugadh Dòmhnall Dubh do Iseabail, nighean Chailein 1d Iarla Earra-Ghàidheal, agus Aonghas Òg, agus bha e sa phrìosan gun robh e 30 bliadhna a dh'aois.³⁷⁵ A rèir *Eachdraidh Shlèite nan Dòmhnallach* rug iad air Dòmhnall Dubh aig trì bliadhna a dh'aois agus bha e sa phrìosan aig na Caimbeulaich ann an Innis Chonnaill gus an do liath fhalt.³⁷⁶ An dàrna adhbhar a tha an dàn seo inntinneach 's e gu bheil e a' crìochnachadh le rannan do Mhoire. Tha sgeul a' phrìosain ga innse is ga mhìneachadh thairis air mu fhichead rann ach tha còrr is fichead rann eile ann an uair sin a' dèanamh dealbh air Nèamh agus

³⁷⁰ Hermann Oesterley, *Gesta Romanorum* (Berlin: Weidmannsche, 1872), 556 (Caibideal 168); Sidney J. H. Herrtage (deas.), *The Early English Versions of the Gesta Romanorum* (London: Early English Text Society, 1879), 109-10.

³⁷¹ Herrtage, *The Early English Versions*, x.

³⁷² Tha seo a' cur taic ri beachdan Ní Uallacháin air na h-exempla sa Ghaidheilg, faic Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge*, 258.

³⁷³ Iomradh air an dàn aig Ó Caithnia, *Apalóga na bhFilí*, 195-96.

³⁷⁴ Brigitte Weiske, *Gesta Romanorum*, 2 Leabhar, (Tübingen: M. Niemeyer, 1992), Leabhar I, 100. Airson na sgeulachd seo aig Griogair faic Odo John Zimmerman (trans.), *Saint Gregory the Great: Dialogues* (New York, Fathers of the Church, 1959), 190. Agus eadar-theangachadh den dreach sna *Gesta Romanorum* aig Charles Swan (eadar-theang.), *Gesta Romanorum* (London: George Routledge & Sons, 1924), 212-13.

³⁷⁵ Cameron, *Reliquiae Celticae*, Leabhar II, 162.

³⁷⁶ J. R. N. MacPhail (deas.), *Highland Papers*, 4 leabhraichean (Edinburgh: Scottish History Society, 1914-34), Leabhar I, 50. Air an eachdraidh seo uile faic Stephen Boardman, *The Campbells 1250-1513* (Edinburgh: John Donald, 2006), 228-32.

Ifrinn. Bheirear sùil air na rannan seo do Mhoire agus eisimpleirean eile de rannan do Mhoire a' nochdadh aig deireadh dhàin aig deireadh a' chaibideil seo.

Mus dèan sinn sin bheirear sùil nas mionaidiche air aon dàn cràbhaidh anns an Leabhar. Bidh an còrr den tràchdas a' cumail aire air Moire. Ach le bhith a' toirt sùil air dàn a tha cuideachd a-mach air ban-naomh eile bidh cothrom againn coimeas a dhèanamh. Bheir sgrùdadh air an dàn 'Réalta na Cruinne Caitir Fhíona' cothrom dhuinn a dhol an sàs nas doimhne cuideachd ann am feadhainn de na beachdan air bàrdachd chràbhaidh a chunnaic sinn aig toiseach a' chaibideil seo. An ann tro bheul-aithris an-còmhnaidh a fhuair na bàird na sgeulachdan cràbhaidh? A bheil an diadhachd agus an sgeul beagan tana? A bheil fianais sam bith ann airson creideamh a bha Gaoidhealach air dòigh sam bith?

3.2.2 'Réalta na Cruinne Caitir Fhíona'

'S ann mu Naomh Catrìona à Alexandria a tha an dàn 'Réalta na Cruinne Caitir Fhíona'. Chaidh an dàn fhoillseachadh le MacGionnaith ann an *Aithdioghlaim Dána* a' cleachdadh Leabhar Chlainne Suibhne (1513) mar thùs.³⁷⁷ Agus a' toirt sùil air an dàn mar a chaidh fhoillseachadh chithear sa bhad carson a bhiodh beachd rudeigin suarach aig cuid air an t-seòrsa bàrdachd seo. 'S e glè bheag bho sgeulachd aithnichte Naomh Catrìona a tha a' nochdadh anns an dàn. Chan eil an dàn mar a tha e a' nochdadh ann an Leabhar Chlainne Suibhne a' toirt dhuinn ach gur e ban-Ghreugach a bh' innte agus gun do chùim i a h-òigheachd. A bharrachd air sin 's e moladh air a bòidhchead a gheibh sinn. Tha iomradh air buidheann de naoimh dhùthchasach a' nochdadh aig deireadh an dàin agus feadhainn dhiubh beagan àraid.

Ach tha na rannan a bharrachd bhon dàn mar a tha e ann an Leabhar an Deadhain a' toirt dhuinn fad a bharrachd fiosrachaidh bho sgeul an naoimh. Chì sinn gum faighear an dàn ann an làmh-sgrìobhainn eile agus tha na rannan a bharrachd an sin cuideachd. Mu dheireadh thèid sealltainn gu bheil ceangal glè làidir ann eadar an dàn agus rosg Gaoidheilge air Catrìona. Chì sinn cuideachd aig deireadh na h-earrainn seo gun robh adhbharan glè phearsanta is ionadail ann an dàn a chur ann an Leabhar an Deadhain.

An toiseach ge-tà 's fheàirde sinn iomradh aithghearr a dhèanamh air an naomh seo agus air a *beatha*. Bha Naomh Catrìona air aon de na naoimh a bu chudromaiche

³⁷⁷ Seo Baile Àtha Cliath, RIA LS 24 P 25, faic Ryan, 'Windows'; Bha fhios aig MacGionnaith gun robh tuilleadh rannan ann an Leabhar an Deadhain, faic *Aithdioghlaim Dána*, Leabhar I, 358.

anns na meadhan-aoisean air feadh na h-Eòrpa.³⁷⁸ A rèir an traidisein dh'iompaich a' bhanrigh seo, nighean Rìgh Costus, dhan Chreideamh Chrìosdail tràth sa cheathramh linn.³⁷⁹ Ghabh an t-iompaire Maxentius an fhearg nuair a chuala e gun do rinn i seo ach dhiùlt Catrìona ùrnaigh do na seann diathan. Chaidh leth-cheud feallsanaiche a chur thuice ach fhuair ise làmh an uachdar agus ghabh iadsan ris a' Chreideamh cuideachd. Ghabh Maxentius nòisean dhi ach a dh'aindeoin gach oidhirp a rinn e dhiùlt Catrìona, a' glèidheadh a h-òigheachd. Dh'iompaich Catrìona bean Mhaxentius nuair a thàinig i dhan phrìosan ga faicinn gus mu dheireadh thug e seachad òrdugh bàs Catrìona. Chruthaich iad inneal a mharbhadh i le ceithir cuibhlichean ach sgrios Dia e mus d'fhuair e faisg oirre. Nuair a chaidh inneal nan cuibhlichean a sgrios chuir e às do 4000 duine faisg air làimh. Chaidh a dicheannadh aig a' cheann thall agus shìl bainne an àite fuil bho corp. Ach mus do chaochail i dh'iarr i air Crìosd taic a thoirt dhaibhsan a dhèanadh ùrnaigh dhi aig uair a' bhàis. Thug ainglean a corp do Bheinn Sinai far an do thòisich ola iocshlainteach a' snigheadh bho a duslach.

'S e seo cnàmhan na sgeulachd ach chaidh cur ris mar a chaidh na meadhan-aoisean air adhart, le traidisean gun do phòs Crìosd i, ann an seòrsa de bhruadar, aithnichte mar am 'mystical marriage' agus gheibh sinn sin ann an Alba anns an *Scotichronicon* bhon chòigeamh linn deug.³⁸⁰ Air sgàth na diofar eilimeidean anns an sgeulachd bha i air a faicinn mar naomh: dhaibhsan a bha rìoghail no uasal; dhaibhsan aig an robh ùidh ann an sgoilearachd; do dhaoine a bha a' bàsachadh; do luchd-ciùird a chleachdadh cuibhle; dhaibhsan anns na h-òrduighean cràbhaidh, agus i air a meas mar bhean Chrìosd.³⁸¹

³⁷⁸ Jacqueline Jenkins and Katherine J. Lewis, 'Introduction' ann an Jacqueline Jenkins and Katherine J. Lewis (deas.), *St Katherine of Alexandria: Texts and Contexts in Western Medieval Europe* (Turnhout: Brepols, 2003), 1. Airson cho mòr aig an t-sluaigh 's a bha i ann an Sasainn mar eisimpleir faic Katherine J. Lewis, *The Cult of St Katherine of Alexandria in Late Medieval England* (Woodbridge: Boydell, 2000). Air mar a sgaoil cràbhachd do Shasainn an toiseach faic Christine Walsh, *The Cult of St Katherine of Alexandria in Early Medieval Europe* (Aldershot: Ashgate, 2007), gu sònraichte caibideil a seachd.

³⁷⁹ Tha an geàrr-chunntas a leanas stèidhichte air leithid Lewis, *The Cult of St Katherine*; tha sgeul an naoimh a' nochdadh anns na *Legenda Aurea* a bha cho cumanta, faic de Voragine, *The Golden Legend*: Leabhar II, 334-41. Airson fianais Albannach faic na *lectiones* airson a latha-fèille (25 An t-Samhainn), mar eisimpleir W.D. M[acray] (deas.), *Breviarum Bothanum* (London: Longmans, Green and Co., 1900), 653-56. Airson a beatha ann am bàrdachd na Beurla Ghallda faic W. M. Metcalfe (deas.), *Legends of the Saints in the Scottish Dialect of the Fourteenth Century*, 3 leabhraichean (Edinburgh: William Blackwood and Sons, 1896), Leabhar II, 442-77. Tha beagan air cràbhachd dhi air Galldachd na h-Alba aig Fitch, *Power Through Purity*, 17-19.

³⁸⁰ Lewis, *The Cult of St Katherine*, 107-110. Airson seo anns an *Scotichronicon* faic Walter Bower, *Scotichronicon*, deas. le D. E. R. Watt et al., 9 leabhraichean (Aberdeen: Aberdeen University Press, 1987-1998), Leabhar I, 285-97.

³⁸¹ Jenkins agus Lewis, 'Introduction', 3; David Farmer, *The Oxford Dictionary of Saints*, 5mh eagan (Oxford: Oxford University Press, 2003), 95.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd tha an dàn mar a tha e a' nochdadh ann an Leabhar an Deadhain a' sealltainn eòlas a bharrachd air an sgeulachd seo na chì sinn anns an eagan fhoillsichte den dàn. 'Tha an dàn a' nochdadh cuideachd ann an Lunnainn, BL, LS Additional 33993³⁸² agus a' toirt taic dhuinn na rannan a bharrachd a thuigsinn. Bheirear sùil an seo air feadhainn de na rannan a bharrachd a tha sin, a tha an dà chuid ann an Leabhar an Deadhain agus Additional 33993. 'S e rannan bhon eagan eadar-amail agam fhìn a tha seo bho Additional 33993. Cha tèid tionndadh gu Gaidhealg a thoirt air dreach Leabhar an Deadhain agus cha tèid eadar-theangachadh a thoirt seachad an seo nas motha.³⁸³ Chithear anns an rann gu h-ìosal iomradh air an ùine a chuir Catriona seachad sa phrìosan nuair a nochd aingeal dhi:

Leabhar an Deadhain (Rann 8)

Weì'se gyn vey keigeiss co^olane,
croye in payny^t,
anggil Dei nyn neve da neve
grayne da zragⁿnow³⁸⁴

Additional 33993 (Rann 12)

A bheith gan biadh caidh^bcis comblan
cruaidh na piana
aingil Dé naemb da naemhaibh
grian da grianuibh

'Tha an ath rann a' dèanamh dealbh oirre ann an Nèamh, air Sliabh Shioin, ach tha amharas agam gum faodadh e bhith gu bheil àite a h-adhlacaidh (Sliabh Shinai) air inntinn a' bhàird agus gun tàinig an troimh-chèile seo eadar Sliabh Shioin agus Sliabh Shinai bhon rosg air a bheil an dàn stèidhichte, faic gu h-ìosal:

Leabhar an Deadhain (Rann 9)

Grane de zranew ir sleive Sheann
na sliss grynⁿ,
mir cheynni er troir ny^t troye
koil ny^t clarri³⁸⁵

Additional 33993 (Rann 13)

Clár da thalmann ar sliabh sidhain
le gai greine
~~gur~~ do cinn ar gach treoir da truaidhe
ceol na cleire

Anns an rann seo chithear iomradh air a farpais le leth-cheud feallsanaiche:

Leabhar an Deadhain (Rann 10)

A reythgidd' keigit folsy^t
nor hey^mmi^t fregr^y^t,
mir cheynni^t er teyrny^t tagry^t
doe gyn negny³⁸⁶

Additional 33993 (Rann 8)

Gur cinn ar in caegad fellsumh
nar frith fregra
rainic le gan toir gan tagra
oig na hagna

³⁸² A rèir Flower, *Catalogue*, Leabhar II, 1-5, 's ann anns an t-siathamh linn deug a rinneadh an làmh-sgrìobhainn seo ann an Tiobraid Árann.

³⁸³ Tha dùil agam eagan ceart den dàn agus sgrùdadh a chur an clò a dh'aithghearr.

³⁸⁴ Quiggin, *Poems*, 48 ach tha mi fhìn air a leasachadh ann an dà àite (co^olane agus zragⁿnow).

³⁸⁵ Quiggin, *Poems*, 48. Tha MacGill'Ìosa a' moladh 'sheann' seach 'ssean' Quiggin agus 'greynn' an àite 'greyn', co-luadar pearsanta.

³⁸⁶ Quiggin, *Poems*, 48.

Tha an dà rann gu h-ìosal inntinneach oir tha iad a' sealltainn beachd gum faodadh an naomh seo cobhair a dhèanamh air euslaintich is eile.

Leabhar an Deadhain (Rann 15)

Teggit er *ympe* vo nosen
ir ny^t hatty^t
ne bee fer ansi glee grotty^t
neyn beyn bagky^{t 387}

Additional 33993 (Rann 10)

Teid ar *ímtecht* ar bur noigh si
ar na hatac*b*
mbi *fir* dib*b* sa cli Eta<ch>
s ní bí bacac*b*

Leabhar an Deadhain (Rann 16)

Bagky^t is aslane is anvin
biat na hyry^t,
no^t char hwly^t in grt gawlzlan
corpe na^t cawrin³⁸⁸

Additional 33993 (Rann 9)

Bacaigh is *eslanti* is anfbainn
bid na had*bradb*
nochar *tbaraill in* gort gel<ghlan>
corp nar caed*bra*

Mar sin, chan eil an dàn mar a tha e air a ghlèidheadh anns an dà thùs seo cho faoin is a tha e ann an Leabhar Chlainne Suibhne.

Thèid againn air sealltainn cuideachd gu bheil dàimh glè làidir ann eadar an dàn (gu sònraichte na rannan a bharrachd) agus Beatha Catrìona ann an rosg Gaoidheilge. Tha barrachd is aon bheatha aice ann an Gaoidheilg. Ach tha ceangal sònraichte ann eadar an dàn agus a' bheatha ann an Leabhar Chlainne Suibhne. Chaidh seo a dheasachadh le Gearóid Mac Niocaill mar 'Betha oculus Bás Chaitreach Fína' air sgàth nota a sgrìobh Ciothruadh Mág Fhionngail aig deireadh na beatha a tha a' toirt an ainm sin air agus e ag ràdh gum b' e 'Enog O Gillain da *thairring* a Laidin hí *ocus* misi me fein [?].'³⁸⁹ Cha deach an tùs Laidinn aithneachadh fhathast ach thuirt Mac Niocaill gum b' e 'leagan anashaor' a th' ann. 'S e tha inntinneach dhuinne gu bheil earrann neo dhà bhon rosg a tha glè choltach ris an dàn. Tha na h-aon fhaclan air an cleachdadh turas neo dhà, mar eisimpleir:

An Rosg (Leabhar Chlainne Suibhne)

gan a hoghacht do thruailledh

An Dàn (Additional 33993)

oígh nar truailled*b*

An Rosg (Leabhar Chlainne Suibhne)

Da c(h)*indedb* ar fheallsam*b*naib*b* ... *caoca*
fellsam*b*

An Dàn (Additional 33993)

gur cinn ar in *caegad* fellsumh

An Rosg (Leabhar Chlainne Suibhne)

caoid*igb*is chomblinta cen b*biadb* cen digh

An Dàn (Additional 33993)

gan biadb caid*b*cis comblan

³⁸⁷ Quiggin, *Poems*, 48.

³⁸⁸ Quiggin, *Poems*, 48.

³⁸⁹ Gearóid Mac Niocaill, 'Betha oculus Bás Chaitreach Fína', *Éigse* 8 (1956-57), 231-36.

Anns an dàn tha an naomh agus aingeal a' nochdadh anns an aon rann; tha an rosg ag ràdh gun deach a cumail sa phrìosan agus an uair sin a' dèanamh iomradh air 'an t-aingil aga agallaimh'. Tha an ionannachd as soilleire ri fhaighinn anns na h-iomraidhean air Sliabh Shioin. Anns an dàn tha an rann sin (faic gu h-àrd) ag ainmeachadh '**Cliar, Sliabh Sidhain/ sleibe ssean, gai greine/ sliss gryn** agus **cèol na clèire/ koil nyt clarri**.

Tha seo uile glè fhaisg air earrann bhon rosg a tha ag ràdh:

do *thōcaibh in ghrian* a gormfhabhra *thar slēibhtibh ocus thar slighthibh* srebhghorma na cāich **am tSliabh Siōin**, *ocus* do clos aongblō(i)r gā moladh ag na mōrc**hliaraibh** *ocus* na haingil agā hinnsaidhe; *ocus* do *thōgbhatar in* corp leo co caointrom **ceolchliarach** co mullach Slēbhe Siōin.³⁹⁰

Tha an rosg ag innse dhuinn an uair sin gun deach an corp aice adhlacaidh aig Sliabh Shioin, 'ait a tucadh do Mbaiois an mboraithe'. Mar sin, tha breisleach anns an rosg agus iad a' toirt dhuinn Sliabh Shioin airson Sliabh Shinai agus tha fhios gur e sin an t-adhbhar a tha Sion a' nochdadh anns an dàn idir. Mar sin, tha e coltach gun robh am bàrd glè eòlach air an rosg seo bho Leabhar Chlainne Suibhne. Am faodadh e bhith gu bheil an dàn mar seòrsa de ghiorrachadh ann am bàrdachd air a' bheatha? Tha dàn fada mu bhunaitean a' Chreidimh anns an rosg mu thràth is e air a chur am beul Catriona agus iad air feuchainn ri losgadh. Tha an dàn 'Réalta na Cruinne Caitir Fhíona' a' nochdadh mar a tha e aig deireadh na beatha a' cuimhneachadh *prosimetrum* dhuinn gu sònraichte bàrdachd a tha ann, 'to corroborate or authenticate what has already been stated in the prose.'³⁹¹ Mar sin, tha e coltach gu bheil eisimpleir againn an seo de dhàn a tha sealltainn eòlas cruinn gu leòr air sgeul naoimh agus dàn a tha stèidhichte air rosg sgrìobhte.

Tha an dàn na chùis-ùidh air adhbhar eile agus sin a' bhuidheann de naoimh a tha a' nochdadh aig deireadh an dàin anns gach dreach a th' againn. Anns a' chlàr gu h-ìosal gheibhear na naoimh sin mar a tha iad a' nochdadh anns na trì dreachan:

³⁹⁰ Mac Niocaill, 'Betha ocus Bás', 236.

³⁹¹ Gregory Toner, 'Authority, Verse and the Transmission of Senchas', *Ériu* 55 (2005), 59. Air a' chuspair faic Proinsias Mac Cana, 'Prosimetrum in Insular Celtic Literature', ann an Joseph Harris agus Karl Reichl (deas.), *Prosimetrum: Crosscultural Perspectives on Narrative in Prose and Verse* (Woodbridge: Boydell and Brewer, 1997), 99-130; Proinsias Mac Cana, 'Notes on the Combination of Prose and Verse in Early Irish Narrative', ann an Stephen N. Tranter agus Hildegard Tristram (deas.), *Early Irish Literature: Media and Communication* (Tubingen: Gunter Narr, 1989), 125-47.

Leabhar an Deadhain	Additional 33993	Leabhar Chlainne Suibhne
Brei ^t Errin <i>agus</i> Albin	Brig ^{id} erinn <i>agus</i> alban	Brig ^{it} Eireann <i>agus</i> Alban
kearrane	x	ciaran
keivin	x	caomf ^h ind
collwm kil	x	colam cilde
pat ^k	Brenaid	patraig
martin	martan	martain
moggane	mongan	mongan
man ⁿ yn	manann	manand
commane	coman	coman
corril	cairell	coireill
In treno ^t vor	x	An trinoid mór
mvr	x	Mviri
Meichtal	x	Micheal
Eone meildeig ba ⁿ neive voynny ^t	x	aonmili dec banog builli
Aary ^t	Athrrachta	At ^h rac ^h ta

Chan eil rùm anns an tràchdas seo ach airson beachd neo dhà air a’ bhuidhinn seo. Tha e soilleir gu bheil an taghadh de naoimh brioghmhor. Tha measgachadh an seo de naoimh bhon Bhìoball agus naoimh eadar-nàiseanta mar a tha Màrtainn, Micheal agus Moire. Tha naoimh mhòra nan Gàidheal againn: Calum Cille, Pàdraig (neo Briannan), agus Brìghde. Tha naoimh dhùthchasach nas ionadail ann mar a tha Athrachta.³⁹² Ach ’s e an t-ìomradh air ‘moggane manⁿyn/ mongan manann/ mongan manand’ as annasaiche buileach. ’S e caractar bho litreachas nan Gàidheal a bh’ ann am Mongán mac Fíachnai, a bu mhac do Mhanannán mac Lir.³⁹³ Tha teacs ann cuideachd a tha ag innse mu

³⁹² Tha *Vita* aig Attracta bhon t-seachdamh linn deug a tha ag innse gun robh i beò aig àm Phàdraig, faic John Colgan, *The Acta Sanctorum Hiberniae of John Colgan* (Dublin: Stationery Office, 1948), 277-82. Tha Mackinlay, *Ancient Church Dedications*, II, 408-10 a’ dèanamh ìomradh air cho cumanta ’s a tha *Coireall* ann an ainmean eaglaisean is eile agus e ag innse gum b’ e seo Naomh Cyril à Alexandria ach bha naomh Èireannach ann air an robh Caireall, easbaig à Tír Rois ann am Muineachán. Tha MacCionnaith fhèin ag innse mun Chaireall sin agus e ag innse gu bheil an naomh a’ nochdadh ann am Fèilire Dhún na nGall air an 13 An t-Ògmhios, faic McKenna, *Aithdioghluim Dána*, II, 262; Michael O’ Clery, *Martyrology of Donegal*, deas. le John O’Donovan, J. H. Todd agus William Reeves (Dublin: Irish Archaeological and Celtic Society, 1864), 168-69. Tha e coltach gur e sin an naomh a bha air a chuimhneachadh aig eaglais Kilespickerill (Cill Easbaig Chairill) ann am Mucàrna, faic Thomas Owen Clancy, ‘Annat in Scotland and the Origins of the Parish’, *The Innes Review* 46 (1995), 111; MacDonald, ‘Iona’s Local Associations’, 103. Cuideachd airson na h-eaglaise sin faic <http://arts.st-andrews.ac.uk/~cmas/site.php?id=126631> (An t-Samhain 2009).

³⁹³ Airson na sgoilearachd air Mongán faic Nora White, *Compert Mongáin* (Maynooth: Department of Old and Middle Irish, Maynooth, 2006).

chòmhradh eadar Mongán agus Calum Cille³⁹⁴ ach a bharrachd air sin chan eil againn ach nota an cois an 3mh den t-Sultain ann am *Féillire Oengussa* a tha ag ainmeachadh Mongán ann an co-theacs cràbhaidh sam bith.³⁹⁵ Tha ceist ann am bu chòir dhuinn Mongán Manann a thuigsinn mar aon duine, Mongán de Mhana³⁹⁶ neo Manann fhaicinn fiù mar iomradh air Manannán mac Lir.³⁹⁷ Tha MacIlleDhuibh air iomradh a dhèanamh air cràbhachd do Mhanannán (neo Bannan) air Gàidhealtachd na h-Alba, ceangailte ri cleachdaidhean Diardaoin a' Bhrochain Mhòir (Diardaoin ann an seachdain na Càisge).³⁹⁸ Chan urrainnear a bhith cinnteach a bheil ceangal ann eadar an t-iomradh air Manannán san dàn seo agus cleachdaidhean air a' Ghàidhealtachd ceudan a bhliadhnaichean an dèidh làimh ge-tà. Ach tha e annasach gu bheil 'Mongán Manann' a' nochdadh ann idir. An e fianais a tha seo airson cràbhachd dha-rìreabh ionadail is Gaoidhealach?

Carson a bhiodh ùidh aig an luchd-cruinneachaidh ann an dàn do Chatrìona à Alexandria co-dhiù? Mar a luaidh sinn gu h-àrd b' i tè de na ban-naoimh a bu chudromaiche is mar sin chan eil e na iongnadh an ùidh seo fhaicinn. Tha fianais air choreigin ann airson cràbhachd dhi air a' Ghàidhealtachd, mar an iomhaigh shnaighte dhi bhon t-siathamh linn deug air cas croise à Òrasaigh.³⁹⁹ Ach thèid againn air adhbharan eile a lorg airson cràbhachd dhi a tha nas fhaisge air an luchd-cruinneachaidh. Chunnaic sinn mu thràth gun robhar a' cumail fèill air latha naomh Catrìona ann am Fairturchill. Tha e coltach gun robh ùidh aig na Caimbeulaich innte cuideachd. Tha Boardman air sealltainn dhuinn gun robh na Caimbeulaich a' toirt taic do na Carmelich agus Doiminiceanaich agus thuirt e gum faodadh seo soillearachadh a thoirt dhuinn air

³⁹⁴ White, *Compert Mongáin*, 41.

³⁹⁵ McKenna, *Aithdioghluim Dána*, II, 262; Stokes, *The Martyrology of Oengus*, 198-99 agus 436.

³⁹⁶ Moladh ann an co-luadar pearsanta bho Uilleam MacGill'Ìosa.

³⁹⁷ Tha MacCionnaith a' toirt ar n-aire gu 'Mannan agus Tian Airiudh h-Uird' ann am ann am Fèillire Dhún na nGall air an 23 An Gearran. Faic McKenna, *Aithdioghluim Dána*, II, 262; O' Clery, *Martyrology of Donegal*, 56-57. Air Manannán mac Lir faic Charles MacQuarrie, *The Biography of the Irish God of the Sea from The Voyage of Bran (700 A.D.) to Finnegan's Wake (1939): The Waves of Manannán* (Lampeter: Edwin Mellen Press, 2004).

³⁹⁸ Black, 'Scottish Fairs', 27; Raghnall Mac Ille Dhuibh 'Fire, Water and the St John Con', *West Highland Free Press* 19th June 1987; Ronald Black (deas.), *The Gaelic Otherworld* (Edinburgh: Birlinn, 2005), 219 agus nota 114 air duilleagan 590-91. Chaidh Manannan ainmeachadh a-rithist o chionn ghoirid ann an caibideil air 'Belief Systems and Cosmology' aig Michael Newton, *Warriors of the Word* (Edinburgh: Birlinn, 2009), 222.

³⁹⁹ Steer agus Bannerman, *Late Medieval Monumental Sculpture*, 71 agus Plate 28B.

the regular appearance of the Virgin Mary as a focus for devotion in grants made by Duncan Campbell, and the repeated use of the name Katherine for the daughters of fifteenth-century lords of Lochawe.⁴⁰⁰

Bha naomh Catrìona à Siena fìor chudromach do na Doiminiceanaich agus i fhèin anns an òrdugh. Chaochail i ann an 1380 agus chuireadh i an àireamh nan naomh ann an 1461.⁴⁰¹ Tha e coltach gun do sgaoil cràbhachd dhi gu luath oir chaidh na sgrìobhaidhean a dh'aithris i do a luchd-leantainn mar 'Il Dialogo' eadar-theangachadh gu Beurla, mar eisimpleir, aig toiseach na còigeamh linn deug, mus deach a cur an àireamh nan naomh.⁴⁰² Mar a chunnaic sinn na bu thràithe bha fèill ga cumail air a lathas cuideachd ann am Fairtìrchill. Ach feumaidh gun robh ùidh aig na Caimbeulaich ann an Naomh Catrìona à Alexandria cuideachd. Anns na h-athchuingean don Ròimh a chaidh fhoillseachadh tha Cailean Caimbeul (Cailean Dubh na Ròimhe), ciad Tighearna Ghlinn Urchaidh ag iarraidh cead aifreann is eile a chumail ann an Cill Chatrìona air Loch Fine.⁴⁰³ Tha Cailean ag ràdh gum b' e athair a stèidhich an caibeal.⁴⁰⁴ B' e Donnchadh Caimbeul Loch Obha a b' athair dha agus chaochail esan ann an 1453. Mar sin, tha fhios gu bheil seo a' sealltainn cràbhachd do Chatrìona à Alexandria, agus Catrìona à Siena fhathast gun a cur an àireamh nan naomh aig an àm sin. Bha an t-ainm Catrìona cumanta am measg bhan-Chaimbeulaich uasal. Mar eisimpleir, bha co-dhiù aon nighean aig Cailean Mòr, Iarla Earra-Ghàidheal air an robh Catrìona; tha e coltach gum b' e seo an tè a bha pòsta aig Domhnall Gorm agus an uair sin Torcuill MacLeòid.⁴⁰⁵ 'S dòcha gu bheil adhbhar nas pearsanta buileach ann gun robh ùidh aig an luchd-cruinneachaidh ann an Naomh Catrìona, air sàillibh is gum b' e Catrìona ainm am màthar fhèin.⁴⁰⁶

Tha an dàn seo mar a tha e againn ann an Leabhar an Deadhain inntinneach air adhbhar eile cuideachd. 'S e sin gu bheil e a' crìochnachadh le rann air Moire. Chan eil

⁴⁰⁰ Stephen I. Boardman, "Pillars of the Community': Campbell Lordship and Architectural Patronage in the Fifteenth Century', ann an R. Oram agus G. Stell (deas.), *Lordship and Architecture in Medieval and Renaissance Scotland* (Edinburgh: John Donald, 2005), 145.

⁴⁰¹ Farmer, *The Oxford Dictionary of Saints*, 97.

⁴⁰² Phyllis Hodgson agus Gabriel M. Liegey (deas.), *The Orchard of Syon*, 2 leabhar (London: The Early English Text Society, 1966), Leabhar I, v.

⁴⁰³ 'S e 'St Catherines' a th' air an àite an-diugh ach 's e Kill Catruin a th' air mapa Phont, faic www.nls.uk/pont (An t-Samhainn 2009).

⁴⁰⁴ James Kirk, Roland J. Tanner agus Annie I. Dunlop (eds.), *Calendar of Scottish Supplications to Rome Volume V 1447-1471* (Glasgow: Scottish Academic Press, 1997), 326.

⁴⁰⁵ Faic Boardman, *The Campbells*, Table 4. Tha dàn-molaidh do Thorcuil a tha ag ainmeachadh Catrìona ann an Leabhar an Deadhain air a bheil 'Fhuaras mac mar an t-athair', faic Watson, *Scottish Verse*, 100-05.

⁴⁰⁶ Campbell, *The Book of Garth and Fortingall*, 289. Ann an Clàr-Eachdraidh Fhairtìrchill tha a bàs air a chlàradh ann an 1511.

an rann seo anns an dà thùs eile airson an dàin agus cha deach a dheasachadh chun a seo. Tha fhios gun robh seo mar phàirt den dàn bho thùs leis gu bheil dùnadh ceart ann. Chan e an oidhirp agam fhìn a tha seo air tionndadh ach molaidhean bho MhacGill'Ìosa.⁴⁰⁷

Mv̄r mv̄r goeyit vl is
noch a santyr
re croneni vee na bronni
rinni īn reatla
Reatla.⁴⁰⁸

Muire, Muire, guidhid uile
is noch a séantar; (noch a séanta ?)
Rí cruinne [do] bheith 'na bruinne —
ruinne an réadla.
Réadla.⁴⁰⁹

Mar sin, bha am bàrd ga fhaicinn iomchaidh crìoch a chur air dàn do Naomh Catrìona le rann mu Mhoire. Bu chòir dhuinn suim a ghabhail den seo. Anns an ath earrainn thèid coimhead air a' chleachdadh seo.

3.2.3 *Moire anns na dàin shaoghalta*

Bha e na chleachdadh aig cuid de na bàird crìoch a chur air dàn le ùrnaigh bheag, co-dhiù bha an dàn a-mach air cràbhachd no nach robh. A thuilleadh air sin, ged nach biodh an dàn cràbhaidh air dòigh sam bith, bheireadh an ùrnaigh creideas do mhiann a' bhàird. Mar eisimpleir, tha an dàn 'Parrthas toraidh an Díseart' a' crìochnachadh le 'Guidhidh mé aingeal an áidh i ndiaidh Dhonnchaidh mheic Ghriogóir.'⁴¹⁰ Tha an rann mu dheireadh anns an dàn ainmeil 'Ní h-éibhneas gan Chlainn Domhnaill' a' toirt dhuinn guidhe do 'Mhacán láimhe [] dár saoradh ar gach doghrainn'.⁴¹¹ Gheibhear guidhe do 'rígh na n-astal' aig deireadh 'A Chinn Diarmaid Uí Chairbre'.⁴¹² Aig deireadh dàn neo dhà ann an Leabhar an Deadhain tha coltas ann gun do chuireadh ris an dàn. 'S e sin ri ràdh gun robh dùnadh ann mar-thà ach gun do chuireadh rann cràbhaidh a bharrachd ris, mar a tha aig deireadh 'Fhuaras rogha na n-óg mbríoghmhor'. Anns an dàn sin tha dùnadh ann ach an uair sin rann eile a' tòiseachadh le, 'M' anamán ar th'íocht, a Choimdhe'.⁴¹³ Tha ceist ann ann an suidheachadh mar seo an e an luchd-

⁴⁰⁷ Co-Luadar Pearsanta.

⁴⁰⁸ Quiggin, *Poems*, 48. 'S e 'sautyr' a th' aig Quiggin san dàrna loidhne ach tha MacGill'Ìosa a' moladh *n*, co-luadar-pearsanta.

⁴⁰⁹ Anns a' chòrr den chaibideil seo gheibhear tar-sgrìobhadh nan rann (bho Quiggin) ri taobh eagrann sam bith mì-chinnteach, neo-fhoillsichte, neo eagrann bho thùs eile buileach. Cha bhi tar-sgrìobhadh ann ma chaidh a dheasachadh bho Leabhar an Deadhain fhèin.

⁴¹⁰ Watson, *Scottish Verse*, 202.

⁴¹¹ Watson, *Scottish Verse*, 94.

⁴¹² Watson, *Scottish Verse*, 98.

⁴¹³ Watson, *Scottish Verse*, 124.

cruinneachaidh neo an leithid sin neo am bàrd fhèin a chur na rannan a bharrachd seo ris an dàn.

Tha sinn air ùrnaighean beaga don Tighearna, do Ìosa agus do aingeal an àigh fhaicinn aig deireadh cuid de na dàin agus tha eisimpleirean eile ann am pailteas. Cuirear a' phrosbaig a-nise air dàin nach eil cràbhaidh ach a bhios a' crìochnachadh le ùrnaighean beaga do Mhoire. Tha 'Tuig gura feargach an t-éad' aig Donnchadh MacDhiarmaid, air a' cheangal eadar eudach agus gaol, a' crìochnachadh anns an Leabhar le rann nach deach a dheasachadh gu h-iomlan fhathast. Seo an rann leis an oidhirp agam fhìn air tionndadh:

Is say massni er Wur ooe
a zwit slooe er in gwi
mi heir ra ewirn oair
lay wræa de loyn *agus* tuggi⁴¹⁴

Is é m' ascnamh ar Mhuire óigh
a ghuidhid sluagh ar an gcuid
mo shaoradh ré Iutharn uair
lá bhrátha Dé Luain agus tuig.⁴¹⁵

Tha dàn eile 'Fada atú i n-easbhaidh aoibhnis' a' tighinn gu crìoch le ùrnaigh bheag do Mhoire is Naomh Catrìona; a-rithist cha deach seo a dheasachadh:

Mur oe is Katreine
a greywe is meit zi weithis,
fforreit/ missa west di^t
fada teit in nessew evinnis⁴¹⁶

Muire óigh is Caiteir Fhíona
a gníomh? is méid/ mithidh de mhaithis?
fóireadh mise ?? duit
fada atú/ téid i n-easbhaidh aoibhnis⁴¹⁷

Tha e na chùis-ùidh Moire agus Naomh Catrìona fhaicinn le chèile ann an rann a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain agus cràbhachd dhan dithis cho follaiseach anns an Leabhar air fad. Gheibhear dùnadh anns an dàn 'A Phaidrín do dhúisg mo dhéar' ach an uair sin rann eile le ùrnaigh bheag agus dàrna dùnadh:

Muire mháthair, muime an Ríogh,
go robh 'gam dhíon ar gach séad,
's a Mac do chruthaigh gach dúil,
a phaidrín do dhúisg mo dhéar.⁴¹⁸

Tha Moire cuideachd a' nochdadh am measg naoimh is eile ann an ùrnaigh bheag aig deireadh tè de laoidhean na Fèinne 'Lá dhá deach[aidh] sé dhá chill' a

⁴¹⁴ Quiggin, *Poems*, 72.

⁴¹⁵ Chaidh an dàrna loidhne seo a dheasachadh le MacGill'Ìosa; faic Gillies, 'The Gaelic Poems of Sir Duncan Campbell of Glenorchy (II)', nota air 8d, 285. Dheasaich e rannan seachd is ochd den dàn seo ann an Gillies, 'Courtly and Satiric Poems', 44. 'Tha mi an tòir air Moire Òigh a ghuidheas slòigh air an cuid, mo shaoradh bho Ifrinn fhuar, Latha a' Bhràth Diluain agus tuig').

⁴¹⁶ Quiggin, *Poems*, 68.

⁴¹⁷ Tha tar-sgrìobhadh aig Quiggin, *Poems*, 68. Faic Gillies, 'Courtly and Satiric Poems', 36 airson trì rannan a dheasaich e bhon dàn seo.

⁴¹⁸ Watson, *Scottish Verse*, 64. 'Gun dìonadh Moire Mhàthair, muime an Rìgh, mi air gach slighe agus a Mac a chruthaich gach dùil, a phaidearan a dhúisg mo dheòir'.

dheasaich Meek. Tha an dàn (nach eil ann an tùs sam bith eile) a' toirt seachad còmhraidh eadar Naomh Pàdraig agus Oisean ach a-rithist tha dùnadh ann, deireadh rann 40, ach an uair sin dà rann a bharrachd a chuireadh ris an dàn le ùrnaigh bheag:

Air Sliabh Síoin latha luain
agus na sluaigh ar a lár,
Mícheal is <Muir[e]> [is] Mac Dé
dom thabhairt féin air an <láimh>.

An da easbal déag 's a bhFláth,
ga[ch] cléireach math is gach fàidh,
eadram agus ifreann uar
do bheith go cruaidh air mo lá.⁴¹⁹

Thuir Meek na leanas air an dà rann seo:

These lines may be a later addition to the text of the poem, but it is difficult to know when they may have been added; they may have been present in the exemplar used by the BDL scribe. That they are possibly a later addition is suggested by the final syllable of 160 [rann 40] which could once have formed the dùnadh of the poem, and which is repeated in the normal manner.⁴²⁰

Dh'fhaodadh e bhith cuideachd gun robh na rannan sin anns an dàn bho thùs, tha iomadh dùnadh cumanta gu leòr, ach 's e tha cudromach an seo gum bi Moire a' togail ceann gu tric anns na h-ùrnaighean beaga seo a bhios a' nochdadh aig deireadh cuid de na dàin. Bhathar a' sireadh dìon, anns a' bheatha seo agus aig a' Bhreitheanas. Tha gach guidhe ghoirid seo a' toirt dhuinn fianais airson dòighean-gairme na h-Òighe ged nach eil cus diadhachd anna.

Chan e seo an aon dòigh a gheibhear iomradh air Moire ann an dàin nach eil cràbhaidh. Mar eisimpleir, tha an dàn aig Feidhlim MacDhubhghaill 'Ní math siubhal san Domhnach' a' toirt dhuinn fianais à Gàidhealtachd na h-Alba airson mar a dh'fhaodadh cràbhachd do Mhoire agus gràin do na h-Iùdhaich a dhol an lùib a chèile.⁴²¹

Níor mhath cairdeas na nÍobhal
dod Mhac, a ríoghan rathmhor;
gé do fhóir sé síol Ádhaimh,

⁴¹⁹ Meek, 'The Corpus of Heroic Verse', Leabhar I, 230. Thug Meek an aire cuideachd gu bheil a' chiad rann glè choltach ri rann 7 bhon dàn aig Donnchadh Caimbeul, 'Teachtaire chuireas i gcéin', faic Gillies, 'The Gaelic Poems (1)', 27. 'Air Sliabh Shíoin Latha Luain agus na slòigh anns an àite, Mícheal is Muire is Mac Dhè gun gabhadh iad mi nan làmhnan' agus 'An dà abstol dheug agus am Flaitheas (neo an Tighearna?), gach cléireach math agus gach fàidh, eadar mi agus Ifrinn fhuar a bhith gu cruaidh air mo latha'.

⁴²⁰ Meek, 'The Corpus of Heroic Verse', Leabhar II, 417.

⁴²¹ Air cràbhachd do Mhoire agus grain do na h-Iùdhaich faic mar eisimpleir Rubin, *Gentile Tales*, 7-27; Anthony Bale, *The Jew in the Medieval Book: English Antisemitisms, 1350-1500* (Cambridge: Cambridge University Press, 2006), 67-72; Harvey J. Hames, 'The Limits of Conversion: Ritual Murder and the Virgin Mary in the Account of Adam of Bristol,' *Journal of Medieval History* 33 (2007), 43-59.

níor mhath dháibh-sean a chrochadh.⁴²²

Tha e soilleir gun robh sgeulachdan a rinn dealbh air na h-Iùdhaich mar shluagh toibheumach agus cunnartach a' toirt buaidh air beachdan agus litreachas nan Gàidheal bho àm tràth. Anns an t-seachdamh linn rinn Adhamhnan aithris air sgeul mu Iùdhach a chac air *imago beatae Mariae in brevi tabula* an dèidh dha a chaitheamh air an t-sitig.⁴²³ An dèidh an Ath-Leasachaidh ann an Alba chleachd bàrd Èireannach sgeul eile mu Iùdhach a rinn dìmeas air ciall an Tabhartais agus a chaidh a bhàthadh le fuil air a shàillibh mar rabhadh do dh'Alba Phròstanach.⁴²⁴ Chan eil fuath do na h-Iùdhaich air a leasachadh gu ìre sam bith ge-tà anns a' bhàrdachd ann an Leabhar an Deadhain, ged a tha iomradh air 'cogar i gcricoch nIobhal'⁴²⁵ agus 'd'éis an tsluaigh Iobhal dot fholach'⁴²⁶ anns an dàn 'Cairt a síothchána ag síol Ádhaimh' a tha ag innse mar a lorg Helena an crann-ceusaidh.⁴²⁷ Cho fad is as fhiosrach mi cha mhotha gu bheil fuath do na h-Iùdhaich bitheanta ann am bàrdachd Gaoidheilge.⁴²⁸ Ach chan eil seo ri ràdh nach robh sgrìobhadh idir air na h-Iùdhaich ann an Gaoidheilg oir bhiodh iad a' nochdadh ann an teacsaichean a chaidh eadar-theangachadh⁴²⁹ agus feumaidh gun robh buaidh air choreigin ann co-dhiù ann an Èirinn agus am facal *iúbhlach* air a chlàradh ann an Èirinn cho tràth ris an t-seachdamh linn deug agus ann am faclair Dineen, a' ciallachadh *olk*.⁴³⁰ Dh'fhaodamaid beachd a ghabhail gu bheil iomradh mar a th' aig Feidhlim MacDhubhghaill na dhàn, a tha a' buntainn ri iomadh nì, a' dearbhadh cho deatamach is a bha Moire ann am beatha làitheil nan Gàidheal an Alba aig an àm agus gun robh ceangal aig sin ann an inntinn dhaoine ri Iùdhaich. Ach 's ann tana da-rìreabh a tha an fhianais sin.

⁴²² Watson, *Scottish Verse*, 242. 'Cha bu mhath càirdeas nan Iùdhach dod Mhac, a bhanrigh ghràsmhor, ged a rinn e cobhair air sìol Àdhaimh, cha robh e math gun do chroch iad e (ri crann)'.

⁴²³ Meehan, Adamnan's *De Locis Sanctis*, 118.

⁴²⁴ 'Dursan mh' eachtra go hAlbuin' le Fearghal Óg Mac an Bhaire, faic McLeod agus Bateman, *Duanair na Sracaire*, 46-55.

⁴²⁵ Seo bhon eagraan fhoillsichte: McKenna, *Dán Dé*, 5 (rann 25) ged a tha Leabhar an Deadhain a' toirt dhuinn 'coggy^t in gre^t newil', *cogadh* an àite *cogar*?

⁴²⁶ McKenna, *Dán Dé*, 5 (rann 24), 'dess in tsloe ewil id tally^t' ann an Leabhar an Deadhain.

⁴²⁷ Airson eagraan den rosg Ghaidheilg air Helena agus an crann-ceusaidh bhon Leabhar Bhreac le eadar-theangachadh gu Gearmailtis faic Gustav Schirmer, *Die Kreuzeslegenden im Leabhar Breac* (St. Gallen: Zollikofer'sche Buchdruckerei, 1886).

⁴²⁸ Tha sgeul eile mu Iùdhach agus an Tabhartas anns an dàn 'Lá saoire corp an Choimheadh', faic McKenna, *Aithdioghlaim Dána*, Pàirt I, 339-343 agus Pàirt II, 210-13.

⁴²⁹ Mar eisimpleir faic Donahue, *The Testament of Mary*, 48-51.

⁴³⁰ eDIL aig <http://www.dil.ie/> (An t-Samhainn 2009) agus Patrick S. Dinneen, *Foclóir Gaedhilge agus Béarla* (Dublin: Irish Texts Society, 1927).

Mar a chunnaic sinn anns an t-suirbhidh againn air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad ann an Leabhar an Deadhain, agus mar a chì sinn anns na dàin mu Mhoire, chan eil cus aire ga thoirt do Fhulangas Chrìosd neo do na h-*Arma Christi*.⁴³¹ Airson toiseach na siathamh linn deug is dòcha gu bheil sin na iongnadh ann fhèin. 'S ann an cois bàrdachd air a' chuspair sin a bhiodh dùil againn gum faiceamaid dealbh gràineil air Iùdhaich.⁴³²

Mus tòisichear air sgrùdadh nas doimhne air na dàin do Mhoire anns a' chòrr den tràchdas seo cuirear crìoch air a' chaibideil seo le bhith a' toirt aire do Mhoire ann am buidheann de dhàin eile. 'S iad sin dàin chràbhaidh air cuspairean eile seach Moire fhèin. Ged nach ann dhi no mu deidhinn a tha na dàin seo bidh i a dh'aindeoin sin a' nochdadh annta gu tric. Mar a bhiodh dùil bho dhàn cràbhaidh, tha an diadhachd mu Mhoire air a leasachadh gu ìre nas àirde na anns na guidheachan goirid a chunnaic sinn roimhe. Anns a' bhitheantas sna dàin seo chan eil coltas air na rannan mu Mhoire gun deach an cur ris na dàin na b' anmoiche. Le bhith a' toirt sùil aithghearr orra seo gheibhear tuigse a bharrachd air na seallaidhean de Mhoire a bha aithnichte ann an sgìre an Leabhair. Tha feadhainn de na seallaidhean seo coltach ris an dealbh a gheibhear air Moire anns na dàin dhi a chì sinn. Ach chì sinn co-dhiù aon sealladh eile nach eil idir cho bitheanta. Bheirear sùil an toiseach air dà dhàn Albannach.

Tha an dàn Albannach 'Seacht saighde atá ar mo thí' a' dèanamh iomradh air Moire, ged nach ann mu deidhinnse gu sònraichte a tha an dàn. Anns an Leabhar tha e air a chur as leth Dhonnchaidh Óig (Dunca Ogga), agus cho fad is as aithne dhomh cha deach amas fhathast air cò bha sa bhàrd.⁴³³ Gheibhear dreach nas anmoiche den aon dàn ann an Làmh-Sgrìobhainn Fèarnaig, an cruinneachadh aig Donnchadh MacRath bhon t-seachdamh linn deug.⁴³⁴ 'S iad na Seachd Peacaidhean Bàis a tha sna seachd saighdean, tèama a bha cumanta gu leòr agus ceangal ann ri Sailm 91.5, 'Fa chúis an uamhais anns an oidhch' cha bhi ort geilt no sgàth; No fòs fa chúis na saighde bhios a' ruith air feadh an là'.⁴³⁵ Anns an dàn tha Donnchadh a' dèanamh a shlighe tro gach

⁴³¹ 'S e an dàn a thig as fhaisge air a' chuspair 'Cairt a síothchána Síol Ádhaimh'.

⁴³² Ann an Alba faic ìomhaigh den *Iùdhach a' tilgeil smugaid neo a' magadh* am measg nan *Arma Christi* air Bratach Fothair an Iar, David McRoberts, 'The Fetternear Banner', *The Innes Review* 7.2 (1956), 71. Faic cuideachd an dàn aig William Dunbar 'Of the Passioun of Christ', W. Mackay Mackenzie (deas.), *The Poems of William Dunbar* (London: Faber and Faber, 1932, 1970), 155-59. Air àite nan Iùdhach ann an diadhachd nan *Arma Christi* faic Bale, *The Jew in the Medieval Book*, 145-68.

⁴³³ Watson, *Scottish Verse*, 252-55; McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 40-43.

⁴³⁴ Calum MacPhàrlain (deas.), *Làmh-Sgrìobhainn Mhic Rath* (Dùn Dè: M.C. Macleod, 1923), 22-25.

⁴³⁵ Faic Morton W. Bloomfield, *The Seven Deadly Sins* ([East Lansing]: Michigan State College Press, 1952), 109-10, 182, 21 agus 338 nota 36. Air na Peacaidhean faic cuideachd Richard Newhauser (deas.), *The Seven Deadly Sins* (Leiden: Brill, 2007).

peacadh bàis, ag aideachadh a chionta fhèin do gach peacadh. Mar eisimpleir, tha an ceathramh rann a' dèiligeadh ri leisge, seo eagraan Watson:

An treas saighead díobh atá
i n-altaibh mo chnámh a stigh:
cha léig an leisge dá deoin
mise ar slighidh chóir ar bith.⁴³⁶

Mar sin, tha an rann seo a' cur ris a' bheachd gum b' e peacadh na feòla a bh' ann an leisge.⁴³⁷ 'S e an seachdamh rann a tha gu sònraichte cudromach dhuinne. Chaidh a dheasachadh le Waston mar a leanas:

Dhíobh an seiseadh saighead gharg,
chuireas fearg eadram is càch
Críost do chasg na n-urchar dhíom
ó nach bhfaghaim díon go bráth.⁴³⁸

Anns an rann seo air peacadh na feirge, tha e coltach gu bheil am bàrd a' guidhe do Chrìosd airson dìon. Ach, tha Watson, na notaichean air an dàn seo, air cur air shùilean dhuinn gun do dh'atharraich e an treas loidhne a tha mar a leanas san Leabhar, 'Murre chaska ny' nvrchir reym'.⁴³⁹ Air sàillibh is gu bheil cus lidean san loidhne, seachd anns gach loidhne den *rannaigbeacht mbór* seo, thug e *Muire* (dà lide) a-mach is chuir e *Críost* (aon lide) na h-àite. Ach is mathaid gu bheil an loidhne os-mheadrach a-mhàin ma nì sinn co-dhùnadh gum feum feartan de Ghàidhlig Albannach a thighinn a-mach às an dàn. Tha e follaiseach gun robh Watson làidir den beachd nach gabhadh feartan den dualchainnt Albannaich fhàgail anns na h-eagrain, anns an aon dàn thug e mach *cuide ré* agus chuir e steach *maille ré* na àite. Mhol MacGriogair o chionn ghoirid gun gabh sinn ri eisimpleirean den dualchainnt Albannaich mar bhàrdachd a tha 'semi-bardic'.⁴⁴⁰ Tha isleachadh anns a' mhion-fhacal *do* gu a cumanta ann an Leabhar an Deadhain,⁴⁴¹ agus dh'fhaodadh e bhith gun deach a chruthachadh mar sin. Nan rachadh gabhail ri sin

⁴³⁶ Watson, *Scottish Verse*, 252-53. 'Tha an treas saighead dhiubh seo a-staigh ann an uilt mo chnàimh: cha leig an leisge le deòin mi air slighe cheart sam bith'.

⁴³⁷ Bloomfield, *The Seven Deadly Sins*, 213. "S e an siathamh saighead gharg a chuireas fearg eadar mi is càch, gun cuireadh Crìosd casg air na h-urchairean dhomh/bhuam?, bho nach fhaigh mi dìon gu bràth.'

⁴³⁸ Watson, *Scottish Verse*, 254-55. "S e an siathamh saighead gharg a chuireas fearg eadar mi is càch, gun cuireadh Crìosd casg air na h-urchairean dhomh/bhuam?, bho nach fhaigh mi dìon gu bràth.'

⁴³⁹ Watson, *Scottish Verse*, 254 agus 306.

⁴⁴⁰ MacGregor, 'Creation and Compilation', 213.

⁴⁴¹ Faic Breandán Ó Buachalla, 'The Relative Particle *do*', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 29 (1962-64), 106-13; Uilleam MacGill'Ìosa, 'Mo Chreach-sa Thàinig', ann an Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* (Aberdeen: An Clò Gaidhealach, 2002), 54; W. J. Watson, 'Vernacular Gaelic in the Book of the Dean of Lismore', *TGSI* 31 (1922-24), 263-65.

bhiodh e comasach dhuinn an uair sin dà fhuaimreig a bhàthadh, gar fàgail le seachd lidean: ‘Muire a chasg na n-urchar dhíom’. Mar sin, a dh’aindeoin trioblaidean meadrachd, chan urrainnear a dhol às àicheadh gu bheil an dàn, mar a tha e againn san Leabhar, a’ guidhe do Mhoire airson dìon, is chan ann do Chrìosd. Tha e na chùis-ùidh gu bheil i a’ togail ceann mu choinneamh a’ pheacaidh bhàis seo is chan ann mu choinneamh gin eile. Tha am beachd gum biodh Moire èifeachdach an aghaidh feirge a’ cuimhneachadh dhomh earrann bho theacs a chaidh a sgrìobhadh anns an treas linn deug ach a chaidh a sgaoileadh fad is farsaing anns na linntean às a dhèidh, sin an *Speculum Beatae Mariae Virginis*.⁴⁴² Tha an *Speculum* a’ mìneachadh gu bheil Moire èifeachdach an aghaidh feirge air sgàth gur i fhèin a bhios a’ mùchadh fearg Dhè le mac an duine aig a’ Bhreitheanas:

Audiamus, quomodo benedicta sit Maria pro lenitate et mansuetudine contra iracundiam. Iracundi enim maledicti sunt, sicut scriptum est Genesis quadragesimo nono: Maledictus furor eorum, quia pertinax, et indignatio eorum, quia dura. Contra hanc irae maledictionem Maria obtinuit mansuetudinis benedictionem. Cuius re vera mansuetudo tanta fuit, quod non solum propria ira caruit, sed etiam iram Domini ad mansuetudinem convertit.⁴⁴³

Cluinn mar a tha Moire beannaichte air sgàth a macantachd an aghaidh feirge. Oir tha luchd na feirge mallaichte, mar a tha e sgrìobhte ann an Genesis ‘Mallaichte gu’n robh an corruich, oir bha i garg; agus am fearg, oir bha i an-ìochdmhor’ (Gen. 49: 7). An aghaidh mallachd na feirge seo, fhuair Moire beannachadh na macantachd. Gu dearbha bha a macantachd cho mòr nach e a-mhàin nach robh fearg aice fhèin ach dh’atharraich i fearg an Tighearna gu macantachd.

’S e an ìomhaigh seo de Mhoire, macanta ciùin is gun fearg as fhèarr as aithne dhuinn an-diugh. Ach chì sinn fhathast nach e seo an aon fheart a bha aice sa bhàrdachd ann an Leabhar an Deadhain.

Tha an dàn Albannach eile ‘Gearr go gcobhra Rí na ríogh’ a’ daingneachadh a’ cheangail seo eadar Moire agus fearg. Thèid aicese air fearg Dhè a chlaonadh air falbh gus dèanamh cinnteach gum faigh mac an duine saoradh. Cha deach eagraan den dàn fhoillseachadh, ach tha tionndadh gu Gaidhealg anns na pàipearan aig Quiggin.⁴⁴⁴ ’S ann air an eagraan seo aig Quiggin a bhios an t-iomradh seo stèidhichte. Anns an Leabhar tha an dàn air a chur às leth Roibéard Mac Laghmainn Ascaig; bha caisteal aig Clann ’ic

⁴⁴² Airson beagan air an *Speculum* faic Graef, *Mary*, I, 290-91.

⁴⁴³ Conrad of Saxony, *Speculum Beatae Mariae Virginis*, Bibliotheca Franciscana Ascetica Medii Aevi 2 (Quaracchi: Collegium S. Bonaventurae, 1904), 217. Tha eadar-theangachadh gu Beurla aig Sr. Mary Emmanuel (eadar-theang.), Saint Bonaventure, *The Mirror of the Blessed Virgin Mary* (London: B. Herder, 1932), 177-91.

⁴⁴⁴ Dùn Èideann, NLS LS 14870, 340-44.

Laomainn aig Asgog ann an Comhal.⁴⁴⁵ Tha ochd rannan anns an dàn agus na còig mu dheireadh a' toirt seachad comhairle air gnìomhan math mar an dèirce agus an deachamh. Ach tha na trì rannan a thig air thoiseach air seo uile mu Mhoire. Tha iad a' mìneachadh àite na h-Òighe nar saoradh, mar eisimpleir, 'Ar atach Mhuire i dtaoibh Críost ... maithidh don phobal a fhearg.' (Er atticht' Wur a deif C'st ... math din phopbill a erk). Ach cuideachd tha an dàn a' dèanamh luaidh dà thuras anns na trì rannan seo air rudan a thuirt Moire agus mar sin dh'fhaodamaid an dàn air fad a thuigsinn mar chomhairle air beatha mhath do dhaoine bho Mhoire fhèin.

Tha an aon bheachd air buaidh Moire air Dia a' nochdadh anns an dàn 'Mairg mheallas muirn an tsaoghail' agus e a' toirt dhuinn dà rann aig deireadh an dàin, a-rithist mar nadar de dh'ùrnaigh. Gu h-ìosal gheibhear an dà rann bho Leabhar an Deadhain taobh ris an eagraan fhoillsichte bho *Dhioghluium Dána* :

Nar waltyr ma ter Mvrra⁴⁴⁶
lor ym zenì di deyzoe
goe oye Woirri is lor lym
oyg is glorworri zoeym

Nár mhealltar mise, a Mhuire,
léir dom dhíon do dheaghguidhe;
guidhe óghMhuire is lór linn,
ógh as ghlórmhuire ghuidhim.

Corle Mvrre morra
dì ne mak ni mor oye
lay ni tress in dig noy
ne zle mess mevanma.⁴⁴⁷

Comhairle Muire móire
do-ní mac na móróghe;
ó treise san tigh neamhdha
ní dhlígh meise mímhéanma.⁴⁴⁸

Bidh cumhachdan eadar-ghuidheach Moire a' tighinn am follais ann an iomadh seòrsa dòigh anns na meadhan-aoisean air feadh na h-Eòrpa. Tha motif na h-Òighe a' nochdadh a broillich do Chrìosd Am Britheamh na eisimpleir mhath, gheibhear sin agus pailteas mhoitifean eile ann am bàrdachd Gaoidheilge cuideachd.⁴⁴⁹ Gheibhear ìomhaighean neo dealbhan de Mhoire a' cur phaidirean neo coinneal ann am meidh Naoimh Mhicheil agus tomhas nan anmannan a' dol air adhart.⁴⁵⁰ 'S e an teachdaireachd

⁴⁴⁵ Hector McKechnie, *The Lamont Clan 1235-1935* (Edinburgh: Clan Lamont Society, 1938), 401-04. Seo air a luaidh aig Black, *Catalogue*.

⁴⁴⁶ Tha Mac Cionnaith ag innse gum faighear 'Nár mhealltar mé tar Muire' ann an cuid de na làmh-sgrìobhainnean, mar a th' aig Leabhar an Deadhain, *Dìoghluium Dána*, 490.

⁴⁴⁷ Quiggin, *Poems*, 3.

⁴⁴⁸ Mac Cionnaith, *Dìoghluium Dána*, 113.

⁴⁴⁹ Salvador Ryan, 'The Persuasive Power of a Mother's Breast: the Most Desperate Act of the Virgin Mary's Advocacy', *Studia Hibernica* 32 (2002-03), 59-74. Airson feadhainn eile faic Gray agus Ryan, 'Mother of Mercy', 246-61.

⁴⁵⁰ Andrew Breeze, 'The Virgin's Rosary and St Michael's Scales', *Studia Celtica* 24/25 (1989-90), 91-98.

a thig à ìomhaighean is moitifean mar sin gu bheil cumhachd sàbhalaidd aig cleachdaidhean cràbhaidh stèidhichte air Moire.⁴⁵¹

Tha an dàn a chuireadh às leth Mhuireadhaich Albanaich ‘Réidhigh an croidhe, a mheic Dhé’ a’ crìochnachadh le rann do Mhoire a’ sireadh a taic ron bhàs.

Réidhigh mise, a Mháthair mhór,
um gach brón fá dtarla mé,
sul fá ndeacha mé fán fhód
go roibh romham gach ród réidh.⁴⁵²

Tha an dàn ‘Déana mo theagosg, a Thríonóid’ a chuireadh às leth Mhuireadhaich Albanaich, ag aideachadh a pheacaidhean is ann an aon rann a’ guidhe, ‘A Mhaic Dé ... freagair ar ghrádh Muire mé’ (a vzey ... fregir er zraw wur mee).⁴⁵³

Chaidh an dàn ‘Marthain duit, a chroch an Choimheadh’ a chur às leth Mhuireadhaich san Leabhar, ach às leth Dhonnchaidh Mhòir ann an cuid de na tùsan eile airson an dàn. ’S e tha inntinneach mun dàn mar a tha e againn ann an Leabhar an Deadhain gu bheil e a’ crìochnachadh le rannan do Mhoire. Chan eil na rannan sin anns an eagan a dheasaich MacCionnaith ann an *Dioghlaim Dána*.⁴⁵⁴ Ged a b’ e Leabhar an Deadhain an tùs as tràithe airson an dàn cha tug MacCionnaith iomradh air.⁴⁵⁵ Dh’fheumainn sùil a thoirt air gach làmh-sgrìobhainn airson dèanamh cinnteach nach eil an dà rann seo a’ nochdadh anna. Mura bheil iad ann an tùs sam bith eile dh’fhaodadh e bhith gur e eisimpleir eile a tha sna rannan air ùrnaighean beaga do Mhoire a chuireadh ri dàn. Seo iad leis an oidhirp agam fhìn air tionndadh gu Gaidhealg àbhaistich:

Maithrin dut, y^t Vur vair in aithir,
Eissy^t aithir nyn drai^t,
y^t chro^t Zei zrawe gy^t seinchis
slanene mai o che^tchis chai^t.

Marthain duit a Mhuire mháthair an athar,
Íosa athair na ndraoidh?
a chroch Dhé ghrádh gach seanchas
slánaich? mé o sheanchas cháich

Dlee Mvrry^t mair Essy^t
honor awail one re rai^t,
dey vac in re y^t chnov chroye
dy^t heil aie brow macht

Dlígh Muire máthair Íosa
th’onóir amhail aon rí ratha ?
deagmhac an rí ??? chrú
??? a brú mach

Mathrin dut y^t chro^t.⁴⁵⁶

Marthain duit, a chroch.

⁴⁵¹ Christine Peters, *Patterns of Piety: Women, Gender and Religion in Late Medieval Reformation England* (Cambridge: Cambridge University Press, 2003), 60-67.

⁴⁵² Gillies, ‘A Religious Poem’, 84. ‘Ciùinich mi, a Mhàthair mhòr, mu gach bròn a dh’fhuiling mi, mus tèid mi fon fhòid gum biodh gach rathad rèidh romham.’

⁴⁵³ Seo bho McKenna, *Aithdioghlaim Dána*, 266. ‘A Mhic Dhé freagair air gràdh Moire mi’.

⁴⁵⁴ Mac Cionnaith, *Dioghlaim Dána*, 124-29.

⁴⁵⁵ Mac Cionnaith, *Dioghlaim Dána*, 491. Chan eil an Leabhar a’ nochdadh anns na tùsan air làrach CELT a bharrachd, faic <http://www.ucc.ie/celt/published/G402064/index.html>.

⁴⁵⁶ Quiggin, *Poems*, 10.

Gheibhear iomradh air Moire cuideachd anns an dàn, ‘Triúr rìgh táinic go tigh nDé’ (Ar rochtain rig na cruindi). Tha deich rannan anns an eagraan fhoillsichte bho *Liber Hymnorum* agus chan eil ach rannan 6 gu 10 ann an Leabhar an Deadhain. Tha aon rann dhiubh seo a’ dèanamh iomradh air Moire mar mhàthair, chithear gu bheil eadar-dhealaichidhean beaga eadar dreach Leabhar an Deadhain agus na chaidh fhoillseachadh:

Dugsid *anna* er gruss zil
Mvrre mayr an Dwilluf,
oyg heyf zal re bea ir sur
fyaly i roif *gach* ean trur.⁴⁵⁷

Tucsad aithne ar a gnais ngil
Muire mathar in duilim
in og *sbaer*-glan ’s í a siur
gaelmar hí do gach en-triur⁴⁵⁸

Mu dheireadh, bu toil leam iomradh a dhèanamh air dà dhàn eile air sgàth co-dhiù aon sealladh air Moire nach eil air a leasachadh idir ann an Leabhar an Deadhain agus ’s e sin àite na h-Òighe aig a’ Cheusadh neo Co-Fhulangas Moire. Ann an ‘Cairt a síothchána síol Ádhaimh’ gheibhear an rann a leanas:

Cuss troe ra hoi’yrt darryt
ra hucht Christ dyt chur fan leik,
mir y’ veith Mor eryt vonsyt
is da wne el tursyt threid⁴⁵⁹

Cúis truaighe re tabhairt d’ aire
re hucht Chríod do chur fan líg
mar do bhaoi Moire ar do mhuin-se
’s dá mhnaoi oile ag tuirrse tríd⁴⁶⁰

Chan fhaigh sinn cho faisg seo a-rithist air bròn Moire anns a’ bhàrdachd ann an Leabhar an Deadhain ach chì sinn gu bheil fianais ann airson cràbhachd air bròn na h-Òighe ann an Caibideil 7. Ged nach eil am bàrd air ainm na dithis a thoirt dhuinn tha e soilleir gu bheil an rann seo a’ dèanamh luaidh air na Trí Moire. Ann an Soisgeul Eòin leughaidh sinn (19:25) ‘A nis sheas làimh ri crann-ceusaidh Ìosa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire bean Chleophais, agus Muire Magdalen’. Chan eil an t-iomradh seo buileach co-ionnan anns gach soisgeul (Marcus 15:40; Mata 27: 55-56; Eòin 19:25; Lucas 23: 49). Ach a dh’aindeoin sin chaidh sgeulachd nan Trí Moire a leudachadh le Naomh Anna mar mhàthair dhan dithis Mhoire eile. Gheibhear seo eadar làmh-sgrìobhainnean anmoch de *Pseudo-Mata* agus na *Legenda Aurea* bhon treas linn deug.⁴⁶¹ Tha an traidisean seo air a thoirt dhuinn anns an dàn ‘Trí hingheana rug Anna’ a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain. Chan eil ach bloighean den dàn rim faicinn anns an Leabhar ach

⁴⁵⁷ Quiggin, *Poems*, 3.

⁴⁵⁸ Bernard agus Atkinson, *The Irish Liber Hymnorum*, I, 194.

⁴⁵⁹ Quiggin, *Poems*, 6.

⁴⁶⁰ McKenna, Dán Dé, 5. ‘Tha e na chùis truaighe ri toirt an aire mus deach Crìosd a chur san uaigh, bha Moire air do mhuin agus dà bhoireannach eile a’ caoidh tromhad’

⁴⁶¹ Airson tuilleadh air seo faic Angela Partridge, *Caoineadh na dTrí Muire: Téama na Páise i bhFilíocht Bhéil na Gaeilge* (Baile Átha Cliath: An Clóchomhar, 1983), 106-13.

gheibhear e ann an tùsan eile. Tha Moire màthair Ìosa air a h-ainmeachadh anns an dàn ach chan ann mu a deidhinn a tha e. Cha toir sinn cus feart dha an-dràsta oir tillidh sinn dhan chuspair seo, na Trì Moire, anns an ath chaibideil.

3.2.4 Co-dhùnadh

B' e prìomh amas a' chaibideil seo na dàin chràbhaidh ann an Leabhar an Deadhain a thoirt gu aire dhaoine. Air sgàth is nach eil iad uile aig Watson faodaidh e bhith doirbh do dhaoine sealladh cruinn fhaighinn air na tha anns an Leabhar den t-seòrsa bàrdachd sin. Tha an sgrùdadh aithghearr orra air cur ri ar n-eòlas air cruthachadh, amas agus cleachdadh nan dàn cràbhaidh an dà chuid ann an Èirinn agus ann an Alba. Tha fad a bharrachd obair a dhìth air gach dàn cràbhaidh, obair air tùsan nan sgeulachd, mar a mhol Bateman, obair air an diadhachd agus obair air ceanglaichean ri rosg Gaoidheilge. Feumar sin a dhèanamh aig ìre gach dàin fa leth. 'S e sin a gheibhear air gach dàn do Mhoire anns na còig caibideilean a leanas. Chunnaic sinn gun robhar a' toirt àite air leth cudromach do Mhoire nar sàbhaladh anns na h-ùrnaighean beaga is eile a bhios a' nochdadh aig deireadh deagh chuid de na dàin anns an Leabhar, cuid aca nach deach a dheasachadh chun seo. Ach a bheil àite Moire, am fiosrachadh aithnichte oirre, cleachdaidhean ceangailte rithe, air an leasachadh gu ìre mhòr sam bith ann am bàrdachd Leabhar an Deadhain? Le bhith a' tionail an fhiosrachaidh seo anns a' chòrr den tràchdas gheibhear dealbh fada nas mionaidiche air cràbhachd do Mhoire ann an co-dhiù aon tùs, aon bhuidheann de dhaoine agus 's dòcha aon sgìre den Ghàidhealtachd anns na meadhan-aoisean anmoch.

Caibideil 4: ‘Éistidh riomsa, a Mhuire mhór’

4.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair

Tha e na amas an seo coimhead gu dlùth air ìomhaigheachd agus diadhachd an dàin ‘Éistidh riomsa, a Mhuire mhór’. Tha beachd ann gum faighear an dàin ann an Leabhar an Deadhain a-mhàin.⁴⁶² Ach tha e coltach gu bheil rannan bhon dàin cuideachd rim faighinn air bloigh bho làmh-sgrìobhainn eile, RIA LS D i 1.⁴⁶³ B’ e Osborn Bergin a rinn tionndadh air an dàin.⁴⁶⁴ Bha e na thaic dha gun robh beagan lethrannan bhon dàin ann an gràmairean nam bàrd.⁴⁶⁵ Tha sin fhèin a’ dearbhadh gun robh an dàin aithnichte ann an Èirinn cuideachd. ’S e ‘Auctor huius Morreith Albannych’ a gheibhear os cionn an dàin ann an Leabhar an Deadhain. Leis cho àrd is a tha inbhe *rannaigheacht mhór* an dàin bha Bergin toilichte gu leòr gabhail ris gum b’ e Muireadhach Albannach Ó Dálaigh a rinn e. Chaidh a ràdh, ‘Is cinnteach gum b’ e duine cràbhaidh a bha ann am Muireadhach, oir ghabh e pàirt anns a’ Chòigeamh Cogadh Croise ann an 1218 (na thaistalach seach na shaighdear).’⁴⁶⁶ Cha b’ e seo an aon dàin cràbhaidh a chuireadh as a leth. Ach a rèir O’ Dwyer tha ‘deep spiritual thought’ a dhìth air ‘Éistidh riomsa’. Ach a bheil an dà bheachd seo a’ tighinn a rèir a chèile? A thuilleadh air sin, tha an dàin cuideachd ga mheas mar eisimpleir air, ‘how native sensibilities informed religious expression.’⁴⁶⁷ Ach a bharrachd air iomradh goirid neo dhà anns an dol seachad air ìomhaigheachd is diadhachd cha do rinneadh sgrùdadh orra.

Tha eachdraidh phearsanta rudeigin doilleir aig Muireadhach Albannach agus mì-chinnt ann mun cheangal eadar Muireadhach Albannach Ó Dálaigh agus Muireadhach Lios an Doill Ó Dálaigh ach leis na chaidh a sgrìobhadh air a’ chuspair mu

⁴⁶² McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 19. Tha an dàin air duilleagan 150-53 den làmh-sgrìobhainn.

⁴⁶³ Thomas F. O’ Rahilly et al., *Catalogue of Irish Manuscripts in the Royal Irish Academy*, 28 leabhraichean (Dublin: Royal Irish Academy, 1926-70), Fasciculi XXVI-XXVII, 3428-29. Tha an làmh-sgrìobhainn sin air loidhne aig ISOS <http://www.isos.dias.ie/> ach cha deach agam air na rannan a lorg am measg gach criomag a gheibhear an sin.

⁴⁶⁴ Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 93-100 le eadar-theangachadh gu Beurla 254-57. Tha eadar-theangachadh gu Beurla aig Clancy, *The Triumph Tree*, 276-81. Chaidh eagraan Bhergin fhoillseachadh a-rithist le eadar-theangachadh ùr le McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 18-31.

⁴⁶⁵ Osborn Bergin, ‘Supplement: Irish Grammatical Tracts III and IV’ *Ériu* 14 (1946), 165-257. Airson liosta de na lethrannan bhon dàin seo faic Damian McManus, ‘The Irish Grammatical and Syntactical Tracts: A Concordance of Duplicated and Identified Citations’, *Ériu* 48 (1997), 83-101.

⁴⁶⁶ McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 18.

⁴⁶⁷ Newton, *Warriors of the Word*, 214.

thràth cha tèid sin a dheasbad an seo.⁴⁶⁸ Tha iomradh neo dhà air àitichean timcheall air a' Mhuir Mheadhanach agus An Talamh Naomh ann an cruinneachadh de dhàin a chuireadh as leth Mhuireadhaich agus Ghiolla Bhrìghde Albanaich. Bha Murphy den bheachd gun do rinn Muireadhach 'A Mhuireadhaigh, meil do sgian'⁴⁶⁹ agus e a-mach air fhalt a ghearradh mus deach e air an turas dhan Mhuir Mheadhanach; gun do rinn e 'Fada in chabhair a Cruachain'⁴⁷⁰ agus e faisg air Monte Gargano san Eadailt (1220-1224); agus mu dheireadh gun do rinn e 'Tomhais cia mise, a Mhurchaidh'⁴⁷¹ an dèidh dha tilleadh (ro 1242).⁴⁷² Tha dàn eile againn mu fhalt cuideachd, 'An foltsa dhuit, a Dhé Athar'⁴⁷³ Tha an dà dhàn mu fhalt coltach ri ùrnaighean agus iad a' sireadh dìon. Ach chan e dàin chràbhaidh a th' anns na dàin a rinneadh ron turas neo air an turas. Mar sin, tha na dàin aig Muireadhach rudeigin aocoltach ris na dàin aig a chompanach air an turas sin, Giolla Brìghde Albannach. Bha Ó Cuív den bheachd gum faodadh e bhith gun do rinn Giolla Brìghde 'Sa ráith-se rugadh Muire' fhad 's a bha e thall san Talamh Naomh.⁴⁷⁴ Tha an dàn sin a' toirt dhuinn iomradh air na h-àitichean anns an do thachair Breith Moire, Sgeul an Aingil do Mhoire, Cuairt Moire do dh'Elisabet agus dà sgeul apocraphach mu leanabachd Chrìosd bho Shoisgeul Thòmais. Leis gu bheil 'Sa ráith-se rugadh Muire' cho ceangailte ri eòlas-tìre na Talmhainn Naoimhe agus chan eil sin anns an dàn againne 'Éistidh riomsa' tha sin a' togail ceist an do rinn e an dàn seo mus deach e air an turas neo an dèidh làimh.

Chan eil cinnt sam bith sa ghnothach ach tha an ìomhaigheachd ann an 'Éistidh riomsa' air uairean glè choltach ri dàn eile a rinn e mus deach e air an turas neo fiù mus tàinig e a dh'Alba. Mar eisimpleir, tha Meidhbhín Ní Úrdail air toirt an aire cho tric is a tha am facal 'leabaidh' a' ciallachadh 'dìon' a' togail ceann ann am 'Mo leaba féin dhamh, a Dhonnchaidh'.⁴⁷⁵ Ma ghabhas sinn ri moladh Bhergin (*lave* > *leabaidh* ann an rann 33)

⁴⁶⁸ Airson eachdraidh na sgoilearachd air Muireadhach agus na dàin faic Katharine Simms, 'Muireadhach Albanach Ó Dálaigh and the Classical Revolution', ann an Ian Brown et al. (deas.), *The Edinburgh History of Scottish Literature* (Edinburgh: Edinburgh University Press, 2007), 83-90; Brian Ó Cuív, 'Eachtra Mhuireadhaigh í Dhálaigh', *Studia Hibernica* 1 (1961), 56-69.

⁴⁶⁹ Thomas F. O'Rahilly (deas.), *Measgra Dánta II* (Cork: Cork University Press, 1927), 179-80. Eadar-theangachadh aig Clancy, *The Triumph Tree*, 264-68.

⁴⁷⁰ Gerard Murphy, 'Two Irish Poems Written from the Mediterranean in the Thirteenth Century', *Éigse* 7 (1953-55), 74-79.

⁴⁷¹ Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 108-112 agus eadar-theangachadh air 261-63.

⁴⁷² Murphy, 'Two Irish Poems', 74-75.

⁴⁷³ McKenna, *Aithdioghluim Dána*, Leabhar I 174-76 agus Leabhar II, 103. Ged a tha e gun urra bha Ó Cuív den bheachd gum b' e Muireadhach a rinn 'Do chros féin duit, a Dhúilimh', Brian Ó Cuív, 'A Pilgrim's Poem', *Éigse* 13 (1969-70), 105-09.

⁴⁷⁴ Brian Ó Cuív, 'A Poem on the Infancy of Christ', *Éigse* 16 (1973-74), 93.

⁴⁷⁵ Meidhbhín Ní Úrdail, 'Two Poems Attributed to Muireadhach Albanach Ó Dálaigh', *Ériu* 53 (2003), 20.

tha an aon fhacal ann an ‘Éistidh riomsa’. Tha e coltach gun robh Muireadhach ann an suidheachadh beagan mì-chinnteach is e na fhògarrach à Èirinn agus dh’fhaodte gu bheil a’ bhuil sin ri fhaicinn air ‘Éistidh riomsa’. Tha iomagain mu bheairteas saoghalta ga shealltainn ann an rannan 37 is 38. Agus ged a chì sinn gu bheil cuid den chràbhachd anns an dàn seo glè choltach ri cràbhachd an ama dh’fhaodadh e bhith gu bheil prìomh iarrtasan an dàin a’ sealltainn faileas air na bha tachairt ann am beatha Mhuireadhaich aig an àm. ’S iad sin nach cuir Moire a cùl ris (rann 1), inntriageadh ‘id dhaighthigh agus id dhùn’ (rann 10), gum bi ‘deaghbhráthair’ air a dhìon (12), lionn (33 agus 35), leabaidh (33), inntriageadh dhan ‘fheis’ (36 agus 40). Thug Ní Úrdail an aire cuideachd gu bheil na h-ìomhaighean air falt na h-Òighe anns an dàn seo glè choltach ri ìomhaighean airson falt Dhonnchaidh Chairbrich (Ó Briain, rígh Thuadh Mumhan 1210-42) anns an dàn ‘Roinneam, a chompáin, chloinn mBriain’⁴⁷⁶ Chan urrainnear a bhith cinnteach ge-tà an do rinn e an dàn mus robh e air fògradh neo ron turas don Talamh Naomh.

4.2 Càirdean na Maighdinn

’S e sinnsirean na Maighdinn fear de phrìomh chuspairean an dàin. Chunnacas anns a’ chaibideil mu dheireadh gum faighear dàn eile air an dearbh chuspair ann an Leabhar an Deadhain ‘Trí hingheana rug Anna’. Chan e sin a-mhàin ach tha rosg goirid ann an Laideann air an aon chuspair air duilleagan 182 de Leabhar an Deadhain. Ma nì sinn coimeas air a’ mhìneachadh air an teaghlach naomh anns na trì tùsan a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain chithear gu bheil eadar-dhealachaidhean ann. Tha ‘Éistidh riomsa’ car lom an taca ris an dà mhìneachadh eile. Tha e ag innse mu Naomh Anna ‘gur fhaoi lé triar d’fhearaibh i’ (gun robh i pòsta aig triùir) agus ‘rug inghean gach dheighfhìr dhíobh’ (gun do rug i nighean do gach duine uasal dhiubh): na Trí Moire, a phòs agus a rug triùir mhac (rannan 4-6):

Rug inghean gach dheighfhìr dhíobh,
geibhidh aca an fhinngheal úr,
teóra inghean a clann chaomh,
slimgheal a dtaobh, cam a gcúl.

*Rug i nighean do gbach deagh fhear dhiubh,
gheibh an tè fhionn gheal ùr bhuapa,
triùir nighean a clann chaomh,
slìom geal an taobh, camagach an cùl.*

Gorma a sùile, suairc a ghné,
a gcuairt nochair chuairt gan ghnaoi,
na sluaigh uile atá ar a dtí,
trí mná agus Muire ar gach mnaoi.

*Gorm an sùilean, suairc an gnè,
cuairt thuca cha b’ e cuairt gun tlachd,
tha na slòigh uile an tòir orra,
trì mnathan agus Moire air gach mnaoi.*

Tugsad trí fir thoighe a dtriúr
na trí Mhoire ó nimh na naomh,

*Ghabh iad trì fir-thaighe an triùir
na trì Moire à nèamh nan naomh,*

⁴⁷⁶ Meidhbhín Ní Úrdail, ‘Two Poems’, 48.

gur thráchtmhall torrach an triar
na gciabh ndrongach snátrum saor.

*gur mall-thriallach torrach an triùir
nan ciabh trom-chuachach uasal.*

Tha an dàn ag innse gun robh triùir mhac aig na leth-pheathraichean seo: 'Iacóbh' (Seumas), 'Eóin' (Soisgeulaiche) agus 'Íosa'. Tha ceist ann an rann a seachd, 'cá seisear mín doba mhó?' (cò an sianar mìn a b' fheàrr?); seo Na Trí Moire, Seumas, Eòin agus Crìosd. Tha àireamhan cudromach anns an dàn, agus gu sònraichte sna rannan seo, tha iomradh againn uair is uair air triùir, ceathrar, sianar. Tha an dàn cuideachd ag innse gun d'fhuair màthair Sheumais, 'sgiathdóigh ar gach n-imneadh' (sgiath-dìon air gach iomagain) agus tha e cho dòcha gur e Seumas Mòr mac Shebede (*Boanerges*; Marc 3:17) is chan e Seumas mac Alphéuis (Marc 3:18)/'Seumas a bu lugha' (Marc 15:40) a tha ri thuigsinn bho 'Iacóbh' an seo. Bha Seumas Mòr ga mheas mar neach-dìon a' chreidimh an aghaidh nam Muslamach (*Santiago Matamoros*) agus Santiago de Compostela aig a bhinnean bhon 12na linn.⁴⁷⁷ Mar sin, tha ceangal eadar Seumas agus sgiath a' freagairt air an ìomhaigh sin. Ach anns na meadhan-aoisean bha e na bu chumanta Seumas Mòr a mheas mar bhràthair do Eòin Soisgeulaiche, air sgàth 's na tha ann am Marc 3: 17, 'Seumas mac Shebede, agus Eoin bràthair Sheumais'. B' e seo an eachdraidh a gheibhte anns na *Legenda Aurea* mar eisimpleir. Chuirinn air adhart gu bheil an rosg Laidinn ann an Leabhar an Deadhain a' leantainn sgeul nan *Legenda Aurea* gu math dlùth. Ged nach eil na faclan co-ionnan tha e stèidhichte air an fhiosrachadh a tha an sin. Dh'fhaodamaid a ràdh gur e seòrsa de ghiorrachadh a th' ann air teacs nan *Legenda Aurea*. Chaidh an earrann seo bho Leabhar an Deadhain fhoillseachadh le Cosmo Innes⁴⁷⁸ agus gu h-ìosal gheibhear sin taobh ri taobh leis an earrann bho na *Legenda Aurea*⁴⁷⁹:

Leabhar an Deadhain

Anna primum virum habuit Joachim de quo concepit Mariam matrem Domini sponsam Joseph. Eo mortuo accepit Anna Cleopham de quo habuit aliam Mariam que nupsit Alpheo de[inde] habuit quatuor filios viz. Joseph Thadeum Symonem et Jacobum. Mortuo autem Cleopha accepit predicta Anna tertium maritum viz. Salome de quo habuit tertiam Mariam quam dedit Zebedeo de quo habuit duos filios viz.

Legenda Aurea

De primo autem viro, scilicet Joachim, unam filiam, scilicet Mariam, matrem domini genuit, quam Joseph nuptui dedit ... Mortuo Joachim accepit Cleopham ... et genuit ex eo aliam filiam, quam similiter Mariam vocavit, et Alpheo postmodum in conjugem sociavit. Haec autem Maria ex Alpheo viro suo quatuor filios genuit, scilicet Jacobum minorem, Joseph justum, qui et Barsabas, Simonem et Judam. Mortuo secundo viro Annae tertium

⁴⁷⁷ Diana Webb, *Medieval European Pilgrimage, c.700-c.1500* (Basingstoke: Palgrave, 2002), 23.

⁴⁷⁸ Innes, *The Black Book of Taymouth*, 143-44. (Duilleag 182 de *Leabhar an Deadhain*.)

⁴⁷⁹ Jacobi a Voragine, *Legenda Aurea Vulgo Historia Lombardica Dicta*, 3s eagan, deas. le Theodor Graesse (Breslau: Koebner, 1890)[*Ath-chlà-bhualadh* Osnabrück: Otto Zeller Verlag, 1969], 586. Airson seo ann am Beurla faic de Voragine, *The Golden Legend*, Leabhar II, 150.

Johannem ewangelistam et Jacobum.⁴⁸⁰

accepit, scilicet Salome, ex quo aliam filiam genuit, quam rursus Mariam vocavit et Zebedaeo in conjugem tradidit. Haec autem Maria ex Zebedaeo viro suo duos filios genuit, scilicet Jacobum majorem et Johannem ewangelistam.⁴⁸¹

Tha seo fhèin cudromach, gun tèid againn air aithneachadh gun robh teacsaichean coltach ri seo, agus dh’fhaodte na *Legenda Aurea* fhèin, nam pàirt den àrainneachd chràbhaidh a bha a’ biathadh leithid Sheumais MhicGriogair.

Tha an dàimh eadar Anna agus an triùir mhac ga mhìneachadh a-rithist anns an dàn ‘Trì hingheana rug Anna’, a tha cuideachd ann an Leabhar an Deadhain, ach tha na mic aig na trì Moire eadar-dhealaichte a-rithist san dàn seo; gum b’ e Moire nighean Iaichim a bu mhàthair do Ìosa, gum b’ e Moire nighean Chleophais a bu mhàthair do ‘Shéan’ (Seumas?) agus Eòin Soisgeulaiche agus gum b’ e Moire nighean Sholoime a bu mhàthair do Iacóbh (Seumas) agus Mata.⁴⁸² Tha e follaiseach mar sin gun robh luchd-dàimh an teaghlaich naoimh na chùis ùidh do Mhuireadhach Albannach anns an treas linn deug agus fhathast do luchd-cruinneachaidh Leabhar an Deadhain anns an t-siathamh linn deug. Anns an t-siathamh linn deug thòisichear ga mheas mì-chàilear gum faodadh e bhith gun robh màthair Naomh Moire pòsta trì tursan⁴⁸³ ach chan eil a’ bhuidhe sin ri fhaicinn air luchd-cruinneachaidh Leabhar an Deadhain a ghlèidh sgeul phòsaidhean Anna ann an trì riochdan eadar-dhealaichte.

Tha Ó Dálaigh a’ leudachadh air cuspair an teaghlaich a-rithist is a-rithist ann an ‘Éistidh riomsa’. Ann an rann a h-ochd deug cluinnear, ‘Do chloinn Dáibhíodh thu ... do chloinn Abhrán’. Rinn Athraichean na h-Eaglaise co-oghaichean de Mhoire agus Iòsaph gus freagairt air, ‘Mu thimcheall a Mhic Ìosa Crìosd ar Tighearna, a rinneadh de shìol Dhàibhidh a rèir na feòla (Ròmanach 1: 3) ach Moire a chumail na h-òigh.’⁴⁸⁴ Ann

⁴⁸⁰ ‘B’ e Iaichim a’ chiad fhear-pòsta a bh’ aig Anna leis an do rug i Moire màthair an Tighearna, bean Iòsaiph. Nuair a bhàsaich esan phòs Anna Cleophas leis an robh Moire eile aice a phòs Alphéus agus leis-san bha ceathrar mhac aice, sin Iòsaph, Iùdas, Simon agus Seumas. Nuair a bhàsaich Cleophas phòs an Anna a luaidh sinn an treas duine aice, sin Salome agus leis-san bha an treas Moire aice a phòs Sebede agus aig an robh dithis mhac, Eòin Soisgeulaiche agus Seumas.’

⁴⁸¹ ‘Bhon chiad fhear-pòsta, sin Iachaim, rug i aon nighean, sin Moire màthair an Tighearna, a thug i do Iòsaph ann am pòsadh... Nuair a bhàsaich Iachaim agus phòs i Cleophas agus rug i dhàsan nighean eile, agus thug i Moire oirrese cuideachd agus phòs ise Alphéus. Rug am Moire seo ceathrar mhac dhan duine aice sin Seumas a bu lugha, Iòsaph Iustus dam bu cho-ainm Barsabas, Simon agus Iùdas. Nuair a bhàsaich an dàrna duine aice phòs Anna an treas, sin Salome, agus rug i nighean eile dhàsan, agus thug i Moire oirrese cuideachd agus thug i e do Shebede mar mhnaoi. Bha dithis mhac aig a’ Mhoire seo leis an duine aice, sin Seumas Mòr agus Eòin Soisgeulaiche.’

⁴⁸² Tha craobh-ghinealaich cheart aig Bateman, ‘The Themes and Images’, 201.

⁴⁸³ Virginia Nixon, *Mary’s Mother: Saint Anne in Late Medieval Europe* (University Park, PA: Pennsylvania State University Press, 2004), 122.

⁴⁸⁴ Warner, *Alone of All Her Sex*, 20.

an rann a sia deug agus an uair sin ann an rann a naoi deug is fichead gheibhear meòrachadh air dàimh Moire ris an Trianaid:

A Thríonóid, a Mhuire mhín,
tuile gach glóir ach bhar nglóir;
A Cheathrar, caistidh rém dhuain,
ní geabhthair uaibh aisgidh óir.

...

H’Fhear is do Mhac ar do mhuin,
geal a ghlac is geal a righ,
t’Fhearathair réd thaobh as-toigh,
ag soin taom d’ealathain t’Fhir.

Dalta iongnadh dot ucht bhán,
agus dot fhult fhionnghlan úr,
do Mhac agus t’Fhear ar-aon,
a shlat shaor gheal ar do ghlún.

A Thrianaid, a Mhoire mhín,
Falbhaidh gach glóir ach do ghlóir-sa;
a Cheathrar, èistibh rim dhuain,
Chan fheumar uaibh tiodhlac òr.

...

D’Fhear-pòsta agus do Mhac a ghiùlain thu
geal a ghlac is geal a ghàirdean
D’Fhear-athair rid thaobh a-staigh
b’ e sin taisbeanadh ealantachd d’ Fhir.

Dalta iongantach dha d’ uchd bhàn
agus dha d’ fhalt fhionn ghlan ùr
do Mhac agus d’ Fhear le chèile
a shlat uasal gheal air do ghlùin.

Gheibhear iomadach càirdeas toinnte anns na rannan seo aig toiseach ‘Éistidh riomsa’: Ghiùlain a’ Mhaighdeann a Mac, a h-Athair agus an Duine aice. Mar sin, am measg nan tèaman an seo chithear am *mater et filia topus* anns a bheil Moire mar nighean a Mic fhèin.⁴⁸⁵ Nuair a ghuidheas am bàrd air an Trianaid agus air a’ Cheathrar tha e soilleir gu bheil am bàrd a’ meas dleasdanas Moire air leth cudromach. Thuirt McLeod is Bateman, ‘Tha i fiù ’s na Co-Shlànaighear, aon am measg Cheathrar’.⁴⁸⁶ Ged nach eil e cumanta tha iomradh neo dhà eile air ‘Ceathrar’ sna meadhan-aoisean. Mar eisimpleir, tha Peadar Cellensis, Easbaig Chartres (bàs 1183) a’ cnuasachadh air a’ chuspair mar a leanas ann am fear de na searmoin aige:

O Virgo virginum, quid est hoc? Ubi es? Singulari et quodam modo inestimabili pene immediate accedis ipsi Trinitati, ut si ullo modo Trinitas illa quaternitatem externam admitteret, tu sola quaternitatem compleres.⁴⁸⁷

A Òigh nan òighean, dè tha seo? Càit a bheil thu? Bidh thu a’ dlùthachadh air an Trianaid ann an dòigh gun samhail agus do-innse, cha mhòr ann an dòigh dhìreach, agus nan ceadaicheadh an Trianaid do Cheathrar bu tu fhèin a-mhàin a choileanadh an Ceathrar.

Thuirt Richard Rambuss na leanas mu na thuirt Peadar Cellensis air a’ Cheathrar:

This last remark, in view of the Church’s orthodox teachings which have always ranked Mary no higher than the supreme created being in the universe, courts the heretical. But such adulation is consistent with a

⁴⁸⁵ Andrew Breeze, ‘The Virgin Mary, Daughter of Her Son’, *Études Celtiques* 27 (1990), 267-83.

⁴⁸⁶ McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 20.

⁴⁸⁷ Tha na Searmoin aig Peadar Cellensis ann am Migne, *Patrologiae*, Leabhar CCII, 675 D. Air Peadar Cellensis agus Moire faic Graef, *Mary*, Leabhar I, 251-53.

pervasive tendency in the Middle Ages to extol the Blessed Virgin in terms of her approximations of divinity, her borderings on the divine.⁴⁸⁸

Dh'fhaodte nach fheum sinn Ó Dálaigh a chàineadh mar eiriceach, ge-tà, seach gu bheil e a' toirt dhuinn mar mhìneachadh air a' chàirdeas thoinnte, ann an rann naoi deug, gur 'ag soin taom d'ealathain t'Fhir' (b' e sin taisbeanadh ealantachd d' Fhir). 'S e soitheach a bh' ann am Moire agus dh'fhaodamaid an t-eadar-dhealachadh eadar i fhèin agus an Trianaid a thuigsinn anns a' ghairm ann an rann 14 'a ór dearg i gcoire chriadh' (a òr dearg ann an coire crèadha), mas e Moire an coire crèadha.⁴⁸⁹ Mar sin, feumaidh nach eil an dàn a' meas Moire nas àirde na an 'Tì a chruthaich an saoghal. Ach fhathast tha 'ceathrar' a-mach às an àbhaist.

Chuirinn air adhart gu bheil tèama chumanta mheadhan-aoiseil eile a' nochdadh ann an 'Éistidh riomsa' cuideachd. 'S e sin 'An Trianaid am broinn Mòire Òigh'. Tha Breeze air moladh dhuinn a bhith forail gu bheil an tèama seo a' nochdadh ann an litreachas Laidinn cho tràth ris an dàrna linn deug, ach nach eil eisimpleir sam bith ann an cainnt dhùthchasach no ann an ealain chun na ceathramh linn deug.⁴⁹⁰ 'S ann air sgàth seo gu bheil Breeze den bheachd gum b' e Donnchadh Mór Ó Dálaigh na ceathramh linn deug is nach b' e Donnchadh Mór a chaochail ann an 1244 a rinn an dàn 'Buime trír màthair mhic Dé'. Ach mholainn fhìn gur e an dearbh thèama sin a tha sinn a' faicinn ann an rann a naoi de 'Éistidh riomsa':

Tusa Muire Máthair De,
duine níor ghnáthaigh do ghnaoi,
ríghbhile arna roinn ar thrí,
Rí fírnimhe id bhroinn do bhaoi.

*Tusa Moire Màthair Dhè,
cha do dh'aithnich duine do chliù,
crann rìoghail air a roinn an trì,
rìgh fìor-nèamh a bha nad bhroinn.*

Tha fhios gur e 'Rí fírnimhe' an 'ríghbhile arna roinn ar thrí' a bha na broinn. Mar sin, mura bheil fianais sam bith eile ann ron cheathramh linn deug tha an dàn seo cudromach dha-rìreabh. Tha 'Éistidh riomsa' a' dèiligeadh ri teaghlach Moire; a màthair, a peathraichean, a dàimh ris an Trianaid (a Mac, a h-Athair, an Duine aice) agus tha e a'

⁴⁸⁸ Richard Rambuss, 'Devotion and Defilement: The Blessed Virgin Mary and the Corporeal Hagiographics of Chaucer's Prioress's Tale', ann an Lori Hope Lefkowitz (deas.), *Textual Bodies: changing boundaries of literary representation* (Albany, NY: State University of New York Press, 1997), 82.

⁴⁸⁹ Dh'fhaodadh e bhith gun toireadh an dàn 'Éistidh re marbhnaidh Meic Dhé' le Donnchadh Mór Ó Dálaigh taic dhan bheachd seo agus rann a 23 'A Sbiorad Dé fa docht, ni hé do chorp an corp criadh, corp Moire rod leig n-a lár, mar théid tre chlár ngloine an ghrian (A Spiorad Dhè an rùin dainginn, cha b' e do chorp an corp crèadha, corp Moire a leig a-steach thu, mar thèid a' ghrian tro ghlainne.) Tha MacCionnaith air an rann a thuigsinn ann an dòigh eadar-dhealaichte ann an *Dán De*, Gaoidhealg air duilleig 53 agus Beurla 118. Ghabh Breeze ris an eadar-theangachadh sin ann an Andrew Breeze, 'The Blessed Virgin and the Sunbeam through Glass', *Celtica* 23 (1999), 19.

⁴⁹⁰ Andrew Breeze, 'Two Bardic Themes: The Trinity in the Blessed Virgin's Womb, and the Rain of Folly', *Celtica* 22 (1991), 4.

leudachadh air seo ann an rann a dhà dheug nuair a chanas e mu Mhoire is a Mac, 'seanmháthair úr róibh a-raon' (Seanmhair mhath a bh' agaibh le chèile). Mas i Moire nighean a Mic fhèin a bheil sin a' fàgail Anna mar sheanmhair dhan dithis aca?

Le bhith a' meòrachadh air dàimh Moire ris an Trianaid agus ag ainmeachadh gach seòrsa càirdeis a tha a' buntainn rithe tha Ó Dálaigh a' toirt dhuinn nam modhannan cràbhach as ùire. Tha Caroline Walker Bynum air sealltainn gur e gluasad cràbhach a tha seo a thachair air feadh na h-Eòrpa ri linn dàn Uí Dhálaigh, 'Images taken from friendship, marriage, and family grow more common and more complex in the twelfth and thirteenth centuries.'⁴⁹¹ Mar sin chan fheum sinn seo a thuigsinn mar feart a tha gu sònraichte Gaoidhealach ach tha e follaiseach gun tuigeadh Gàidheil dàimh an teaghlaich naoimh a rèir gnàthas an teaghlaich Ghaoidhealaich. Tha aon bhoillsgeadh a dh'fhaodadh a bhith ann air tuigse Ghaoidhealach ann an loidhne ann an rann a trì a tha ag innse mu Anna, 'óa gealbhráthair do ghein rí' (bho a 'gealbhràthair' a ghineadh rìgh) B' e 'fair brother' a thug David Greene air 'gealbhráthair' agus tha deagh theans ann gu bheil sin ceart.⁴⁹² Ach tha gealbhráthair a' cuimhneachadh dhuinn 'gelfhine', am facal a gheibhear sna laghannan Èireannach air an t-sliochd as fhaisge aig a bheil an aon seanair.⁴⁹³ Chan eil e soilleir dhomh dè tha an loidhne sin a' ciallachadh, ged a bhathar tric a' meas gum buineadh Naomh Anna do Thaigh Rìoghail Dhàibhidh.⁴⁹⁴ Mas e gum b' e an t-ogha aice, Ìosa, an Rìgh a bheil sin a' toirt taic do chiall nan laghannan?

Ghabh na bàird tlachd dha-rìribh bho bhith a' cluich le iom-fhillteachd a' Chreidimh agus a' cur feartan a dhèanadh eas-aonta mu choinneimh a chèile. Cha do ghabh MacCionnaith tlachd sam bith anns an dòigh-dèiligidh aca:

The cause of their complexity and obscurity is, perhaps more than anything else, the Bards' love of playing with paradoxes, especially those which arise from confusion – deliberately introduced – between the Persons of the Trinity, the Father in particular being identified with Christ.⁴⁹⁵

Ach tha seo a' cleith cho cudromach 's a tha 'moladh tro chomhaicheadh' air a bhith tro na linntean.⁴⁹⁶ Tha comhaicheadh gu sònraichte mu Mhoire aig cridhe a' chreidimh, seo

⁴⁹¹ Caroline Walker Bynum, *Jesus as Mother: Studies in the Spirituality of the High Middle Ages* (Berkeley: University of California Press, 1982), 8.

⁴⁹² B' e Greene a rinn an t-eadar-theangachadh a tha a' nochdadh ann am Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 254.

⁴⁹³ Dáibhí Ó Cróinín, *Early Medieval Ireland 400-1200* (Harlow: Longman, 1995), 143; T. M. Charles-Edwards, *Early Irish and Welsh Kinship* (Oxford: Clarendon Press, 1993) bho dhuilleag 55 air adhart.

⁴⁹⁴ Nixon, *Mary's mother*, 53.

⁴⁹⁵ McKenna, *Philip Bocht O Huiginn*, xviii.

⁴⁹⁶ Airson eisimpleirean faic Rubin, *Mother of God*, 25.

an tè a bha na h-òigh ach fhathast trom, den chinne-daonna ach fhathast a' giùlan Dia. Thuirt Sarah Kay 'Mary is as contradictory a figure as one can imagine'.⁴⁹⁷ Mar sin, anns an dàn seo chan eil an ìomhaigheachd mu theaghlach agus càirdeas na h-Òigh cho annasach sin.

Tha adhbhar ann gu bheil Ó Dálaigh a' dèanamh luaidh air seo uile san dàn agus 's e sin a shaoradh fhèin. Ann an rann a dhà dheug cluinnear, 'Bráthair dhamhsa do Mhac mór'; ann an rann a còig deug tha ceist ann 'Cá beag liom do dhúthchas damh, a chúlchas ghlan fhionn, ót Fhior?' (*Nach eil dùthchas gu leòr agam, a chùl ghlan fhionn, le d' Fhear?*). Tha coimeas ga dhèanamh eadar a dhàimh fhèin ri Moire agus an dàimh aicse ri Crìosd. Ann an rann a h-aon deug their am bàrd, 'A Mháthair, a Shiúr, a Shearc, stiúr go ceart an bráthair bocht.' (*A Mhàthair, a Phiuthar, a Gbail, stiùir gu ceart am bráthair bocht*). Tha Ó Dálaigh soilleir gur e Pàrras a tha e a' sireadh mar phàigheadh air an dàn (rannan 16-17). Tha e inntinneach gur ann le bhith a' guidhe do Mhoire a tha e a' dèanamh sin. Aon uair eile tha seo a' sealltainn gu bheil e biathadh a-steach do ghluasad cràbhaidh a bha cumanta air feadh na h-Eòrpa bhon aona linn deug air adhart. 'S e sin Moire fhaicinn mar eadar-mheadhanair (*mediatrix*) eadar an cinne-daonna agus Crìosd.⁴⁹⁸ Tha e follaiseach gur ann mar sin a tha am bàrd a' faicinn Moire. Ann an rann ceithir deug air fhichead gheibhear, 'Guidheadh go hán h'abhra dubh' (*Gun guidheadh gu dealasach d' fhabhra dubh*). Mar sin, 's dòcha gu bheil seo a' dol an aghaidh Moire mar Cho-Shlànaighear ma tha aice ri guidhe air ar son fhathast.

4.3 Bòidhchead agus Daonnachd na Maighdinn

Tha tòrr anns an dàn air bòidhchead Moire, cus airson feadhainn. Tha O' Dwyer a' creidsinn gu bheil 'hang-up' aig Ó Dálaigh mu fhalt leis cho tric is a bhios e a' moladh falt Moire.⁴⁹⁹ Dh'fhaodamaid sgaradh a dhèanamh an seo eadar mìneachaidhean air a h-àilleachd agus dòighean-gairme. An toiseach, tha còrr is deich air fhichead dòigh-gairme eadar-dhealaichte ann. Seach gu bheil na h-uimhir de dhòighean-gairme, neo faclan-buaidhe, anns an dàn faodar a ràdh gu bheil buaidh an liotain ri fhaicinn air. 'S àbhaist do na h-aon ìomhaighean do Mhoire nochdadh uair is uair feadh nam meadhan-aoisean anns na liotain neo ann am bàrdachd a tha a' sealltainn buaidh nan liotan. Tha liotan Gaoidheilge neo dhà do Mhoire air a bheil coltas tràth air maireachdainn ann an làmh-

⁴⁹⁷ Sarah Kay, *Courtly Contradictions: The Emergence of the Literary Object in the Twelfth Century* (Stanford: Stanford University Press, 2001), 179.

⁴⁹⁸ Jaroslav Pelikan, *Mary through the Centuries: Her Place in the History of Culture* (New Haven: Yale University Press, 1996), 130.

⁴⁹⁹ O'Dwyer, *Mary*, 92.

sgrìobhainnean Èireannach gu math nas anmoiche 'A Muire min maith-ingen' (10mh linn⁵⁰⁰) (Bodleian LS Laud. 615) agus 'A Mhuire Mhór' (RIA LS 23 P 16 [An Leabhar Breac] agus RIA LS 3 B 22).⁵⁰¹ Tha dòighean-gairme Moire anns na liotain thràth seo traidiseanta. Dh'fhaodamaid coimeas a dhèanamh eadar na samhlaidhean agus na h-ìomhaighean a gheibhear anna agus na h-ìomhaighean a gheibhear ann am bàrdachd Albannach na Beurla Ghallda a tha fada nas anmoiche.⁵⁰² Tha an leantainneachd soilleir ma chuireas sinn feadhainn de na dòighean-gairme bhon liotain 'A Mhuire mhór' taobh ri taobh le 'Hale, Sterne Superne' leis an Albannach Uilleam Dunbar (bàs 1513x30)⁵⁰³:

'A Mhuire mhór'

'A rós corcarda in fherainn Iacoip'

'A rédla in mara'

'A rìgh-suidhe in rìgh suthain'

'Hale, Sterne Superne'

'rialest rosyne' / 'ros virginall'

'sterne superne'

'hie trone regall'

Dh'fhaodamaid feadhainn de na dòighean-gairme ann an 'Éistidh riomsa' a cheangal dhan traidisean seo cuideachd. Mar eisimpleir, ann an rann a seachd deug gheibhear 'a ghardha geal'. 'S e facal-iasaid à Lochlannais (garðr) a th' ann an *gardha* agus tha fearann a bha glaiste, pàircichte no air a chuairteachadh am measg bhrìghean an fhacail.⁵⁰⁴ Bhathar tric sna meadhan-aoisean a' cleachdadh ìomhaigh a' ghàrraidh le ballachan mar shamhla air Moire agus a h-òigheachd. Tha freumhan an t-samhla seo ann an Dàn Sholaimh 4: 12, 'Is lios glaiste (*ortus conclusus*) thu, a phiuthar, a chèile'.⁵⁰⁵ Ach b' e 'lubh-ghort foriata' a bu chumanta air *ortus conclusus* ann an tùsan Gaoidheilge eile sna

⁵⁰⁰ An deit sin air a shon aig Brian Ó Cuív, 'An Early Irish Poem of Invocation to Our Lady', *Studies* 44 (1955), 208.

⁵⁰¹ An dà liotan sin aig Charles Plummer (deas.), *Irish Litanies: Text and Translation* (London: The Henry Bradshaw Society, 1925), 'A Muire mor' air 48-51 agus 'A Muire min maith-ingen' 96-99.

⁵⁰² Airson bàrdachd chràbhaidh na Beurla Gallda faic Priscilla Bawcutt, 'Religious Verse in Medieval Scotland' ann an Priscilla Bawcutt agus Janet Hadley Williams (deas.), *A Companion to Medieval Scottish Poetry* (Woodbridge: D. S. Brewer, 2006), 119-31.

⁵⁰³ Douglas Gray (deas.), *Selected Poems of Robert Henryson and William Dunbar* (London: Penguin Books, 1998), 223-226. Air an dàn agus litreachas coltach ris faic Douglas Gray, "'Hale, Sterne Superne" and its Literary Background', ann an Sally Mapstone (deas.), *William Dunbar, 'The Nobill Poyet'* (East Linton: Tuckwell Press, 2001), 198-210.

⁵⁰⁴ P. F. Wallace, 'Garra and Airbeada: the Plot Thickens in Viking Dublin', ann an A. P. Smyth (deas.), *Seanchas: Studies in Early and Medieval Irish Archaeology, History and Literature in Honour of Francis J. Byrne* (Dublin: Four Courts press, 2000), 261-74; Fergus Kelly, *Early Irish Farming* (Dublin: DIAS, 2000), 249-50.

⁵⁰⁵ Bha seo air leth cumanta agus airson eisimpleir ann am peantadh faic Rose-Marie Hagen agus Rainer Hagen, *What Great Paintings Say* (Köln: Taschen, 2005), 29.

meadhan-aoisean.⁵⁰⁶ Mar sin, is dòcha nach eil *gardha* leis fhèin follaiseach gu leòr. Tha dòighean-gairme gu leòr eile anns an dàn a dh'fhaodadh a bhith a' tarraing air ìomhaighean is samhlaidhean a bha cumanta air feadh na h-Èorpa. Mar eisimpleir, dh'fhaodamaid ceangal aithneachadh eadar 'A édach ar h'iocht' (*A aodach ri thabhann*) ann an rann a h-aon deug fhaicinn mar luaidh air ìomhaigh na *Mater Misericordiae* (Màthair na Tròcair) a sheallas Moire a' dìon sluagh fo cleòc. Ach is dòcha gu bheil an dàn seo rudeigin ro thràth airson na h-ìomhaigh sin ge-tà nach robh buileach cumanta chun a' cheathramh linn deug.⁵⁰⁷ B' fhiach e meòrachadh air 'a chùl ris nach teagaimh tonn' bho rann 33 (*a chùl ris nach buin talamb*), 'a cheann báidhe na mban' (*a phrìomh bhàigh nam ban*) bho rann 17. Tha dòighean-gairme bho nàdar ann cuideachd mar a tha eala (*géis*) neo dris (*muine*). Ann an seadh chan eil seo na iongnadh, thuirt Maurice Vloberg:

Despite the profusion of biblical symbols prefiguring the virtues and privileges of this Predestined Woman – the burning bush, Gideon's fleece, Aaron's rod, Ezekiel's gate, etc. – the most curious analogies were sought in nature and its wonders. Illustrated treatises such as herbals, lapidaries and bestiaries all contributed to this trend.⁵⁰⁸

Mar sin, is dòcha gun d' rachadh againn air adhbhairean nas samhlachail a lorg airson cuid de na h-ìomhaighean nàdar.

'S ann air bòidhchead bhoireann a tha a' chuid as motha de na dòighean-gairme ann an 'Éistidh riomsa' stèidhichte. Agus gheibhear iomadach moladh air a bòidhchead phearsanta, chan ann a-mhàin sna dòighean-gairme. Tha moladh air a sùilean, malaidhean, cìochan, làmhnan, casan, aodann, agus gu seachd àraid air a falt.⁵⁰⁹ Dh'aithnich McLeod is Bateman gum buin 'tuairisgeil a bòidhchid ... do dhualchas Gàidhlig a' ghaoil'.⁵¹⁰ Tha Ó Dálaigh a' moladh bòidhchead Moire ann an dòigh a

⁵⁰⁶ 'A lubgortt foriata' ann an 'A Mhuire mhór', Plummer, *Irish Litanies*, 48; 'lughgurt foriata' nas anmochiche faic Caoimhín Breatnach, 'An Irish Homily on the Life of the Virgin Mary, *Ériu* 51 (2000), 52.

⁵⁰⁷ Rebecca W. Corrie, 'Schutzmantelmadonna', ann an John M. Jeep (deas.), *Medieval Germany: An Encyclopedia* (London: Garland Publ., 2001), 393-94. Faic cuideachd Timothy Verdon, *Maria nell'Arte Europea* (Milano: Electa, 2004), 47-53.

⁵⁰⁸ Maurice Vloberg, 'The Iconographic Types of the Virgin in Western Art', ann an Sarah Jane Boss (deas.), *Mary: The Complete Resource* (London: Continuum, 2007), 554-55.

⁵⁰⁹ Tha Bateman mar-tha air liosta a chruthachadh, 'The Themes and Images', 208-09. Ged nach fheum ceangal sam bith a bhith aig seo ris an dàn b' fhiach e cuimhneachadh gun robh falt na h-Òighe am measg na bhiodh eaglaisean a' sireadh sna meadhan-aoisean seach nach robh rèilgean corparra eile ann dhi, faic Benedicta Ward, *Miracles and the Medieval Mind: Theory Record and Event 1000-1215* (London: Scholar Press, 1982), 137-38. Tha 'falt Maire Ingine' a' nochdadh am measg nan rèilgean ann an dàn tràth, faic James Carney 'A Maccucáin, Sruith in Tiag', *Celtica* 15 (1983), 34.

⁵¹⁰ McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 20.

mar ghné gríosas) ann an rann a tha mach air fulang Moire agus Crìosd san uaigh.⁵¹⁴ Chuir Bateman a' cheist am bu chòir dhuinn tuigsinn gun robh a' gruaidhean dearg air sàillibh caoineadh.⁵¹⁵ Ach faodar cuimhneachadh cuideachd air an dealbh de Mhoire aig a' Cheusadh a gheibhear ann an eadar-theangachadh Gaidheilge de *Liber De Passione Christi*:

do bí a bél dearg, a haigid mur rós 7 fá dearg a hédach ó fuil a haenmic 7 do bí a bél cú dearg corcra ó na sreabaibh donn fola do toiteadh asa créachtaib.⁵¹⁶

Bha a beul dearg, a h-aghaidh mar an ròs agus bu dhearg a h-aodach bho fhuil a h-aonmhic agus bha a beul gu dearg corcra bho na sruthan donn fala a thuit às a chreuchdan.

Thòisich cràbhachd don *Mhater Dolorosa* bho dheireadh an aona linn deug, anns an robh aire dhaoine air àmhghar agus cràdh Moire, ach cha robh a' chràbhachd sin aig binnean a cumhachd chun a' cheathramh linn deug.⁵¹⁷ Cha b' urrainnear a ràdh gu bheil cràbhachd don *Mhater Dolorosa* làidir ann an 'Éistidh riomsa' air sgàth na h-aon tarraing seo air 'fuil laoigh'.

Rachainn leis na beachdan aig sgoilearan a tha ag aithneachadh gu bheil bòidhchead Moire ga chur an cèill anns an dàn seo ann an dòigh Ghaidhealach. Tha e doirbh bàrdachd do Mhoire a lorg bho chultaran Eòrpach eile a tha buileach coltach ri seo. Ged a tha e cumanta gu leòr cluinntinn gun robh Moire bòidheach, chan àbhaist do bhàrdachd ann an dualchainnt air Moire cuideam cho mòr a chur air bòidhchead ann an dòigh cho mionaideach.⁵¹⁸ Ach faodaidh sinn aithneachadh nach eil bàrdachd Gaidheilge buileach na h-aonar anns an t-seagh sin. Tha an aon seòrsa dàimh ri fhaicinn eadar tuairisgeulan Moire agus mnàthan saoghalta ann am bàrdachd Phrovençal nan *troubadour* anns an dàrna agus san treas linn deug. Thuirt Raymond Gay-Crosier mu bhuadhannan, gu sònraichte 'personified abstractions', mhnàthan saoghalta agus Moire a tha cha mhòr co-ionnan na leanas:

In general it may be said that as far as the theme of the Virgin is concerned, there is mutual influence from both sides. The great development of hymns to the Virgin does not take place until the thirteenth century, and it is

⁵¹⁴ Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 190.

⁵¹⁵ Bateman, 'The Themes and Images', 199.

⁵¹⁶ Skerrett, 'Two Irish Translations', 108. Faic nota 193 gu h-àrd air òl na fala cuideachd.

⁵¹⁷ Warner, *Alone of All Her Sex*, 210; Rubin, *Mother of God*, 243-49.

⁵¹⁸ Faic mar eisimpleir Karen Saupe (deas.), *Middle English Marian Lyrics* (Kalamazoo: Medieval Institute Publications, 1998); Kellinde Wrightson (deas.), *Fourteenth-Century Icelandic Verse on the Virgin Mary* (London: Viking Society for Northern Research, 2001); Kathleen Kulp-Hill (eadar-theang.), *Songs of Holy Mary of Alfonso X, The Wise: A Translation of the Cantigas De Santa Maria* (Tempe, Arizona: Arizona Center for Medieval and Renaissance Studies, 2000).

difficult, if not impossible, to decide to what extent the religious elements influenced the secular and vice versa.⁵¹⁹

Agus dh'fhaodamaid rud neo dhà a bharrachd a ràdh an cois nan tuairisgeul air bòidhchead Moire ann an 'Éistidh riomsa'. Tha e soilleir bho pheantadh agus snaidheadh Eòrpach nam meadhan-aoisean gun robh beachdan mu bhòidhchead ann an roinnean eadar-dhealaichte a' toirt buaidh air an dòigh a bhathar a' riochdachadh Moire.⁵²⁰ Cuideachd, chaidh 'Éistidh riomsa' a dhèanamh san treas linn deug (neo fiù 's san 12na linn?) agus ma bheir sinn sùil air sgrìobhaichean Laidinn bho mhanaich an ama chì sinn nach eil cnuasachadh air bòidhchead Moire cho annasach sin. Mar eisimpleir, anns an dàrna linn deug bha sgrìobhadairean leithid Rupert à Deutz, Amadeus à Lausanne, Aelred à Rievaulx, a' sgrìobhadh air Moire agus air a' chàirdeas eadar Moire agus Crìosd ann an dòigh earotach agus Moire ga meas mar bhean-bainnse Chrìosd, tric stèidhichte air Dàn Sholaimh.⁵²¹ Tha Helen Imhoff air cur air adhart bho chionn ghoirid gun robh buaidh aig ìomhaighean mar seo aig Rupert à Deutz is eile air Lí Ban anns an sgeulachd *Aided Echach Maic Maireda* agus i ag ràdh gu bheil seo a' dearbhadh gun robh ùghdar na sgeulachd 'well versed in intellectual developments on the Continent'.⁵²² Ma thèid againn air na ceanglaichean sin aithneachadh air litreachas saoghalta nach b' urrainn dhuinn an aon seòrsa buaidh aithneachadh air 'Éistidh riomsa'? Anns an treas linn deug sgrìobhadh gu sònraichte air bòidhchead Moire, mar eisimpleir leabhar a còig de *De Laudibus B. Mariae Virginis* aig Ridseard à St. Laurent⁵²³ agus an obair a chuireadh as leth Naomh Albertus Magnus.⁵²⁴

Tha cnuasachadh air bòidhchead Moire na cheum nàdarrach den ghluasad a bha a' toirt barrachd is barrachd aire do dhaonnachd Moire agus màthaireachd Moire anns an treas linn deug.⁵²⁵ Tha Rachel Fulton den bheachd gum b' e an t-atharrachadh seo ann an ìomhaigh Moire, banrigh gu màthair (a' caoidh), a dh'adhbhraich atharrachadh

⁵¹⁹ Raymond Gay-Crosier, *Religious Elements in the Secular Lyrics of the Troubadours* (Chapel Hill: The University of North Carolina Press, 1971), 73.

⁵²⁰ Air a' chuspair faic Penny Schine Gold, *The Lady and The Virgin: Image, Attitude, and Experience in Twelfth-Century France* (Chicago: The University of Chicago Press, 1985), 68.

⁵²¹ Graef, *Mary*, 226-250. Air a' chuspair faic Rachel Fulton, *From Judgment to Passion: Devotion to Christ and the Virgin Mary, 800-1200* (New York: Columbia University Press, 2002), 289-383.

⁵²² Helen Imhoff, 'The Themes and Structure of Aided Echach Maic Maireda', *Ériu* 58 (2008), 107 agus faic 126-27.

⁵²³ Richardi a Sancto Laurentio, *De Laudibus B. Mariae Virginis* (Antverpiae: M. Nutius, 1625), faic 'De Corporali Pulchritudine Mariae' ann an *Liber V* bho 336 air adhart. Airson eisimpleirean eile faic John Saward, *The Beauty of Holiness and the Holiness of Beauty* (San Francisco: Ignatius Press, 1997), 113-60. Air ciall bòidhchid fhèin sna meadhan-aoisean faic Umberto Eco, *Art and Beauty in the Middle Ages* (New Haven: Yale University Press, 1986).

⁵²⁴ Graef, *Mary*, 266-72.

⁵²⁵ Rubin, *Mother of God*, 197-216; Walker Bynum, *Jesus as Mother*, 137.

ann an ìomhaigh Chrìosd (breitheanas gu co-fhulangas), agus gur e sin a thòisich ‘affective devotion.’⁵²⁶ B’ e tlàths agus blàths an teaghlaich a bha na Francisceanaich gu sònraichte a’ brosnachadh. Tha a’ bhuaidh sin soilleir air ‘Éistidh riomsa’, gu sònraichte ann an rann 22 gu 24:

Do-ní sé casadh do chiabh, do dhuadh é ar t’ asal dá dhíon, do bhas, a ógMhuire úr, do chas cúl ródbhuidhe an Ríogh.	<i>Bidh e a’ casadh do chiabhan 'S e d’ uallach air d’ asail ga dhìon do bhas, a òighe Mhoire ùr, a chaisich ròd buidhe an Rìgh.</i>
Tú do shíor doba shamh leis, is do chíogh bán ar a bhois, an uair do nightheá an gcraoibh gcais, do lightheá an mbais gcaoinmh ’s an gcois.	<i>Bha thu sìor shàmh leis, is do chìoch bhàn air a bhois, nuair a nigheadh tu a’ Gheug loinneil, phòg thu a’ bhas chaomh is a’ chas.</i>
Fraoch buidhe ar h’úrbharr mar ór, a Mhuire shúlhall, a Shiúr, cíoch geilmhín trom as do thaobh, Leinbhín saor donn agá diúl.	<i>Fraoch buidhe air do cheann mar òr, a Mhoire thlàth-shùil, a Pbiuthar, cíoch gheal mhìn throm air do thaobh, Leanaban uasal donn ga deothail.</i>

Bha ciall a bharrachd aig a’ *Virgo Lactans* agus b’ e sin gun cuimhneachadh cíoch Moire do Chrìost gun deach a bhiathadh le tè de chloinn daoine is shocraicheadh an smuain sin fearg Chrìosd. Tha an ìomhaigheachd air leth brèagha an seo agus a’ daingneachadh cheanglaichean an dàin ris a’ chràbhachd Eòrpach as ùire.⁵²⁷

4.4 Fearg Moire

Mus fàg sinn an dàn seo thèid coimhead gu h-aithghearr air feart eile a tha ann. Anns a’ chaibideil mu dheireadh rinneadh luaidh air eisimpleirean, bho bhàrdachd Leabhar an Deadhain agus tùsan Eòrpach eile, den dòigh a chiùinichheadh Moire fearg Chrìosd. Rinneadh ceangal cuideachd ri *Speculum Beatae Mariae Virginis* a thuirt nach robh fearg aig Moire fhèin. Ach tha rann a ceithir deug a’ guidhe ‘ciùnaigh h’fhearg, a Mhoire mhór’ (ciùnaigh t’ fhearg, a Mhoire mhór). San latha a th’ ann an-diugh tha fearg Moire na chùis-iongnaidh. Ach feadh nam meadhan-aoisean gabhaidh aithneachadh gun robh spàirn ann eadar Moire a ghabhadh truas ri neach sam bith, a dh’aindeoin dè cho peacach is a bha iad agus Moire a dh’fhaodadh a bhith feargach le peacaich. B’ e ‘devotional ambivalence’ a thug Kate Koppelman air seo agus i a’ sgrùdadh sgeulachd Theophilus ann am Beurla.⁵²⁸ A rèir mar a thuigeas sinn a’ chiad loidhne ann an rann 26

⁵²⁶ Fulton, *From Judgment to Passion*, 214.

⁵²⁷ Air motif Moire a’ nochdadh a cíoch do Chrìosd agus i ann an èiginn a’ sireadh iochd do mhac an duine faic Ryan, ‘The Persuasive Power’.

⁵²⁸ Kate Koppelman, ‘Devotional Ambivalence: The Virgin Mary as “Empresse of Helle”’, *Essays in Medieval Studies* 18 (2001), 67-72.

de ‘Éistidh riomsa’ dh’fhaodadh an dàn seo a bhith a’ dearbhadh cuideachd gun robh (co-dhiù san treas linn deug) truas Moire mì-chinnteach. ’S e ‘Easbach clann ladrann do luadh’ a tha san dàn agus thuig feadhainn an loidhne sin mar ‘Faoin luaidh a dhèanamh air mèirlich’⁵²⁹ agus feadhainn eile e mar ‘Faoin do mhèirlich bruidhinn’.⁵³⁰ Ma thèid gabhail ris an dàrna ciall tha fianais an seo airson Moire nach robh buileach deònach taic a thoirt do neach sam bith. Tha exemplum ann am *Fasciculus Morum*, leabhar-làimhe Sasannach do shearmanaichean bhon cheathramh linn deug ag innse nach robh taic Moire cinnteach air dòigh sam bith:

Unde narrator de quodam clerico lubrico set in officio Dei et Beate Virginis satis devoto, quomodo Beata Virgo sibi apparuit portans liquorem dulcissimum in vase fetido et sordido, offerens ei ad bibendum. Cum ipse respondit quod propter fetorem vasis non potuit, respondit Virgo Beata: “Sic michi oraciones vestre nec filio meo placent, dum vas a quo procedit sit corruptum.”⁵³¹

Tha sgeul ann mu chlàireach a bha druiseach ach aig an aon àm dileas na chràbbachd do Dhia agus do Mhoire. Nochd Moire dha agus i a’ giùlan deoch mhillis ann an soitheach shalach agus thairg i dha an deoch ri òl. Nuair a thuirt e nach b’ urrainn dha a ghabhail air sgàth samh na soitheich fhreagair Moire: “Anns an aon dòigh cha bhi na h-ùrnaighean agad a’ còrdadh riomsa no rim mbac cho fad is a bhios an soitheach às an tig iad truaille.”

Chan e sin a-mhàin ach gheibhear corra iomradh neo iomhaigh sna meadhan-aoisean a tha sealltainn ceangal eadar Moire agus fòirneart. ’S e neach car eagallach a th’ innte ann an co-dhiù aon de na mìorbhailean ann an cruinneachadh ceangailte ri Rocamadour bhon dàrna linn deug.⁵³² Dh’fhaodte nach biodh an ceangal eadar Moire agus fòirneart buileach cho annasach do luchd-cruinneachaidh neo luchd-tabhartais Leabhar an Deadhain anns an t-siathamh linn deug ma fhuair iad sealladh air cuid de na h-iomhaighean ann an Leabhar-Uairean a’ Bhealaich anns a bheil Moire a’ sgiùrsadh an Diabhail neo a’ greimeachadh air adharcan.⁵³³ Ged a rinneadh an làmh-sgrìobhainn sin ann an Sasainn tha leabhar-shuaicheantas armach aig Iarla Bhaghaid Albainn ann, thàinig e bho Chaisteal a’ Bhealaich agus tha M. R. James ag ràdh, “That the book has long been in Scotland, I gather from that fact that an early xvith cent. hand (as I think)

⁵²⁹ Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 256; McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 27.

⁵³⁰ Clancy, *The Triumph Tree*, 279.

⁵³¹ Siegfried Wenzel (deas.), *Fasciculus Morum: A Fourteenth-Century Preacher’s Handbook* (London: Pennsylvania State University Press, 1989), 34 le eadar-theangachadh gu Beurla air 35.

⁵³² Marcus Graham Bull, *The Miracles of Our Lady of Rocamadour* (Woodbridge: Boydell Press, 1999), 144.

⁵³³ London, British Library, LS Yates Thompson 13, duilleagan 160 agus 155v, mar eisimpleir. Tha an làmh-sgrìobhainn a-nise air loidhne mar phàirt den ‘Catalogue of Illuminated Manuscripts’ aig an Leabharlann Bhreatannach.

has written numberings on some of the pages.⁵³⁴ Ma bha e ann an sgìre a’ Bhealaich cho fada air ais ris an t-siathamh neo ris a’ chòigeamh linn deug bhiodh, mar sin, mìorbhailean mu Mhoire a’ ruigsinn feadhainn an dà chuid ann am bàrdachd Gaoidheilge agus ann an dealbhan. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air mìorbhailean Moire agus beachdachadh air dealbh fòirneartach eile de Mhoire ann an caibideilean 7 agus 8.

4.5 Co-dhùnadh

Tha an caibideil seo air sgrùdadh a dhèanamh air an dàn ‘Éistidh riomsa, a Mhuire mhór’. Chaidh coimhead air trì feartan cudromach den dàn: na tha an dàn ag innse dhuinn mu dhàimh na h-Òigh ris an Trianaid agus ri càirdean eile; ìomhaigheachd airson bòidhchead Moire; agus fearg Moire. Le gach feart chaidh togail air ceanglaichean ri gluasadan cràbhaidh Eòrpach an ama. Tha e soilleir gu bheil an dàn a’ gabhail tlachd ann an càirdeas toinnte Moire ris an Trianaid ach chan eil sin às an àbhaist. Chaidh moladh gum faodadh e bhith gu bheil sinn a’ faicinn eisimpleir gu math tràth den tèama ‘An Trianaid am broinn Mòire Òigh’ anns an dàn. Cuideachd, dh’fhaodte gu bheil aon sealladh againn air tuigse dhùthchasach laghail an teaghlaich anns an dàn. Tha an ùidh seo san Teaghlach Naomh ri fhaicinn gu làidir ann an Leabhar an Deadhain agus rosg agus aon dàn eile a’ nochdadh ann air a’ chuspair.

Suarach cho math is a tha diadhachd an dàin a’ còrdadh ri feadhainn agus i ga meas aotrom. Air an làimh eile bha cuid eile den bharail gum b’ e eisimpleir mhath a bh’ anns an dàn den chothlamadh eadar an creideamh agus cultar dùthchasach. Chaidh gabhail ris an seo gu bheil an dàn gu ìre mhòir a’ cleachdadh cultar dùthchasach airson ìomhaigheachd na Maighdinn. Faodar coimeas a dhèanamh eadar dàin mar seo agus litreachas a tha coltach ris ann an cànan eile. Cuideachd chaidh sealltainn gu bheil an cuideam air bòidhchead, màthaireachd agus daonnachd Moire uile a’ freagairt air diadhachd na treas linn deug. Mu dheireadh, chaidh iomradh a dhèanamh air fearg Moire. Tha e coltach nach eil tròcair Moire buileach cinnteach ann an diadhachd an dàin. Tha an dàn seo aocoltach ris na dàin eile air an dèan sinn sgrùdadh anns an tràchdas seo leis nach eil e a’ toirt seachad sgeulachd. ’S e moladh a th’ anns an dàn agus tha fhios gum bu chòir dhuinn a bhith ceadachadh iomadh leughadh den ìomhaigheachd. Gabhaidh co-dhiù cuid de na h-ìomhaighean a leughadh mar shamhlaidhean, cleachdadh a bha air leth cumanta sna meadhan-aoisean, anns an robh

⁵³⁴ M. R. James, *A Descriptive Catalogue of the Second Series of Fifty Manuscripts (Nos 51 to 100) in the Collection of Henry Yates Thompson* (Cambridge: [Cambridge] University Press, 1902), 54. Airson mìorbhailean Moire agus *Leabhar Uairean a’ Bhealaich* faic Carol M. Meale, ‘The Miracles of Our Lady: Context and Interpretation,’ ann an Derek Pearsall (deas.), *Studies in the Vernon Manuscript* (Cambridge: D. S. Brewer, 1990), 126.

firinn nas àirde ga faicinn ann an nàdar.⁵³⁵ Ma bheir meòrachadh air bòidhchead sinn nas fhaisge air Dia tha fhios gu bheil an dàn a' coileanadh an amais sin.

⁵³⁵ Eco, *Art and Beauty*, 52-64.

Caibideil 5: ‘Fuigheall beannacht brú Mhuire’

5.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair

Gheibhear 37 rannan den dàn ‘Fuigheall beannacht brú Mhuire’ air duilleagan 166 gu 169 de Leabhar an Deadhain leis an nota ‘A howdir soo teyk ook’. ’S iongantach mura bheil againn ri Tadhg Óg Ó hUiginn a thuigsinn à sin. Chaochail Ó hUiginn ann an meadhan na còigeamh linn deug.⁵³⁶ Bhuineadh e do theaghlach foghlamaichte à Co. Shligigh⁵³⁷ agus e aithnichte mar bhàrd de dhàin chràbhaidh.⁵³⁸ Dh’fhàg e làrach air Gàidhealtachd na h-Alba cuideachd, thuirt Martin MacGregor, ‘It is not hard to demonstrate a Scottish dimension to his life and legacy.’⁵³⁹ ’S e an fhianais airson sin gun do rinn e dàn-molaidh ‘Fuaras aisgidh gan iarraidh’ do dh’Alasdair MacDhòmhnaill nan Eilean.⁵⁴⁰ Ach cuideachd tha làmh-sgrìobhainn Gaoidheilge, 72.1.29, ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba làn den bhàrdachd chràbhaidh le Ó hUiginn.⁵⁴¹ Ach faodaidh sinn a bhith cinnteach nach b’ e Ó hUiginn a rinn an dàn seo ‘Fuigheall beannacht’ leis gu bheil e cuideachd ri fhaighinn ann an Leabhar Uí Mhaine (c.1372) leis an nota gum b’ e ‘Gilla Brìdi .cc.’ (i.e. Giolla Brìghde cecinit).⁵⁴² Tha ceist ann an uair sin cò an Giolla Brìghde a bhiodh ann. Bha MacCionnaith (agus lean O’Dwyer e) a’ creidsinn gum b’ e Giolla Brìghde Mac Con Midhe (13mh linn) a rinn an dàn ged nach

⁵³⁶ Ann an Annála Chonnacht gheibhear airson na bliadhna 1448 ‘Tadc Oc h. hUicind primode Erenn 7 Alpan mortuus est i ndered ind erraig cetna’ (Chaochail Tadhg Óg Ó hUiginn, prìomh oide na h-Èireann agus na h-Alba aig deireadh an earraich cheudna), A. Martin Freeman (deas.), *Annála Connacht / The Annals of Connacht* (Dublin: DIAS, 1996), 490; Ann an Annála Ríoghachta Éireann aig na Ceithir Maighistearan tha ‘Tadhg Ócc mac Taidhg mac Giolla Colaim Uí Uiginn prìomh-oide aosa dána Ereann & Alban do écc iar n-aithrige i c-Cill Connla, & a adhnacal i mainistir Atha Lethain.’ (‘Chaochail Tadhg Óg mac Giolla Caluim Ó hUiginn, prìomh oide aos-dána na h-Èireann agus na h-Alba an dèidh aithridh a dhèanamh ann an Cill Chonla agus chaidh adhlacadh ann am mainistir Áth Leathain.’) Fhuair e seo air loidhne aig www.ucc.ie/celt/published/G100005D/index.html air 27/09/06.

⁵³⁷ Simms, ‘Bardic Poetry as a Historical Source’, 62.

⁵³⁸ Gillies, ‘Gaelic: The Classical Tradition’, 256.

⁵³⁹ MacGregor, ‘Làn-mara ’s mìle seòl’, 83.

⁵⁴⁰ McKenna, *Aithdioghluim Dána*, Leabhar I, 114-18 agus Leabhar II, 69-71.

⁵⁴¹ Rinneadh an làmh-sgrìobhainn ann an Èirinn san t-siathamh linn deug ach bha e ann am Muile agus ’s dòcha san Eilean Sgitheanach an dèidh sin. Faic Black, *Catalogue*; Black, ‘The Gaelic Manuscripts,’ 155.

⁵⁴² Dublin, Royal Irish Academy, D ii 1 (1225), duilleag 58v.

do ghabh N. J. A. Williams ri sin.⁵⁴³ Ach anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad 's fheàrr le sgoilearan (Katharine Simms, Brian Ó Cuív agus Martin McNamara) Giolla Brighde Albannach aithneachadh mar ùghdar an dàin.⁵⁴⁴ Cha chreid mi nach ann air sàillibh 's gu bheil dàn cràbhaidh eile aig Giolla Brighde Albannach⁵⁴⁵ a tha làn sgeulachdan apocraphach as fheàrr le daoine am bàrd seo seach Giolla Brighde Mac Con Midhe, ged a rinn esan dàin chràbhaidh cuideachd.⁵⁴⁶

Chan iad Tadhg Óg neo Giolla Brighde na h-aon bhàird a chaidh ceangal ris an dàn seo.⁵⁴⁷ Tha an dàn ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, LS 72.2.14 (15mh/16mh linn) ag ainmeachadh 'Fpilip bocht hui hUigind' (i.e Philip Bocht Ó hUiginn) bàrd a chaochail an an 1487.⁵⁴⁸ Agus ann an diofar làmh-sgrìobhainnean pàipeir bhon t-seachdamh neo bhon ochdamh linn deug 's e Donnchadh Mór Ó Dálaigh a tha a' nochdadh mar ùghdar.⁵⁴⁹ Bha dà bhàrd ann air an robh Donnchadh Mór Ó Dálaigh: fear a chaochail ann an 1244 agus ainmeil airson dàn chràbhaidh agus fear eile fl. c. 1400.⁵⁵⁰ Tha an dàn cuideachd a' nochdadh gun urra ann an làmh-sgrìobhainnean eile bhon t-seachdamh linn deug (Leabhar Uí Chonchobhair Dhuinn, duilleag 98v⁵⁵¹ agus Baile Àtha Cliath, UCD, LS A 25, duilleag 193).

Tha e soilleir gum faod sinn a bhith cinnteach gun do rinneadh an dàn ro c.1372 leis gu bheil e a' nochdadh ann an Leabhar Uí Mhaine. Ma bheir sinn na làmh-sgrìobhainnean às an t-seachdamh linn deug a dh'ainmich Donnchadh Mór a-mach às a'

⁵⁴³ McKenna, *Aithdioghluim Dána*, Leabhar I xxx ach bha e a' creidsinn gum b' e an aon duine a bh' ann ri Giolla Brighde Albannach; O' Dwyer, *Mary*, 92; N. J. A. Williams (deas.), *The Poems of Giolla Brighde Mac Con Midhe* (Dublin: Irish Texts Society, 1980), 11. B' e Gerard Murphy a chuir air adhart gun robh dithis bhàrd ann san treas linn deug air an robh Giolla Brighde: Giolla Brighde Mac Con Midhe agus Giolla Brighde Albannach. Faic Gerard Murphy, 'A Vision Concerning Rolf MacMahon', *Éigse* 4 (1945), 96; Brian Ó Cuív, 'A Seventeenth-Century Irish Manuscript', *Éigse* 13 (1969-70), 143-52; Brian Ó Cuív, 'A Poem for Cathal Croibhdhearg Ó Conchubhair', *Éigse* 13 (1969-70), 195; Ó Cuív, 'A Poem on the Infancy of Christ', 94.

⁵⁴⁴ Simms, 'Muireadhach Albanach', 89; Brian Ó Cuív, 'A Thirteenth-Century Irish Poem Containing Elements from Infancy Narratives', ann am Martin McNamara et al. (deas.), *Apocrypha Hiberniae I. Evangelia Infantiae, Corpus Christianorum Series Apocryphorum* leabhraichean 13 & 14 (Turnhout: Brepols Publishers, 2001), Leabhar XIV, 497; Martin McNamara, 'General Introduction' ann am Martin McNamara et al. (deas.), *Apocrypha Hiberniae I. Evangelia Infantiae, Corpus Christianorum Series Apocryphorum* leabhraichean 13 & 14 (Turnhout: Brepols Publishers, 2001), Leabhar XIII, 15.

⁵⁴⁵ 'S e sin an dàn 'Sa ráith-se rugadh Muire', faic Ó Cuív, 'A Poem on the Infancy of Christ', 94.

⁵⁴⁶ Williams, *The Poems of Giolla Brighde*, 214-57.

⁵⁴⁷ Tha iomradh air seo uile aig Williams, *The Poems of Giolla Brighde*, 11.

⁵⁴⁸ An nota bho Mackechnie, *Catalogue of Gaelic Manuscripts*, Leabhar I, 214.

⁵⁴⁹ Dublin, RIA, LS 3 C 18, duilleag 265 tha an làmh-sgrìobhainn seo ann am fìor dhroch staid; Dublin, RIA, LS 23 I 40, duilleag 147; Dublin, TCD, LS 1385, duilleag 96.

⁵⁵⁰ McKenna, *Dán Dé*, viii-ix.

⁵⁵¹ Douglas Hyde, 'The Book of the O' Conor Don', *Ériu* 8 (1916), 78-99. Tha an làmh-sgrìobhainn sin ann an Teach Cluain Mhalais ann an Co. Roscomáin ach air loidhne cuideachd aig www.isos.dias.ie

chùis, dh'fhaodadh e bhith gu bheil na tùsan eile a' feuchainn ri suim a bharrachd a thoirt dhan dàn le bhith ga cheangal ris a' bhàrd chràbhaidh a bu mhotha agus a b' fhaisge air an linn fhèin:

Tùsan	Bàird
Leabhar Uí Mhaine (14mh Linn)	Giolla Brighde (13mh Linn)
Leabhar an Deadhain (toiseach 16mh Linn)	Tadhg Óg (meadhan 15mh Linn)
NLS LS 72.2.14 (15mh/ 16mh Linn)	Philip Bocht (deireadh 15mh Linn)
RIA LS 23 I 40 (17mh Linn) RIA LS 3 C 18 (17mh Linn) TCD LS 1385 (18mh Linn)	Donnchadh Mór (toiseach 13mh Linn ?)
Leabhar Uí Chonchubhair Dhuinn (17mh Linn) UCD LS Francis. A 25 (17mh Linn)	gun urra

Mar sin, chan urrainnear earbsa a chur ann an nota sam bith seach an nota ann an Leabhar Uí Mhaine bhon a tha Tadhg Óg agus Philip Bocht ro anmoch agus tha ainm Dhonnchaidh Mhóir a' nochdadh ann an làmh-sgrìobhainnean a tha gu math anmoch. Ma thogras sinn thèid againn air gabhail ri 'Giolla Brighde' mar ùghdar an dàin ged nach eil cinnt sam bith sa ghnothach mu cò am fear a bhiodh ann, cho fad is a chì mise. Ach nan gabhamaid ris gum b' e Giolla Brighde Albannach a rinn an dàn bhiodh sin a' ciallachadh gu bheil dà dhàn bhon treas linn deug mu Mhoire ann an Leabhar an Deadhain aig a bheil ceangal ri Alba. Tha aon rud cinnteach ge-tà agus 's e sin gun robh beatha leantainneach aig an dàn seo ann an Èirinn agus Alba thairis air sia ceud bliadhna. Chaidh eagraan den dàn fhoillseachadh trì tursan stèidhichte air dreach Leabhar Uí Mhaine.⁵⁵²

5.2 Sgeulachdan Apocraphach san dàn

Tha an dàn seo annasach seach gu bheil cha mhòr gach sgeulachd apocraphach neo iomradh air neach naomh eadar-dhealaichte seach an àbhaist. Thèid dèiligeadh an toiseach ris a' Bhuain Obann, ged nach e sin a' chiad sgeulachd apocraphach san dàn, seach gu bheil ceistean cudromach ceangailte ris an sgeulachd sin a' buntainn ris an dàn air fad. Ach mus tèid sin a dhèanamh b' fhiach a ràdh gu bheil rann a bharrachd ann an

⁵⁵² Kuno Meyer, 'Neue Mitteilungen aus irischen Handschriften', *Archiv für Celtische Lexicographie* 3 (1907), 244-46; Lambert McKenna, 'Some Irish Bardic Poems XXIX Mary's Blessings', *Studies: An Irish Quarterly Review* 23 (1934), 88-94; McKenna, *Aithdioghluim Dána*, Leabhar I, 190-94 agus Leabhar II, 112-14.

dreach Leabhar an Deadhain den dàn. Cho fad is a chì mise chan eil an rann seo a' nochdadh ann an dreach sam bith eile den dàn. 'S e rann 23 a th' ann ann an Leabhar an Deadhain, eadar Marbhadh nan Neochiontach agus An Teicheadh dhan Èiphit. Seo an oidhirp agam fhìn air tionndadh gu litreachadh àbhaisteach:

Ma^t di hey^t mvrri lay mak
fadda a hey^t si hymmich,
chortich sche in weayll fa thre
a teei^t lessin nard re

Mach do theich/théid Muire le mac
fada a theich/théid si [a-mach?]
chuartaigh sí an Bheithil fa thrí
a' teicheadh leis an áirdrígh.

5.2.1 A' Bhuain Obann

Tha sgoilearan air ùidh shònraichte a ghabhail anns an dàn seo air sgàth aon tèama a tha a' nochdadh ann. 'S e sin Miorbhail na Buana Obainne. Gun An Èipheit fhèin ainmeachadh tha an dàn a' toirt seachad iomradh air Marbhadh nan Neochiontach agus an Teicheadh dhan Èipheit agus na mìorbhailean a thachair air an t-slighe. Tha a' Bhuain Obann nam measg. Anns a' chaibideil seo bheirear seachad rannan bhon an eagan fhoillsichte, stèidhichte air Leabhar Uí Mhaine, ach ma tha Leabhar an Deadhain eadar-dhealaichte thèid am fiosrachadh sin a thoirt seachad cuideachd mar nota. Seo mar a tha a' Bhuain Obann air innse san dàn:

Ga iarraidh air muin Muire⁵⁵³
do-rinne an mac míorbhuile,
an taobh fhíorbhán fa fhearta⁵⁵⁴
'n-a míonghrán caomh chruithneachta⁵⁵⁵

[Iad] ga iarraidh is e air muin Moire
rinn am mac mìorbhail
an taobh fìor bhàn an dèidh mìorbhailean
na cruithneachd mhìn-ghràineach bhrèagha.

Innsidh is é gá ar⁵⁵⁶
fear a fhaicsin tre achadh⁵⁵⁷
an lásain tre lorg a mbonn⁵⁵⁸
fásaidh an colg 's an connall.⁵⁵⁹

Innsidh fear a bha ga threabhadh
mar a chunnaic e san achadh
an latha sin tro làrach nam bonn
fàsaidh an calg is an asbhuaín

'Tig an uairsin tres an ar⁵⁶⁰
muintear Ioruaith [ga] n-adhradh
gur⁵⁶¹ phrap soin do bás ga bhuain

Thig an uair sin tron phàirc
Muintir Herod gan leantainn
cho luath 's a bha iad ga bhuain

⁵⁵³ 'S e 'Lay za royve er mvn mvr' a tha aig Leabhar an Deadhain, i.e. Lá dha raibhe air muin Muir[e].

⁵⁵⁴ 'S e 'di Rynni^t in ley^t feir zlann firtti' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. do-rinne an laoch fìorghlan feartha.

⁵⁵⁵ 'S e 'di heil keil in croithnity' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. do shìol caol /thilgeil na? cruithneachta.

⁵⁵⁶ 'S e 'Innnis & ay gay ar' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. Innis agus é gá ar.

⁵⁵⁷ 'S e 'di chonnik gir ay sin nath' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. Do-chunnaicear / Do-chunnaic gur e? san ach[adh]. Tha Andrew Breeze a' moladh 'a faicsinn' (= a' faicinn Moire) an seo, 'The Instantaneous Harvest' *Ériu* 41 (1990), 85-86.

⁵⁵⁸ 'S e 'min tra sin er lorg a woonn' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. mun tráth sin air lorg a bhonn.

⁵⁵⁹ 'S e 'asse collg si connill' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. [f]ásaidh colg is connall.

⁵⁶⁰ 'S e 'hig in noyr sin treid in nar' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. Thig an uairsin tréd an ar.

⁵⁶¹ Tha Breeze a' moladh 'gér phrap'=(ged a bha e obann), 'The Instantaneous Harvest', 85-86.

ar bhfàs an oir re haonuair.

bha e air fàs suas a-rithist.

Chuir Coinneach Jackson air adhart ann an 1940 gum b' e na trì rannan seo gu h-àrd an eisimpleir a bu thràithe den mhìorbhail a leanas, seach gun do rinneadh an dàn san treas linn deug:

During the flight into Egypt, the Holy family passed by a field where a farmer was sowing his seed. The Virgin begged him to tell Herod's men, if they should come that way and ask whether he had seen them, that he did indeed notice them going by when he was sowing the field. The Family passed on, and the seed miraculously sprang up and ripened, so that when the pursuers came up shortly afterwards the farmer was already reaping the harvest. He was able to say quite truthfully just what he had been told to, and Herod's soldiers turned back again, since clearly it must have been many weeks ago that the fugitives went that way.⁵⁶²

Ghabh Jackson ris gum b' e Giolla Brighde Mac Con Midhe a rinn 'Fuigheall beannacht' agus mar sin gun do rinneadh an dàn san treas linn deug. Cho-dhùin e gun do sgaoil an sgeul a-mach bhon eaglais Cheiltich às dèidh dha na Ceiltich sgeul a ghlèidheadh a rinneadh an toiseach san Ear agus sin, 'having been taken into some Apocryphal book, known in Europe (perhaps chiefly in the Celtic church) in the Middle Ages but now lost would account for the legend.'⁵⁶³ Bhon uair sin choimhead Andrew Breeze air a' cheist seo a-rithist agus chuir e teagamh anns a' bheachd gun do rinneadh an dàn 'Fuigheall beannacht' anns an treas linn deug. Bha e den bheachd gun robh ceist an ùghdair cho mì-chinnteach gum bu chòir dhuinn an dàn a mheas 'as anonymous'.⁵⁶⁴ Mar sin, na bharail-san bha e a cheart cho dòcha gun do rinneadh an dàn sa cheathramh linn deug, uaireigin ro c.1372. Lorg e cuideachd fianais thràth bho dhùthchannan eile:

Since we can prove that the legend of the harvest was known before 1300 in England, France, Italy and Sweden, but cannot prove that the Irish poem pre-dates 1300, the Irish poem, far from representing a Celtic 'archaism', may well be no more than further testimony for the diffusion of the legend throughout western Europe from northern France.⁵⁶⁵

A bharrachd air sin chuir e an aghaidh na thuirt Jackson gun tàinig an sgeulachd às an Ear seach nach d' fhuair eadhon riamh fianais airson sin.⁵⁶⁶ Theagamh gu bheil Breeze ceart nach e Celtic 'archaism' a tha sa mhìorbhail seo ach mar a luaidh sinn gu h-àrd tha sgoilearan eile toilichte gu leòr gabhail ris gum b' e Giolla Brighde a rinn an dàn anns an

⁵⁶² Kenneth Jackson, 'Some Fresh Light on the Miracle of the Instantaneous Harvest', *Folklore* 51.3 (1940), 203.

⁵⁶³ Jackson, 'Some Fresh Light', 210.

⁵⁶⁴ Breeze, 'The Instantaneous Harvest', 86.

⁵⁶⁵ Breeze, 'The Instantaneous Harvest', 86.

⁵⁶⁶ Breeze, 'The Instantaneous Harvest', 92.

treas linn deug. 'S e a' bhuil ma ghabhas sinn ri sin gu bheil a' mhìorbhail a' nochdadh ann an litreachas Gaoidheilge a cheart cho tràth ri litreachas bho dhùthchannan eile. Fhuair *Coimisiún Béaloideas Éireann* an sgeul sa bheul-aithris ann an Co. Mhaigh Eo ann an 1930.⁵⁶⁷

Ged nach tèid agam air cur ris an deasbad sin mu phrìomh-thùs, thug mi an aire, mar a thug feadhainn eile,⁵⁶⁸ gu bheil mìorbhail a tha rudeigin coltach ri seo anns an *Leabhar Bhreac*⁵⁶⁹ (15mh Linn):

Dia mbátar didiu oc ímdeacht .i. Muiri & Ióseph, at-chít budin móir ina n-aigid d'iarraid Críst dia oirleach. Gabais trá omun mór Muiri co ndepert: "A meic", ol sí, "cid do-génium?" "A bandscál", ol sé, "abair is cruithnecht fil fort." Tánic in buiden iar sin cor fiarfaisset do Muiri: "Cid fil fort?" ol siat. "Cruitnecht", ol sí. "Ro-fhindfam-ni sin", ol siat, cor d'fhéich fer díb & is ed fuair grán cruitnechta fora muin. "Ní duine so", ol siat, "acht is cruitnecht." Lotar seci iarum do marbad cáich.⁵⁷⁰

Nuair a bha iad a' falbh, sin Moire is Iòsaph, chunnaic iad buidheann mhòr a' tighinn man coinneamh ag iarraidh Crìosd a mharbhadh. Le sin ghabh Moire an t-uabhas agus thuirt i, "A Mhic", ars ise, "Dè nì sinn?" "A bhoireannaich", ars esan, "abair gur e cruithneachd a tha ort." Thàinig a' bhuidheann an dèidh sin agus dh'fhaighnich iad do Mhoire, "Dè tha ort?", thuirt iad. "Cruitneachd", ars ise. "Gheibh sinn sin a-mach", thuirt iad, agus choimhead fear dhiubh agus b' e gràinnean cruithneachda a fhuair e air a muin. "Chan e duine a tha seo", thuirt iad, "ach 's e cruithneachd a th' ann." Chaidh iad seachad an dèidh sin gus feadhainn eile a mharbhadh.

Cha deach tùs na mìorbhaile seo aithneachadh agus i eadar-dhealaichte bho mhìorbhail na Buana Obainne.⁵⁷¹ Tha amharas agam gun robh a' mhìorbhail seo uaireigin bitheanta ann an diofar dhùthchannan Eòrpach sna meadhan-aoisean seach gun do lorg mi mìorbhail a tha air leth coltach ris ann am beul-aithris Shicily:

Quannu lu Re Eroì sinti' ca nasci' 'n autru Re cchiù suprajuri d'iddu, detti uòrdini d'ammazzallu. Ma dduoppu chi vitti ca nun si potti truvare, fici mettiri unapuocu d' uomini di guardia, e tutti ddi carusieddi nichi chi passavanu l'avianu a' mmazzari. Un journu di chisti passava la Bedda Matri, e comu vitti sti guardii si cunfusi. Lu Bamminieddu pi livàricci la cunfusione si fici rosi e xiuri, e mentri chi la Bedda Matri stava caminannu, li guardii cci dissiru: – "Chi purtati?", E la Bedda Matri cci rispunnì: – "Rosi e xiuri".

⁵⁶⁷ Seán Ó Súilleabháin, *Scéalta Cráibhtheacha* (Baile Átha Cliath: An Cumann le Béaloideas Éireann, 1952), 21-22 agus 285.

⁵⁶⁸ McNamara, 'General Introduction', 15 nota 2,

⁵⁶⁹ Baile Átha Cliath, RIA 23 P 16. Airson sgrìobhadair na làmh-sgrìobhainn seo faic Tomás Ó Concheanainn, 'The Scribe of the Leabhar Breac', *Ériu* 24 (1973), 64-79.

⁵⁷⁰ Martin McNamara et al. 'The Infancy Narrative of the Leabhar Breac and Related Manuscripts', ann am Martin McNamara et al. (deas.), *Apocrypha Hiberniae I. Evangelia Infantiae, Corpus Christianorum Series Apocryphorum* leabhraichean 13 & 14 (Turnhout: Brepols Publishers, 2001), Leabhar XIII, 397. Tha McNamara cuideachd a' sealltainn gu bheil an aon rosg ri fhaighinn ann an dà làmh-sgrìobhainn eile: Lunnainn, BL Egerton 1781 agus Baile Átha Cliath, RIA 23 E 29 (Leabhar Fhear Maighe). 'S ann sa chòigeamh linn deug a rinneadh an dà làmh-sgrìobhainn sin.

⁵⁷¹ McNamara, 'The Infancy Narrative', nota 129 air duilleag 396.

Allura, unu di ddi guardii, a lu vidi sti xiuri, si nni piglià' unu, e la Bedda Matri si nni ij'. Arrivannu a un certu signu, li rosi e xiuri divintaru arrieri Bamminieddu. La Bedda Matri s'addunà' ca cci inancava un jiditieddu; lu Bamminieddu vidiennu daccussì, si fici 'n' àutra vota rosi e xiuri, e la Bedda Matri turnà' 'n' àutra vota nni chiddi guardii diciènnucci: – “Pi carità, datimi lu xiuri, cà manzannò nunni li puozzu cumplimentari sti xiuri”. Unu di chiddi guardii cci dissi all' àutru: – “Dunaccillu, pirchè nu nn' hai chi fari”; e chiddu cci lu detti. La Bedda Matri ly ringrazia' e si nn' ij'; e li rosi e xiuri divintaru 'n' àutra vota Bamminieddu senza mancàricci cchiù nenti.⁵⁷²

Nuair a chuala an rìgh Herod gun do rugadh rìgh na bu mbotha na e fhèin, thug e seachad an t-òrdugh a mharbhadh; ach nuair a thuig e nach robh e furasta a lorg, sgaoil e beagan den na geàird aige feadh an àite. Bha aca ri gach pàiste a rachadh seachad a mharbhadh. Chaidh Moire seachad agus cho luath 's a chunnaic i na geàird ghabh i mòr-eagal. Ach gus a b-eagal lùghdachadh rinn an Leanaban dìthein is ròsan às fhèin agus fhad 's a bha a' Mhàthair Bhrèagha a' coiseachd seachad chuir na geàird ceist oirre, “Dè tha thu a' giùlan?” agus fhreagair ise iad, “Ròsan agus dìthein mar a chì sibh.” An uair sin, a' faicinn nan dìthean thog fear de na geàird dìthean bhon ultach, agus dh'fhalbh a' Mhàthair Bhrèagha. Nuair a ràinig iad àite [fad air falbh gu leòr] dh'atharraich na ròsan agus dìthein air ais dhan Leanaban. Thug a' Mhàthair Bhrèagha an aire gun robh corrag a dh'ath air. Nuair a chunnaic e seo rinn an Leanaban ròsan agus dìthein às fhèin uair eile, agus thill a' Mhàthair Bhrèagha air ais do na geàird agus thuirt i riutha, “Le ur toil, thoiribh air ais dhomb an dìthean sin, oir as aonais chan urrainn dhomb na dìthein seo a chrìochnachadh.” Thuirt fear de na geàird ris an fhear eile, “Thoir dhi e, chan eil feum agadsa air”, agus thug e dhi e. Thug a' Mhàthair Bhrèagha taing dha agus dh'fhalbh i; agus dh'atharraich na ròsan is dìthein uair eile dhan Leanaban gun sìon eile a dh'ath.⁵⁷³

Ged nach eil iad buileach co-ionnan tha an dà mhìorbhail seo anabarrach faisg air a chèile. Dh'fhaodadh e bhith gu bheil na h-aon fhreumhan aig mìorbhail an Leabhair Bhric agus aig a' mhìorbhail Eadailtich, ged nach deach sin ainmeachadh fhathast. 'S e an t-adhbhar a chaidh sùil a thoirt air na mìorbhailean seo ann an dòigh cho mionaideach gu bheil seòrsa de dh'amhras agam mun mhìorbhail ann am ‘Fuigheall beannacht’. Tha ceanglaichean aig ìre nam faclan a' toirt sanas dhuinn gum faodadh buntainneas air choreigin a bhith eadar an rosg seo bhon Leabhar Bhreac agus ‘Fuigheall beannacht’. Anns an rann gu h-àrd a tha a' tòiseachadh le ‘Ga iarraidh ar muin Muire’ nam b' urrainn dhuinn am facal ‘taobh’ san dàrna loidhne a thuigsinn mar thaobh bodhaige seach leathad dh'fhaodamaid an rann seo fhaicinn mar ghiorrachadh air a' mhìorbhail air an tug sinn sùil a tha san Leabhar Bhreac. Thug an Leanaban coltas na cruithneachda air a thaobh fìor gheal fhèin gus nach aithneachadh an nàimhdean e. Anns a' chlàr seo chithear far a bheil rosg an Leabhair Bhric agus an rann co-ionnan:

⁵⁷² Giuseppe Pitre (deas.), *Biblioteca delle Tradizioni Popolari Siciliane*, 25 leabhraichean (Palermo: Luigi Pedone Lauriel, 1870-1913), Leabhar XVIII (1888), 142-43. Gheibhear giorrachadh ann an Eadailtis aig Armida Roncari (deas.), *Prime Letture Per Stranieri* (Verona: Edizione Scholastiche Mondadori, 1958), 9.

⁵⁷³ Mo thaing do dh'Arabella Infantino bho Oilthigh Ghlaschu agus do Ghiovanni Giacoia a thug sùil air an eadar-theangachadh agam.

An Leabhar Breac	Fuigheall beannacht
d'iarraid Críst	ga iarraidh
fora muin	ar muin Muire
grán cruitnechta	míonghrán chaomh chruithneachta

Chan eil cinnt sam bith sa chùis seo ach feumar comharrachadh nach eil am fear a' bruidhinn ri muinntir Herod san dàn. An àite sin, mar a tha mi fhìn ga thuigsinn tha dà rud eile a' tachairt anns an ath dhà rann. Tha fireannach a' faicinn cruithneachd a' fàs bho làraichean-coise an Teaghlaich Naoimh ann am pàirc a tha e a' treabhadh agus an uair sin nuair a thig muinntir Herod tha a' chruithneachd a' fàs às ùr aon uair eile an dèidh dhaibh a buain (mar seòrsa de chnap-starra?). Mar sin, ma thèid gabhail ri seo dh'fhaodamaid trì mìorbhailean fa leth a thuigsinn anns na trì rannan fa leth.

Fiù mura tèid gabhail ris a' bheachd sin tha na trì rannan sin cudromach seach gu bheil iad a' dearbhadh gun robh deasbad air fìor làthaireachd corp an Tighearna neo ciall an Tabhartais a' toirt buaidh air litreachas Gaoidheilge. Tha e follaiseach gum bu chòir dhuinn an t-atharrachadh eadar cruithneachd agus Crìosd a thuigsinn mar shamhla den Tabhartas agus tha rosg an Leabhar Bhric soilleir air a' phuing. Aig deireadh na mìorbhaile gheibhear na leanas:

Conid aire sin admait-sium corp Críst do dénam don chruitnecht ó sin ille.
Is bés didiu oc Grégaib grán cruitnechta do hidpairt i fharrad áblainde.
Conid amlaid sin ro saertha mac Dé isin ló sin.⁵⁷⁴

Air an adhbhar sin tha iad ag aideachadh gu bheil corp Chrìosd air a dhèanamh de chruithneachd bhon uair sin. Cuideachd tha e na chleachdadh aig na Grengaich gràinnean cruithneachd a thairgsinn le tabhartas. San dòigh sin a shàbhaileadh mac Dhè air an latha sin.

Bha an cuspair na adhbhar connspaid aig dà àm shònraichte sna meadhan-aoisean. Ged a bha traidisean làidir de sgeulachdan is mìorbhailean mu Chorp Chrìosd anns na meadhan-aoisean tràth b' ann bhon aona linn deug a thòisich an deasbad ann an dà-rìreabh agus buaidh aig sin air traidisean nan exemplum gu sònraichte anns an dà linn às dèidh sin.⁵⁷⁵ Thuirt Miri Rubin, 'In the twelfth and thirteenth centuries the eucharist

⁵⁷⁴ McNamara, 'The Infancy Narrative', 399.

⁵⁷⁵ Rubin, *Corpus Christi*, 19 agus 116. Tha dàn Laidinn ann bho na meadhan-aoisean tràth air an Tabhartas a' nochdadh ann an eaglais Naomh Ninian mar an Leanaban dhan t-sagart Pleggils. An dàn ann an Ernestus Duemmler et al. (deas.) *Poetae Latina Aeva Carolini*, 4 leabhraichean (Berlin: Weidmannos, 1881-1923), Leabhar IV Facs. II & III, 957-59. Air seo faic Wilhelm Levison, 'An Eighth-century Poem on St. Ninian', *Antiquity* 14 (1940), 280-91. Chleachd Paschasius Radbertus a' mhìorbhail na obair *De corpore et sanguine Christi* (c.831x3), faic Rubin, *Corpus Christi*, 116. Chleachd am bàrd Echtgus Úa Cúanáin a' mhìorbhail na dhàn 'A dhuine nach creit iar cóir' faic A. G. van Hamel 'Poems from Brussels MS. 5100-4', *Revue Celtique* 37 (1917-19), 345-352; Gerard Murphy, 'Eleventh or Twelfth Century Irish Doctrine Concerning the Real Presence', J. Watt et al.

rises in importance'.⁵⁷⁶ Bhiodh sin a' freagairt air 'Fuigheall beannacht' glè mhath ma thèid gabhail ri Giolla Brighde mar ùghdar.

5.2.2 *Iaichim agus Gineamhainn gun Smal*

Tha seachd rannan anns an dàn air athair Moire, rannan 4 gu 10. Tha sgeul Iaichim rudeigin eadar-dhealaichte san dàn seach an àbhaist. Tha *Protoevangelium Sheumais* agus *Pseudo-Mata* ag innse sgeul Anna agus Iaichim cha mhòr san aon dòigh. B' e Anna a fhuair fuasgladh air a seasgachd tro ùrnaigh. Thàinig aingeal thuice a dh'innse dhi gum beireadh i leanabh agus fhuair Iaichim an aon teachdaireachd agus e dà fhichead latha san fhàsach a' fulang leis an tàmailt. Dh'iarr Iaichim air a bhuachaille deich uain, dusan laogh agus ceud meann a thrusadh mar thabhartas don Tighearna, na bochd, na cràbhaich agus mar sin air adhart.⁵⁷⁷ Tha e follaiseach anns na tùsan sin gur e teaghlach uasal a th' anna le goireasan gu leòr. Tha an dàn ag innse sgeul eile agus cha deach an tùs ainmeachadh fhathast.⁵⁷⁸ Anns an dàn chan eil ach aon bhò aig Iaichim agus thig 'naonbhar go néimh ghloin' (naoinear soilleir glan) ga ionnsaigh a dh'iarraidh na bà air latha samhraidh. Reic e a' bhò dhaibh agus fhuair e naoi beannachdan airson na bà. Tha an sgeulachd seo rudeigin coltach ri earrann bhon sgeulachd *Orgain Denna Ríg*. Nuair a bhios iad a' bruidhinn air an duine as fialaidh ann an Èirinn 's e gun do mharbh Labhraidh Loingseach a aon àigeach as t-earrach agus an aon bhò a bh' aige sa gheamhradh a tha dearbhadh gum b' e an duine as fialaidh.⁵⁷⁹ Mar sin am faodadh e bhith gun dearbhadh an sgeul seo mu Iaichim san dàn don luchd-èisteachd cho fialaidh 's a bha e? Chan eil e soilleir carson as e naoinear a thug dha na beannachdan a bharrachd. Mas e ainglean a th' anna dh'fhaodamaid ceangal aithneachadh ris na naoi ìrean de dh'ainglean⁵⁸⁰ neo fiù dìreach naoinear fhaicinn agus an naoi beannachdan mar shamhla airson naoi mìosan de leatrom. Tha an ceangal ri leatrom cudromach oir tha an dàn seo a' gabhail pàirt ann an deasbad mòr connspaideach eile sna meadhan-aoisean

(deas.), *Medieval Studies Presented to Aubrey Gwynn, S.J.* (Dublin: Colm O' Lochlainn, 1961), 19-28. Tha Elizabeth Boyle ag obair air Echtgus agus 's e *The Body and the Blood: Eucharistic Doctrine in Medieval Ireland* a bhios air an leabhar aice a tha ri thighinn. Mar a chunnaic sinn ann an Caibideil 3 tha dàn eile air a' chuspair 'Réatla na Cruinne Corp Críost' ri fhaighinn ann an Leabhar an Deadhain.

⁵⁷⁶ Rubin, *Corpus Christi*, 116.

⁵⁷⁷ J. K. Elliot, *The Apocryphal New Testament* (Oxford: Clarendon Press, 1993), 57-59 agus 88; Constantinus De Tischendorf, *Evangelia Apocrypha* (Lipsiae: Hermann Mendelssohn, 1876), 54-55.

⁵⁷⁸ McNamara, 'General Introduction', 14; O'Dwyer, *Mary*, 92.

⁵⁷⁹ David Greene (deas.), *Fingal Rónáin and Other Stories* (Dublin: DIAS, 1955), 19; Whitley Stokes, 'The Destruction of Dind Ríg', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 3 (1901), 1-14.

⁵⁸⁰ John Carey, 'Angelology in Saltair na Rann', *Celtica* 19 (1987), 1-8.

agus 's e sin An Gineamhainn gun Smal. Anns an dàn bheir an naoinear dha am beannachdan agus an uair sin cluinnear:

Iadhais a ucht umpa sain
téid 's a bhean leo sa leabaidh,
beantar ria sa leabaidh leis
mar do cheadaigh Dia an deighfheis.

*Phaisg e uchd umpasan
thèid e fhèin 's a bhean dhan leabaidh leotha
beantar dhi sa leabaidh leis
oir cheadaich Dia an deagh fheis.*

Teagmhaidh annsain – suairc an greim! –
Muire mhór do mhnaoi Iaichim;
deaghachain é ro b' é an fear⁵⁸¹
seanathair Dé fa dheireadh.

*Thig an sin – suairce an grèim! –
Moire mhòr do mhnaoi Iaichim;
deagh thachartas oir bha an duine
mar sheanair Dhè mu dheireadh*

Le bhith a' dol a-steach do chleamhnas Anna agus Iaichim ann an dòigh cho mionaideach dh'fhaodadh e bhith gu bheil am bàrd a' toirt seachad a bheachd air Gineamhainn Moire. Air an deasbad sin thuirt Jaroslav Pelikan:

The question of the immaculate conception of Mary was to linger throughout the Middle Ages and to erupt into open controversy in the twelfth and thirteenth centuries, without achieving definitive formulation until the nineteenth century.⁵⁸²

A-rithist bhiodh an treas linn deug a' freagairt glè mhath air 'Fuigheall beannacht'. Tha e rudeigin doirbh ge-tà aithneachadh dè an sealladh a th' aig an dàn air a' chùis. Bha Naomh Bernard à Clairvaux, Naomh Tòmas Aquinas agus eile gu mòr an aghaidh Gineamhainn gun Smal.⁵⁸³ Mar a thuirt Virginia Nixon, 'the proposal that Mary had been immaculately conceived had to confront the entrenched Augustinian notion of an ineluctable original sin transmitted through bodily sexual generation.'⁵⁸⁴ Thuirt Aquinas na leanas na *Summa Theologiae* (*Tertia Pars, quaest. 27, art. 2*)

Etsi parentes beatae Virginis fuerunt mundati a peccato originali, nihilominus beata Virgo contraxit peccatum originale, cum fuerit concepta secundum carnis concupiscentiam et ex commixtione maris et feminae: dicit enim Augustinus, Omnem quae de concubitu nascitur, carnem esse peccati.⁵⁸⁵

⁵⁸¹ 'S e 'Dey hea^t nayss di be a heyg' a th' aig Leabhar an Deadhain an seo, i.e. 'Deagh fhiadhnuis do b' é a?'.

⁵⁸² Jaroslav Pelikan, *The Christian Tradition: A History of the Development of Doctrine*, 5 leabhraichean (Chicago: Chicago University Press, 1971-89), Leabhar III, 72.

⁵⁸³ Warner, *Alone of All Her Sex*, 240; Graef, *Mary*, 235-36.

⁵⁸⁴ Nixon, *Mary's Mother*, 14.

⁵⁸⁵ St Thomas Aquinas, Thomas Gilby et al. (deas.), *Summa Theologiae*, 61 leabhraichean (New York: Blackfriars, 1964-1981), Leabhar LI, 14-15 Laideann agus Beurla. Seo air a luaidh aig Nixon, *Mary's Mother*, 14.

Fiù nan robh pàrantan na b-Òighe Beannaichte air an glanadh bho pheacadh-gine bha Moire air a ghlacadh seach gun do ghineadh i ann am miann na feòla agus cleambnas fir is mnàtha, mar a thuirt Augustine tha gach fèidil a rugadh bho chleambnas peacach.

A rèir Nixon bhiodh sgrìobhadairean a bha an aghaidh Gineamhainn gun Smal tric a' dèanamh luaidh air feise Anna agus Iaichim.⁵⁸⁶ Cha b' urrainn do chuid gabhail ris gun robh peacadh-gine aig màthair Dhè ach do chuid eile mura robh peacadh-gine aice cha bhiodh feum aice air saoradh is cha bhiodh Crìosd air a' chinne-daonna air fad a shàbhaladh. Chaidh ceistean fhaighneachd cuideachd mu cuin dìreach a chaidh Moire a ghlanadh bho pheacadh-gine.⁵⁸⁷ Bha Aquinas mar eisimpleir den bheachd gun do ghineadh i ann am peacadh ach gun deach a ghlanadh air falbh mus do rugadh i. Thuirt Duns Scotus (bàs 1308) gur ann aig Dia a-mhàin a bha fios cuin ach 'si auctoritati Ecclesiae vel auctoritati Scripturae non repugnet, videtur probabile quod excellentius est, attribuere Mariae,' (*mura bheil ùghdarras na b-Eaglaise neo ùghdarras Sgrìobtair a' cur na aghaidh tha e coltach gum bu chòir an rud as barraichte a chur as leth Moire*) a' ciallachadh nach robh peacadh-gine riamh aice.⁵⁸⁸ Leis gu bheil an dàn ag ràdh gun do cheadaich Dia 'an deighfheis' dh'fhaodadh sin bhith a' ciallachadh nach robh peacadh-gine an làthair. 'S e tha soilleir gu bheil an dàn a' nochdadh sgeul dhuinn a tha mar phàirt den deasbad sin.

5.2.3 Breith Ìosa agus Na Trì Rìghrean

Bheirear sùil a-nis air ceangal eile a dh'fhaodadh a bhith ann eadar an dàn seo agus rosg sgrìobhte. Tha an dàn a' toirt seachad beagan air iongnaidhean oidhche bhreith Chrìosd ged nach eil iomradh air seachd iongnaidhean deug.⁵⁸⁹ Tha rann ann a tha a' mìneachadh ciall thabhartasan nan Trì Rìghrean cuideachd:

Tùis dó ar a dhiadhacht – dail ghlan –
ór ar a ríoghacht rugadh
a linn noch a tráigh re tart⁵⁹⁰
mirr n-a dháil ar a dhaonnacht.

Tùis dba airson a dhiadhacht – duais uasal –
òr airson a rìoghalachd a rugadh
a linne nach tràigh ri tart
mirr mar dhuais air a dhaonnacht.

⁵⁸⁶ Nixon, *Mary's Mother*, 16.

⁵⁸⁷ Air seo faic Richard Bauckham, 'The Origins and Growth of Western Mariology', ann an David F. Wright (deas.), *Chosen by God: Mary in Evangelical Perspective* (London: Marshall Pickering, 1989), 152-58.

⁵⁸⁸ Allan B. Wolter (eadar-theang.), John Duns Scotus *Four Questions on Mary* (St. Bonaventure, New York: The Franciscan Institute, 2000), duilleag 12, nota 12.

⁵⁸⁹ Air a' chuspair sin faic Brian Ó Cuív, 'The Seventeen Wonders of the Night of Christ's Birth', *Éigse* 6 (1948-1952), 116-26.

⁵⁹⁰ 'S e 'Si linn na^t de rae re tart' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. 'S a linn nach do thráigh re tart.

A-rithist dh'fhaodamaid ceangal aithneachadh eadar an rann seo agus rosg bhon Leabhar Bhreac. Mar phàirt den rosg air na Seachd Iongnaidhean Deug gheibhear na leanas:

In .xiii. ingnadh .i. in rédla rígha do breith eólais dona druídib tancutar la hascadaib do Críst .i. ór & túiss & mirr. Iespar, Melcisar, Balcisár a n-anmanna na ndruad sin. Is ed trá ro tuiced asna hascadaib sin, .i. ór ar a rígdacht. Is aire tuctha túis ar a dhiadacht, mirr ar a doenacht.⁵⁹¹

An treas iongnadh deug, sin gun tug reul rìoghail brath do na draoidhean a thàinig le tiodhlacan do Chrìosd. 'S e sin òr agus tùis agus mirr. Iespar, Melcisar, Balcisár na h-ainmean a bh' air na draoidhean sin. B' e chaidh tuigsinn bho na tiodhlacan sin, òr airson a rìoghalachd, tùis airson a dhiadhabhd, agus mirr airson a dhaonnachd.

Mar sin, am faodadh e bhith gu bheil an rann stèidhichte air an rosg seo a tha sa Leabhar Bhreac? Ma tha sin fìor 's dòcha gum b' e a' bhuil a thàinig bho bhith a' feuchainn ris an rosg a lùbadh a-steach do rann a dh'fhàg a' mheadarachd car lapach. Ann an searmon anns an Leabhar Bhreac airson Latha Fhèill nan Trì Rìghrean (6mh den Fhaoilleach) tha mìneachadh a bharrachd air carson a thuigeamaid na tiodhlacan san dòigh sin:

O ro-oslaisset a n-árccu, tucsat na trì máine-sea dó .i. ór & tuss & mirr. Ór do, a dualcus a rígdatta, uair doróisce in t-ór cech tinde, amal doróisce in rig inna huli; — túis imorro dó, a dualcus a diadachta, uair athasnaid a de-side iar n-a hadandad i n-uaislib nime: cubaid sin fri huaisle na deachta; — mirr din dó, a dualcus a doenachta, uair is gnáth mirr do thabairt im chorpaid dóine i n-ádnocul, co n-id maillite thinaid, amal do-ratad iar-tain im a chorp-som fén.⁵⁹²

Nuair a dh'fhosgail iad an cistean, thug iad trì ulaidhean dha, sin òr agus tùis agus mirr. Òr dha air sgàth a rìoghalachd, oir tha òr a' toirt bàrr air gach meatailt, mar a tha an Rìgh os cionn nan uile; tùis dha, air sgàth a dhiadhabhd, oir thèid a ceò suas an dèidh a losgadh gu àirdean nèimh, cumaidh sin ri uaisle na Diadhabhd; mirr air sgàth a dhaonnachd, oir tha e na chleachdadh mirr a chur mu chorp duine aig adblaiseadh, gus an crìon iad nas maille, dìreach mar a rinneadh do chorp Chrìosd fhèin.

Feumar aithneachadh nach e an Leabhar Breac an t-aon àite anns am faighear meòrachadh air a' chuspair ge-tà. Tha *De Epiphania Domini* anns na *Legenda Aurea* mar eisimpleir a' toirt seachad mìneachadh neo dhà air carson a thug iad seachad òr, tùis agus mirr, nam measg 'tria ergo in Christo intimatur regia potestas, divina majestas et humana mortalitas.' (Na trì mar sin a' ciallachadh cumbachd rìoghail, mòrachd dhiadhabhd, agus

⁵⁹¹ Ó Cuív, 'The Seventeen Wonders', 118; Martin McNamara, 'Hiberno-Latin Texts on the Wonders at Christ's Birth', ann am Martin McNamara et al. (deas.), *Apocrypha Hiberniae I. Evangelia Infantiae, Corpus Christianorum Series Apocryphorum* leabhraichean 13 & 14 (Turnhout: Brepols Publishers, 2001), Leabhar XIV, 586-87.

⁵⁹² Atkinson, *The Passions and the Homilies*, an teacs air duilleag 237 agus eadar-theangachadh gu Beurla air 474.

bàsmhorachd dhaonna).⁵⁹³ Mar sin, dh'fhaodte nach fheum sinn rosg an Leabhair Bhric fhèin ainmeachadh. Ach tha seo a' togail cheistean mu thùsan agus adhbhar na bàrdachd. Anns an treas caibideil rinneadh iomradh air an liut a bh' aig na bàird air mìorbhail air fad neo tèama a lùbadh a-steach ann an rann a-mhàin. A dh'aindeoin inbhe na rainn-sa 's e eisimpleir mhath a tha seo. Nuair a sgrìobh Colmán Ó Clabaigh air a' bhàrdachd aig Philip Bocht Ó hUiginn thuirt e mu na dàin:

These show a remarkable openness to wider cultural and devotional influences, as well as a confidence in and mastery of the conventions of the native bardic tradition. It is likely that these compositions were used during sermons, as accounts of the preaching of Friars Eoghan O' Duffy (d.1590) and Philip O'Daly (d.1565) suggest.⁵⁹⁴

Lorg Ó Clabaigh iomradh air searmonachadh an dithis sin, 'O'Duffy provided a verse summary at the end of each sermon, while O' Daly recited verses in honour of the Virgin Mary'.⁵⁹⁵ Ged nach urrainn dhuinn a bhith cinnteach dè seòrsa bàrdachd a tha ri thuigsinn bho seo fhathast 's e fianais mhath a th' ann air feadhainn a' dèanamh giorrachadh air searmoin ann am bàrdachd. Leis an dlùth chàirdeas a tha sinn air faicinn eadar an dàn seo agus an Leabhar Breac saoilidh mi gum bu chòir dhuinn a' cheist fhaighneachd an e an aon rud a tha sinn a' faicinn.

5.2.4 Griogair

Tha traidisean annasach mu Ghriogair ann am 'Fuigheall beannacht' a tha ga riochdachadh mar neach-dìon Chrìosd aig àm Herod. Tha fhios gum biodh e air còrdadh ri Griogaraich Fhàirtirchill ionnsachadh gun robh sinnsear cliùiteach aca. Tha na rannan ag ràdh gum b' e 'dalta Ioruaith na n-óirbheann' a bh' ann. 'S e 'dalti irroë woe ny noir faale' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. 'dalta Ioruaith na n-óirbhéal' a th' aig Leabhar an Deadhain.⁵⁹⁶ Tha mi an dùil gu bheil 'na n-óirbheann' (nan adharcan òr) a' tarraing air crùn òr ach tha e na chùis-ùidh 'óirbhéal' fhaicinn ann an Leabhar an Deadhain agus ma ghabhas sinn ri sin mar far-ainm Ghriogair is chan e Herod tha ceangal an sin ris a' chleachdadh Èireannach 'Grioghoir Béil Óir' a thoirt air Naomh

⁵⁹³ a Voragine (Graesse), *Legenda Aurea*, 93 agus eadar-theangachadh Beurla aig de Voragine (Ryan), *The Golden Legend*, 83. Tha an tèama a' nochdadh anns na rannan aig a' bhàrd Shasannach John Lydgate (bàs c. 1450), faic Joseph A. Lauritis (deas.), *A Critical Edition of John Lydgate's Life of Our Lady* (Pittsburgh: Duquesne University, 1961), 154-55.

⁵⁹⁴ Colmán N. Ó Clabaigh OSB, *The Franciscans in Ireland, 1400-1534* (Dublin: Four Courts Press, 2002), 115.

⁵⁹⁵ Ó Clabaigh, *The Franciscans*, duilleag 115, nota 71.

⁵⁹⁶ 'S dòcha nach e 'béal' idir a th' ann am *faale*, ge-tà, oir 's e 'mac Ioruaidh na noir phioll' a th' aig RIA 23 l 40. Mar sin dh'fhaodte *nam peall òr*?

Pàpa Griogair Mòr (c. 540-604).⁵⁹⁷ Chan e seo an aon tùs Gaoidheilge a tha a' dèanamh ceangal eadar fear air a bheil Griogair agus Herod. Anns an dàn 'Mac at-cuala is domain tair' (12na Linn) 's e fear air a bheil Griogair a bhios a' comhairleachadh do Herod cur às do Ìosa ach thèid iompachadh nuair a chluinneas e seinn nan ainglean.⁵⁹⁸ 'S e *Armiger* a tha na mhac do Herod a bhios a' comhairleachadh dha cur às do Chrìosd ann an dealbh-chluich Frangach bhon aona linn deug.⁵⁹⁹ Ach chan eil e cinnteach carson a tha tùsan Gaoidheilge a' toirt Griogair air an duine seo. Ann am 'Fuigheall beannacht' thèid Griogair iompachadh an dèidh dha an Leanaban fhaicinn. Ann am 'Fuigheall beannacht' agus ann am 'Mac at-cuala' thèid Griogair dhan Ròimh. Tha 'Mac at-cuala' a' dèanamh iomradh air a' Ghriogair seo a bha beò ri linn Herod ach an uair sin a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar e fhèin is Naomh Griogair Mòr.⁶⁰⁰ Tha 'Fuigheall beannacht' air an làimh eile ag innse 'Grioghair sa Roimh re seal sain, fear ionaidh Póil is Peadair'⁶⁰¹ (Griogair anns an Ròimh, fear-ionaid Phòil is Pheadair). Thathar air seo a thuigsinn anns an t-seagh gun robh Griogair bho àm Herod an uair sin san Ròimh nuair a bha Peadar is Pòl ann. Thuirt Ó Cuív na leanas mu Ghriogair ann am 'Fuigheall beannacht':

There appears to be a hint of doubt in the phrase *más fír don canóin* ('if the sacred tradition can be believed') in the last of the four quatrains where it is said that Gregory went to Rome in the time of Peter and Paul. Perhaps Giolla Brighde saw the obvious contradiction in the claim that someone who was a grown man at the time of Christ's birth had survived Peter who died in A.D. 69. Our poet avoided this chronological difficulty.⁶⁰²

Mar a chunnaic sinn tha 'Mac at-cuala' a' dèanamh iomradh air Griogair a bha beò aig àm Herod, is a bha na aba san Ròimh fada ro àm Pheadair, agus Griogair Mòr. A bheil 'Fuigheall beannacht' a' cur an dithis Ghriogair seo am measg a chèile? Tha e a rèir mar a thuigeas sinn 're seal sain'. A bheil sin a' ciallachadh 'san àm aig Peadar agus Pòl' neo dìreach 'fad treiseig air leth'.⁶⁰³ Ma ghabhas sinn ri 'fad treiseig air leth' 's dòcha gu bheil

⁵⁹⁷ J. Vendryes, 'Betha Grighora', *Revue Celtique* 42 (1925), 123; P. Grosjean, 'Quelques Textes Irlandais sur Saint Grégoire Le Grand', *Revue Celtique* 46 (1929), 225.

⁵⁹⁸ Brian Ó Cuív, 'St Gregory and St Dunstan in a Middle-Irish Poem on the Origins of Liturgical Chant' ann an Nigel Ramsey, Margaret Sparks agus Tim Tatton-Brown (deas.), *St Dunstan: His Life, Times and Cult* (Woodbridge: The Boydell Press, 1992), 291; Ó Cuív, 'A Thirteenth-Century Irish Poem', 497-98; McNamara, 'General Introduction', 15.

⁵⁹⁹ Roscoe E. Parker, 'The Reputation of Herod in Early English Literature', *Speculum* 8 (1933), 62-63; E. K. Chambers, *The Mediaeval Stage*, 2 leabhar (Oxford: Oxford University Press, 1903), Leabhar II, 48.

⁶⁰⁰ Ó Cuív, 'St Gregory', 275.

⁶⁰¹ 'S e 'Greor sin royve shalli or senn far innit foyle is pheddir' a th' aig Leabhar an Deadhain. Chan eil mi buileach a' tuigsinn 'shalli or senn' ge-tà.

⁶⁰² Ó Cuív, 'St Gregory', 283.

⁶⁰³ 'S e 're seal sin' a th' aig Leabhar Uí Mhaine; 'seal mur soinn' aig Leabhar Uí Chonchubhair Dhuinn; 'seal mar s[]' aig 72.2.14,

an dàn a-mach air Griogair Mòr. Dh'fhaodadh dreach Leabhar an Deadhain le iomradh air 'Griogair Béal Óir' a bhith ga thuigsinn san dòigh sin co-dhiù.

'S e eisimpleir mhath a tha seo den nàdar 'eclectic' a bh' aig litreachas diadhaidh air an tug sinn iomradh ann an Caibideil 3. Tha dealbhan-cluiche meadhan-aoiseach à diofar dhùthchannan Eòrpach feumail dhuinn mar eisimpleir de litreachas eile a bhios tric a' cur ri sgeulachd a' Bhìobaill. Coltach ris na dealbhan-cluiche thathar a' smaoineachadh gun deach na dàin a libhrigeadh gu poblach agus dh'fhaodte gum biodh beagan de na chaidh a sgrìobhadh air na dealbhan-cluiche feumail do sgoilearan na bàrdachd seo.⁶⁰⁴ Mar eisimpleir, thuirt John. C. Coldewey na leanas:

While the biblical subject matter of medieval plays would seem to insist on a certain instructive coherence of meaning, we also know that the plays resonated within an elaborate cultural surround, that they achieved larger meanings for that culture.⁶⁰⁵

Tha Coldewey a' moladh gabhail ris gu bheil 'divergent, unruly narrative' anns na dealbhan-cluich a' toirt beatha ùr do sgeulachdan a' Bhìobaill agus aig an aon àm a' daingneachadh an ciall.⁶⁰⁶ Mar sin, a bheil an t-iomradh air Griogair ann am 'Fuigheall beannacht' ag innse rudeigin dhuinn mu 'cultural surround' a' bhàird? 'S urrainn dhuinn a ràdh gun robh Naomh (Pàpa) Griogair Mòr (c. 540-604) gu sònraichte cudromach do na Gàidheil sna meadhan-aoisean, co-dhiù Gàidheil na h-Èireann.⁶⁰⁷ Ann am 'Mac at-cuala' 's e 'Griogair do Gaedelaibh' a th' air agus bha traidisean làidir ann an tùsan Gaoidheilge gum b' e Èireannach a bh' ann an Griogair Mòr.⁶⁰⁸ Mar eisimpleir, gheibhear 'Griogair immorro do feraibh Erend ar mbunadas, & bá do deisceirt Erend é .i. do Chorco Duibhne.' ann an Lunnainn, BL LS Egerton 91 (15mh Linn)⁶⁰⁹ (*Bhuineadh Griogair do dh'fhearaibh na h-Èireann bho thùs, b' ann do thaobh a deas na h-Èireann a bhuineadh e, do Chorca Dhuibhne*). Air adhbhar air choreigin b' e caractar a bh' ann an Griogair ris an robh iomadh sgeul ceangailte sna meadhan-aoisean. Bha traidisean air leth cumanta air feadh na h-Eòrpa sna meadhan-aoisean a thuirt gun do rugadh Griogair do bhràthair is

⁶⁰⁴ Tha Kaarina Hollo a' moladh dealbhan-cluiche fhaicinn mar phàirt den cho-theacs aig Caoineadh Mhàthraichean nan Neochiontach anns an Leabhar Bhreac, faic 'Laments and Lamenting in Early Medieval Ireland', ann an Helen Fulton (deas.), *Medieval Celtic Literature and Society* (Dublin: Four Courts Press, 2005), 83-94.

⁶⁰⁵ John C. Coldewey, 'Thrice-Told Tales: Renegotiating Early English Drama', ann an Sydney Higgins (deas.), *European Medieval Drama 1 (1997)* (Turnhout: Brepols, 1997), 21.

⁶⁰⁶ Coldewey, 'Thrice-Told Tales', 26-29.

⁶⁰⁷ Bha an t-uabhas sgeulachdan ga cheangal ri Èirinn. A bharrachd air na tha ann an nota 597 gu h-àrd faic cuideachd Paul Grosjean, 'Textes Irlandais sur Saint Grégoire Le Grand', *Revue Celtique* 49 (1932), 182-88 agus Paul Grosjean, 'Notes d'Hagiographie Celtique', *Analecta Bollandiana* 61 (1943), 91-107; Flower, *Catalogue of Irish Manuscripts in the British Museum*, Leabhar II, 442-43.

⁶⁰⁸ Farmer, *Oxford Dictionary of Saints*, 231.

⁶⁰⁹ Grosjean, 'Quelques Textes', 247;

piuthar. Nuair a rugadh e chuir iad an leanabh a-mach air a' mhuir. Thàinig e beò à sin agus an dèidh ùine is e na inbheach dh'fhalbh e gu dùthaich a mhàthar agus gun fhiosta dhaibh phòs Griogair agus a mhàthair. Nuair a fhuair Griogair a-mach dè bh' air tachairt chaidh e a dh'fhuireach na dhithreabhach air creag-mhara mar pheanas. Chaidh an uair sin a ghairm gu bhith na Phàpa san Ròimh. Chaidh Gaoidhealg a chur air an sgeulachd seo sa chòigeamh neo san t-siathamh linn deug.⁶¹⁰

Bha cuideachd sgeulachd eile ceangailte ri Griogair a bha mar mhineachadh air *St. Gregory's Trental*. 'S e sin an sgeulachd gun do nochd boireannach (neo a mhàthair) do Ghriogair mar thaibhse. Tha i a' fulang gu dona ann am Purgadair seach gun robh leanabh-diolain aice a mharbh i air sgàth nàire agus chaochail i gun a peacadh aideachadh. Tha i ag iarraidh air Griogair deich aifreann fichead a leughadh gus am faigh i sìth.⁶¹¹ Gheibhear an sgeulachd seo co-dhiù cho tràth ris an treas linn deug.⁶¹² Rachadh na h-aifrinnean a chumail, dhaibhsan a bha a' fulang ann am Purgadair, trì tursan air na deich làithean-fèille a bu mhotha aig Crìosd is Moire: an Nollaig, Latha Fhèill Moire nan Coinneal, Latha Fhèill nan Trì Rìghrean, Latha Fhèill Moire na Teachdaireachd (Sgeul an Aingil), a' Chàisg, Deasghabhail, Caingis, Trianaid, Latha Fhèill Moire (Gabhail do Nèamh) agus Latha Breith na h-Òighe. Tha Ryan a' cur air adhart gur e *Trental Naomh Ghriogair* a tha a' togail ceann ann am *Betha Colaim Chille* aig Manus Ó Domhnaill.⁶¹³

Thèid againn air aithneachadh gu bheil an Griogair a bhios a' nochdadh ann am 'Fuigheall beannacht' nas fhaisge air a' Ghriogair anns an dàn 'Mac at-chuala' a rinneadh san 12na Linn seach an Griogair a chunnacas bhon iomadh traidisean eile. Uair eile mar sin tha seo a' toirt taic dhan an treas linn deug airson 'Fuigheall beannacht'. Tha sinn cuideachd air coimeas aithghearr a dhèanamh an seo eadar an dàn agus dealbhan-cluiche nam meadhan-aoisean bho dhùthchannan eile. Mhol mi ann an Caibideil 3 gum feumamaid litreachas a bha na bu choltaiche ris a' bhàrdachd a lorg gus breithneachadh ceart a dhèanamh air. Tha e coltach gu bheil an aon seòrsa spàirn ri fhaicinn gus an creideamh a dhèanamh beò do dhaoine anns an dà sheòrsa litreachais sin. Tha fhios gu bheil sgeul Ghriogair ann am 'Fuigheall beannacht' a' toirt dhuinn sealladh air miann an creideamh a dhèanamh pearsanta do na Gàidheil, mar a chunnaic sinn roimhe le Mogh Ruith. Ach chan eil am miann sin air a leasachadh gu ìre mhòr sam bith ann am 'Fuigheall beannacht'; chan eil e ag ainmeachadh nan Gàidheal. 'S e prìomh amas an sgeòil cur ri cliù Ghriogair Mhòir agus cur ri iongantas an luchd-èisteachd mu Chrìosd.

⁶¹⁰ Sheila Falconer, 'An Irish Translation of the Gregory Legend', *Celtica* 4 (1959), 52-95.

⁶¹¹ Duffy, *The Stripping of the Altars*, 370-71.

⁶¹² Richard Pfaff, 'The English Devotion of St. Gregory's Trental', *Speculum* 49 (1974), 77.

⁶¹³ Ryan, 'Windows', 8-10.

5.3 Moire ann am 'Fuigheall beannacht'

Tha ciad loidhne an dàin na chùis-ùidh ann fhèin. Chan ann tric idir a bhios Moire a' nochdadh sa Bhìoball agus uaireannan nuair a bhios i a' nochdadh chan e moladh a bhios ann an-còmhnaidh. Ann an Lucas 11: 27-28 nuair a tha Ìosa air bruidhinn ri sluagh:

Agus an uair a bha e labhairt nan nithean seo, thog bean àraidh den t-sluagh a guth, agus thuirt i ris, Is beannaichte a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheoghail thu. Ach thuirt esan, Is mò gur beannaichte iadsan a dh'èistean ri facal Dhè, agus a choimheadas e.

Mar sin bha facal Chrìosd fhèin anns an t-Soisgeil a rèir Lucais a' cronachadh boireannach a thuirt gur beannaichte a' bhrù. Ach 's e beannachadh Elisbet do Mhoire 'Is beannaichte thu am measg bhan agus *is beannaichte torradh do bhronn*. (Lucas 1:42). Tha *fuigheall*⁶¹⁴ ann fhèin a' ciallachadh *còrr* neo *na thàinig às* agus mar sin dh'fhaodadh e bhith gu bheil an dàn a' togail air faclan Elisabet. Bha na faclan sin air fàs glè chumanta seach gun deach an cur ri beannachadh Ghabriel 'Fàilte dhut, O thusa dan do nochdadh mòr deagh-ghean, tha an Tighearna maille riut: is beannaichte thu am measg bhan' (Lucas 1: 28) mar *Bheannachadh Moire*. B' e Peadar Damian (bàs 1072) a mhol seo mar ùrnaigh agus ro dheireadh an 12na linn bha an eaglais a' brosnachadh do dhaoine a dhèanamh.⁶¹⁵ Mar sin, is dòcha gu bheil làrach chleachdaidhean cràbhach air an dàn seo.

Tha an dàn a' dèanamh iomradh air Gineamhainn Moire, Sgeul an Aingil do Mhoire,⁶¹⁶ Breith Ìosa, Na Trì Rìghrean agus an Teicheadh don Èipheit agus na mìorbhailean a thachair air an t-slighe. Ann an aon seagh tha e coltach ri eachdraidh a' chiad leth de bheatha na h-Òighe. Ach chan eil iomradh sam bith air leanabachd Moire fhèin, Ìosaph neo Elisabet. Ma ghabhas sinn ris gun do rinneadh an dàn san treas linn deug le companach do Mhuireadhach Albannach tha na dàin gu math eadar-dhealaichte bho chèile. Chan eil an aon chuideam ga cur air bòidhchead neo màthaireachd na h-Òighe. Tha ìomhaigheachd againn uair eile ge-tà airson na Trianaid na broinn 'trí h-

⁶¹⁴ B' e *fuidheall* a bha a' ciallachadh *còrr/na thàinig às* agus *fuigheall* a' ciallachadh *gairm/brath* ach bhathar tric anns na meadhan-aoisean a' cleachdadh *fuigheall* airson an dà bhrìgh. Air sàillibh sin agus gu bheil cha mhòr a h-uile sgoilear air *fuigheall* a chleachdadh agus iad a' sgrìobhadh air an dàn seo dh'fhàg mi sin ann. Airson eachdraidh nam faclan faic eDIL aig <http://www.dil.ie/> (An Dùbhlachd 2010).

⁶¹⁵ Warner, *Alone of All Her Sex*, 306.

⁶¹⁶ Tha an rann air sin ag ràdh gun do ghabh Moire na cridhe an dèidh do Ghabriel sanas a thoirt dhi. Thuirt O'Dwyer, *Mary*, 92 gun robh seo a' cuimhneachadh dha *prius mente quam ventre* (an toiseach na h-inntinn is an uair sin na broinn) aig Augustine. 'S dòcha gu bheil na thuirt Alberts Magnus anns an treas linn deug feumail cuideachd ge-tà. Airson Albertus bha Moire mar mhàthair spioradail dhuinn leis gun do ghabh i sinne na cridhe nuair a ghabh i am facal na broinn, faic Graef, *Mary*, 277.

aoibhlibh ro ursaing' (*na trì èibhlean a dheàlraich*) agus tha dleastanas Moire glè shoilleir a-rithist. Tha an dàn ag innse, anns an treas rann, gu bheil an 'sgéal' a gheibh sinn anns an dàn a' mìneachadh mar a fhuair Moire 'móircheannacht' (a mòr-chumhachd) agus tha aon sgeul apocraphach eile ga innse mar inntrigedh dhan athchuinge phearsanta a gheibhear an deireadh an dàin. 'S e Mìorbhail na Craoibhe an sgeul apocraphach mu dheireadh a tha air innse san dàn. Bha an sgeul sin air leth cumanta agus ri fhaighinn ann an *Pseudo-Mata* (550 x 700) a rinn leudachadh air an Teicheadh don Èipheit.⁶¹⁷ Anns an sgeul bidh sùil Moire a' laighe air measan ann an craoibh-phailm agus ged a chanas Iòsaph rithe nach fhaigh iad thuca leis gu bheil a' chraobh cho àrd bheir Iosa air a' chraobh a geugan ìsleachadh dhi. Gheibhear Mìorbhail na Craoibhe ann an iomadh àite eadar *Timna Muire*⁶¹⁸ agus an *Leabhar Breac*⁶¹⁹ agus fhuair *Coimisiún Béaloideas Éireann* an sgeul-sa chuideachd sa bheul-aithris ann an Co. Mhaigh Eo sna 1930an.⁶²⁰ Mhothaich O'Dwyer dhan cheangal eadar deireadh Mìorbhail na Craoibhe agus athchuinge phearsanta a' bhàird.⁶²¹ Tha a' chraobh a' dìreadh air ais suas agus tha am bàrd a' guidhe do Mhoire gun tèid e fhèin a dhìreadh a Nèamh.⁶²²

Tha dian-eagal air a' bhàrd ro Ifrinn agus tha dealbh fìor lèirsinneach air pianadh Ifrinne ga thoirt dhuinn. 'Gráin liom do losgadh m' anma'⁶²³ (*Oillt orm gun losgadh m' anam*) agus 'mé agus teine ar mo theangaidh'⁶²⁴ (*mi agus teine air mo theanga*). Tha an t-eagal mu theanga mar sealladh air Ifrinn anns am faigh gach duine fa leth pianadh a rèir a pheacaidhean fhèin samhail *Visio Tnugdali*. Rinneadh *Visio Tnugdali* sa Ghearmailt, ach ann an co-theacs Éireannach, mu 1149 agus anns an obair sin bidh daoine a bha ri glutaireachd gam bruich ann an taigh mòr coltach ri àmhainn agus feadhainn a bha ri drùisealachd a' breith nathraichean a bheir ionnsaigh orra.⁶²⁵ Tha earrann ann an *Timna Muire* cuideachd a tha na thaic dhuinn ann a bhith a' tuigsinn eagal a' bhàird mu theanga. Anns an earrann seo tha Crìosd, Moire agus na h-abstoil air turas a dh'Ifrinn:

⁶¹⁷ Air *Pseudo-Mata* faic Clayton, *The Apocryphal Gospels of Mary*, 18. Airson Mìorbhail na Craoibhe ann an *Pseudo-Mata* faic De Tischendorf, *Evangelia Apocrypha*, 87-88.

⁶¹⁸ Donahue, *The Testament of Mary*, 28-31.

⁶¹⁹ MacNamara, 'The Infancy Narrative', 400-05.

⁶²⁰ Ó Súilleabháin, *Scéalta Cráibhtheacha*, 4-5 agus 282.

⁶²¹ O' Dwyer, *Mary*, 92. Tha seo cuideachd rudeigin coltach ris a' phàtran a tha Ryan a' faicinn anns na dàin nas anmoiche (*articulus gu documenta gu actus conformacionis-oratio*), 'Windows', 13.

⁶²² Chan eil an rann sin, 'Dírgheadh mise máthair Dé' ann an dàn Leabhar an Deadhain.

⁶²³ 'S e 'Goyss lamm er losgi manmith' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. Guais liom ar losgadh m'anmna.

⁶²⁴ 'S e 'Tenni agus ay er mi hankgei' a th' aig Leabhar an Deadhain, i.e. Teine agus é ar mo theangaidh.

⁶²⁵ Jean-Michel Picard (eadar-theang.) agus Yolande de Pontfarcy (ro-ràdh), *The Vision of Tnugdali* (Dublin : Four Courts Press, 1989), 126-30.

Is ann sin tra do-chuaid Michel leo agus do-taisben doibh daine agus foit troma tentige a n-a mbelaibh ar lasad nar fedatar labairt agus siat ag egaine agus ag fulang a pene. Is and sin do-fiarfaig Muire agus na h-apstail: Ca h-olc do-roine an lucht ut ara-fuilet na piana mora ut? Do-fregair Isu doibh agus adubairt: daine egnaidhe agus lucht fis agus eolais na scriptur ndiada sin ar-se agus forcedlaid amra nar comail fein na glanruine diada do-nitis do chach.⁶²⁶

‘S ann an uair sin a chaidh Micheal leatha agus sheall e dhaibh daoine le fàid throma loisgeach nam beòil a’ lasradh gus nach b’ urrainn dhaibh bruidhinn agus iad a’ caoidh agus a’ fulang am pianan. An sin dh’fhaighnich Moire agus na h-abstail, ‘Dè an t-olc a rinn na daoine sin air a bheil na pianan mòra ud?’ Fhreagair Ìosa iad agus thuirt e, ‘Daoine glic, luchd-fios agus luchd-eòlais nan sgrìobtar agus luchd-teagaisg mìorbhaileach nach do ghlèidh na glan-rùinean diadhbaidh iad fhèin a dh’ionnsaich iad do chàch.

Mar sin, ’s dòcha gu bheil iomradh na teangaidh ann am ‘Fuigheall beannacht’ a’ toirt sanas dhuinn gun robh dreuchd fear-teagaisg aig a’ bhàrd. A thuilleadh air sin dh’fhaodadh gun robh eagal air mu dhreuchd na bàrdachd fhèin. Tha eisimpleirean gu leòr sa bhàrdachd chlasaigich chràbhaidh a tha a’ sealltainn gum faodadh na bàird a bhith beagan an-fhoiseil gum faigheadh iad Ifrinn air sàillibh is gun do rinn iad bàrdachd shaoghalta agus aoir.⁶²⁷ Tha deireadh an dàin a’ sealltainn gur i Moire a-mhàin a dh’fhaodadh am bàrd a dhìon bho phianadh Ifrinne. Tha e a’ guidhe gu sònraichte air buill de chorp Moire: ‘An béal ro bhiath an t-airdrìgh’ (am beul a bhiath an t-àrd-rìgh); ‘An druim ar a ndeachaidh muin’ (an druim a chaidh Ìosa air a mhuin); ‘An chìoch do cuireadh ’n-a bhéal eadram is Iffearn airmghéar’ (a’ chìoch a cuireadh na bheul eadar mi is Ifrinn nan arm geur). Anns an dàn seo tha cumhachd Moire mar eadar-mheadhanair air sgàth a màthaireachd glè fhollaiseach, ged nach eil an dealbh air a’ mhàthaireachd sin idir cho tlàth ris na chunnaic sinn an an ‘Éistidh riomsa’. Tha na sgeulachdan uile san dàn seo ga thoirt dhuinn mar dhearbhadh air carson a tha Moire cho sònraichte agus tha an rann mu dheireadh a’ tilleadh gu broinn Moire, ‘dabhach ghlanta gach ghille’ (Dabhach/soitheach a ghlanas gach duine) airson cuimhneachadh dhuinn gur ann tron bhroinn sin a gheibh na h-uile saoradh.

5.4 Co-dhùnadh

Thugadh sùil anns a’ chaibideil seo air na sgeulachdan apocraphach is eile a tha a’ nochdadh anns an dàn ‘Fuigheall beannacht brú Mhuire’. Tha sgoilearan an-diugh buailteach Giolla Brighde Albannach aithneachadh mar ùghdar an dàin, a’ toirt dhuinn dàn Albannach eile mu Mhoire bhon treas linn deug, ma tha iad ceart. Tha an dàn gu

⁶²⁶ Donahue, *The Testament of Mary*, 52-53.

⁶²⁷ Bateman, ‘The Themes and Images’, 7-12. Tha Bateman a’ dèanamh iomradh air Donnchadh Mór Ó Dálaigh a’ guidhe gum biodh ‘srian’ ri bheul.

math eadar-dhealaichte bho 'Éistidh riomsa' leis gu bheil aithris sgeulachdan nas cudromaiche na moladh anns an dàn.

Chaidh againn air cur ris an deasbad air ceanglaichean eadar bàrdachd mar seo agus rosg. Tha na faclan anns a' mhìorbhail mun bhuan obann agus san iomradh air tiodhlacan nan Trì Rìghrean anns an dàn glè fhaisg air rosg a gheibhear anns an Leabhar Bhreac. Mar sin, tha seo a' togail cheistean mu thùsan sgrìobhte, uair eile, airson co-dhiù cuid den bhàrdachd cho tràth ris an treas linn deug. Tha sgeulachd Ghriogair san dàn beagan annasach seach an àbhaist ach ma ghabhas sinn ris a' chomhairle mun *ecclectic nature* a th' aig cràbhachd sna meadhan-aoisean thèid againn air seo a chur ris an iomadh traidisean eile mu Ghriogair a bha ga innse. Chaidh togail air an deasbad mu amas agus cleachdadh nan dàn seo. Feumar beachdachadh a bheil dòigh ann ceangal fhaicinn eadar dàn mar seo agus rannan a bha mar ghiorrachadh air searmoin? Mu dheireadh, chaidh coimhead cuideachd air an dòigh a tha an dàn a' gabhail pàirt ann an leasachadh agus connspaid dhiadhaidh nam meadhan-aoisean mu Fhìor Làthaireachd Corp an 'Tighearna agus mu Ghineamhainn Moire gun Smal. Tha sgeulachdan gan innse san dàn a tha a' sealltainn buaidh nan deasbad sin. Tha cuid de na tachartasan mòra ann am beatha Moire air an toirt dhuinn san dàn seo airson dearbhadh cho cumhachdach 's a tha i. Tha gach guidhe anns an dàn èiginneach agus am bàrd a' sireadh èisteachd bhon tè a bheir cobhair air.

Caibideil 6: ‘Binn labhras leabhar Muire’

6.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair

Tha an dàn ‘Bynn lawiris levir mvr’ a’ nochdadh air duilleagan 120-22 de Leabhar an Deadhain leis an notachadh ‘A howd’ so Gillec’s tailz’⁶²⁸. Rinneadh iomradh air Giolla-Críost Táilléar ann an Caibideil 3, bàrd do Stiùbhairtaich Rainich (?), bhon chòigeamh linn deug.⁶²⁸ Chunnacas gu bheil trì dàin aig an Táilléar san Leabhar a tha stèidhichte air exempla agus ’s e ‘Binn labhras leabhar Muire’ fear dhiubh sin. Cha deach eagraan den dàn seo fhoillseachadh fhathast agus mar sin thèid eagraan bho phàipearan Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a chleachdadh anns a’ chaibideil seo le molaidhean sam bith far an tèid agam air sin a dhèanamh. Thèid tar-sgrìobhadh a thoirt seachad cuideachd. Tha ceithir rannan fichead san dàn. Thug Quiggin an dàn seo gu aire an t-sluaigh ann an 1913 agus thuirt e gun robh an dàn stèidhichte air ‘the North French story of the monk who spent 300 years in his garden listening to the song of a bird.’⁶²⁹ Rinn MacGriogair iomradh air an dàn seo bhon uair sin ag aithneachadh gun robh an exemplum sin ‘widely dispersed, possibly through Cistercian channels.’⁶³⁰ Nithear oidhirp cur ri ar n-eòlas mun dàn seo, a’ sgrùdadh eachdraidh an exemplum agus na rinn an Táilléar leis. Nuair a choimhead R. J. Lyall air an dàn Albannach ‘The Thre Prestis of Peblis’ sgrìobh e ‘the study of sources helps to define the cultural background within which the poem must be placed’.⁶³¹ Mar sin, le bhith a’ coimhead air tùsan thèid againn air tuilleadh ionnsachadh mu ‘cultural background’ an Táilléir. Chì sinn cuideachd an tèid againn air sìon ionnsachadh mu chràbhachd do Mhoire air a’ Ghàidhealtachd bhon dàn seo.

6.2 Exemplum an Dàin

Nithear giorrachadh beag air cuspair an dàin an seo. Ann am ‘Binn Labhras’ gheibhear manach a tha air leth dileas do Mhoire. Gheibh sinn sa chòigeamh rann ‘<O>ct blyin dìn vannach vynn ag rear neyne eaymme / Ocht mbladhna don mhanach bhinn ag riar inghine Iaichim’ (*Ochd bliadhna a bha am manach binn ann an seirbheis nighean Iaichim*). Aon latha thèid e mach agus ann an rann 8:

⁶²⁸ MacGregor, ‘The View from Fortingall’, 54-55.

⁶²⁹ Quiggin, *Prolegomena*, 123.

⁶³⁰ MacGregor, ‘The View from Fortingall’, 73.

⁶³¹ R. J. Lyall, ‘The Sources of the *Thre Prestis of Peblis* and their Significance’, *The Review of English Studies* 31 (1980), 257.

Di cwoall er layr in liss
coyal woss gi coyal commisse
Goo oone fa wynn di lawri

Do chual[a] ar lár an leasa
ceól ós gach ceól coimeasa
guth éoin fa bhinn do labhradh

Chuala e am meadhan an liosa, ceòl os cionn gach ceòl coltach, guth eòin, bu bhinn a labhradh.

Tha an ceòl cho brèagha gu bheil am manach air a bheò-ghlacadh leis. Chan eil e airson 'scaradh re fíréan pharrthais'.⁶³² Nuair a thilleas e air ais dhan mhanachainn (manist'/mainisidir) aige tha i air 'athchuma'⁶³³ (*tha cumadh/ coltas ùr oirre*). Ann an rann 14 gheibh sinn nach fhaigh e a-steach an toiseach. Anns an ath rann bidh na manaich a' faighneachd 'cia an manach óg iongnáthach as dreach mná iona ghruaidh duinn' (*cò am manach òg iogntach le coltas mnà air a ghruaidh dhonn*).⁶³⁴ Tha am manach a' caoidh nach leig iad a-steach e agus a' caoidh a bhràithrean. Tha e ag innse ann an rann 18 gun robh e ceithir uairean a thìde ('iiii oyr' / 'ceithre huaire') san lios, rud a chuala sinn mu thràth ann an rann a deich (iiii hoirrin). Mu dheireadh thèid na manaich a-steach agus 'léighid suas na seanleabhair' (*leugh iad na seann leabhraichean*).⁶³⁵ Gheibh fear dhiubh lorg air 'seal an mhanaigh 'san bhraoin-lios' (*seal a' mhanaich san lios dhealtach*).⁶³⁶ Gheibh iad a-mach gun do chuir am manach seachad 'Trí fichid bliadhna trí chéad tuille agus trí bliadhna déag' (373 bliadhna?) san lios ag èisteachd ris an eun.⁶³⁷ Aig aifreann an ath latha (rann 22) tha e coltach gum bàsaich am manach is thèid anam air Nèamh. Aig deireadh an dàin tha e air innse gum b' e Moire a thug am manach a-steach a Nèamh.

Nithear sgrùdadh an seo air càit an d' fhuair an Táilléar an exemplum seo agus an tug e ùr-ghnàthachadh sam bith a-steach. Sgrìobh J.-A. Herbert na leanas mu sgeul a' mhanaich:

Maurice de Sully was perhaps the first preacher to introduce it into a sermon; but he was soon followed by Odo of Cheriton and others, and by the end of the thirteenth century it had become one [of] the most popular of the exempla with which preachers were wont to season their discourses. It is found in Latin prose versions without number.⁶³⁸

⁶³² 'skarrych ree feirane ph<arris>', rann 11.

⁶³³ 'aych chwma'.

⁶³⁴ 'kea in mannach og iynnach as draach mnā na zroyg dwne'.

⁶³⁵ 'leyad soas na sannlowir', rann 20.

⁶³⁶ 'schel a wannych si wreinniss'.

⁶³⁷ 'Tre feizeith bleyin tre chayd tullu agus tre bleyin de<g>'.

⁶³⁸ J. -A. Herbert, 'The Monk and the Bird', *Romania* 38 (1909), 428.

Chuir an t-Easbaig Maurice de Sully a shearmoin ri chèile eadar mu 1168 agus 1175.⁶³⁹ Bha iad rim faighinn an dà chuid ann am Fraingis agus ann an Laideann ach 's ann sna dreachan Fraingis a-mhàin a gheibhear sgeul a' mhanaich.⁶⁴⁰ Chan eil exemplum de Sully ceangailte ri Moire, 's ann a tha am manach ag ùrnaigh do Dhia gun sealladh Dia dha 'de la grant joie e de la douçor qu'il estoie a cels qui li aiment' (*den aoibhneas mhòr agus den mhilseachd a bhios ann dhaibhsan aig a bheil gràdh dha*).⁶⁴¹ Tha e air innse gun do chuir Dia thuige 'un angele en samblance d'oiseil' (*aingeal ann an riochd eòin*). Gheibhear deasbad eadar e fhèin agus an dorsair agus mu dheireadh bidh am manach ag ainmeachadh feadhainn as aithne dha bhon mhanachainn agus thèid innse dha gu bheil na fir sin 'mort trois cens ans a passés' (*marbh trì cheud bliadhna air ais*). Mar sin, tha sgeul dán an Tàilleir glè fhaisg air seo.

Mar a thuirt Herbert tha an exemplum ri fhaighinn aig Odo de Cheriton. Rinn sinn iomradh mu thràth ann an caibideil 3 air an obair aig Odo. Ach cò bh' ann agus an robh an obair aige aithnichte ann an Alba? 'S e Sasannach a bh' ann a sgrìobh anns a' chiad leth den treas linn deug.⁶⁴² Tha tòrr de na sgeulachdan aige stèidhichte air beathaichean agus bha iad aithnichte fad is farsaing.⁶⁴³ Thuirt Nicola Royan agus i a' bruidhinn air an dàn Albannach 'Buke of the Howlat' (1440an) aig a' bhàrd Richard Holland, "The fable of the howlat probably derives from Odo of Cheriton's *Fabulae*, a collection known to have circulated in fifteenth-century Scotland."⁶⁴⁴ Mar eisimpleir, tha 'The Trial of the Fox', fear de na *Morall Fabilis* aig a' bhàrd Albannach Robert Henryson (bàs c.1490), stèidhichte air 'a version of a fairly obscure fable which attached itself to

⁶³⁹ C. A. Robson, *Maurice of Sully and the Medieval Vernacular Homily* (Oxford: Basil and Blackwell, 1952), 3.

⁶⁴⁰ Robson, *Maurice of Sully*, duilleag 201, nota 10.

⁶⁴¹ Tha mi a' cleachdadh an dà dhreach a dheasaich Robson, *Maurice of Sully*, 124-28. Airson dreachan Fraingis eile faic Paul Meyer, 'Les Manuscrits Des Sermons Français de Maurice de Sully', *Romania* 5 (1876), 466-87; Paul Meyer, 'Les Manuscrits Des Sermons Français de Maurice de Sully', *Romania* 23 (1894), 177-91; Paul Meyer, 'Notice sur un Manuscrit de la Bibliothèque Sainte-Geneviève', *Romania* 23 (1894), 497-507; Paul Meyer, 'Trois Nouveaux Manuscrits des Sermons Français de Maurice de Sully', *Romania* 28 (1899), 245-68.

⁶⁴² Albert C. Friend, 'Master Odo of Cheriton', *Speculum* 23 (1948), 641-58.

⁶⁴³ Mar eisimpleir, airson eadar-theangachadh gu Spaintis bhon treas linn deug faic John Esten Keller, (deas.), *El Libro de Los Gatos* (Madrid: Consejo Superior de Investigaciones Científicas, 1958). Airson eadar-theangachadh gu Cuimris bhon cheathramh linn deug faic Ifor Williams (deas.), *Chwedlau Odo* (Wreccsam: Hughes, 1926).

⁶⁴⁴ Nicola Royan, "'Mark your Meroure be Me": Richard Holland's *Buke of the Howlat*', ann am Priscilla Bawcutt agus Janet Hadley Williams (deas.), *A Companion to Medieval Scottish Poetry* (Cambridge: D. S. Brewer, 2006), 52. Airson tuilleadh air 'Buke of the Howlat' agus Odo faic Matthew P. McDiarmid, 'Richard Holland's *Buke of the Howlat*: An Interpretation', *Medium Aevum* 38 (1969), 281-83.

the collection of Odo of Cheriton.⁶⁴⁵ Mar sin, bha sgeulachdan Odo aithnichte ann an Alba. Mar sin, ghabhadh e a bhith gun do chleachd an Táilléar e. Ach 's e an aon duilgheadas a th' ann nach eil ach giorrachadh gu math goirid de sgeul a' mhanaich a' nochdadh ann an dìreach cuid de na dreachan den obair aig Odo.⁶⁴⁶ Tha dreach Odo stèidhichte air Maurice de Sully, ach glè ghoirid, chan eil ann ach eun, is chan e aingeal ann an riochd eòin, agus tha am manach dà cheud bliadhna ag èisteachd ris. Aig an deireadh gheibhear teagasg ceangailte ri Salm 90: 4 'Oir tha mìle bliadhna ann ad shealladh-sa mar an latha an-dè nuair a thèid e seachad, agus mar fhaire anns an oidhche.'

Dè na tùsan eile a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air an dàn? Bheirear sùil aithghearr air feadhainn de na tùsan eile feuch am faighear dreach eile a tha nas fhaisge air sgeul an Táilléir. A bheil tùs sam bith eile ga thoirt seachad mar mhìorbhail Moire? Tha aon sruth de na tùsan ag innse sgeul a' mhanaich mar mhìorbhail Moire. 'S e Cantiga 103 de *Cantigas de Santa María* aon eisimpleir dhiubh sin.⁶⁴⁷ Tha 420 dàn mu mhìorbhailean Moire anns na *Cantigas*, cruinneachadh Rìgh Alfonso X, el Sabio (1221-1284), às a' Phortagail. Ann an Cantiga 103 (Quena Virgen ben servirá a Parayso irá) bidh am manach ag ùrnaigh do Mhoire gum faic e Flaitheanas. Anns an dàn seo ge-tà bidh e a' nighe a làmhan ann am fuaran nach fhaca e roimhe san leas agus cluinnidh e an uair sin an t-eun. 'S e trì cheud bliadhna a thèid seachad ach chan eil guth air coimhead ann an leabhraichean na manachainn.

Tha an aon cheangal ri Moire, neo 'altaris sancte virginis' agus nighe làmhan, ach an turas seo 'in lavatorio', ann an dreach Laidinn ann an Lunnainn, BL, LS Harley 268, f.3r. (14mh Linn). Tha e dà cheud bliadhna ag èisteachd ris an eun.⁶⁴⁸ Mar sin ged a tha ceangal ri Moire anns an dreach seo tha iad rudeigin eadar-dhealaichte cuideachd. Chan eil guth air làmhan a nighe aig an Táilléar agus chan eil leabhraichean na manachainn anns na dreachan seo a bharrachd.

Tha dà dhàn eile a tha nas fhaisge air dreach an Táilléir den sgeul ged nach eil iad ag ainmeachadh Moire. Anns an dreach a gheibhear anns na tùsan seo tha leabhraichean

⁶⁴⁵ Roderick J. Lyall, 'Henryson's *Morall Fabillis*: Structure and Meaning', ann am Priscilla Bawcutt agus Janet Hadley Williams (deas.), *A Companion to Medieval Scottish Poetry* (Cambridge: D. S. Brewer, 2006), 98.

⁶⁴⁶ Hervieux, *Les Fabulistes Latins*, Leabhar IV, 295. Airson sgeulachdan Odo ann am Beurla faic, Jacobs (deas.), *The Fables of Odo de Cheriton*.

⁶⁴⁷ Walter Mettmann (deas.), *Cantigas de Santa María*, 3 leabhraichean (Madrid: Clásicos Castalia, 1986-89), Leabhar II, 16-18. Eadar-theangachadh Beurla aig Kathleen Kulp-Hill (eadar-theang.), *Songs of Holy Mary of Alfonso X, The Wise* (Tempe, Arizona: Arizona Center for Medieval and Renaissance Studies, 2000), 128-29.

⁶⁴⁸ Ward, *Catalogue of Romances*, 560.

na manachainn a' togail ceann. Tha an dreach seo ri fhaighinn ann an dàn Gearmailtis de 380 loidhne, Mönch Felix.⁶⁴⁹ Tha an aon seòrsa deasbaid ann mus faigh e steach dhan mhanachainn agus coimhead anns na leabhraichean. Tha ceud bliadhna air a dhol seachad. Tha dàn Beurla ann cuideachd stèidhichte air an dreach seo. Tha e anns an làmh-sgrìobhainn Shasannach ainmeil: Vernon (Oxford, Bodleian Library, LS Eng. poet. a. 1) a chaidh a chur ri chèile mu 1390. 'S e an tiotal a th' air 'Of a monk desirede to seo þe leste bliss of paradys' agus a' tòiseachadh 'An holi Monk hedde gret longyng'.⁶⁵⁰ Tha an dàn ri fhaighinn cuideachd ann an tùsan eile.⁶⁵¹ A-rithist tha deireadh an dàin ag innse mu na manaich a' coimhead sna leabhraichean. Thèid faighneachd dha cò an t-aba a bh' ann ri linn fhèin:

And þat Abbot, of whom he ment
was ded bi fore þreo hundred yere,
as þei founden in Cronicles þere.
And in Cronicles founden þay
hou an Old Monk wente him to play,
and neuer mon siþen herde tell
Of þis Monk what by felle.

Bha an dreach seo den sgeulachd ri fhaighinn ann an Laideann cuideachd. Mar eisimpleir, gheibhear e cuideachd ann an *Sermones de tempore et de sanctis* a chaidh cur às leth Martinus Polonus (Martin à Troppau, bàs 1278). Tha fhios againn gun robh an obair aig Polonus aithnichte ann an Alba sna meadhan-aoisean. Chleachd Andrew à Wynton (bàs c.1422) *Chronicon Pontificum et Imperatorum* aig Polonus na *Original Chronicle*.⁶⁵² Anns an dreach aig Polonus, a bha na Dhominiceanach, tha am manach 'sub arbore ccclxv annis' (365 bliadhna fo chraoibh).⁶⁵³ Anns an dreach seo thèid a dhùsgadh 'audiens campanam' (*a' cluinntinn clag*) agus a-rithist thèid faighneachd dha cò an t-aba agus àrd-mhanach a bh' ann ri linn fhèin agus gheibhear na h-ainmean sin 'allatis cronicis' (*a' toirt a-steach na leabhraichean*). Aig an deireadh gheibh sinn 'non putabat ultra

⁶⁴⁹ Erich Mai, *Das Mittelhochdeutsche Gedicht vom Mönch Felix* (Berlin: Mayer & Müller, 1912).

⁶⁵⁰ Carl Horstmann, 'Die Evangelien-Gesichten der Homiliensammlung des Ms. Vernon', *Archiv für das Studium der Neueren Sprachen und Literaturen* 57 (1877), 277-78.

⁶⁵¹ Mar Lunnainn, BL LS Harley 4166, 92r-93v; Lunnainn, BL LS Harley 2391, 189r-191v; Lunnainn BL LS Cotton Tiberius E. vii, 190r-191r.

⁶⁵² Brian S. Lee, "'This is no Fable": Historical Residues in Two Medieval Exempla', *Speculum* 56,4 (1981), 732. Faic cuideachd, Wolfgang-Valentin Ikaš, 'Martinus Polonus' Chronicle of the Popes and Emperors: a Medieval Best-seller and its Neglected Influence on Medieval English Chroniclers', *English Historical Review* 116 (2001), 327-41.

⁶⁵³ Tha mi air Martinus Polonus, *Sermones de Tempore et de Sanctis* (Strassburg: Georg Husner, 1484) a chleachdadh an seo. Gheibhear sin air loidhne aig an *Verteilte Digitale Inkunabelbibliothek* <http://inkunabeln.ub.uni-koeln.de/vdib-info/kleioc/im00329000> (Am Faoilleach 2010). Tha sgeul a' mhanaich ann an Caibideil XVI, duilleag 503.

unam horam fuisse in orto' (*cha do shaoil e gun robh na b' fhaide na uair a thide san leas*). Tha an sgeul aig Martinus Polonus ann an cruinneachadh de dh'exempla fon tiotal 'De Gloria Etern.' Chan eil Moire a' nochdadh ann idir agus tha eadar-dhealachaidhean ann eadar seo agus dàn an Táilléir (an clag agus an uine) ach tha 365 bliadhna cho faisg air 373 is a tha mi air faicinn. Ma bha na *Sermones* ann an Alba dh'fhaodadh e bhith gum b' e sin tùs an dàin.

Leis gun robh an sgeul seo cho lìonmhor sna meadhan-aoisean chan eil e furasta a bhith cinnteach a bheil tùs ann.⁶⁵⁴ Tha e doirbh mar sin dreach sam bith eile den sgeul a tha dìreach co-ionnan aithneachadh. 'S dòcha nach bu chòir dhuinn a bhith a' sùileachadh sin nas motha. Bhruidhinn Lyall air an aon chuspair nuair a rinn e sgrùdadh air *The Thre Prestis of Peblis*:

Master Archibald's tale is quite different... each episode is told at some length and with a considerable degree of narrative development, at least by the standards of the medieval exemplum. It is not surprising, then, that therefore the correspondence between his version of a tale and that of any supposed source is unlikely to be exact. That said, it is nevertheless desirable to ensure that there is no other medieval version of each element which is closer to that in *The Thre Prestis*.⁶⁵⁵

Cha chreid mi gu bheil fianais sam bith agam an seo a tha làidir gu leòr aon tùs aithneachadh mar thùs 'Binn labhras'. Ach mar a chunnaic sinn 's dòcha nach bu chòir dhuinn daonnan a bhith cho cinnteach gur ann tro bheul-aithris a fhuair na bàird na sgeulachdan aca ged a b' e sin a mhol Liam P. Ó Caithnia:

Cad uime go gceapfaí gur as leabhar ar bith a fuair éinne acu riamh a chuid scéalta, ná scéal ar bith acu? Nach follas gur fear leabhair a mheasfadh a leithéid bíodh go bhfeicfimid gan rómhoill gur trí bhíthin na cluaise, de rogha ar an tsúil, a chnuasaíodar formhór a n-apalóg.⁶⁵⁶

Ged a tha fhios gun robh sin fìor ann an cuid a shuidheachaidhean dh'fhaodadh e bhith gur ann à leabhraichean no à làmh-sgrìobhainnean a fhuair eadhon *cuid* de na sgeulachdan. Tha am facal 'leabhar' fhèin a' nochdadh anns gach rann de na ceithir rannan toisich. Tha an Táilléar ag innse gu bheil e a' dol a dh'innse dhuinn mu mhìorbhail a th' ann ann an 'levir mvr/ leabhar Muire' (rann 1); 'sin lowir wreck vynn / 'san leabhar bhreac bhinn' (rann 2) gheibhear iomadh sgeul air Moire; tha 'gi lowyr le<yn>/ gach leabhar

⁶⁵⁴ Airson cho lìonmhor is a bha e faic Frederic C. Tubach, *Index Exemplorum: A Handbook of Medieval Religious Tales* (Helsinki: Suomalainen Tiedekatemia, 1969), duilleag 263 (sgeul 3378).

⁶⁵⁵ R. J. Lyall, 'The Sources of the *Thre Prestis of Peblis* and their Significance', *The Review of English Studies* 31 (1980), 259.

⁶⁵⁶ Ó Caithnia, *Apalóga na bhFíli*, 30. ('Carson a shaoilte gur ann à leabhar sam bith a fhuair duine aca riamh an cuid sgeulachdan neo sgeul sam bith dhiubh. Nach eil e soilleir gur e fear leabhraichean a shaoileadh an leithid ged a chì sinn sa bhad gur ann leis a' chluais seach leis an t-sùil a chruinnich iad a' chuid as motha dhe na h-apalogues aca.')

léighinn’ (rann 3) làn de mhìorbhailean Moire; tha sgeul a’ mhanaich ‘sin lov^{ir} ynd oda/’san leabhar fhionn ód (rann 4). Dh’fhaodamaid seo uile a thuigsinn mar oidhirp luach no creideas a thoirt dhan sgeul a tha ri thighinn, le bhith a’ tarraing air foghlam leabhraichean. Ach leis cho cumanta ’s a bha an exemplum seo ann an làmh-sgrìobhainnean agus leabhraichean air an clò-bhualadh anns a’ chòigeamh linn deug cha bhiodh e do-dhèanta gur ann à leabhar a fhuair am bàrd e. Ma fhuair an Táilléar sealladh air dreach Odo nach aithne dhomh, neo dreach Martinus Polonus, neo ma chleachd e an dàn Beurla tha e air ùr-ghnàthachadh neo dhà a chur a-steach ann. Dh’fhaodadh e bhith, le barrachd rannsachaidh, gun tèid aon tùs follaiseach aithneachadh airson ‘Binn labhras’ ach tha amharas agam gum bu chòir dhuinn a bhith an dùil ri ùr-ghnathachadh, mar a bha Lyall an dùil ri sin anns an dàn ‘The Thre Prestis’.

Cho fad is as aithne dhomh chan eil e air innse ann an gin de na dreachan eile gun do nochd am manach air ais aig a mhanachainn agus coltas mnà na ghruaidh. Saoil a bheil sin a’ sealltainn buaidh sgeul eile mu ùine fhada a tha nas coltaiche ri tacan goirid do chuid? Tha sgeul Gaoidheilge *Aba Druim Eanaigh* ag innse mu fhireannach a thuiteas na chadal air cnoc agus nuair a dhùisgeas e ’s e boireannach a th’ ann dheth. Bidh e a’ pòsadh is clann aige mar bhoireannach gus an tèid e mu dheireadh air ais dhan chnoc far an tèid atharrachadh às ùr air ais na fhireannach. Thèid e dhachaigh agus canaidh a bhean ‘nach raibhe énuair do ló ’na hécmais’⁶⁵⁷ (*nach robh e a dhìth ach uair a thìde den latha*). Ach chan eil e soilleir gur e seo a tha air cùl na tha nochdadh san dàn againn mu choltas mnà ge-tà. Ma bhios sinn a’ coimhead airson àite neo dhà far am faodadh e bhith gun tug am bàrd ùr-ghnàthachadh a-steach is d’fhiach cuimhneachadh a-rithist gu bheil an ùine a thèid seachad eadar-dhealaichte seach dreach sam bith eile. Cuideachd, tha Moire a’ toirt anam a’ mhanaich a Nèamh aig an deireadh cuideachd agus chan fhaca mi sin ann an dreach eile. Leis gu bheil sgeul an Táilléir nas fhaisge air dreachan nach bi ag ainmeachadh Moire idir tha amharas agam gu bheil e air seo a thoirt dhuinn mar mhìorbhail mu Mhoire ged nach robh sin san tùs a chleachd e. Chan urrainn dhomh a bhith cinnteach à sin ge-tà.

Chan eil mi cinnteach a bheil fianais làidir ann a bheireadh oirnn ceangal aithneachadh eadar na Cistercianaich agus ‘Binn labhras’ mar a mhol MacGriogair.⁶⁵⁸

⁶⁵⁷ Kuno Meyer, ‘Story of the Abbot of Druimenaig, Who Was Changed into a Woman’, *Anecdota from Irish Manuscripts* 1 (1907), 79. Airson eadar-theangachadh agus deasbad faic Barbara Hillers, ‘The Abbot of Druimenaig: Genderbending in Gaelic Tradition’, *Proceedings of the Harvard Celtic Colloquium* 15 (1995), 175-97.

⁶⁵⁸ Ach airson co-dhiù ceangal air choreigin eadar an exemplum agus na Cistercianaich faic Margaret D. Howie, *Studies in the Use of Exempla with Special Reference to Middle High German Literature* (London: University of London Press, 1923), 42-43.

Chan eil sin ri ràdh nach robh cruinneachaidhean de dh'exempla aig na Cistercianaich⁶⁵⁹ ach chaidh na h-exempla a sgapadh am measg an t-sluaigh leis na h-òrdughan meandanach.⁶⁶⁰ Tha fhios againn cuideachd gun robh na h-òrdughan meandanach lionmhor ann an Alba.⁶⁶¹ Mar eisimpleir, bha taigh aig na Dominiceanaich (na bràithrean dubha) ann am Peairt bhon treas linn deug⁶⁶² agus chunnaic sinn mu thràth an ceangal eadar na Caimbeulaich agus na Dominiceanaich gu sònraichte ann an Earra-Ghàidheal.⁶⁶³ Bha taigh aig na Carmelich ann am Peairt cuideachd bho 1296⁶⁶⁴ agus taigh aig na Franciscanaich (bràithrean liath) bhon chòigeamh linn deug.⁶⁶⁵ Tha fhios gum faod sinn buaidh nan òrdughan meandanach a thuigsinn air obair an Tàilléir cuideachd.⁶⁶⁶

6.3 Freumhan Èireannach aig an exemplum?

Mu dheireadh bheirear sùil an seo air beachd gur ann à Èirinn a thàinig sgeul a' mhanaich bho thùs. B' e L. L. Hammerich a sheall gun robh rudeigin glè choltach ris an sgeul a gheibhear aig Maurice de Sully, agus eile, ann an dualchas nan naomh Èireannach.⁶⁶⁷ 'S ann mu Naomh Mochaoi Naondroma (Inis Mochaoi, Co. an Dúin⁶⁶⁸) a tha an sgeul. Tha an dàrna latha air fhichead den Ògmhios air a chomharrachadh dha ann am *Féilire Óengusso* agus tha dà rann, mar notachadh, ri taobh rann Mochaoi ann am *Féilire Óengusso* (mar a tha e a' nochdadh anns an Leabhar Bhreac). Tha an dà rann cuideachd a' nochdadh ri taobh ainm Mochaoi ann an liosta mhòr nan naomh *Comainmnigud Noem Herenn* anns an Leabhar Laighneach:

⁶⁵⁹ Brian Patrick McGuire, *Friendship and Faith: Cistercian Men, Women, and their Stories 1100-1250* (Aldershot: Ashgate, 2002).

⁶⁶⁰ Carlo Delcorno, *Exemplum e Letteratura tra Medioevo e Rinascimento* (Bologna: Il Mulino, 1989), 30.

⁶⁶¹ Ditchburn, *Scotland and Europe*, 47.

⁶⁶² Cowan agus Easson, *Medieval Religious Houses*, 119.

⁶⁶³ Faic nota 61 gu h-àrd.

⁶⁶⁴ Cowan agus Easson, *Medieval Religious Houses*, 138.

⁶⁶⁵ Cowan agus Easson, *Medieval Religious Houses*, 132.

⁶⁶⁶ Airson tùsan nan exemplum Gaidheilge faic Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge*.

⁶⁶⁷ L. L. Hammerich, *Munken og Fuglen en Middelalderstudie* (København: B. Lunos Bogtrykkeri, 1933), 40-43.

⁶⁶⁸ Patrick Mackay, *A Dictionary of Ulster Place-Names* (Belfast: Cló Ollscoil na Banríona, 2007), 104. Air Mochaoi faic Edwin S. Towill, 'Saint Mochaoi and Nendrum', *Ulster Journal of Archaeology* 27 (1964), 103-20.

Leabhar Breac

Codlud cen crinad colla
contuil mochoe noendroma,
 lucht in tramaid i mboi in trai
 ní tharraid acht a n-indai.

Ro chachain do mochoe cain
 in t-enan dona nemdaib
 tri hadbaind do barr in chroind,
 .l. bliadan cech adboind⁶⁶⁹

Leabhar Laighneach

(...) cen chrinad(?) cotla
 i mbaí Mo Choe Noendroma.
 lucht int shámuid i mbaí in súi
 ní tharraid acht a n-inndúi.

[Ro ca]chain do M Choe cain
 int enan (.i. an gles) dona nemdaib
 tri hadbaind do barr in chraind,
 cóica bliadan cech adbaind.⁶⁷⁰

*Cadal gun chrìonadh feòla, chaidil Mochaoi Naondroma. Na daoine leis an do dh'fhuirich an sgoilear chan d'fhuair e ach an iar-oghaichean. Sheinn an t-eun bho na nèamhan do Mhochaoi math, trì rannan bho bhàrr na craoibhe, leth-cheud bliadhna gach rann.*⁶⁷¹

Tha Stokes a' moladh an nota 'an gles' anns an Leabhar Laighneach a thuigsinn mar *angelus*.⁶⁷² Tha e doirbh a bhith cinnteach cuin a rinneadh an dà rann seo. Ach 's ann san 12na linn a rinneadh an Leabhar Laighneach.⁶⁷³

Ach tha e follaiseach gu bheil cha mhòr an aon sgeul anns an dà rann seo is a gheibhear aig Maurice de Sully agus e a-mach air 'un angele en samblance d'oiseil'. Bha a' mhìorbhail a thachair do Mhochaoi aithnichte ann an rosg Gaoidheilge cuideachd ge-tà sna meadhan-aoisean. Gheibhear rosg leis an dà rann ann an NLS LS 72.1.6, duilleag 13r. Rinneadh an làmh-sgrìobhainn sin sa 15mh neo 16mh linn agus ceangal aige ri Muile.⁶⁷⁴ Chaidh a dheasachadh le Paul Grosjean ann an 1926.⁶⁷⁵

Mocæ Nændroma la hUla luigh ina caill & ceathrur oglaið do ben<ad ca>elaigh do denam hecgailsi a Nændruim. Dorala iarum Mocæ a <aenur?> for leith & fidhbha ana laimh amail gach manach do denum na lubhra. Arlaim<ighes> annside a grinne fidhaidh coma tuarghaibh fria <a>is. Diambai ann go cual<a én> mor éddrocht forsan droigin ana farradh. "Dicra an obuir sin, a cleirig," <ar an>t en. "Dlegur dím," ol Mochæ, "eglais De. Cia nomagallaim?" ar Mochæ. "Fer muindtire duit & dod' Tigema sund" (.i. aingel De do nim). "Focen duit," ar Mochæ. "Cidh dia tichi?," ar Mochæ. "Do t'agallaimh si od' Tigema & do t' oirfétedh guleig." "Is math lium," ar Mochæ. Glesas iarum a et[h]i <lia> gulbuin. Tri .l. bliadhan do Mocæ ag

⁶⁶⁹ RIA LS 23 P 16, duilleag 90.

⁶⁷⁰ Best, *The Book of Leinster*, VI, 1671.

⁶⁷¹ Tha an t-eadar-theangachadh seo stèidhichte air eadar-theangachadh Beurla Stokes, *The Martyrology of Oengus*, 159.

⁶⁷² Stokes, *The Martyrology of Oengus*, 158.

⁶⁷³ W. O'Sullivan, 'Notes on the Scripts and Make-Up of the Book of Leinster', *Celtica* 7 (1966), 1-31. Airson beachdan air an roinn den làmh-sgrìobhainn anns a bheil an dà rann seo faic Máire Herbert, 'The Hagiographical Miscellany in Franciscan Manuscript A 3', ann am Pádraig A. Breatnach et al. (deas.) *Léann Lámhscríbhinní Lobháin* (Baile Átha Cliath: Ollscoil na hÉireann, 2007), 112-26.

⁶⁷⁴ Black, 'The Gaelic Manuscripts', 154; Black, *Catalogue*.

⁶⁷⁵ Paulus Grosjean, 'S. Caelani cum Ave Colloquium', *Analecta Bollandiana* 47 (1929), 39-43. Tha an t-eagran ann agus eadar-theangachadh gu Laideann. Tha an làmh-sgrìobhainn ann an droch staid.

eisdecht fris, & a grinne fria <a>is ar lar na caille, & nir crine cach an cælach, & nírbudh sia leisin sin na enuair do lo. Ceilebras ant aingel do iar sin. Tic sium don cill cona fídhach, co facai an duirteach iarna denum isin cill ana ainm sim dia muinntir. Ba hingnadh lais <? celebr>ugad isin eglais. Ni ro inmis co foil, & ni ro aithnigh nech dibh <é?> co ro inmis doibh a sgela, & co ro shlechtadh uile do, & co ndemaidh cretair don fídhach. Conadh uime sin ro fothaigh an cill[i] iarsin. Conadh he Ceolan Dighin (?) comainm an sgeil sin.

Trí ha<d>bainn do M<o>cæ an ceoil
do can aingel a riucht eoin
ar lar caille a mbun croinn –
.l. bliadban gach a<d>ba<i>nn

Collad can crinadh colla
contuil Mocæ Næ<n>dromæ;
lucht an<t> shamhaidh domboi an saí,
ni taraid acht a æni.

Chaidh Mochaoi Naondroma an Ulaidh dhan choille aige le ceathrar òganach a bhuain chuilcean gus eaglais a thogail ann an Naondroim. Thachair do Mhachaoi a bhith na aonar air leth agus corran na làimh mar gach manach [eile] a' dèanamh na h-obrach. Bha ultach fiodha fhèin deiseil aige ri thaobh. Nuair a bha e mar seo chuala e eun mòr loinnreach air an droighnean faisg air. "Is dìcheallach an obair sin, a chlàirich." arsa an t-eun. "Tha e mar fhiachaibh orm", thuirt Mochaoi, "eaglais Dhè [a thogail], cò tha bruidhinn rium?" arsa Mochaoi. Fear dbe do mhuinntir agus de mhuinntir do Thighearna a tha seo." (i.e aingeal Dhè à nèamh). "Fàilte romhad", thuirt Mochaoi, "Carson a thàinig thu?" "Gus bruidhinn riut bho do Thighearna agus airson do thoileachadh airson greis" Is toil leam [sin]", arsa Mochaoi. Rèitich e an dèidh sin itean le ghob. Trì leth-cheud bliadhna (150?) a bha Mochaoi ag èisteachd ris, agus ultach ri thaobh am meadhan na coille agus cha do chrìon am fiodh agus shaoil esan gun robh dìreach uair a thìde den latha air a dhol seachad. Dh'fhàg an t-aingeal beannachd aige an dèidh sin. Thàinig e [Mochaoi] an uair sin dhan chill le fhiodh, agus chunnaic e taigh-ùrnaigh san eaglais a thog a mhuinntir na ainm. Bha an t-seirbheis? na iongnadh dha san eaglais. Cha do dh'innis e airson greis agus cha do dh'aithnich duine aca e gus an do dh'innis e dhaibh a sgeul agus lùb iad uile an glùinean dha agus rinn iad cobhannaomh leis an fhiodh. Timcheall air sin a stèidhich iad eaglais an dèidh sin. 'S e 'Ceolan Dighin' an t-ainm a th' air an sgeul sin.

Thug Mícheál Ó Cléirigh cha mhòr an aon rosg dhuinn, ach le leudachadh neo dhà ann ann am *Féilire Dhún na nGall* (Martyrologium Dungallense) a chuir Ó Cléirigh ri chèile sna 1630an. Cha deach eagraan ceart a chur a-mach fhathast ach ann an 1864 thàinig eagraan de leth-bhreac de aon làmh-sgrìobhainn a-mach.⁶⁷⁶

Mar sin, mar a mhothaich Hammerich, tha an sgeul seo mu Mochaoi glè choltach ri sgeul de Sully. Tha e doirbh dearbhadh ge-tà gur ann à traidisean Gaoidheilge a fhuair de Sully an sgeul. Ann an lèirmheas air leabhar Hammerich sgrìobh H. J. Rose:

⁶⁷⁶ O' Clery, *Martyrology of Donegal*. Tha an teacs le eadar-theangachadh gu Beurla air duilleagan 176-77. Tha sgeul eile aig Ó Cléirigh mun Àrd-Aingeal Mícheal ga nochdadh fhèin do Bhreannain Cluain Feartha ann an riochd eòin, tha an dà phìos rosg glè choltach ris a' chèile, faic duilleagan 128-31.

Concerning the ultimate origin of the legend, the author has some interesting remarks. The principal motif is of course the supernatural lapse of time, but this in itself is common enough and might have come from almost any quarter. Looking around for closer parallels and examining several which more or less resemble it, Hammerich can find none really satisfactory save in Irish tradition, and suggests plausibly enough that the original form was some legend, probably composed in Latin, by one of the numerous Irish clerics who influenced the Continent before, and even to some extent after, the time of Henry II. The weak point of this theory is of course that no such document as is postulated is known to exist anywhere; but this difficulty is not in itself enough to make the hypothesis at all incredible and possibly further research may fill the gap.⁶⁷⁷

Cho fad is as aithne dhomh cha deach an tùs sin a lorg fhathast. Ach sheall Hammerich cho cumanta is a tha eòin sheunta agus ainglean a' nochdadh ann an riochd nan eun ann an litreachas Èireannach.⁶⁷⁸ Eadar *Serglige Con Culainn*, na h-*Immrana*/ *Navigatio Sancti Brendani* is eile gheibhear eòin à nèamh a sheinneas ceòl a chuireas bacadh air crìonadh.⁶⁷⁹ Mar sin dh'fhaodadh e bhith gu bheil freumhan sgeul Shully às an Fhraing san 12na linn ann an dualchas is litreachas Èireannach.

6.4 Co-dhùnadh

'S e dàn luachmhor a th' ann am 'Binn labhras' agus sinn a' dèanamh oidhirp aithneachadh an ann bho 'Latin commonplaces' neo 'conventions of native poetry' a fhuair am bàrd a thùsan.⁶⁸⁰ Dh'fhaodadh e bhith gu bheil tùsan na sgeulachd seo ann an dualchas is litreachas Èireannach agus tha e coltach gun robh sgeul Mochaoi agus an t-eun aithnichte ann an Gaoidheilg ann an Alba sa chòigeamh neo siathamh linn deug. Ach a dh'aindeoin sin tha an dàn seo, a rinneadh ann an Alba sa chòigeamh linn deug cuideachd, nas fhaisge air dreachan Eòrpach eile den sgeul agus faodaidh sinn a bhith an ìre mhath cinnteach gun do stèidhich an Táilléar a dhàn air na traidiseanan sin. Chan eil guth air naomh à Uladh neo ceangal sam bith ri sgeul Mochaoi aig an Táilléar. Tha an dàn seo mar sin a' sealltainn mar a chuir bàrd Gaoidheilge à Alba anns na meadhan-

⁶⁷⁷ H. J. Rose, [Lèirmheas air an leabhar] *'Munken og Fuglen: en Middelalderstudie by L. L. Hammerich'*, *Folklore* 45 (1934), 92-93. Airson sgeul eile mu thìm fhada a thèid seachad ann an ùine ghoirid do chuid faic sgeul nan Seachd Cadalaiche à Ephesus ann am Farmer, *Oxford Dictionary of Saints*, 475; gheibhear seo sa Ghaidheilg san Leabhar Bhreac, faic Atkinson, *The Passions and the Homilies*, 68-71 agus 309-13 airson eadar-theangachadh gu Beurla. Tha an sgeul Greugach mu Epimenides à Knossos coltach cuideachd, faic J. G. Frazer (eadar-theang.), *Pausanias's Description of Greece*, 6 leabhraichean (London: MacMillan, 1898), Leabhar II, 121-23.

⁶⁷⁸ Hammerich, *Munken og Fuglen*, 40-64.

⁶⁷⁹ Air a' chuspair seo faic Anne-Marie O'Connell, 'L'Oiseau Surnaturel: Approche Narrative et Figurative', *Zeitschrift für Celtische Philologie* 51 (1999), 46-65. Airson eòin eile faic Myles Dillon (deas.), *Serglige Con Culainn* (Dublin: DIAS, 1953), 2-5. Airson eòin ann an *Immrann Snédgus & Meic Riagla* faic Whitley Stokes, 'The Voyage of Snédgus and Mac Riagla', *Revue Celtique* 9 (1888), 20-21.

⁶⁸⁰ Faic an deasbad air seo ann a Caibideil 3, roinn 3.1.4.

aoisean anmoch sgeul gu feum a bha air a sgapadh air feadh na h-Eòrpa airson dearbhadh cho cumhachdach is sònraichte 's a tha Moire. Aig deireadh an dàin, tha rann 23 ag ràdh:

Na gin narrivyr woir noyor
fear <g>lass in talwon theifroyg
Dekraa nann in narrew vlle
ferta alda oyg m/vr

No go n-àireamhthior mór n-uair
féar glas an talmhan taobhruidh
deacra ná a n-áirmhe uile
fearta áille Óghmhuire.⁶⁸¹

*Gus an cuirear an àireamb fear uaine na talmhainn taobhruidh – ùine fhada – bu duilghe buileach mìorbhailean àlainn Òigh Mhoire a chur an àireamb.*⁶⁸²

Chuir am bàrd an exemplum seo a-steach do thraidisean mìorbhailean Moire agus 's ann air an dearbh chuspair sin a bhios sinn a' meòrachadh anns an dà chaibideil mu dheireadh.

⁶⁸¹ 'S e tionndadh Quiggin a tha seo.

⁶⁸² Tha an aon choimeas eadar bilean feòir agus mìorbhailean Moire ga dhèanamh ann an rann 35 den dàn 'Múin damh do mholadh, a Mhuire' faic McKenna, *Aithdioghlaim Dána*, Leabhar I, 35 le eadar-theangachadh ann an Leabhar II, 220.

Caibideil 7: ‘Iomdha sgéal maith ar Mhuire’

7.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair

Chan eil ach bloigh den dàn ‘Iomdha sgéal maith ar Mhuire’ (Img/ʏ skeall mach er mvr) a’ nochdadh air duilleag 293 de Leabhar an Deadhain.⁶⁸³ Rinn MacCionnaith eagraan agus chuir e Beurla air an dàn agus e air ceithir tùsan a chleachdadh.⁶⁸⁴ Anns an eagraan sin tha 30 rann. Seo na tha a’ nochdadh ann an Leabhar an Deadhain taobh ris an eagraan fhoillsichte sin: rannan 1-4; a’ chiad lethrann bho rann 5 agus an dàrna lethrann bho rann 9 air an cur còmhla mar aon rann, sin an còigeamh rann ann an Leabhar an Deadhain; rann 6 agus rann 8. Seo na rannan sin agus an tar-sgrìobhadh:

Eagraan Foillsichte

1. Iomdha sgéal maith ar Mhuire
fá moltar a míorbhuile;
do ghéabh ar an óigh n-iodhain
sgéal as chóir do chreideamhain.
2. Óglách do bhí ag Muire mhóir
nach tug eiteach na honóir
leis níorbh áil don uile bhean
a-mháin acht Muire mhaighdean.
3. Ar fhásach i bhfad ó chách
[baoi] aitreabh ag an óglách
mar ba gnáth duine diadha
ó chách uile i n-imchiana.
4. I riocht mná dá mhealladh sin
tig oidhche d’fhios an [díthreibh]
an té [as] ainm nach ionráidh
snaidhm is é a eisiomláir.
5. Osgladh ar cúl na comhla
iarras d’fhuighlibh banamhla
atú ar an bhean do bhaoi a-muigh
gan mhnaoi gan fhear im fhochoir
6. Mná i n-éintigh ní hoircheas damh
riom ar an t-óglách iodhan
a bhean acht gidh bé tusa
mo theagh ní hé t’ eolus-sa

Leabhar an Deadhain (Quiggin)

1. Img/ʏ skeall mach er mvr
fa moltyr a merwlli
di zoyve er in noy neyn
skail is coor a c/redd<e>m/ʏ
2. Oglaa di wee ag Mvr mor
gin dug fretty^t no honnoir
lass nar wail din nwill wan
a wayn ac/ʏ mvr wayr
3. Ar fassach faddi voo cac/ʏ
di we attrew in noglay^t
mvr bi znaa dwnni deya
o chayc/ʏ vlli in nymzaynow
4. In ry^t mna da walli sen
tyg yic/ʏ zis in derrew
an tea si harme nar vi/rray
snaym is a no eskolbar
5. Oslyth er cowle ni coyle
earr/ʏ dowle ba/mollyth
**di wei^t in nyich gi for floch
di law^t gi troygh tursyth.**
6. Ben entei ne horkis doyf
rymm erssin toglay eygin
a wēn, ga beyg huss
mi heyg ne hay hoyllissi

⁶⁸³ Tar-Sgrìobhadh aig Quiggin, *Poems*, 12.

⁶⁸⁴ McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, 56-59.

7. Ná habair sin ar sise
mo dhiúltadh ní dhlígei-se
ní misde an teagh i dtair mé
nocha bean mar [sain] sinne. ----- (*a dhìth*)
8. An chuing do chuireas oram
ní bhia mé dá míochomhall
bean riamh im theagh i dtair mé
nocha bean mar [sain] sinne.
7. A chwnng di *chwrriis orrwmm*
ne weit mai ga me chugin
Ben reyve im hey ne hikkow
a wen a dear osl<ow>
9. Osgladh i n-onóir Mhuire
Cuinghis ar an gcríosduidhe
do bhí an [adhaigh] go fuar fliuch
's do labhair go truagh tuirseach. *faic rann 5 gu h-àrd airson an dà loidhne seo*

Na artaigil air tèama *a' ghattha-grèine tro ghlainne* rinn Andrew Breeze iomradh air rann bhon dàn 'Iomdha sgéal' agus dh'innis e dhuinn gum b' e Aonghus Ó Dálaigh (c.1600) a rinn e.⁶⁸⁵ A rèir Mhic Cionnaith rugadh Aonghus Fionn Ó Dálaigh mu 1548⁶⁸⁶ agus bhon uair sin tha Pádraig Ó Fiannachta air gabhail ri sin ag ràdh, 'Glacaim le tuairimí Láimhbheartaigh Mhic Cionnaith i dtaobh cérbh é.'⁶⁸⁷ Ach leis gu bheil a' bhloigh seo den dàn ann an Leabhar an Deadhain tha Aonghus Fionn Ó Dálaigh ro anmoch.⁶⁸⁸ Co-dhiù, mar a chì sinn gu h-ìosal tha na làmh-sgrìobhainnean a bhios ag ainmeachadh Aongus Fionn uile bhon ochdamh is naoidheamh linn deug. Tha an t-ainm Dòmhnall mac Daire a' nochdadh leis an dàn ann am fear de na tùsan a bhuineas don ochdamh linn deug.⁶⁸⁹ Tha e coltach gur beag an t-eòlas a th' againn air Dòmhnall mac Dáire [Mhic Bhruaidheadha] ach gun robh e ri bàrdachd aig deireadh na siathamh linn deug.⁶⁹⁰ Mar sin, dh'fhàgadh sin am bàrd ud ro anmoch cuideachd. Tha an nota, a tha ag innse gum b' e Dòmhnall mac Daire am bàrd, ann an làimh anmoch co-dhiù, nas anmoiche na ceann-latha na làmh-sgrìobhainn fhèin.⁶⁹¹

Tha nota leis na seachd rannan ann an Leabhar an Deadhain ag innse dhuinn gum b' e Tadhg Óg (bàs mu 1448) a rinn an dàn (*A Houdir so Teyg Ooyg O Hwggín*). Anns a' chlàr gu h-ìosal gheibhear iomradh air na tùsan a chleachd MacCionnaith⁶⁹² agus

⁶⁸⁵ Breeze, 'The Blessed Virgin and the Sunbeam', 19.

⁶⁸⁶ McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, vii.

⁶⁸⁷ Pádraig Ó Fiannachta, 'Dán agus Diagacht: Aonghus Fionn' ann am Pádraig Ó Fiannachta (deas.), *An Dán Díreach: Léachtaí Cholm Cille XXIV* (Maigh Nuad: An Sagart, 1994), 37.

⁶⁸⁸ Chaidh mothachadh do seo roimhe, faic T. F. O'Rahilly, 'Indexes to the Book of the Dean of Lismore', *Scottish Gaelic Studies* 4 (1934-35), 44.

⁶⁸⁹ Baile Àtha Cliath, RIA LS 23 M 16.

⁶⁹⁰ Bergin, *Irish Bardic Poetry*, 52-54.

⁶⁹¹ O' Rahilly, *Catalogue*, Fasciculi VI-X, 882.

⁶⁹² McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, 59.

an uair sin túsan eile airson an dàin.⁶⁹³ Tha *Bunachar Fhilíocht na Scol* a' cur air adhart gum buin an dàn do mheadhan na còigeamh linn deug. A bheilear, mar sin, a' gabhail ri Tadhg Óg mar ùghdar?

TùsanLinnBàrd air ainmeachadh

Na tùsan a chleachd MacCionnaith

Baile Àtha Cliath, RIA, LS 24 L 6	17/18mh	gun urra
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 M 16	18mh	Domhnall mac Daire
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 G 27	18/19mh	Ó Dála Fionn
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 G 23	19mh	Aongus Ua Dála na Diaghachta

Na tùsan eile airson an dàin

Leabhar an Deadhain	16mh	Tadhg Óg hUiginn
Leabhar Uí Chonchubhair Dhuinn	17mh	gun urra
Baile Àtha Cliath, NLI, LS G 117	17/18mh	<i>nescitur author</i>
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 L 29	18mh	O' Dála Fionn
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 L 37	18mh	gun urra
Maigh Nuad, NUI, LS M 84	18mh	gun urra
Maigh Nuad, NUI, LS C 88	18mh	gun urra
Baile Àtha Cliath, TCD, LS 1347 (H 4.5)	18mh	gun urra
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 G 21	18/19mh	gun urra
Baile Àtha Cliath, RIA, LS 23 N 35	19mh	Aonghas Ó Dála Fionn
Baile Àtha Cliath, RIA, LS F vi 1	19mh	Ó Dála Fionn .i. Aongus
Baile Àtha Cliath, RIA, LS F ii 2	19mh	Aongus Ó Dála na Diadhachta
Maigh Nuad, NUI, LS M 70	19mh	Aongus Ó Dála na Díadhochta
Maigh Nuad, NUI, LS M 72	19mh	Aóngus na Díadhachta
Maigh Nuad, NUI, LS M 96	19mh	Aóghus na Díadhochta

Mar sin, chan eil e idir cinnteach cò rinn an dàn ach às an triùir a tha ceangailte ris chan eil ach Tadhg Óg tràth gu leòr.

7.2 Tùs airson Sgeul an Dàin

Ged nach eil ach bloigh den dàn ann an Leabhar an Deadhain thèid sgrùdadh a dhèanamh anns a' chaibideil seo air an dàn air fad. Tha an dàn ag innse mu òglach a' fuireach na dhìthreabhach san fhàsach. Thig an Diabhal dhan doras aige ann an riochd mnà ga bhuaireadh ach aig a' cheann thall thig Moire dhan doras cuideachd agus le bhith a' cur ìmpidh air an òglach sealltainn dhi mar a nì i 'Cros an Dúilimh'. Gheibh i steach dhan taigh agus aon uair is gun dèan i sin bidh am boireannach (i.e. an Diabhal) a tha san taigh còmhla ris an òglach a' dol à sealladh. Dh'aithnich Quiggin agus daoine eile às

⁶⁹³ Airson a' chlàir seo chleachd mi *Bunachar Fhilíocht na Scol* (<http://bardic.celt.dias.ie/>); T. K. Abbot, *Catalogue of the Manuscripts in Trinity College Dublin* (Dublin: Hodges, Figgis & Co., 1900); O' Rahilly, *Catalogue*; Pádraig Ó Fiannachta et al., *Lámhscríbhinní Gaeilge Cholaiste Phádraig, Má Nuad 7 leabhraichean* (Má Nuad: An Sagart, 1943-1972); Nessa Ní Sheaghda, *Catalogue of Irish Manuscripts in the National Library of Ireland*, 13 leabhraichean (Dublin: DIAS, 1961-1991).

a dhèidh gu bheil sgeul an dàin a' dol air ais gu rudeigin a gheibhear aig Tyrannius Rufinus (neo Rufinus Aquileiensis) (c.345 – 410).⁶⁹⁴ Bha Rufinus na mhanach Eadailteach a chuir seachad ùine san Èipheit agus Ierusalem; dh'eadar-theangaich e teacsaichean Greugais gu Laideann.⁶⁹⁵ Seo an dreach den sgeulachd aig Rufinus bho *De Vitis Patrum*:

Erat enim, inquit, quidam monachus qui in propinqua solitudine degebat in spelunca, et omnem ostenderat exercitationem, et propriis manibus panem sibi quaerebat. Postquam autem permansit in orationibus, et profecit virtutibus, in seipso deinceps habuit fiduciam, fretus pulchro suae vitae instituto. Qui autem tentat, eum quoque, sicut Job, expetiit ad tentandum, et ei vespere praebeat phantasiam formosae mulieris errantis per solitudinem. Quae cum ostium invenisset apertum, ingressa est speluncam; et procumbens ad viri genua, petiit ut sibi illic liceret quiescere, utpote quod nox eam apprehendisset. Ille autem cum ejus esset misertus, quod quidem non debuit, eam admisit in speluncam, et de errore illam est percontatus. Illa vero et narravit, et blanda ac fallacia verba inspersit, et sermonem diu cum eo protraxit. Eum autem sensim nescio quomodo pelliciebat ad amorem; pluraque deinceps verba inter se conserunt, ridentque ac subrident, eumque ipsa multo sermone seduxit, et deinde contrectatione manus et barbae et cervicis; et tandem exercitorem redegit in servitutem. Cum autem ille internis versaretur cogitationibus, deinde ut qui jam rem haberet in manibus, reputans opportunitatem et voluptatis explendae securitatem, cogitationi assentitur, et tentat cum ea habere consuetudinem, ut qui jam evasisset insipiens et equus in feminas insaniens. Illa vero cum repente magna voce exclamasset, evasit evanescens ex ejus manibus non secus ac umbra aliqua. Risus autem in aere auditur multorum daemonum qui ipsum increpabant et in fraudem induxerant, et magna voce ad ipsum clamabant: Qui se exaltat, humiliabitur. Tu autem usque ad coelos quidem es exaltatus, humiliatus vero es usque ad abyssos. Exinde surgit mane nocturnum luctum attrahens; et cum totum diem transegisset in lamentatione, sua desperata salute, quod non debuit, in mundum reversus est.⁶⁹⁶

Bha mar eisimpleir, thuir e, manach san fhàsach as fhaisge a dh'fhuirich ann an uamh, agus chùin e an smachd cruaidh-chràbhach a bu threasa agus fhuair e aran làitheil le saothar a làmban fhèin. Air sgàth is gun do lean e air le ùrnaighean agus rinn e adhartas sna deagh-bheusan bha earbsa aige ann fhèin, agus e a' cur muinghinn na dheagh dhòigh-beatha. Agus chuir am fear a bhios a' buaireadh ga iarraidh cuideachd, coltach ri Iob, agus air an fheasgar thug e dha coltas (no manadh/ taibhse) mnà bòidheach air chall san fhàsach. Nuair a fhuair i an doras fosgailte, chaidh i a-steach dhan uamh. Agus ga tilgeil fhèin aig glùinean an duine ghuidh i air leigeil leatha fuireach bhon a bha an oidhche air tighinn oirre. Ghabh e truas rithe, rud nach bu chòir dha. Thug e cead dhi tighinn a-steach dhan uamh agus chuir e ceistean oirre mun t-

⁶⁹⁴ Dùn Èideann, NLS, LS 14870, duilleag 289; O'Dwyer, Mary, 196 nota 120; Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge*, 249.

⁶⁹⁵ John Bowden (deas.), *Christianity: The Complete Guide* (London: Continuum, 2005), 1306.

⁶⁹⁶ Seo bho Migne, *Patrologiae*, Leabhar LXXIII, col. 1147-48; faic cuideachd Leabhar XXI, col. 399 den aon sreath (*Historia Monachorum*). Tha eadar-theangachadh Beurla aig Norman Russell (eadar-theang.), *The Lives of the Desert Fathers: The Historia Monachorum in Aegypto* (Kalamazoo: Cistercian Publications, 1980), 56-57.

seacharan. Agus dh'innis ise dha, agus chuir i ris briathran brosgalach agus cealgach, agus chùm i oirre a' bruidhinn ris airson ùine fhada. Agus beag air bheag gun fhios ciamar mbeall i e gu gaol. Lean an còmhraidh eatorra air adhart le tuilleadh briathran, le gàire agus spòrs, leis na bha sin de chòmhraidh thàlaich i e agus an uair sin chuir i a làmban air fheusag agus air ambach. Mu dheireadh bha an neach-fàsaich mar thràill aice. A thaobh an duine, bha inntinn trang le smaointean gun robh an gnothach mu thràth na chomas agus gun robh an cothrom agus an saorsa aige a thoil a shàsachadh. Cheadaich e do na smaointean, agus dh'fheuch e ri feise leatha a-nise leis gun robh e air bhoile, mar àigeach leis an dàir a' feuchainn ri dhol air muin làir. Gu h-obann leig i mach glaoth agus a' faighinn a-mach às a làmban chaidh i à sealladh mar gum biodh faileas. Chualas lachanaich tòrr dheambain san adhar, na deambain a bh' air a stiùireadh do chealg ga chronachadh agus ag èigheachd ris, 'Ge b' e neach a dh'àrdaicheas e fèin, islichear e. [Lucas 14.11 agus 18.14] Dh'àrdaich thu thu fhèin suas gu na nèamhan dh'ìrioslaicheadh tu sìos dhan àibheis.' An uair sin dh'èirich e sa mbadainn agus e a' slaodadh na cùis truagh uile air a chùlaibh. Chuir e seachad fad an latha a' caoidh agus a' cur teagamh na shàbhaladh, rud nach bu chòir dha, thill e dhan t-saoghal.

Mar sin, ann an sgeul Rufinus chaidh manach a bhuaireadh. Chuir e roimhe fhèin na inntinn a dhol leis a' bhoireannach agus dh'fheuch e ach cha deach aige air. Tha comhairle leis an sgeulachd a tha ag innse gun aitreabh a dhèanamh faisg air boireannaich agus gun tuiteam ann an eu-dòchas airson ar sàbhaladh.

Sgrìobh Íde Ní Uallacháin na leanas, 'Téann scéal an dáin 'Iomdha sgéal maith ar Mhuire' le hAonghus Fionn Ó Dálaigh siar go hAithreacha na hEaglaise agus Jacques de Vitry.⁶⁹⁷ Chaochail am Frangach de Vitry, a bha na easbaig ann an Acre, ann an c.1240.⁶⁹⁸ Chan eil mi fhìn cho cinnteach mun cheangal eadar 'Iomdha Sgéal' agus exemplum Jacques de Vitry. Bidh an aon seòrsa rud a' tachairt; bidh boireannach a' buaireadh manach. Ach ann an sgeul Jacques de Vitry 's e boireannach saoghalta nàireach (*turpis*) is chan e creutair os-nàdarrach sam bith a bhios a' feuchainn ri dìthreabhach a bhuaireadh. Anns an dorchadas gheibh i tron doras agus an taic an teine togaidh i a h-aodach gum faic am fear a casan. Cuiridh esan bacadh air a' bhuaireadh a tha e a' faireachdainn ann fhèin le bhith a' losgadh a làimhe fhèin a dh'aona-ghnothach le coinneal, corrag an dèidh corraig. Canaidh am manach ris fhèin, 'Si non potes hunc modicum ignem sufferre, quomodo ignem gehennalem posses sustinere'. (*Mura tèid agad air an lasair bheag seo fbulang ciamar a theid agad air lasraichean Ifrinne a ghiùlan*).⁶⁹⁹ Tha am boireannach air a h-uamhasachadh cho mòr a' coimhead air seo gum bàsaich i leis an eagal. Thig caraidean a' bhoireannaich agus iarraidh iad air a' mhanach guidhe do Dhia beatha a chur air ais innte agus 's e sin a thachras. Tha beatha naomh aice an dèidh dhi

⁶⁹⁷ Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge*, 249. ('Thèid sgeul an dàin 'Iomdha sgéal maith ar Mhuire' le Aonghus Fionn Ó Dálaigh gu Athraichean na h-Eaglaise agus Jacques de Vitry.')

⁶⁹⁸ Airson eachdraidh beatha Jacques de Vitry faic Crane, *The Exempla*, xxii-xxxiv.

⁶⁹⁹ Crane, *The Exempla*, 103 agus 236-37.

bhith air a dùsgadh. Mar sin, saoilidh mi gu bheil cus ann a tha eadar-dhealaichte eadar sgeul an dàin/ sgeul Rufinus agus sgeul Jacques de Vitry.

'S i Moire an t-eadar-dhealachadh as motha eadar sgeul Rufinus agus 'Iomdha Sgéal' leis nach eil i a' nochdadh idir aig Rufinus. Bheirear sùil a-nise air dàn Beurla a tha rudeigin coltach ri 'Iomdha Sgéal'. 'S e sin an dàn 'A monke ther was in oon abbay' a gheibhear ann an làmh-sgrìobhainn Shasannach (Lunnainn, BL Additional LS 39996) a rinneadh mu 1450.⁷⁰⁰ Chan eil e idir co-ionann bhon a tha a h-uile sìon san dàn Bheurla seo a' gabhail àite ann an abaid. Ach tha an dàn cuideachd a' toirt dhuinn an Diabhal ann an riochd mnà a' feuchainn ri manach a mhealladh. Tha an Diabhal farmadach air sàillibh 's gu bheil 'grete devocioun' aig a' mhanach do Mhoire:

The Devel then envye hade
For the prayeres that he made.
He made hym in all manere
As he a faire womman were.
Ech a day he wolde tho
Bifore the monke come and go,
That atte laste the monke wes
Gretely tempted in his flesshe.
To the womman his wille he tolde
And asked hir if she wolde
His paramour in privetee be
Outher for catel other for fee.
The Devel then was ful glad
And graunted hym his wille rad.⁷⁰¹

'Tha am manach agus am boireannach/Diabhal a' cur air dòigh coinneachadh ann am 'belle hous'. An ath mhadainn an dèidh dhan mhanach èirigh nì e ùrnaigh do Mhoire agus nuair a gheibh e dhan àite ainmichte chan fhaigh e lorg air an doras. Bidh am boireannach/Diabhal a' comhairleachadh don mhanach gun ùrnaigh a dhèanamh do Mhoire ron ath oidhirp coinneachadh agus chithear gu bheil na thachras rudeigin coltach ri 'Iomdha Sgéal':

On that other mornynge, he said noght:
On the womman was al his thoght.
He hyed forth with al his myght:
The dore he fonde anon right.
Withynne the dore proprely
Stode the ymage of Oure Lady.
"Monke," sche saide, "how is this?
At this tyme thou gost amysse.
Go ayeyn and clene the schryve;

⁷⁰⁰ Beverly Boyd, *The Middle English Miracles of the Virgin* (San Marino, California: The Huntington Library, 1964), 61-63; Ruth Wilson Tryon, 'Miracles of Our Lady in Middle English Verse', *Proceedings of the Modern Language Association of America* 38 (1923), 342-44.

⁷⁰¹ Boyd, *The Middle English Miracles*, 61.

This is not the redy way of lyve.
 The wrang way thou art ynne
 Of wrecchednesse and of dedly synne.”
 With that the womman figured was
 In the kynde of Sathanas
 And varyssht away right
 Verreily in many a mannes sight.
 The monke then was ful fayn:
 Into the kirke he yede ayayn,
 And schrofe hym of his mysdede,
 And at the laste to Heven he yede.⁷⁰²

Mar sin, thig Moire eadar fireannach a tha dileas dhi agus an Diabhal ann an riochd mnà anns na dàin ‘Iomdha sgéal’ agus ‘A monke ther was’. Tha suidheachadh an sgeòil ann an ‘Iomdha sgéal’ nas fhaighe air Rufinus ge-tà. Dh’fhaodadh e bhith gun robh am bàrd eòlach air sgeul Rufinus is gun do chuir e ris an ùr-ghnàthachadh mu Mhoire a’ nochdadh aig an doras aige. Tha e soilleir gum feum sinn an dàin fhaicinn mar eisimpleir den chorpas de mhìorbhailean Moire. Bha cruinneachaidhean de mhìorbhailean gan dèanamh sna meadhan-aoisean agus thèid sgrùdadh a dhèanamh air a’ chuspair gu h-ìosal. Mus tèid ceist nan tùsan fhàgail b’ fhiach a ràdh cuideachd gum faighear a’ mhìorbhail seo ann an rosg ann an làmh-sgrìobhainn Èireannach a chaidh a sgrìobhadh ann an 1782, ‘Siompladh Diadha Anaigh Caithaidh Urchoideach An Diabhail’.⁷⁰³ Tha e air leth faisg air sgeul an dàin.

7.3 An Dàn agus Leabhar an Deadhain

Mus tig sinn gu beachdachadh air cruinneachaidhean nam mìorbhailean bheirear sùil air àite an dàin seo ann an Leabhar an Deadhain fhèin. Chan eil ach na seachd rannan den dàin ann ge-tà ach a dh’aindeoin sin tha iomradh ga dhèanamh sa chaibideil seo (ann an dòigh dh’fhaodte nach eil glic!) air ceanglaichean eadar an dàin air fad agus Leabhar an Deadhain. Dh’fhaodamaid gabhail ris gum b’ aithne do luchd-sgrìobhaidh an Leabhair an dàin air fad ged nach deach ach bloigh a sgrìobhadh a-steach dhan Leabhar. Chan eil fianais sam bith ann airson sin ge-tà.

Ach ann an co-theacs Leabhar an Deadhain tha an dàin (neo fiù bloigh às) a’ cur ris an àireamh de dhàin mu chlàirich dhrùiseil anns an Leabhar. Tha na dàin a leanas bho Leabhar an Deadhain uile a’ dèiligeadh ris a’ chuspair gu ìre air choreigin: ‘A shagairt na hamhsóige’, le Donnchadh Caimbeul (An Ridire Math, bàs 1513)⁷⁰⁴; ‘Mairg

⁷⁰² Boyd, *The Middle English Miracles*, 63.

⁷⁰³ Paul Grosjean, ‘A Miracle of Our Lady’, *Béaloideas* 7 (1937), 195-96.

⁷⁰⁴ Airson eagraan agus eadar-theangachadh faic Gillies, ‘The Gaelic Poems of Sir Duncan Campbell (III)’, 71-76.

bean nach bí ag aon sagart' le Donnchadh mac Dhubhghaill Mhaoil mhic Eòin Riabhaich (bràthair an Deadhain)⁷⁰⁵; 'Do chuidh mise Roibeart féin' gun urra⁷⁰⁶; 'Eistibh a lucht an tighe-se' le Iseabail, ban-iarla Earra-Ghàidheil 'Contissa Ergadien', dh'fhaodte bean Chailein Mhòir, a' chiad Iarla.⁷⁰⁷ Leis gun deach a dhèanamh leis a' Phearsan (in Persone) faodaidh sinn 'Créad fá seachnainn-sa suirghe'⁷⁰⁸ a mheas mar phàirt den bhuidhinn seo cuideachd. Mar sin, 's dòcha gum biodh an dàn air ùidh luchd-sgrìobhaidh an Leabhair a ghlacadh air sgàth an dòigh san robh e a' cur ri cuspairean mòra eile bhon Leabhar: Moire agus clèirich dhrùiseil. Dh'fhaodamaid a ràdh cuideachd gu bheil an dàn a' cur ris na tha san Leabhar air cho cunnartach is a tha na boireannaich.⁷⁰⁹

7.4 Mìorbhailean Moire

Leis gu bheil an caibideil seo agus an ath chaibideil a' dèiligeadh ri mìorbhailean anns a bheil Moire a' toirt cobhair do pheacach thèid coimhead an seo air cruinneachaidhean de mhìorbhailean Moire agus na beachdan aig sgoilearan orra. Tha àireamh mhòr de mhìorbhailean mu Mhoire air tighinn thugainn bho na meadhan-aoisean eadar Laideann agus cànan eile.⁷¹⁰ Mar a dh'aithnich Peter Whiteford tha eachdraidh glè fhada aig cuid de na mìorbhailean ach b' ann sna meadhan-aoisean a rinneadh na cruinneachaidhean.⁷¹¹ Bha cruinneachaidhean tràth ann, gu h-àraid às an Fhraing, a chlàraich mìorbhailean aig aon ionad-coisrigte a-mhàin.⁷¹² Ach an uair sin thòisichadh a' dèanamh

⁷⁰⁵ Duilleag 223 den Leabhar. Chan eil eagan ann ach faic Gillies, 'Courtly and Satiric Poems', 42 airson iomradh air cuspair an dàin.

⁷⁰⁶ Chan eil ach rann a-mhàin ann is chaidh a dheasachadh le Gillies, 'Courtly and Satiric Poems', 42.

⁷⁰⁷ Duilleag 251 den Leabhar. Tha eagan den dàn ann am M. Maclean agus T. Dongan (deas.), *An Leabhar Mòr / The Great Book of Gaelic* (Edinburgh: Canongate, 2003), 54. Rinn Anne Frater an t-eadar-theangachadh; tha seo a' nochdadh san tràchdas PhD aice ach tha e coltach gur e Meg Bateman a rinn an tionndadh ge-tà; faic Anne C. Frater, 'Scottish Gaelic Women's Poetry up to 1750', tràchdas PhD gun a fhoillseachadh, University of Glasgow (1994), Leabhar I duilleag 7 agus Leabhar II, 354. Ach thuirt Gillies mun eagan seo 'The point and punch-line of this poem have eluded a would be translator', William Gillies, 'The Land of the Little People in Medieval Gaelic Literary Tradition', ann an Alasdair A. MacDonald agus Kees Dekker (deas.), *Rhetoric, Royalty, and Reality: Essays on the Literary Culture of Medieval and Early Modern Scotland* (Paris: Peeters, 2005), 67 nota 50.

⁷⁰⁸ Eagan agus eadar-theangachadh aig Gillies, 'Créad fá seachnainn-sa suirghe'.

⁷⁰⁹ Airson toiseach-tòiseachaidh air a' chuspair faic Gillies, 'Courtly and Satiric Poems'.

⁷¹⁰ Air na mìorbhailean aig Moire san fharsaingeachd faic Ward, *Miracles and the Medieval Mind*, 132-65; Evelyn Faye Wilson (deas.), *The Stella Maris of John of Garland* (Cambridge, Mass.: Wellesley College, 1946), 10.

⁷¹¹ Peter Whiteford (deas.), *The Myracles of Oure Lady: ed. from Wynkyn de Worde's edition* (Heidelberg: Carl Winter Universitätslag, 1990), 10.

⁷¹² Bull, *The Miracles of Our Lady*. Tha geàrr-chunntas agus deasbad feumail air na mìorbhailean ionadail Frangach aig Gabriela Signori, 'The Miracle Kitchen and its Ingredients: A Methodical and Critical Approach to Marian Shrine Wonders (10th to 13th century)', *Hagiographica* 3 (1996), 277-303.

chruinneachaidhean nach robh a' sònrachadh aon àite, gu h-àraid ann an Sasainn.⁷¹³ Rinn Anselm à Bury St. Edmunds cruinneachadh ro 1125⁷¹⁴ agus rinn Dominic Prior Evesham cruinneachadh eile ro 1130.⁷¹⁵ Chleachd Uilleam à Malmesbury an dà chruinneachadh sin na *Miracula Sanctae Mariae Virginis* a rinn e ro 1141.⁷¹⁶ Bhiodh mìorbhailean Moire a' nochdadh an cois obair eile cuideachd mar a bhios anns an *Speculum Historiale*⁷¹⁷ aig Vincent de Beauvais (bàs 1264) agus ann an cruinneachaidhean mar na *Legenda Aurea*. Air sàillibh 's gun robh an *Speculum* agus na *Legenda Aurea* cho bitheanta sna meadhan-aoisean bhiodh na mìorbhailean sin mu Moire a' nochdadh uair is uair.

Bhiodh na mìorbhailean tric a' nochdadh ann am bàrdachd sna meadhan-aoisean cuideachd. Mar eisimpleir, rinn am bàrd Uilleam Adgar dàin dhiubh ann am Fraingis Anglo-Normanach mu 1165⁷¹⁸ agus rinn Nigel à Canterbury dàin Laidinn ro 1200.⁷¹⁹ Chùm an traidisean seo a' dol feadh nam meadhan-aoisean, mar a tha sinn air faicinn san dàn 'Iomdha sgéal' agus san dàn Beurla.⁷²⁰ Ann an cuid a dh'àitichean rinneadh dealbhan-cluiche de na mìorbhailean cuideachd.⁷²¹ Chan ann a-mhàin ann an litreachas a bhiodh na mìorbhailean a' togail ceann ge-tà. Bhiodh ìomhaighean de na mìorbhailean a' nochdadh ann an uinneagan neo air ballachan eaglaise agus ann an

⁷¹³ R. W. Southern, 'The English Origins of the "Miracles of the Virgin"', *Mediaeval and Renaissance Studies* 4 (1958), 176-216.

⁷¹⁴ Rubin, *Gentile Tales*, 10.

⁷¹⁵ Southern, 'The English Origins', 182-83.

⁷¹⁶ Air a' chruinneachadh aig Uilleam à Malmesbury faic, Peter Carter, 'The Historical Content of William of Malmesbury's Miracles of the Virgin Mary', ann an R. H. C. Davis & J. M. Wallace-Hadrill (deas.), *The Writing of History in the Middle Ages: Essays Presented to Richard William Southern* (Oxford: Clarendon Press, 1981), 127-65. Airson eagrann de na *Miracula* faic, José Maria Canal (deas.), *El Libro "De Laudibus et Miraculis Sanctae Mariae" de Guillermo de Malmesburg* (Roma: Alma Roma, 1968).

⁷¹⁷ Michel Tarayre, *La Vierge et Le Miracle: Le Speculum Historiale de Vincent de Beauvais* (Paris: Honoré Champion, 1999). Tha Vincent de Beauvais ag ràdh gun do chleachd e *Mariale magnum* agus tha deasbad ann air dè bha e a' ciallachadh, faic James W. Marchand, 'Vincent de Beauvais, Gil de Zamora et Le Mariale Magnum' ann am B. Baillaud et al. (deas.), *Discours et Savoirs : Encyclopédies Médiévales* (Rennes: Presse Universitaires de Rennes, 1998), 101-15.

⁷¹⁸ Southern, 'The English Origins', 202-03. Airson eagrann faic Pierre Kunstman (deas.), *Le Gracial* (Ottawa : Editions de l'Université d'Ottawa, 1982) agus sgrùdadh aig Jennifer Shea, 'Adgar's Gracial and Christian Images of Jews in Twelfth-Century Vernacular Literature', *Journal of Medieval History* 33 (2007), 181-96.

⁷¹⁹ Jan Ziolkowski (deas.), *Nigel of Canterbury, Miracles of the Virgin Mary, in Verse* (Toronto: Centre for Medieval Studies, 1986).

⁷²⁰ Tha catalog uabhasach feumail de na mìorbhailean ann am Beurla aig Whiteford, *The Myracles*, 97-133.

⁷²¹ Gaston Paris agus Ulysse Robert (deas.), *Miracles de Nostre Dame par Personnages*, 8 leabhraichean (Paris: Firmin Didot, 1876-93); Nigel Wilkins (deas.), *Two Miracles: La Nonne qui Laissa Son Abbaie/San Valentin* (Edinburgh: Scottish Academic Press, 1972).

làmh-sgrìobhainnean. A rèir Carol M. Meale, 'By the fourteenth-century, depictions of the miracles of the Virgin (often preceded by scenes of her life) are regularly found.'⁷²² 'S e Leabhar-Uairean a' Bhealaich, a chaidh ainmeachadh ann an Caibideil 4, aon eisimpleir dhiubh seo. Mar sin, chan ann a-mhàin gun cluinneadh an luchd-èisteachd sgeulachdan mu mhìorbhailean Moire ach bhiodh cothrom aig cuid dealbhan fhaicinn cuideachd.

Tha feadhainn de na mìorbhailean a bu chumanta mu Mhoire a' nochdadh ann an Alba san *Scotichronicon* aig Walter Bower sa chòigeamh linn deug. Tha Bower ag innse sgeulachd Theophilus, sgeul glè bhitheanta mu dhuine a reic anam dhan Diabhal, le cuideachadh bho dhraoidh Iùdhach, gus am faigheadh e àrdachadh dreuchd san eaglais. Ach le cobhair bho Mhoire fhuair e a-mach às a' chùmhannant.⁷²³ Tha Bower cuideachd ag innse sgeul mu bhoireannach a chuir air dòigh murt a cliamhainn. Nuair a fhuair e a-mach mu dheidhinn chaidh an t-òrdugh a thoirt seachad a losgadh gu bàs ach:

Sed prius ducta ad ecclesiam Beate Dei Genitricis Marie, peccatum suum coram Deo et hominibus ex ordine narravit, et sic meritis et precibus sanctissime Virginis Marie se ipsam fideliter commendavit.⁷²⁴	<i>Ach an toiseach thugadh i gu eaglais Naomh Moire Màthair Dhè, far an do dh'aitbris i a peacadh air beulaibh Dhè agus dhaoine agus dh'fhàg i i fhèin gu dìleas an urra ri buaidh agus ùrnaighean na h-Òighe Moire ro-naomh.</i>
--	--

Mar sin, dà thuras cha do rinn an teine cron sam bith air a' bhoireannach. Thug Anndra à Wyntoun dà mhìorbhail mu Mhoire dhuinn cuideachd na *Orygynall Cronykil of Scotland*; sgeul Theophilus agus sgeul mun Phàpa Leo a ghèarr dheth a làmh fhèin an dèidh do bhoireannach a làmh a phògadh agus e air ana-miann na feòla fhaireachdainn. Cheangail Moire a làmh air ais ri ghàirdean.⁷²⁵ Mar sin, chì sinn gu follaiseach gun robh co-dhiù cuid de mhìorbhailean Moire aithnichte ann an Alba, a' toirt dhuinn co-theacs airson nam mìorbhailean mu deidhinn a gheibhear ann an Leabhar an Deadhain.

Ach an tèid againn air rud sam bith ionnsachadh mu chràbhachd na Gàidhealtachd bho na mìorbhailean ann an 'Iomdha sgéal' agus anns an dàn san ath chaibideil, agus dè na beachdan a th' aig sgoilearan air an t-seòrsa cràbhachd seo do Mhoire? Tha e soilleir gu bheil sgoilearan ann a tha gu math mì-chofhurtail mu dheidhinn mìorbhailean Moire ach tha feadhainn eile a' moladh gun gabh tòrr

⁷²² Meale, 'The Miracles of Our Lady', 126.

⁷²³ Bower, *Scotichronicon*, Leabhar II, 76-77.

⁷²⁴ Bower, *Scotichronicon*, Leabhar IV, 112-15. Tha an aon sgeul ach le deireadh eadar-dhealaichte sna *Legenda Aurea*, faic de Voragine, *The Golden Legend*, Leabhar II, 157-58.

⁷²⁵ F. J. Amours (deas.), *The Original Chronicle of Andrew of Wyntoun*, 6 leabhraichean (Edinburgh: Scottish Text Society, 1906), Leabhar IV, 14-15 agus 46-53. Airson eachdraidh na mìorbhail mu Leo faic Lee, 'This is no Fable'.

ionnsachadh asta. Bidh cuid de sgoilearan ag aithneachadh a' bhuaidh a bh' aig diadhairean leithid Bernard à Clairvaux a thuirt na leanas san dàrna linn deug, 'Opus enim mediatore ad Mediatorem istum, nec alter nobilis utilior quam Maria' (*Tha feum aig mac an duine air eadar-mheadhanair leis an Eadar-Mheadhanair sin, agus chan eil neach cho èifeachdach ri Moire*).⁷²⁶ Chaidh a ràdh gum biodh an leithid bho Bhernard air buaidh mhòr a thoirt air diadhachd nam meadhan-aoisean ceangailte ri Moire.⁷²⁷ Tha feadhainn eile ann ge-tà, a bhios a' coireachadh 'popular religion' airson sgeulachdan mar seo mu Mhoire. Mar eisimpleir, thuirt Peter Whiteford:

Theologians strove to keep her mediation distinct from and subordinate to that of Christ, but popular belief cheerfully blurred the distinction. For in spite of the high lineage which these stories undoubtedly had, it is equally true that they had great appeal for the simple and unlettered people... And just as their popularity can be related to the doctrinal and devotional developments found in writers of the calibre of Anselm of Canterbury and Bernard of Clairvaux, it can no doubt also be attributed to the superstition and credulity which are to be found in popular medieval religion.⁷²⁸

Chan eil a h-uile duine ag aontachadh ris a' bheachd seo ge-tà. Tha Gabriela Signori ag ràdh

Hymnical praises of the Virgin, enriched with biblical quotations and according the mother an equal status with her son, abound. This was at variance with theological notions, but was the result of contradicting views among the learned and did not, as often postulated, reflect the religious beliefs of the laity.⁷²⁹

Mar sin, tha eas-aonta ann air cò as coireach airson bunadh nam mìorbhailean agus a bharrachd air sin tha iomadh beachd agus dòigh-dèiligidh ann air dè as urrainnear a ràdh mun deidhinn agus air an dòigh a thèid an cur gu feum le sgoilearan ma thèid idir. Air uairean gheibhear càineadh air 'Mariological excesses'.⁷³⁰ Dh'fhoillsich sgoilear Èireannach eagan de dhàn cràbhaidh o chionn ghoirid, an dàn 'Múin aithrighe dhamh, a Dhé' a chuireadh às leth a' bhàird Tadhg Óg. Anns an dàn tha boireannach trom an dèidh dhi feise le mac fhèin agus mharbh i an leanabh. Sheall an sgoilear dhuinn gu bheil dreach den aon sgeul anns na *Gesta Romanorum* agus bhruidhinn e air:

The unlikely intervention of the Blessed Virgin Mary, which is quite awkwardly rationalized on the basis that, though the guilty woman in regularly confessing her sins concealed the sins of incest and murder, she

⁷²⁶ Bauckham, 'The Origins and Growth', 156; Laideann bho *Library of Latin Texts Online* (CLCT), http://www.brepols.net/info/info_clt_en.html (An t-Samhainn 2009).

⁷²⁷ Graef, *Mary*, 239.

⁷²⁸ Whiteford, *The Myracles of Our Lady*, 17.

⁷²⁹ Signori, 'The miracle kitchen', 297.

⁷³⁰ Bauckham, 'The Origins and Growth', 154.

nevertheless is described as having been very devoted to the Virgin Mary and having distributed great alms for love of her.⁷³¹

Ach chuirinn air adhart gum faod e bhith gun cuireadh an fheallsanachd seo mu Moire iongnadh air an nua-leughadair ach nach biodh e ach àbhaisteach do luchd-èisteachd anns na meadhan-aoisean. 'S dòcha gu bheil e cudromach cuimhneachadh gum bi Moire tric a' dèiligeadh ri peacaidhean trom-chùiseach anns na mìorbhailean seo. Tha Sarah Kay air mothachadh do seo agus thuirt i gum bi a' chuid as motha de naoimh a' dèiligeadh ri 'humdrum needs' ach gum bi Moire a' dèiligeadh ri 'lost lives and lost souls'.⁷³² Airson luchd-èisteachd anns na meadhan-aoisean tha e coltach mar sin gum b' i Moire an roghainn fhollaiseach do dhaoine ann am fìor-èiginn. Tha e soilleir gur e suidheachadh èiginneach a bha mu choinneamh an òganaich ann an 'Iomdha sgéal' agus tha suidheachadh èiginneach eile san dàn anns an ath chaibideil cuideachd.

Tha sgoilearan eile air oidhirp a dhèanamh a bhith nas fialaidh mu na mìorbhailean agus iad a' feuchainn ri feum nam mìorbhailean aithneachadh. Mar eisimpleir, thuirt Eileen Power na leanas:

If behind all the superficiality and irresponsibility of the miracles we look more closely at the Virgin of the middle ages, we shall perceive that she does represent the deepest and most essential side of the Christian religion, the insistence on faith, the power of love to blot away sin, above all the infinite mercy.⁷³³

Tha Carol. M. Meale a' toirt seo ceum eile agus i a' leudachadh air an dòigh-smaoineachaidh seo. Tha i a' moladh gum bu chòir dhuinn gabhail ri gnè thoibheumach nam mìorbhailean ach an ionnsaich sinn mu adhbhar agus amas. Tha i a' mìneachadh seo mar a leanas:

The devotional needs which were satisfied by the miracles can have been of no high order. Yet while they offer no profound spiritual insight, they do succeed in conveying important truths about religious practice... The miraculous, far from being an end in itself, is rather a means to an end, in demonstrating exemplary patterns of faith.⁷³⁴

Mar sin, tha dòigh-dèiligidh Meale a' ceadachadh dhuinn na mìorbhailean a mheas mar shoitheach airson teagaisg. Bha seo a' dèanamh ciall do Walter Bower, sna 1440an, a dh'innis gum b' fhiach e na mìorbhailean mu Mhoire a thoirt seachad agus meòrachadh air ciall an fhacail *ave* mar a leanas, 'opere precium est referre aliqua que ad horas eius decantandas lectorem valeant incitare' (*Is d' fhiach e an seo iomradh a thoirt air rudan a*

⁷³¹ Cathal Ó Háinle, 'Múin aithrighe dhamh, a Dhé revised', *Ériu* 54 (2004), 107.

⁷³² Kay, *Courtly Contradictions*, 184.

⁷³³ Tha an ro-ràdh aig Power ann an Herolt, *Miracles of the Blessed Virgin Mary*, xxxiv-xxxv.

⁷³⁴ Meale, 'The Miracles of Our Lady', 135.

dh'fhaodadh toirt air daoine a b-uairean a sheinn.)⁷³⁵ Tha Kay a' cur ris an sgoilearachd seo agus i meas gu bheil na mìorbhailean nas motha na Moire fhèin:

This linking of the Virgin with ecclesiastical ritual suggests that Mary often has a metaphorical role in these stories, designating less a person than Mother Church. Those who are saved by her intervention usually have a record of devotion expressed through liturgical texts: hymns, anthems and psalms. The texts teach that adherence to the Church as an institution will ensure salvation for the sinner, however grievous his sin, provided he continues to practice her rites.⁷³⁶

Bheir an dòigh-dèiligidh seo cothrom dhuinn na mìorbhailean a chleachdadh mar uinneag air cleachdaidhean cràbhaidh neo moladh air cleachdaidhean cràbhaidh. Tha seo gu h-àraid feumail airson Gàidhealtachd na h-Alba; ged a bhiodh an diadhachd rudeigin cugallach ann an cuid de na dàin is urrainn dhuinn togail air na cleachdaidhean cràbhaidh a thathar a' moladh annta.

Ma choimheadas sinn air 'Iomdha sgéal' san dòigh seo chì sinn gu bheil an dàn a' teagasg rudan a dhèanamh 'i n-onóir Mhuire'. Anns an dàrna rann gheibh sinn air an òglach 'nach tug eiteach na honóir'⁷³⁷ (*nach do dhiùlt e rud sam bith na h-onair*). Tha an loidhne seo eadar-dhealaichte ann an Leabhar an Deadhain: 'gin dug frettyt no honnoir', i.e. 'gun tug freiteach na h-onóir,' a' ciallachadh gun tug e seachad bòid na h-onair. An uair sin thèid an doras fhosgladh do Mhoire san dàn (rannan 9 is 10) 'i n-onóir Mhuire'; chan eil an loidhne seo aig Leabhar an Deadhain. Tha seo mar uinneag dhuinn air cràbhachd do dh'ainmean naomha. Mar a thuirt Eamonn Duffy mu ainm Chrìosd, 'faith in the Holy Name was particularly strong in the late Middle Ages, and its mere repetition seemed full of power and blessing.'⁷³⁸ Bha an aon rud fìor mu ainmean nan Trì Rìghrean⁷³⁹ agus mu ainm Mhoire.⁷⁴⁰ Tha fianais againn bho Leabhar an Deadhain fhèin airson cleachdaidhean cràbhaidh gan dèanamh 'i n-onóir Mhuire'. Gheibhear cha mhòr an aon seantans air dà dhuilleig eadar-dhealaichte den Leabhar:⁷⁴¹

⁷³⁵ Bower, *Scotichronicon*, Leabhar VII, 124-25.

⁷³⁶ Kay, *Courtly Contradictions*, 185-86.

⁷³⁷ McKenna, *Dánta do chum Aonghus Fionn*, 56.

⁷³⁸ Duffy, *The Stripping of the Altars*, 284. Airson eachdraidh Fèill Ainm Chrìosd faic Pfaff, *New Liturgical Feasts*, 62-83.

⁷³⁹ Malcolm Jones, *The Secret Middle Ages: Discovering the Real Medieval World* (Stroud: Sutton, 2004), 16

⁷⁴⁰ Air cultus Ainm Moire faic Rosemary Woolf, *The English Religious Lyric in the Middle Ages* (Oxford: Clarendon Press, 1968), 291-93; Douglas Gray (deas.), *English Medieval Religious Lyrics* (Exeter: Exeter University Press, 1992), 133. Airson exempla air a' chuspair faic Whiteford, *The Myracles*, 90.

⁷⁴¹ 'S e an tar-sgrìobhadh aig Raghnall MacilleDhuibh (Black) a tha seo bho *Catalogue*, a tha a-nise air ISOS.

Duilleag 184	Memorandum ye xvi day of september hoisshe miss er obsecro(?) ray bleynn in nonno ^f mhvr rct anno rct xxiiii
Duilleag 141	 sechtow lay ... hossych misss er increda ray blyn in nonnoyr mhur rct

Tha measgachadh iongantach de chànanan an seo, a' dol eadar Gàidhlig, Laideann agus Beurla Ghallda. Mholainn gu bheil a' Ghàidhlig ag ràdh, 'Thòisich mis' air ... rè bliadhna' i n-onóir Mhuire.' 'S ann air èiginn an-diugh a thèid an nota air duilleag 141 a leughadh a tha bun os cionn aig bonn na duilleige. Ma tha an tar-sgrìobhadh ceart *obsecro* a mholadh tha fianais againn an seo gu bheil cuideigin a' clàradh dhaibh fhèin gun do thòisich iad air an ùrnaigh *Obsecro te* ann an onair Moire air an 16mh den t-Sultain 1524. Bhiodh an ùrnaigh seo gu tric a' nochdadh còmhla ri tè eile, *O intermerata*, ann an Leabhraichean nan Uairean.⁷⁴² Tha Roger S. Wieck a' dèanamh dealbh dhuinn air cuspair na h-ùrnaigh *Obsecro te* mar a leanas:

After reminding the Virgin of the joys she experienced as the Mother of God, the "Obsecro te" moves quickly on to her compassionate role as co-redemptrix of mankind through her empathetic experience of Christ's Passion.⁷⁴³

Dh'fhaodadh e bhith gu bheil adhbhar ann gur ann air an 16mh den t-Sultain a thòisich an neach air an ùrnaigh ged nach eil e follaiseach dhomh dè bhiodh ann.⁷⁴⁴ Ged a tha e fada gheibhear an ùrnaigh *Obsecro te* gu h-ìosal le eadar-theangachadh gu Gàidhlig oir cuiridh sin ris an tuigse againn air a' chràbhachd do Mhoire a bh' aig luchd-sgrìobhaidh Leabhar an Deadhain:

Obsecro te, domina sancta Maria, mater Dei, pietate plenissima, summi regis filia, mater gloriosissima, mater orphanorum, consolatio desolatorum, via errantium, salus in te sperantium, virgo ante partum, virgo in partu et virgo post partum, fons misericordie, fons salutis et gracie, fons pietatis et leticie, fons consolationis et indulgentie. Rogo te per illam sanctam ineffabilem leticiam qua exultavit spiritus tuus in illa hora quando tibi per Gabrielem archangelum annuncius et conceptus filius Dei fuit; et per illud divinum misterium quod tunc operatus est in te Spiritus sanctus; et per illam sanctam ineffabilem misericordiam, amorem et humilitatem, per quas filius tuus descendit accipere humanam carnem in venerabilissimo utero tuo, in quibus te respexit quando te commendavit sancto Iohanni apostolo et evangeliste, et quando te exaltavit super choros angelorum; et per illam sanctam inestimabilem humilitatem in qua tu respondisti archangelo

⁷⁴² Roger S. Wieck, *Time Sanctified: The Book of Hours in Medieval Art and Life* (New York: George Braziller, 2001), 94.

⁷⁴³ Wieck, *Time Sanctified*, 95.

⁷⁴⁴ Mar a thachras 's ann air a' 15mh den t-Sultain a chaidh Fèill Seachd Bròin na h-Òigh a stèidheachadh agus ged a tha fianais ann airson fèilltean airson Co-bhròin Moire sna meadhan-aoisean anmoch tha e coltach nach deach an 15mh den t-Sultain a thaghadh airson fèill nan Servite gu 1913. Faic Pfaff, *New Liturgical Feasts*, 97-103; A. G. Martimort, I. H. Dalmais agus P. Journel, *The Liturgy and Time* (Collegeville, MINN: The Liturgical Press, 1986), 146.

Gabriel dicens: Ecce ancilla Domini, fiat michi secundum verbum tuum; et per illa sanctissima quindecim gaudia que habuisti de filio tuo domino nostro Ihesu Christo; et per illam sanctam maximam compassionem et accerbissimum cordis dolorem quem habuisti quando filium tuum dominum nostrum Ihesum Christum ante crucem nudatum et in ipsam levatum, vidisti pendentem, crucifixum, vulneratum, sicientem fel apponi, Hely clamantem audisti et morientem vidisti; et per quinque vulnera filii tui, et per contractionem viscerum suorum pre nimio dolore vulnerum, et per dolorem quem habuisti quando vidisti eum vulnerari, et per fontes sanguinis sui, et per omnem passionem eius, et per omnem dolorem cordis tui, per fontes lacrimarum tuarum, ut cum omnibus sanctis et electis Dei. Veni et festina in auxilium et consilium meum, in omnibus orationibus et requestis meis, in omnibus angustiis et necessitatibus meis, et in omnibus illis rebus in quibus ego sum facturus, locuturus aut cogitaturus omnibus diebus et noctibus, horis atque momentis vite mee. Et michi famulo tuo *N.* impetres a dilecto filio tuo complementum, omni misericordia et consolatione, omni consilio, omni auxilio et adiutorio, omni benedictione et sanctificatione, omni salvatione, pace et prosperitate, omni gaudio et alacritate, et etiam habundanciam omnium bonorum spiritualium et corporalium, et gratiam sancti Spiritus qui me bene per omnia disponat, animam meam custodiat, corpus meum regat, sensum erigat, cursum dirigat, mores componat, actus probet, vota et desideria mea perficiat, cogitationes sanctas instituat, preterita mala indulgeat, presentia emendet, futura moderetur, vitam honestam et honorabilem michi tribuat, et victoriam contra omnes adversitates huius mundi, veram pacem spiritualem et corporalem michi tribuat, bonam spem, fidem, caritatem, castitatem, humilitatem et pacienciam; quinque sensus corporis mei regat et protegat; septem opera misericordie complere me faciat; et duodecim articulos fidei, decemque precepta legis firmiter tenere et credere me faciat; et a septem peccatis criminalibus me liberet et deffendat usque in finem; et in novissimis diebus meis ostende michi beatam faciem tuam; et annuncies michi diem et horam obitus mei; et hanc orationem supplicem exaudias et suscipias et vitam eternam michi tribuas. Audi et exaudi me, dulcissima virgo Maria, mater Dei et misericordie. Amen. Pater noster.⁷⁴⁵

Tha mi a' guidhe dhut, a Mhoire, a bhoireannaich naomh, a Màthair Dhè, ro-làn de chràbhaidh, nighean an rìgh as motha, a Mhàthair ro-ghlòrmhor, a Màthair nan dilleachdan, a Chobhair nan aonranach, a Shlighe do sheachranaich, a Shlàinte dhaibh a chreideas annad, Òigh ron bhreith, Òigh tron bhreith, Òigh an-dèidh na breith, a Thobair na tràcaire, a Thobair an t-saoraidh agus a' ghràis, a Thobair a' chràbhaidh agus an aoibhnis, a Thobair na furtachd agus a chaoimhnis. Tha mi a' sireadh bhuat tron aoibhneas naomh do-innse leis an do rinn do spiorad gàirdeachas anns an uair a chaidh innse dhut mu Mhac Dhè leis an Àrd-Aingeal Gabriel agus a ghabh thu nad bhroinn, agus tron rùn-diombhair naomh do-innse sin a dh'obraicheachadh annad leis an Spiorad Naomh; agus tron tràcair, ghràdh agus ùmhlachd naomh do-innse leis an do thèarn do Mhac airson gabhail ri feòil dhaonna nad bhroinn ro-urramaich, agus a chunnaic e annad nuair a mhol e thu do Naomh Eòin an t-Abstol agus an Soisgeulaiche agus nuair a dh'àrd-mhol e thu os cionn coisir nan ainglean; agus tron ùmhlachd naomh os cionn luach anns an do fhreagair thu an t-Àrd-Aingeal Gabriel ag ràdh, 'Feuch ban-oglach an Tighearna; biodh e dhomhsa a rèir t'fhacail'; agus tro na còig rùin aoibhneach

⁷⁴⁵ Seo bho làmh-sgrìobhainn bhon chòigeamh linn deug, Victor Leroquais (deas.), *Les Livres d'Heures: Manuscrits de la Bibliothèque Nationale* (Paris: Macon Protat Frères, 1927), 346-47. Tha eadar-theangachadh gu Beurla aig Wieck, *Time Sanctified*, 163-64.

deug a bha agad nad Mhac, Ar Tighearna Ìosa Crìosd; agus tron cho-fhulangas ro-mhòr naomh agus tron bhròn ro-chràiteach a bha agad nad chridhe nuair a chunnaic thu do Mhac, Ar Tighearna Ìosa Crìosd, rùisgte agus air a thogail air a' chrann-ceusaidh, crochte, air a cheusadh, leònte, le pathadh ach thugadh dha [fìon-geur le] domblas agus chuala tu a ghlaodh 'Eli' agus chunnaic thu e a' bàsachadh; agus tro chòig leòntan do Mhic, agus tro thuiteamas na feòla aige le pian cràiteach a leòntan, agus tron bhròn a bh' agad nuair a chunnaic thu e leònte, agus tro fhuarain na fala aige agus tro fhulangas uile, agus tro bhròn uile do chridhe, tro fhuarain do dheidh; le gach naomh agus muinntir thaghta Dhè. Thig agus greas gu m'chuideachadh agus mo chomhairleachadh, anns gach ùrnaigh agus iarrtas a nì mi; anns gach cruaidh-chàs agus easbhaidh a bhios agam, agus anns gach rud a nì mi, a chanas mi agus a smaoinicheas mi gach latha, oidhche, uair agus mòmaid dem bheatha. Agus coisinn dhomhsa, do sheirbhiseach [ainm an duine], bho do Mhac gaolach, iomlanachd gach tròcair agus comhfhurtachd, gach comhairle, gach cuideachaidh, cobhair, gach beannachd agus naombadh, gach sàbhaladh, sìth agus soirbheachadh, gach aoibhneas agus sòlas, agus pailteas gach nì a tha math don spiorad agus don chorp agus gràs an Spioraid Naoimh gun cur e na h-uile ann an deagh rian dhomh, dìon m' anam, ceannsaich mo chorp, àrdaich mo chiad-fàthan/ mothachadh, stiùir mo shlighe, smachdaich mo dhòighean, aontaich ri mo ghnìomhan, deònaich mo thoil agus mo mhiann, brosnach smaointean diadhaidh, maith uilc a rinn mi anns an àm a dh'fhalbh, ceartaich iad anns an àm làthaireil, ciùinich iad anns an àm ri teachd; ceadaich dhomh beatha onarach agus ionraic, ceadaich dhomh buaidh an aghaidh gach àmhghar an t-saoghail seo, agus sìth cheart dom spiorad agus dom chorp, deagh-dhòchas, carthannachd, geanmnachd, ùmhlachd agus foighidinn, ceannsaich agus dìon mo chòig ciad-fàthan, thoir orm seachd obraichean na tròcaire a choilionadh, thoir orm creidsinn ann an dà artaigil deug a' chreidimh agus deich fàintean an lagha agus thoir orm an cumail gu daingeann, agus saor mi bho na seachd peacannan-bàis agus dìon mi bhuapa chun an deireadh. Agus nam làithean deireannach seall dhomh d' aghaidh bheannaichte, agus cur an cèill dhomh latha agus uair mo bhàis. Cluinn agus gabh ris an ùrnaigh iriosal seo agus deònaich dhomh a' bheatha bhith-bhuan. Èist agus cluinn mi, a Mhoire, òigh ro-ghrinn, màthair Dhè agus na tròcaire.

Tha an ùrnaigh seo a' dearbhadh dhuinn, ma tha an tar-sgrìobhadh ceart, gun robh luchd-sgrìobhaidh Leabhar an Deadhain ri cràbhachd stèidhichte air Co-Fhulangas Moire. Ma ghabhas sinn ri seo tha fianais againn airson cho coltach 's a bha cleachdaidhean cràbhaidh, co-dhiù san sgìre seo den Ghàidhealtachd Albannaich, ri ceàrnaidhean Eòrpach eile. Chan eil ìomhaigh na *Mater Dolorosa* a' nochdadh gu ìre mhòr sam bith anns na dàin mu Mhoire san Leabhar. Chunnaic sinn cuideachd ann an Caibideil 2 nach eil ìomhaigh na *Mater Dolorosa* againn ann an cloich. Mar sin, tha an fhianais luachmhor seo a' cur ris an àireamh de feartan Moire a tha Leabhar an Deadhain a' toirt dhuinn. Tha seo a' dearbhadh gum feum gach seòrsa fianais a bhith air a chleachdadh.

A bharrachd air a' cheangal seo eadar 'Iomdha sgéal' agus ùrnaighean 'i n-onóir Mhuire' tha an dàn a' cur ris an ìomhaigh airson Moire mar nàmhaid dhan Diabhail. Rinneadh iomradh air seo mu thràth anns an dàrna agus anns an treas caibideil agus thèid togail air a-rithist anns an ath chaibideil. Anns an dàn seo chan eil dealbh an Diabhail air a leasachadh gu mòr ach a-mhàin gum faigh sinn sa cheathramh rann gur e snaidhm a 'eisiomláir'. Bha snaidhm-crochaidh ceangailte ris an Diabhal anns na

meadhan-aoisean agus beachd ann gum b' e an Diabhal a bha ri choireachadh airson fèin-mharbhadh.⁷⁴⁶

7.5 Co-dhùnadh

Chan eil ach bloigh den dàn a' nochdadh san làmh-sgrìobhainn ach tha an dàn a' freagairt air dà chuspair mòr a gheibhear innte. 'S iad sin clèirich dhrùiseil agus mìorbhailean mu Mhoire. Tha an caibideil seo air cur an aghaidh sgoilearachd eile a rinneadh air an dàn seo a thuirt gum b' e Aonghus Fionn a rinn e agus air teagamh a chur sa bheachd gun robh an exemplum a' dol air ais gu exemplum a gheibhear aig Jacques de Vitry. Cha deach aon tùs cinnteach aithneachadh ach chaidh sealltainn gu bheil dàin mar seo mar phàirt de chorpas mòr de mhìorbhailean mu Mhoire a bha gan dèanamh ann an iomadach cànan eadar bhàrdachd is rosg, Laideann agus dualchainnt. Chaidh coimhead cuideachd air an dòigh a thèid aig luchd-eachdraidh air mìorbhailean mar seo a chleachadh agus iad a' feuchainn ri dealbh a dhèanamh air cràbhachd nam meadhan-aoisean.

Tha an dàn seo a' cur ris a' cheangal eadar Moire agus an Diabhal agus thèid togail air sin a-rithist anns a' chaibideil mu dheireadh. Tha e coltach gu bheil truas Moire anns an dàn nas cinntiche dhan pheacadh seo air sgàth is gun tug e bòidean na h-onair. Tha an teagasg soilleir ann an dàin mar seo agus chunnaic sinn gum faodadh fianais a bhith ann bho Leabhar an Deadhain fhèin airson chleachdaidhean cràbhaidh 'i n-onóir Mhoire'. Ma bha an duine a sgrìobh an nota sin a' gabhail an *Obsecro te* tha e a' sealltainn dhuinn gun robh ùrnaighean mar sin aithnichte air a' Ghàidhealtachd. Tha e cuideachd a' sealltainn gun robh cràbhachd mu Cho-Fhulangas Moire air buaidh a thoirt air an sgìre seo ged nach eil sin ri fhaicinn gu soilleir anns a' bhàrdachd.

⁷⁴⁶ Alexander Murray, *Suicide in the Middle Ages*, 2 leabhar (Oxford: Oxford University Press, 1998-2000), Leabhar II, 191.

Caibideil 8: ‘Ná léig mo mhealladh, a Mhuire’

8.1 Tùsan agus Ceist an Ùghdair

Tha an dàn seo ri fhaighinn air duilleagan 51-53 de Leabhar an Deadhain. Chan eil an dàn a’ nochdadh ann an tùs sam bith eile. Gheibhear tionndadh gu Gaidheilg àbhaisteach agus eadar-theangachadh gu Beurla am measg phàipearan Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.⁷⁴⁷ Chuir David Greene tionndadh agus eadar-theangachadh an clò ann an 1962.⁷⁴⁸ Thèid tionndadh Ghreene a chleachdadh an seo. Bha moladh neo dhà aig Brian Ó Cuív ann an lèirmheas air saothar Ghreene agus thèid feart a ghabhail air na molaidhean far a bheil sin iomchaidh.⁷⁴⁹ Tha nota leis an dàn a tha ag innse mar a leanas: ‘a howd’ so meil doni^t m^c venis vullicht’ agus ann an ince (làimh?) eile gheibhear na leanas: ‘idem autor’ agus ‘a lee mvrri hourd a soo rct’. Chaidh a thuigsinn bho seo uile gum b’ e Maol-Domhnaigh mac Mághnais Mhuileadhaigh a rinn an dàn agus gur ann ‘i leith Muire thuirt e so’. Tha ceist ann a bheil Muileadhach a’ ciallachadh gum buineadh an duine do dh’Eilean Mhuile. Tha sgoilearan air cur air adhart gu bheil e cho dòcha gum buineadh an duine seo do fhine Uí Mhuirgheasáin.⁷⁵⁰ Tha e coltach gum b’ ann à Inis Eoghain ann an Dún na nGall a bha prìomh shliochd an teaghlach seo.⁷⁵¹ Tha iad anns a’ chlàr eachdraidheil mar chlàirich agus deóraidh airson còmhach leabhar naoimh air a bheil am Míosach.⁷⁵² Tha am Míosach a-nise falamh ach bha e ceangailte ri Naomh Cairneach agus Calum Cille.⁷⁵³ ‘S dòcha nach eil e na iongnadh dàn cràbhaidh a bhith againn bho bhall den fhine seo a bha cho ceangailte ri cràbhachd.

⁷⁴⁷ NLS LS 14870, Pàirt II, 354-61.

⁷⁴⁸ Greene, ‘Ná Léig mo Mhealladh, a Mhuire’, 105-15. Chaidh eagraan Ghreene a chur a-mach a-rithist le eadar-theangachadh ùr le McLeod agus Bateman, *Duanaire na Sracaire*, 30-39.

⁷⁴⁹ Brian Ó Cuív ‘[Lèirmheas air] *Scottish Gaelic Studies*’, 342-43.

⁷⁵⁰ Gillies, ‘Gaelic Literature in the Later Middle Ages’, 221; Lorne Campbell, ‘The O’ Muirgheasain Bardic Family’, *Notes and Queries of the Society of West Highland and Island Historical Research* 7 (1978), 24-27.

⁷⁵¹ Thomas F. O’Rahilly, ‘A Hiberno-Scottish Family (Ó Muirgheasain, Morrison)’, *Scottish Gaelic Studies* 5 (1942), 101-05.

⁷⁵² O’Rahilly, ‘A Hiberno-Scottish Family’, 101-02. Air a’ Mhíosach agus airson tuilleadh air an teaghlach ann an Èirinn faic Raghnaill Ó Floinn, ‘Sandhills, Silver and Shrines: Fine Metalwork of the Medieval Period in Donegal’, ann an William Nolan, Liam Ronayne agus Mairead Dunlevy (deas.), *Donegal History & Society* (Dublin: Geography Publications, 1995), 128-30.

⁷⁵³ Ó Floinn, ‘Sandhills, Silver and Shrines’, 129-31.

Tha e doirbh a ràdh cuin dìreach a stèidhich sliochd den teaghlach iad fhèin ann an Alba. Tha e coltach gur e an t-iomradh seo air Maol-Domhnaigh mac Mhàghnais a' chiad iomradh air an teaghlach ann an Alba idir. Feumar cuimhneachadh ge-tà nach eil an sloinneadh Ó Muirgheasáin a' nochdadh le ainm a' bhàird idir ann an Leabhar an Deadhain. Ach feumaidh gu bheil a' gabhail ris seach gun robh na h-ainmean Mághnas agus Maol-Domhnaigh air an cleachdadh cho minic anns an fhine sin. Mar eisimpleir, bha fear 'Magonius O'Murrghsa' na bhiocar ann an Tìr Eoghain ann an 1466.⁷⁵⁴ Ged a tha an fhianais airson tùsan an teaghlaich ann an Alba gann, shoirbhich leotha agus iad mar bhàird do Leòdaich Na Hearadh anns an t-seachdamh linn deug, fear eile air an robh Maol-Domhnaigh Ó Muirgheasáin nam measg.⁷⁵⁵ Ged a tha bàrdachd à Bràghad Albainn agus Raineach a' nochdadh gu soilleir ann an Leabhar an Deadhain tha fhios nach bu chòir dàn à Muile iongnadh a chur oirnn agus Màrtainn MacGriogair a' cur air shùilean dhuinn gu bheil bàrdachd an Leabhair a' nochdadh dhuinn:

The sphere of influence achieved by the Campbells within Gaelic Scotland by the first half of the sixteenth century. In 1521, for example, it was seen as encompassing the Lordship of the Isles, Argyll, Lorn Knapdale, Kintyre, Breadalbane, Balquidder, Mentieth, Strathearn and the Lennox.⁷⁵⁶

Cha tèid againn air cus eile a ràdh le cinnt mu Mhaol-Domhnaigh mac Mhàghnais Mhuileadhaigh. Ach mus toir sinn sùil air an dàn fhèin b' fhiach e luaidh aithghearr a dhèanamh air dàn eile san Leabhar a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ris a' bhàrd. 'S e sin an dàn 'Ciallach duine fìoruasal' (Kellith zoni^t eir ossil). Chaidh a dheasachadh agus eadar-theangachadh le Watson.⁷⁵⁷ Tha am bàrd ag innse gu bheil e càirdeach do na fineachan Gàidhealach a bu chudromaiche uile agus a' crìochnachadh le bhith ag ainmeachadh 'Gill-Eoin tháinig a Muile.'⁷⁵⁸ Bha McLauchlan den bheachd gum

⁷⁵⁴ Ó Floinn, 'Sandhills, Silver and Shrines', 147 nota 228.

⁷⁵⁵ Airson marbhrann do Ruaidhrí Mór a rinn Eóin Óg Ó Muirgheasáin faic John MacDonald, 'An Elegy for Ruaidhrí Mór', *Scottish Gaelic Studies* 8.2 (1955-58), 27-52. Airson na bàrdachd aig Maol Domhnaigh Ó Muirgheasáin anns an t-seachdamh linn deug faic Ronald Black, 'Poems by Maol Domhnaigh Ó Muirgheasain (I)', *Scottish Gaelic Studies* 12.2 (1976), 194-208; Ronald Black, 'Poems by Maol Domhnaigh Ó Muirgheasain (II)', *Scottish Gaelic Studies* 13.1 (1978), 46-55; Ronald Black, 'Poems by Maol Domhnaigh Ó Muirgheasain (III)', *Scottish Gaelic Studies* 13.2 (1981), 289-301. Airson tuilleadh air an teaghlach ann an Alba faic Nicholas Maclean-Bristol, 'The O'Muirgheasain Bardic Family', *Notes and Queries of the Society of West Highland and Island Historical Research* 6 (1978), 3-7.

⁷⁵⁶ MacGregor, 'The View from Fortingall', 53.

⁷⁵⁷ Watson, *Scottish Verse*, 236-39.

⁷⁵⁸ Gheibhear am motif seo anns na h-òrain Ghàidhlig, faic John MacInnes, 'The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background', *TGSI* 50 (1976-78), 448-49. Mar eisimpleir, tha an t-òran 'Dh'fhalbh mo rùn bho chionn seachdain' a' toirt dhuinn, "S ann tha càirdean mo leannain anns na h-eileanan tarsainn: Clann Dòmhnail, Clann Raghnaill, Clann Laomainn, Clann Lachlainn." Tha an t-òran air a' chlàr aig Magaidh NicAonghais, *Talamh Sìtheil*.

buineadh am bàrd do Chloinn MhicIllEathain.⁷⁵⁹ Cha ghabh bonn na duilleige (162) air a bheil deireadh an dàin a leughadh an-diugh, agus gu dearbha cha b’ urrainn do Watson a leughadh. Ach leugh McLauchlan an rann mu dheireadh; chunnaic e ‘meil dwynth’ (Maol-Domhnaigh) anns an dara loidhne agus e den bheachd gun robh am bàrd ga ainmeachadh fhèin an seo. Ma ghabhas sinn ri tar-sgrìobhadh agus molaidhean MhicLauchlain gum b’ e Maol-Domhnaigh a bh’ air a’ bhàrd is gun robh buntanas aige ri Muile agus MacIllEathain Mhuile tha fhios gum faodamaid gabhail ris gur e seo Maol-Domhnaigh mac Mhaghnaiss Mhuileadhaigh. Is dòcha gun seall tuilleadh rannsachaidh air na fineachan is na daoine a bhios a’ togail ceann san dàn seo cuin a chaidh a dhèanamh is bheireadh sin dhuinn cinn-latha airson ar bàird.

8.2 An Dàn agus Peacadh-Collaidh

Tha exemplum ann an ‘Ná Léig mo Mhealladh, a Mhuire’, mu fhireannach a bhiodh a’ feise le phiuthar fhèin; bhiodh i ‘ag luidhe i gcaomhthach a chnis’ (a’ laighe ann an caidreamh a chraicinn). Chan eil cus fiosrachaidh eile air a thoirt dhuinn, ach a-mhàin nach gabhadh e comhairle dhaoine eile gun robh seo ceàrr agus rinn e a thoil fhèin cho fad ‘s a bha e beò. Gheibhear rannan a tha sealltainn innleachd an duine:

Do smuain an fear, fuar an t-inntleacht,
ar eagal diomdha Dhé bhí
páirt ré máthair Dhé gur dhéanta
gur ghnáthaigh sé déarca dhí.⁷⁶⁰

Air bàs an duine dh’fheuch an Diabhal ri chumail ann an Ifrinn ach thug Moire a-mach e; thug i dàrna beatha dha agus bha a’ bheatha seo naomh. Mar sin nuair a bhàsaich e an dàrna uair fhuair e nèamh. Thèid dèiligeadh ri gnìomhan agus àite Moire anns an ath earrainn ach ghabh Moire ri guidhe an fhireannaich agus shàbhail i e. An toiseach thèid coimhead an seo air tùsan airson an dàin agus an uair sin carson a bhiodh peacadh-collaidh a’ nochdadh anns an dàn idir. Tha rann 11 a’ toirt dhuinn na leanas (rann 11) mun exemplum ‘di zalwe mi a lawry^t lucht fiss’ agus b’ e ‘do dhearbha a leabhraibh lucht fis’ a chuir Greene air sin ged a tha e nas coltaiche ri ‘do dhealbha mé a leabhraibh lucht fis’. Mar sin, dh’fhaodadh e bhith gu bheil Maol-Domhnaigh ag innse dhuinn an seo gun d’ fhuair e an exemplum bho leabhar air choreigin. Nuair a dh’fhoillsich Greene eagan den dàn dh’fhoillsich e leis exemplum ann an rosg Gaoidheilge bho làmh-sgrìobhainn

Faic <http://www.maggiemacinnnes.com/lyrics/talamh03.html>

⁷⁵⁹ McLauchlan, *The Dean of Lismore’s Book*, 131 nota 1.

⁷⁶⁰ ‘Smaoinich an duine, fuar an innleachd, agus eagal air ro dhiomb Dhé, gum feumadh e pàirta gabhail ri màthair Dhé; bu ghnàthach leis dèirce a thoirt dhí’.

bhon t-seachdamh linn deug às a' Bhruiseil (A' Bhruiseal, Bibliothèque Royale de Belgique, LS 20978-9).⁷⁶¹ 'S ann mu fhìreannach a bhios a' feise le phiuthar fhèin a tha an exemplum seo cuideachd. Ach an seo chunnaic bràthair eile dhaibh iad san leabaidh còmhla agus thuirt e gun innseadh e do dhaoine agus mar sin chuir am bràthair ciontach às dha. Chuir e às dha athair cuideachd. Bha e cho tro-chèile agus gun deach e dhan èisteachd agus fhuair e bàs sa mhionaid. Ged a tha an exemplum coltach ris an dàn bhon a tha bràthair is piuthar ann tha teagasg an exemplum seo eadar-dhealaichte. Chan eil an exemplum seo a' teagasg mu cho cudthromach 's a tha cràbhachd do Mhoire; chan eil i a' nochdadh ann idir. 'S ann a tha an exemplum seo stèidhichte air èisteachd ro bhàs. An dèidh a bhàis thig calman à nèamh le teachdaireachd a dh'innse gun robh anam air a shàbhaladh seach gun do rinn e dian aithreachas. Ged a tha bràthair agus piuthar anns an dàn againn agus anns an exemplum seo tha an sgeul rudeigin eadar-dhealaichte, leis gu bheil dàrna beatha aig an duine san dàn. Tha teagasg an exemplum seo san rosg eadar-dhealaichte seach gu bheil e ag amas air cho cudromach is a tha aithreachas ach tha an dàn air an làimh eile a' brosnachadh cràbhachd do Mhoire, chan eil i a' nochdadh idir san rosg. Chuir Greene air adhart gum faodadh e bhith mar a leanas, 'the *uirscéal* of our poem was evolved from the exemplum on Irish soil.'⁷⁶² Ach ged a tha peacadh-collaidh a' nochdadh anns na dhà cha tuirt Ó Cuív anns an lèirmheas aige ach 'Greene has published ... an exemplum which resembles in some ways an *uirscéal* contained in the poem.'⁷⁶³ Mar sin theid coimhead an seo a bheil tùsan eile ann a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air an dàn mura bheil exemplum Ghreene cho faisg sin.

Ma chuireas sinn gnè a' pheacaidh gu aon taobh tha cruth na sgeulachd, 's e sin Moire a' sàbhaladh peacach agus a' toirt dha dàrna beatha, coltach ri sgeulachd a gheibhear anns na *Legenda Aurea* anns a' chaibideil mu Latha Fhèill Moire (Gabhail do Nèamh air 15mh den Lùnastal).⁷⁶⁴ Seo an sgeul sin bho na *Legenda Aurea* aig Uilleam Caxton a chaidh a chlà-bhualadh mu 1483-84 agus a tha an-diugh ann an Leabharlann Oilthigh Ghlaschu:

Ther was a monke moche joly and lyght of his lyvyng but devoute to oure lady whiche on a nyght wente to doo his folye acostumed But whan he passud byfore the aultr of our ladi he salewed the Virgine and so wente forth oute of the chirche And as he sholde passe a Ryver He fylle in the water and drowned and the devyls woke the sowle thenne cam angels for to delyver it and the devyls sayd to them Wherfor come ye hyder ye have no thyng in this sowle and anone the blessid Vyrgyn Marye cam and blamed

⁷⁶¹ Airson eagan/ eadar-theangachadh den chruinneachadh air fad faic Ní Uallacháin, *Exempla Gaeilge*.

⁷⁶² Greene, 'Ná Léig mo Mhealladh, a Mhuire', 115.

⁷⁶³ Ó Cuív, '[Lèirmheas] *Scottish Gaelic Studies*', 342.

⁷⁶⁴ de Voragine, *The Golden Legend*, (eadar-theang. le Ryan), Leabhar II, 88.

them by cause they had taken the sowle whiche was heres and they sayd that they had founden hym fynsshyng his lyff in evyll werkes and she sayd hit is fals that ye saye I knowe wel that whan he wente in to ony place he salewed me first and when he returned and came ageyne also and yf ye say that I do yow wronge lete us putt it ageyne in Jugement of the Soverayne kynge and whan they strofe to fore our lord of this mater It plesyd hym that the sowle shold returne ageyne to the body and repente hym of his synnes and trespases and thenne the bretheren sawe that the matyns were over longe differred and sought the sextayn and wente to the Ryver and found hym there drowned and when they had drawen the body oute of the water what they shold doo they wyst not and merveyled what he had done and sodenly he came ageine to lyfe and told what he had done and after finysshed his lyfe in good werkes.⁷⁶⁵

Tha cruth na sgeulachd an seo rudeigin coltach ri sgeul ‘Ná léig mo mhealladh, a Mhuire’ leis gu bheil Moire a’ toirt dàrna beatha do pheacach a bha dìleas dhi an dèidh a bhàis. Gheibh am peacach dàrna cothrom an dèidh do Mhoire sabaid airson anam an duine le deamhain/ an Diabhal. Ach tha gnè a’ pheacaidh cho eadar-dhealaichte anns an dàn nach urrainnear a ràdh gu bheil an dàn stèidhichte air an sgeulachd seo bho na *Legenda Aurea*.

Cha robh peacadh-collaidh eadar bràthair is piuthar a’ nochdadh cho tric ann an litreachas Eòrpach nam meadhan-aoisean is a bha sgeulachdan mun aon pheacadh eadar pàrant is duine-cloinne.⁷⁶⁶ Ach tha eisimpleirean ann. Chunnaic sinn ann an Caibideil 5 gun robh peacadh-collaidh eadar bràthair is piuthar mar phàirt den sgeulachd mu Ghriogair sna meadhan-aoisean. Bha sin ri fhaighinn ann an Gaoidheilg agus dh’fhaodamaid coimeas a dhèanamh eadar am fear ann an ‘Ná Léig mo mhealladh, a Mhuire’ a’ dol a nèamh agus Griogair, toradh a’ pheacaidh, a bhith na phàpa. ’S e teachdaireachd gach sgeul gu bheil maitheanas ann dhaibhsan a leanas teagasg na h-eaglaise. Tha peacadh-collaidh le phiuthar air a chur as leth Charlemagne cuideachd sna meadhan-aoisean agus an sgeul ceangailte ri Naomh Giles (Aegidius); cha leigeadh an nàire le Charlemagne a chiont aideachadh aig an èisteachd ach chuir aingeal litir air beulaibh an Naoimh Ghiles a dh’innis dha na bha Charlemagne air dèanamh.⁷⁶⁷

Mar sin, tha iomadh diofar traidisean a dh’fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air Maol-Domhnaigh. Ann an co-theacs Leabhar an Deadhain fhèin dh’fhaodadh e bhith gun do chuimhnich ‘Ná léig mo mhealladh, a Mhuire’ dàn eile don luchd-sgrìobhaidh. ’S e sin an dàn ‘Theast aon diabhal na nGaoidheal’.⁷⁶⁸ ’S e aoir a tha san dàn seo air Ailéan

⁷⁶⁵ Glaschu, Leabharlann Oilthigh Ghlaschu, Sp Coll Hunterian Bg.1.1, duilleagan 257-58. Chleachd mi *Early English Books Online* (<http://eebo.chadwyck.com/home>) (An t-Samhainn 2009).

⁷⁶⁶ Elizabeth Archibald, *Incest and the Medieval Imagination* (Oxford: Clarendon Press, 2001), 192-99.

⁷⁶⁷ Archibald, *Incest and the Medieval Imagination*, 200-01.

⁷⁶⁸ Watson, *Scottish Verse*, 134-39.

mac Ruaidhrí, tighearna Mhùideirt agus ceann-feadhna Chloinn Raghnaill. Chuir Ailéan mac Ruaidhrí a thaic ri Aonghas Óg anns a’ bhuaireadh eadar Aonghas agus athair a dh’adhbhraich Blàr Bàgh na Fala ro 1485.⁷⁶⁹ Air Ailéan tha na leanas aig *Leabbraichean Chloinn Raghnaill*:

Gabhais Alín tigernas 7 budh maith anairigh ar inbhe an tailinsin oir do
chuir se a úamhan 7 eagla ar a escairdibh 7 ar mhoran don chuidsi
dalbain.⁷⁷⁰

Mar sin, anns an eachdraidh seo tha e air a chlàradh gur duine cumhachdach eagalach a bh’ ann agus gun teagamh sam bith sin an dealbh a gheibhear air san dàn ‘Theast aon diabhal na nGaoidheal’. Tha an dàn ag innse dhuinn gur ann ‘a h-ifreann thánaig ar dtús’ agus ag innse mu eaglaisean a chreach e agus mar a tha naomhan nan eaglaisean sin ag iarraidh dìoghaltas. Aig deireadh an dàin tha rann a sia deug a’ toirt dhuinn na leanas:

Ní h-iongnadh a bheith i bpéin:
Fada ó b’ionchrochtha Ailéin;
ná luaidh ar láthair an fhir
chuaidh go a mháthair ’s go a phiuthair.⁷⁷¹

Bhiodh peacadh-collaidh tric ga chur as leth cuideigin aig an robh droch chliù; chuireadh e ris an dealbh air cuideigin a chuir na cumhachdan aca a dholaidh.⁷⁷² Ma bha sgeulachdan mar seo gan innse mu Ailéan mac Ruaidhrí an robh buaidh aig sin air a’ bhàrd agus air luchd-èisteachd an dàin? Tha amharas agam ge-tà gur e am prìomh adhbhar a chaidh am peacadh sin a thaghadh airson an dàin gun sealladh e cho làidir ’s a tha cumhachdan Moire agus ’s ann air sin agus na tha an dàn ag innse dhuinn mu chràbhachd air a’ Ghàidhealtachd a bhios an còrr den chaibideil seo ag amas.

8.3 Eagal agus Dòchas a’ Bhàird

Ged nach eil Ifrinn mar àite air a leasachadh gu ìre mhòir sam bith san dàn tha eagal pearsanta a’ bhàird roimhe ga nochdadh fhèin dhuinn gu soilleir. Chaidh a ràdh mu na meadhan-aoisean gun do ràinig dòchas airson Nèamh agus eagal ro Ifrinn ‘a pitch of

⁷⁶⁹ Boardman, *The Campbells*, 227-28.

⁷⁷⁰ Cameron, *Reliquiae Celticae*, Leabhar II, 168. (Ghabh Ailéan tighearnas agus bu mhath ro-airidh air inbhe na talmhainn a bha e oir chuir e uamhas agus eagal air nàimhdean agus air mòran don chuid seo de dh’Alba.)

⁷⁷¹ Watson, *Scottish Verse*, 138. (Chan eil e na iongnadh gu bheil e ann am pian, ’s fhada bho bha e airidh air a chrochadh; na dèan luaidh air lùths an fhir a chaidh gu mhàthair is gu phiuthar.)

⁷⁷² Archibald, *Incest and the Medieval Imagination*, 109 *et passim*.

intensity bordering on obsession for many'.⁷⁷³ Chithear sin gu làidir ann an rann a trì far a bheil iomradh air pianadh Ifrinne agus mealladh an Diabhail ro bhàs:

Teach Ifrinn, árus na bpeacthach,
pian 'na measc ní méanair scéal;
fear an tighe ar tí mo mheallaidh –
bí im chridhe is beannaigh mo bhéal.

*Taigh Ifrinn, àitreabh nam peacach, pian nam measg chan eil sin na sgeul tlachd;
fear an taighe feuchainn ri mo mhealladh – bi nam chridhe agus beannaich mo
bheul.*

Tha boillsgeadh an seo air na tha ri thighinn anns an exemplum agus am bàrd a' guidhe do Mhoire sabaid an aghaidh an Diabhail. Tha seo uile a' daingneachadh a' bheachd gum faodadh ùrnaigh do Mhoire duine a dhìon bho mhealladh an Diabhail gu peacadh. Gheibhear an Diabhail neo deamhain eile a' feuchainn ri daoine a bhuairadh neo a mhealladh tric is minic ann an litreachas nam meadhan aoisean. Cuideachd, anns na sgrìobhainnean aig feadhainn coltach ri Julian à Norwich (c.1342-c.1420) faodaidh an Diabhal cron fisigeach a dhèanamh air bodhaig mhic an duine agus a-rithist 's e gnìomhan is ùrnaighean coltach ri coimhead gu dìon air a' chrann-cheusaidh agus meòrachadh air fulangas Chrìosd a shàbhaileas.⁷⁷⁴ Chithear cho cumhachdach is a bhathar a' meas ùrnaigh anns an sgrìobhadh aig Naomh Teresa à Ávila (1515-1582) a thuirt gu bheil *fios aig an fhear-mhillidh gu bheil anam sam bith a chumas ri ùrnaigh gu calma, caillte dhasan*.⁷⁷⁵ Mar sin, bu chòir dhuinn 'bí im chridhe is beannaigh mo bhéal' a leughadh san aon dòigh. Tha Maol-Domhnaigh a' cur ìmpidh air fhèin, agus oirne, meòrachadh air Moire nar cridheachan, ùrnaighean is eile a ghabhail dhi agus 's ann le bhith dèanamh sin a gheibhear dìon bho mhealladh gu peacadh.

A bharrachd air ùrnaigh do Mhoire dh'fhaodamaid 'stiùr mé i gcéadóir tréd cheacht' anns an dàrna rann a cheangal ri gluasadan cràbhaidh nam meadhan-aoisean cuideachd. Tha *tréd cheacht* a' ciallachadh 'tro do leasan' agus dh'fhaodamaid sin a thuigsinn mar bhrosnachadh meòrachadh a dhèanamh air beatha agus gnìomhan na h-Òighe. Bha teacsaichean mar *Smaointe Beatha Chrìost (Meditationes Vitae Christi* c.1450) a' moladh eisimpleir agus fulangas Moire a leantainn, bhuineadh i do mhac an duine agus 's i Moire an eisimpleir fhoirfe os cionn gach naomh eile. Tha fhios gum faodamaid *ceacht* a thuigsinn san dòigh sin.

'S e eagal ro Latha a' Bhreitheanais agus breitheanas Dhè air anam a tha air aire a' bhàird. Gheibhear trì ainmean air a shon anns an dàn; Lá na hAgra (rann 5), Lá na

⁷⁷³ Kenneth Hylson-Smith, *Christianity in England from Roman Times to the Reformation*, 3 leabhraichean (London: SCM Press 2001), Leabhar III, 4.

⁷⁷⁴ Julian of Norwich, *Revelations of Divine Love* (London: Penguin Books, 1966), 181-86.

⁷⁷⁵ Saint Teresa of Ávila, *The Life of Saint Teresa of Ávila by Herself* (London: Penguin Books, 1957), 130.

Coinne (rann 9), Lá an Bhrátha (rann 22). Chithear gu soilleir ann an litreachas Gaoidhealach nam meadhan-aoisean cho cudromach agus deatamach 's a bha Latha a' Bhreitheanais. Bidh rosg agus bàrdachd a bhios a' buntainn ris a' nochdadh ann an iomadh làmh-sgrìobhainn suas gu àm an Deadhain.⁷⁷⁶ Mar eisimpleir, tha dàn air Na Còig Comharran Deug ro Latha a' Bhreitheanais ann an Leabhar an Deadhain fhèin, 'Garbh éirghe iodhan bhrátha.'⁷⁷⁷ Ann an 'Ná léig mo mhealladh' tha e inntinneach gum bi Latha a' Bhreitheanais a' togail ceann cho tric ged nach eil iomradh sam bith air sin anns an exemplum a tha taobh a-staigh an dàin. Theab am fireannach a dhol a dh'Ifrinn gun dàil ach shàbhail Moire e:

An tráth do-chuaidh da chorp dhaonna,
díoth beathadh do bhí na ghair,
bheith 'na ghiall dó ag an diabhal – ⁷⁷⁸
cró na bpian do hiadhadh air.

*Nuair a chaidh e bho chorp daonna, bha dìth beatha an dàn dha,
a bhith am bruid aig an Diabhal – dh'iadhadh crò nam pìantan timcheall air.*

Chan eil iomradh sam bith air Purgadair neo feitheamh gu Latha a' Bhreitheanais don duine nuair a gheibh e a' chiad bhàs. 'S dòcha nach eil sin na iongnadh ge-tà. Nuair a rinn Rosemary Horrox sgrùdadh air beachdan na h-Eaglaise agus beachdan dhaoine eile air Purgadair, Nèamh agus Ifrinn thuirt i, 'There was general agreement that the irredeemable would go straight to the torments of Hell, mainly because there was nowhere else for them to go'.⁷⁷⁹ Ach dh'fhaodte gu bheil dòigh eile ann coimhead air an exemplum a tha san dàn; 's e sin an exemplum fhaicinn mar sgàthan air na thachras dhuinn uile an dèidh a' bhàis. Tha am bàrd ag innse dhuinn gu cùramach gun deach anam a' pheacaich a chur air ais na chorp fhèin (rann 17):

An t-anam is í do cheartaigh
sa chorp chéadna do chleacht sé

B' i [Moire] a chuir an t-anam san aon chorp san robh e a' còmhnaidh.

⁷⁷⁶ Benjamin Hudson, 'Time is Short'; Elizabeth Boyle 'Neoplatonic Thought in Medieval Ireland: The Evidence of *Scéla na Esérgi*' *Medium Ævum* 78.2 (2009), 216-230. Whitley Stokes, 'Tidings of Doomsday', *Revue Celtique* (1879-1888), 245-57; Whitley Stokes, 'Tidings of the Resurrection', *Revue Celtique* 25 (1904), 232-59; Whitley Stokes, 'The Fifteen Tokens of Doomsday', *Revue Celtique* 28 (1907), 308-26; Martin McNamara, 'The (Fifteen) Signs Before Doomsday in Irish Tradition', *Warszawskie Studia Teologiczne* 20.2 (2007), 223-254, air loidhne aig <http://fides.org.pl/Content/466/McNamara.pdf> (An t-Samhainn 2009); Paul Grosjean, 'A Tale of Doomsday Colum Cille Should Have Left Untold', *Scottish Gaelic Studies* 3 (1931), 73-83.

⁷⁷⁷ Faic Clàr na Bàrdachd anns an treas caibideil airson tuilleadh.

⁷⁷⁸ Tha Ó Cuív air cur air shùilean dhuinn gu bheil an lide a dhìth air an loidhne seo, '[Léirmheas] *Scottish Gaelic Studies*', 342.

⁷⁷⁹ Horrox, 'Purgatory, Prayer and Plague', 111.

'S e an dòigh a tha am bàrd a' cur cuideam air anam agus corp fhèin an duine a phòsadh an dàrna uair a bheir Aiseirigh gu inntinn an neach-èisteachd.⁷⁸⁰ Mar eisimpleir, ann an Scél na

Esérge bho Leabhar na h-Uidhre (11mh neo 12na linn) tha aiseirigh ga mhìneachadh mar a leanas:

Issed so dano bias and, atrésat na hule daini thall isind esergi choitchinn, i n-áis trichtaigi ina ndeilb & ina n-écosc díles co com[lá]nius a cuirp & a n-ule cetfaide, co comhlánus dano a foltne & a n-ingen & cech baill archena, & congéba cach tria nert & cumachta in Chomded a anmain féin i n-óentaíd a chuirp dilis & fedligfit dogrés isin bethaid suthain cen áes cen erchra.⁷⁸¹

'S ann mar seo a thachras, thèid a b-uile duine èirigh anns an Aiseirigh Choiteann aig aois deich air fhichead sa chumadh agus sa choltas cheart aca fhèin le coileantachd an cuirp agus an ciad-fàthanan agus le coileantachd am fuil agus an inean agus gach ball eile, agus gheibh gach duine, tro neart agus cumbachd Dhè, anam fhèin a rèiteach na chorp fhèin agus bidh e anns a' bheatha suthain gun aois agus gun chrionadh.

Gheibh am fireannach ann an exemplum an dàin dàrna beatha, dàrna cothrom aon uair is gun tèid anam a rèiteach na chorp fhèin. Air an dàrna beatha aige gheibhear (rann 19):

do ní ar thalamh ní thug spéis;
do dhíol iar n-uair a olc roimhe

cha tug e spéis do nì air thalamh; phàigh e an dèidh làimh airson a olc roimhe

Chan eil e soilleir cuin neo ciamar dìreach a phàigh e airson olc ach ma phàigh e a pheanas san dàrna beatha seo dh'fhaodamaid an dàrna beatha a thuigsinn mar shamhla air Purgadair. Ach chan eil ann ach iomradh aithghearr agus is dòcha gu bheil sin a' leughadh cus a-steach ann. Mu dheireadh, gheibh an duine nèamh 'í n-athbhás' (rann 20). Mar sin, ann am beagan fhaclan: bhàsaich an duine; chaidh e dìreach a dh'Ifrinn; chuir Moire anam air ais na chorp, ann an nàdar de dh'aiseirigh; bha dàrna beatha aige (anns an do rinn e peanas?); bhàsaich e a-rithist; chaidh e a nèamh. Tha seo a' teagasg gu bheil dòchas ann nèamh a ruigsinn a dh'aindeoin peacadh, ach feumar gnìomhan sònraichte a dhèanamh agus peanas a dhèanamh (ann am Purgadair?). Ged a tha seòrsa de dh'aiseirigh a' gabhail àite san exemplum mus dèan an duine peanas gabhaidh an exemplum a leughadh mar shamhla air mar a thèid a' chinne-daonna a dhìteadh neo a shàbhaladh. 'S i Moire a tha aig cridhe dòigh-sàbhalaidd an dàin agus bheirear suil air sin gu h-ìosal.

⁷⁸⁰ Air a' chuspair seo faic Caroline Walker Bynum, *The Resurrection of the Body in Western Christianity, 200-1336* (New York: Columbia University Press, 1995); Caroline Walker Bynum, *Wonderful Blood: Theology and Practice in Late Medieval Northern Germany and Beyond* (Philadelphia: Philadelphia University Press, 2007).

⁷⁸¹ Stokes, 'Tidings of the Resurrection', 252-53. Airson tuilleadh air an teacs seo faic Boyle, 'Neoplatonic Thought'.

8.4 Fearg is lochd Moire anns an dàn

Tha Kay air coimhead air mìorbhailean mu Mhoire anns na meadhan-aoisean anns a bheil peacadh-collaidh eadar màthair is mac.⁷⁸² Sheall i gu bheil an dòigh a thathar a' dèanamh dealbh air an dàimh anns a bheil peacadh-collaidh glè choltach ris an dòigh a bhiodh litreachas nam meadhan-aoisean a' dèanamh dealbh air dàimh Moire ris an Trianaid. Thuirt i

The point of the Occitan miracle... is that the woman who conceived by her own son (in the register of abjection) is a type of Mary who did exactly the same (in the register of the sublime). In Gautier de Coinci's version of the miracle, indeed, the incestuous conception is presented in terms remarkably like these formulaic descriptions of the Virgin.⁷⁸³

Mar sin, an tèid againn air a' pheacadh-collaidh eadar bràthair is piuthar anns an dàn seo fhaicinn mar shamhla air an dàimh eadar mac an duine agus Moire neo fiù air an dàimh eadar Moire agus Crìosd? Tha sinn air faicinn anns a' bhàrdachd do Mhoire, gu sònraichte ann an 'Éistidh riomsa', gum bithear a' meòrachadh agus a' gabhail tlachd anns na càirdeasan toinnte sin, 's i Moire ar piuthar ach cuideachd 's e Crìosd ar bràthair, 's i nighean a mic fhèin is eile. Tha dàn cràbhaidh eile ann, 'Ag so bràgha dheit a Dhé', a chuireadh as leth Thadhg Óig a nì iomradh air beatha Chrìosd na inbheach, ag innse gun robh Moire còmhla ris, 's an ógh ag caomhthach a chnis.'⁷⁸⁴ Agus tha an dàn 'Mairg nach doirteann a dhéara' le Fearghal Óg Mac an Bhàird a-mach air Crìosd mar 'cneischéile Muire Maighdean'. Mar sin, tha na briathran seo, aig a bheil ciall a thèid a-steach cuideachd do raon na feise, air an cleachdadh airson Moire agus Crìosd. Bheireadh sin taic gu iomairt sam bith a' chàraid anns an dàn 'Ná léig mo mealladh' a thuigsinn ann an dòigh shamhlachail. Mar sin, rachadh againn gu furasta air exemplum an dàin a thuigsinn anns an dòigh a thuig Kay mìorbhailean eile. 'S e tha fa-near do Kay le bhith a' dèanamh choimeasan mar sin ach sealltainn gu bheil comhaicheadh na fheart cudromach do Mhoire mar neach. Thuirt i

Mary is as contradictory as a figure as one can imagine: maid and queen; virgin and mother; daughter, mother, and bride of God; human and yet unique, she embodies a clash of contraries and challenge to reason.⁷⁸⁵

Tha Kay a' coimhead air Moire tro phrosbaig nan teoiricean aig Lacan, an t-eòlaiche-inntinn Frangach, mu eagal agus fòirneart a bhith an lùib adhbhar a' ghaoil. Tha sin a'

⁷⁸² Kay, *Courtly Contradictions*, 190-98.

⁷⁸³ Kay, *Courtly Contradictions*, 197.

⁷⁸⁴ McKenna, *Dán Dé*, rann 31 den dàn a tha air duilleagan 16-18 le eadar-theangachadh gu Beurla air 84-86.

⁷⁸⁵ Kay, *Courtly Contradictions*, 179.

toirt cothrom dhi sealltainn cho toinnte 's a tha Moire sna meadhan-aoisean. Tha seo gar toirt chun a' chomhaichidh mhòir eile a tha follaiseach anns an dàn seo. Rinneadh iomradh anns a' chaibideil air 'Éistidh riomsa' (Caibideil 4) air fearg Moire agus mìorbhailean a bha a' toirt dhuinn dealbh rudeigin fòirneartach air Moire. Ann an 'Éistidh riomsa' chaidh iarraidh air Moire a fearg fhèin a chiùineachadh. Feumar gur e a fearg le mac an duine neo fearg le peacaich a bha sin. Ach anns an dàn seo tha sinn a' faicinn na buannachd a th' aig fearg Moire. Ann an rann 23 tha am bàrd ag innse gum biodh 'fearg Mhoire ria Mac' mura dèanadh e a toil fhèin. Tha seo uile aocoltach ris na chunnaic sinn ann an *Speculum Beatae Mariae Virginis* a bha ag ràdh gun d'rachadh aig Moire air fearg Chrìosd a chiùineachadh leis nach robh fearg sam bith aice fhèin.

Ach mar a chunnaic sinn ann an *Saltair Mhuire* bhon làmh-sgrìobhainn Egerton anns an dàrna caibideil 's i Moire Banrigh Nèamh ach cuideachd *ban-ìmpire Ifrinne*. Gheibhear an tiotal sin ann an litreachas Beurla nam meadhan-aoisean cuideachd, mar eisimpleir, seo rann bhon dàn chràbhaidh 'Owt of your slepe aryse and wake' :

Now man is brighter than the sonne;
Now man in heven an hye shal wone;
Blessed be God this game is begonne,
And his moder, Emperesse of Helle.

Nowell!

Nowel, nowel, nowel,

Nowel, nowel, nowel!⁷⁸⁶

Tha an dàn seo 'Ná Léig mo mhealladh', a' cur ris an dealbh sin de Mhoire mar bhan-ìmpire Ifrinne. Chaidh am peacach a dhùnadh ann an Ifrinn ach gheibh sinn anns an t-siathamh rann deug 'Lúisiféar níor lámhair a fhasódh'⁷⁸⁷ (cha do ghabh Lucifer air [an duine] a chumail) agus 'Muire uaidh a-réigin do rug' (Thug Moire [an duine] bhuaith le làmh làidir). Tha fhios gu bheil seo a' ciallachadh gun deach Moire a dh'Ifrinn i fhèin gus an duine a bha dileas dhi a thoirt a-mach. Anns an teacs air bàs na h-Òighe, *Dormitio/ Transitus Mariae* (Tìrna Muire) bidh Moire, cuide ri Crìosd agus na h-Abstoil a' dol a dh'Ifrinn a dh'fhaicinn pianadh nam peacach.⁷⁸⁸ Ach 's e na thachras ann an sgeul Theophilus, a chunnaic sinn san aithghearrachd sa chaibideil mu dheireadh, as fhaisge air an dàn seo. Bha sgeul Theophilus air fear de na mìorbhailean a bu chumanta anns na meadhan aoisean, ag innse mar a reic Theophilus anam dhan Diabhal agus e a' sireadh àrdachadh-obrach san eaglais.⁷⁸⁹ Ach dh'iarr e cobhair bho Mhoire agus

⁷⁸⁶ Thomas G. Duncan, *Late Medieval English Lyrics and Carols 1400-1530* (London: Penguin, 2000), 60.

⁷⁸⁷ B' e 'níor lámh' a mhol Ó Cuív, [Léirmheas] *Scottish Gaelic Studies*, 342.

⁷⁸⁸ Donahue, *The Testament of Mary*, 50-55.

⁷⁸⁹ Rubin, *Gentile Tales*, 7-8.

chaidh i sìos a dh'Ifrinn a dh'iarraidh a' chùmhnaidh air ais. Ann an aon eagraan den sgeul sa Bheurla 's e 'Emperis of Hell' a th' aig Theophilus air Moire agus e ag iarraidh a tròcair.⁷⁹⁰

Mar sin, tha sinn a' faicinn Moire an seo na dreuchd mar bhan-ìmpire Ifrinne agus mar an nàmhaid a bu ghuiniche a th' aig an Diabhal.⁷⁹¹ Rinneadh iomradh ann an Caibideil 4 air Leabhar-Uairean a' Bhealaich anns a bheil ìomhaighean de Mhoire a' gleac ris an Diabhail. Anns an dàn seo tha eagal air an Diabhal ro Mhoire. Thuir Rosemary Woolf na leanas air seo:

In correct theological terms it is obvious that the Virgin could only protect the individual from sin, as so many prayers implore, by interceding with God that He should through the infusion of His grace strengthen the soul against temptation. But the learned tradition of the Virgin as the pre-eminent enemy of the Devil gave the opportunity for a more striking though fantastic manner of representing her power⁷⁹²

Tha Woolf a' mìneachadh mar a bha cumhachdan na h-Òighe an aghaidh an Diabhail stèidhichte air Genesis 3:15 far a bheil an Tighearna a' cronachadh an nathair, 'Agus cuiridh mi naimhdeas eadar thusa agus a' bhean, agus eadar do shìol-sa agus a sìol-se: bruthaidh esan do cheann, agus bruthaidh tusa a shàil-san.' Ach chan eil mòran anns an sgoilearachd mu Mhoire mun taobh seo dhi. Mheòraich Koppelaman air seo ann an Theophilus agus thuir i

The characteristics of the Virgin most often referred to by modern scholars of Medieval literature would seem most unlikely to engender fear in anyone, and certainly not in the devil himself... The source of the devil's anxiety seems to be the Virgin's unique capacity for paradox and ambivalence.⁷⁹³

Tha an dàn seo, a' cur air shùilean dhuinn gum faod dàn Gaoidheilge à Alba uinneag a thoirt dhuinn air creideamh sna meadhan-aoisean ann an Alba. Bha Moire a cheart cho toinnte is làn comhaichidh 's a bha i ann an àitichean eile. Tha e soilleir nach bu chòir dùil a bhith aig neach sam bith ri cobhair Moire is nach tigeadh sin an asgaidh neo gun iarraidh. Feumaidh am bàrd guidhe nach tèid a mhealladh. Ach a bharrachd air sin chunnaic sinn anns a' chaibideil mu dheireadh moladh mìorbhailean meadhan-aoiseach mar seo a chleachdadh airson an dòigh a bhios iad, 'demonstrating exemplary patterns of faith.'⁷⁹⁴ Bha moladh ann cuideachd coimhead gu dlùth air na gnìomhan a bhios na mìorbhailean seo a' brosnachadh. Tha an teachdaireachd mu ghnìomhan

⁷⁹⁰ Koppelman, 'Devotional Ambivalence', 74.

⁷⁹¹ Air Moire agus an Diabhal mar nàimhdean faic Jeffrey Burton Russell, *Lucifer: The Devil in the Middle Ages* (Ithaca: Cornell University Press, 1984), 161.

⁷⁹² Woolf, *The English Religious Lyric*, 122.

⁷⁹³ Koppelman, 'Devotional Ambivalence', 74.

⁷⁹⁴ Meale, 'The Miracles of Our Lady', 135.

follaiseach ann an iomadh ìomhaigh agus dàn anns na meadhan-aoisean.⁷⁹⁵ Anns an dàn seo feumaidh am bàrd a *ceacht* a leantainn. Tha an dàn seo a' teagasg gu bheil cumhachd sàbhalaidh aig gnìomhan ceangailte ri Moire. 'S e dèircean a thoirt seachad do Mhoire a tha ga bhrosnachadh; tha an dàn a' dèanamh iomradh air dèircean trì tursan (rannan 13, 21 agus 22).

8.5 Co-dhùnadh

Tha an caibideil seo air coimhead air an sgeulachd a gheibhear anns an dàn Albannach 'Ná Léig mo mhealladh, a Mhuire'. Chaidh sealltainn gu bheil iomadh traidisean anns na meadhan-aoisean anmoch a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air cuspair an dàin. Chunnaic sinn anns a' chaibideil mu dheireadh gum b' i Moire an roghainn, thar naoimh sam bith eile, a dhèanadh cobhair ann an suidheachaidhean gàbhaidh oillteil mar seo. Tha e follaiseach bhon dàn seo agus bho na dàin eile gun robh Gàidheil na h-Alba mothachail air feartan Moire nach àbhaist a bhith ceangailte rithe an-diugh. Tha fearg Moire air togail ceann a-rithist ann an dàn eile sa chruinneachadh; fearg a thèid aice air a chur gu feum air ar son. Chunnaic sinn cuideachd Moire na dreuchd mar nàmhaid an Diabhail, mar *bhan-impire Ifrinne* a chleachdas fòirneart anns a' ghleac.

Tha an caibideil seo cuideachd air dòigh-dèiligidh fheuchainn a tha moladh feart a thoirt air teachdaireachd gach mìorbhail. Tha e soilleir anns an dàn seo gu bheil aire a' bhàird air dèircean na h-onair a bhrosnachadh. Tha fianais againn mar sin gun robhar co-dhiù a' moladh seo air a' Ghàidhealtachd. Chaidh sealltainn cuideachd gum faodadh sgoilearan breithneachadh-litreachais a dhèanamh air dàin mar seo airson tuigse nas doimhne fhaotainn air creideamh sna meadhan-aoisean anmoch.

⁷⁹⁵ Airson tuilleadh air seo faic Breeze, 'The Virgin's Rosary', 91-98; Woolf, *The English Religious Lyric*, 122-23.

Co-dhùnadh

Tha sgoilearan eachdraidh a' gabhail ùidh ann an cràbhachd ionadail nam meadhan-aoisean anmoch agus a' faighneachd dè na roghainnean cràbhaidh a bha co-ionnan anns gach ceàrnaidh Eòrpach agus dè na roghainnean, cleachdaidhean is creideamh a bha àraid anns gach ceàrnaidh. Rinn luchd-eachdraidh na h-Alba adhartas mòr anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad agus iad a' sgrùdadh na tha na tùsan ag innse dhuinn mu chràbhachd na h-Alba. Ach thathar fhathast dualtach dearmad a dhèanamh air tùsan a bhuineas ris a' Ghàidhealtachd. Tha beachd ann nach gabh rannsachadh a choileanadh air suidheachadh na Gàidhealtachd agus na tùsan, gu sònraichte tùsan sgrìobhte, cho gann. Ach tha an tràchdas seo air dearbhadh gu bheil iomadh seòrsa tùs ann a dh'innseas rudeigin dhuinn mu chreideamh, cràbhachd is cleachdadh airson co-dhiù cuid den Ghàidhealtachd. Tha an tràchdas seo air feuchainn ri cothrom a chruthachadh airson coimhead air litreachas agus cultar meadhan-aoiseil nan Gàidheal ann an Alba. Chan eil e math gu leòr an litreachas seo a mheas mar litreachas Èireannach, rud a bhios a' tachairt ro thrì san sgoilearachd.

Leis gu bheil prìomh thùsan an tràchdais, a' bhàrdachd chràbhaidh ann an Leabhar Deadhan Lios Mòir, air tighinn thugainn à sgìre Fhairtìrchill ann an Siorrachd Pheairt chaidh coimhead air an fhianais airson cràbhachd ionadail anns an sgìre sin air tùs. Chaidh sealltainn gu bheil tùsan ann airson roghainnean cràbhaidh gu math ionadail anns an sgìre. Ach tha dà thaobh air a' mhaoil agus chaidh roinn mhòr chudromach de chràbhachd Eòrpach nam meadhan-aoisean (Moire) a thaghadh airson an tràchdais seo. Thug sin cothrom dhuinn faighneachd an robh roinnean mòra den chreideamh is den chràbhachd, mar cràbhachd do Mhoire, aithnichte air a' Ghàidhealtachd. Tha fhios gu bheil e cunnartach a bhith den bheachd gum biodh às aonais rannsachadh sgoileireil. Ged nach eil na tùsan a th' ann a' ceadachadh dhuinn dealbh farsaing fhaicinn tha iad beairteach nan dòigh fhèin.

Chaidh togail air tùsan a tha uile airidh air tuilleadh suim. Mar eisimpleir, tha Clàr-Eachdraidh Leabhar an Deadhain a' toirt dhuinn sealladh air cleachdaidhean tòrraidh is eile a bh' aig na h-uaislean. 'S e roghainnean nan uaislean, agus gu seachd àraid roghainnean nan Caimbeulach a tha air tighinn a-nuas thugainn ann an cuid den tràchdas seo. Ged nach deach ach iomradh goirid a dhèanamh air san tràchdas seo chaidh cur air adhart gun gabhadh tuilleadh ionnsachadh mu chràbhachd do Mhoire le sgrùdadh air ainmean dhaoine, eaglaisean is eile. Tha e deatamach gun tèid tuilleadh a dhèanamh air na fèillirean, mar *Saltair Ghlínn Urchaidh* a chunnaic sinn anns an dàrna caibideil agus sinn a' lorg fèilltean na h-Òighe.

Chunnaic sinn gun robh daoine fa leth, mar a bha Dubhghall Albannach mac mhic Chathail agus Domhnall Albannach Ó Troighthigh anns a' chòigeamh linn deug a' sgaoileadh eadar-theangachaidhean de rosg cràbhaidh is ùrnaighean sa Ghaidheilg, *Dialogus Beatae Mariae* agus *Saltair Mhuire* nam measg. Tha seo fhèin ag innse dhuinn gun robh gluasadan mòra Eòrpach sa chreideamh, mar a bhith beachdachadh air Co-Fhulangas Moire, a' toirt buaidh air Gàidhealtachd na h-Alba. Tha fianais airson chleachdaidhean agus creideamh nan uaislean ri fhaicinn a-rithist air na leacan is croisean, bho thaobh iar-dheas na Gàidhealtachd gu h-àraid. Chunnaic sinn mar a bha Crois Maighread à Rois (Baintighearna nan Eilean) ann an Eilean Mòr, Cnapadal air an talamh as àirde san eilean, a' cur ri faireachdainnean an t-sluaigh air na thachair air Calbhairidh. Tha feum air tuilleadh sgoilearachd a bheir sùil air diadhachd, teachdaireachd is cleachdadh nan clachan. Tha e na chùis ùidh gur e Moire agus Naomh Eòin Soisgeulaiche aig a' Cheusadh agus a' Mhàthair agus an Leanabh an dà ìomhaigh a gheibhear is nach eil lorg air *Pietà*, *Mater Dolorosa*, Naomh Anna is Naomh Moire neo eile. Tha tuilleadh obrach a dhìth air gach seòrsa fianais a chaidh ainmeachadh an seo. Tha mi an dòchas gu bheil e glè fhollaiseach san tràchdas seo nach seas a' bhàrdachd leatha fhèin mar fhianais airson cràbhachd nan Gàidheal ann an Alba; feumaidh luchd-eachdraidh a bhith deònach dèiligeadh ri tùsan anns gach cànan a bhathar a' cleachdadh air a' Ghàidhealtachd. Tha Leabhar an Deadhain leis fhèin ag ionnsachadh sin dhuinn. Mar eisimpleir, ged nach eil cràbhachd air Co-Fhulangas na h-Òighe làidir sa bhàrdachd chan eil sin a' ciallachadh nach robh an leithid ann, mar a chunnaic sinn.

Ach tha an tràchdas seo gu mòr stèidhichte air fianais na bàrdachd chràbhaidh bho Leabhar an Deadhain leis gu bheil an fhianais sin a' toirt dhuinn sealladh air na bha aithnichte do na bàird, agus luchd-èisteachd na bàrdachd, air eachdraidh, cumhachdan agus mìorbhailean Moire. Chaidh sealltainn gu bheil Moire a' nochdadh gu soilleir anns a' chruinneachadh de bhàrdachd chràbhaidh san làmh-sgrìobhainn. Thugadh seachad cunntas air beachdan sgoilearach air bàrdachd chràbhaidh na Gaoidheilge agus an t-àite a th' aig Alba sna beachdan sin. Le bhith coimhead air a' bhàrdachd chràbhaidh air fad a tha ann an Leabhar an Deadhain chaidh ceist neo dhà a thogail mun sgoilearachd sin. Mar eisimpleir, am bu chòir dhuinn a bhith cho cinnteach nach eil dàimh sam bith eadar rosg sgrìobhte agus na dàin an dèidh dhuinn an dàimh eadar dàn mu Naomh Catrìona agus a Beatha a sgrùdadh? Chaidh ceist a thogail mun diadhachd agus gu dè an ìre a tha bàrdachd Gaoidheilge annasach ann a bhith a' toirt seachad diadhachd neo-àbhaisteach. Chaidh breithneachadh a dhèanamh air gu dè an ìre a tha a' bhàrdachd a' toirt dhuinn fianais airson cràbhachd Ghaidhealach. Agus bha e soilleir gun robh rannsachadh a dhìth air sgeulachdan is cuspairean na bàrdachd. 'S e sin aon dòigh airson faicinn an

robh na bàird an eisimeil traidiseanan a bha cumanta air feadh na h-Eòrpa neo traidiseanan a bhuineadh do dhualchas nan Gàidhealtachd a-mhàin. Tha e coltach gu bheil an stòras prìseil seo de bhàrdachd a' toirt dhuinn fianais air choreigin airson cràbhachd ionadail, agus dàn mu Naomh Coide ann, agus cràbhachd a bha stèidhichte air cruinneachadh nan exemplum. Chaidh ceangal a chur air adhart eadar fear de na dàin aig Giolla-Críost Táilléar agus na *Gesta Romanorum*, mar eisimpleir.

Tha Moire glè fhollaiseach anns a' chruinneachadh, agus dh'fhaodamaid sin fhaicinn mar sgàthan air roghainnean cràbhaidh an luchd-cruinneachaidh neo roghainnean luchd-tabhartais ma thèid gabhail ris gun robh an leithid ann. Thugadh sùil air còig dàin mu Mhoire san làmh-sgrìobhainn agus tha ceangal Albannach air choreigin aig ceithir dhiubh. 'S e sin gun deach an dèanamh le Albannaich neo dh'fhaodte gun deach an dèanamh ann an Alba le Èireannach. Tha sinn a' faighinn sealladh air beachdan mu Mhàthair Dhè thairis air mu dhà cheud bliadhna (neo nas fhaide). Chunnaic sinn gun robh Moire air leth toinnte sna meadhan-aoisean anmoch air a' Ghàidhealtachd cho math ri àitichean eile. 'S e an t-iomradh air 'Ceathrar' a thug sinn faisg air *adhradh* do Mhoire; chanamaid gun robh i a cheart cho cudromach sna tùsan seo 's a bha i ann an tùsan coltach air feadh na h-Eòrpa ge-tà.

Faodaidh sinn, ma thogras sinn, iomadh leughadh a dhèanamh air a' bhàrdachd seo do Mhoire. Thèid againn air sealltainn gum biodh bàrd mar a rinn Muireadhach Albannach a' moladh bòidhchead Moire anns an dòigh a mholadh na bàird boireannaich shaoghalta agus e a' toirt aire do chàirdeasan teaghlaich (ann an dòigh a bhiodh nàdarrach dha fhèin?). Ach faodaidh sinn aithneachadh cuideachd gum faodadh e bhith gur e gluasadan cràbhaidh a bha gam brosnachadh air feadh na h-Eòrpa a leig le Muireadhach Albannach dàn mar sin a dhèanamh agus diadhairean an ama a' sgrìobhadh air a bòidhchead agus daonnachd agus suim a bharrachd anns an Teaghlach Naomh mar theaghlach mar phàirt de chràbhachd nam Franciseanach.

Sheall an caibideil air 'Fuigheall beannacht brú Mhuire' gum faodar ceanglaichean a shireadh eadar bàrdachd mar seo agus rosg air na h-aon chuspairean ann an làmh-sgrìobhainnean eile. Chaidh cur air adhart gum faodadh ceangal a bhith ann eadar rannan bhon dàn seo agus rosg a gheibhear anns an Leabhar Bhreac. Bha fèill mhòr air litreachas apocraphach sna meadhan-aoisean a chuireadh ris an sgeulachd lom a gheibhear anns a' Bhìoball. Tha cuid de na sgeulachdan sin a' nochdadh san dàn seo ann an dreach a tha rudeigin eadar-dhealaichte seach an àbhaist. A-rithist thèid againn air na sgeulachdan sin a leughadh ann an co-theacs nas fharsaing, ma thogras sinn. Faodaidh sinn Sgeul Anna agus Iaichim fhaicinn mar phàirt den deasbad mu Ghineamhainn Moire gun Smal agus mìorbhail na cruithneachd fhaicinn mar thoradh air

an deasbad mu Fhìor Làthaireachd Corp an Tighearna, ris an robh diadhairean an ama a' strì.

Bha na trì dàin eile, a tha nas anmoiche, uile stèidhichte air, neo glè choltach ri exempla neo mìorbhailean a bha gan innse ann an iomadach riochd eadar-dhealaichte ann an dualchainntean agus Laideann. Tha sgeul a' mhanaich agus an t-eun ann am 'Binn labhras leabhar Muire' fìor inntinneach oir ged a tha beachd ann gum b' e sgeul Èireannach mu Naomh Mochaoi a tha air cùl an exemplum sin chan eil guth air Mochaoi san dàn. Tha e follaiseach gur e traidisean Eòrpach nam mìorbhail is nan exemplum a chleachd am bàrd agus chan e sgeul Mochaoi, ged a bha sin ri fhaighinn ann an Gàidhealtachd na h-Alba, 's dòcha cho tràth ri àm a' bhàird fhèin.

Chaidh cur an aghaidh na sgoilearachd a tha a' gabhail ri Aonghas Fionn mar ùghdar an dàin 'Iomdha sgéal maith ar Mhuire'. Chaidh teagamh a chur sa cheangal cuideachd eadar an dàn agus Jacques de Vitry. Ged nach eil ach bloigh den dàn ann an Leabhar an Deadhain thug an sgrùdadh cothrom dhuinn coimhead air dòigh-dèiligidh nam mìorbhail. Chunnaic sinn gum b' fhiach e feuchainn ri gabhail ri diadhachd neo ìomhaighean nach eil a' còrdadh ri daoine an-diugh. Ma nithear sin faodar aire a chumail air teachdaireachd agus fianais airson chleachdaidhean. Le bhith a' dèanamh sin chunnaic sinn gun robhar a' brosnachadh cràbhachd air ainm naomh Moire, agus cleachdaidhean a dhèanamh na h-onair. Ghabh cuideigin a bha ri sgrìobhadh san làmh-sgrìobhainn ris a' chomhairle sin agus an neach a' gabhail ùrnaigh (an Obsecro te?) na h-onair.

Thug an dàn mu dheireadh 'Ná Léig mo mhealladh, a Mhuire' fianais dhuinn airson dèircean, agus moladh ann eisimpleir/leasan Moire a leantainn. Tha e cuideachd a' toirt dhuinn sealladh air beachdan dhaoine air na thachradh an dèidh a' bhàis. Chaidh tùsan eile aithneachadh a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air sgeul an dàin. Uair eile chaidh sealltainn gun gabh dàn mar seo a leughadh ann an iomadh dòigh. Rinneadh oidhirp an dàn a cheangal ri tuairisgeul air duine cliùiteach ann an dàn eile san làmh-sgrìobhainn. Rinneadh oidhirp cuideachd air sgeul an dàin a leughadh mar shamhla airson na tha e ag innse dhuinn mu eagal agus dòchas a' bhàird.

Bha eagal agus dòchas tric am measg a chèile anns a' bhàrdachd seo do Mhoire. Tha dearbhadh againn an seo gun robh iomadh seòrsa comhaichidh ceangailte rithe, taobh a-staigh agus taobh a-muigh na Gàidhealtachd. Chunnaic sinn gum faod i ar dìon bho pheacadh na feirge ach gu bheil fearg aice fhèin. Is urrainn dhi an fhearg sin a stiùireadh an aghaidh Dhè gu feum mhic an duine air Latha a' Bhreitheanais, an aghaidh an Diabhail anns a' ghleac airson anam. 'S i banrigh Nèamh ach cuideachd ban-ìmpire Ifrinne. Chunnaic sinn cuideachd guidhe a bha ag iarraidh air Moire a fearg fhèin a

chiùineachadh, fearg le mac an duine a chleachdadh i nar n-aghaidh? Mar sin, bha Moire anns na tùsan seo ioma-thaobhach agus tha na dàin seo a' sealltainn gur e ùrnaigh, dèircean agus cleachdaidhean eile a-mhàin an aon dòigh a bh' aig mac an duine feuchainn air cobhair Moire fhaighinn. Tha corra thuairmse cuideachd anns na dàin nach tig a' chobhair sin gun iarraidh, nach eil a' chobhair deimhinnte.

Ma tha aon nì soilleir bhon tràchdas seo 's e gu bheil cruaidh fheum air eagrain ùra airson a' chuid as motha de na dàin, eagrain a tha deònach fianais Leabhar an Deadhain a chleachdadh. Chunnaic sinn tric gu leòr gur e Leabhar an Deadhain an tùs as tràithe airson dàn ach nach tug an luchd-deasachaidh sùil air. Tha mi an dòchas gum bi an tràchdas seo na thaic do dhaoine agus iad a' feuchainn ri seòladh tron sgoilearachd air an Leabhar.

Aguisean: a' bhàrdachd

Anns an aguisen seo gheibhear na còig dàin do Mhoire a tha gan sgrùdadh san tràchdas seo. Mar a chaidh a ràdh anns an ro-ràdh chan e idir tar-sgrìobhadh neo tionndadh deireannach a tha mi a' toirt seachad an seo airson dàin sam bith is cha bu chòir an cleachdadh mar sin.

9.1 'Éistidh riomsa a Mhuire Mhór'

Tha an tar-sgrìobhadh seo stèidhichte air Quiggin ach gu bheil mi air oidhirp a dhèanamh a leasachadh ann an àite neo dhà. 'S e tionndadh foillsichte Bhergin a th' ann.

1. **Est rwmsy^t a Wvvr m^hor / di zw is lwmsy^t bi lowich,
di zrwn rayd wrair na beyt / a wair reich zwnn nin now**

Éistidh riomsa, a Mhuire mhór,
do ghuidhe is liomsa badh lúdh;
do dhruim réd bhráthair ná bíodh,
a Mháthair Ríogh duinn na ndúl.

2. **Skayle di wayr moeyr lwm / na zeye id ta er traale
Inyn willis m^hallyt none / trillis tromm clyich fa chenn**

Sgél do mháthair meabhair liom,
'na deaghaidh atáthar treall,
inghean mhilis mhalach ndonn,
trilis trom chladhach fá ceann.

3. **Anni sin senvayr rey / vo galwrair di zin reic
Neir zaall yn myir la mneith / gir eith la trair zarrow eith**

Anna sein, seanmháthair Dé,
óa gealbhráthair do ghein rí,
níor ghiall a meadhair do mhnaoi,
gur fhaoi lé triar d'fhearaibh í.

4. **Rug / an yyn gi zey ga zeey ir zeuwe / geywe ac in nyn zill owr
tre hymyme ac an heir / sleme zale / in deive/ cam a gowlit**

Rug inghean gach dheighfhir dhíobh,
geibhidh aca an fhinngheal úr,
teóra inghean a clann chaomh,
slimhgheal a dtaobh, cam a gcúl.

5. **Gormm in sowle sork in gnā / a goyrt noç à choyrt gin r...
Ni sloe wlle ta er in deith / tre mna is mvrri er gi me ...**

Gorma a súile, suairc a ngné,

a gcuairt nochar chuairt gan ghnaoi,
na sluaigh uile atá ar a dtí,
trí mná agus Muire ar gach mnaoi.

6. **Tugsit iii fir hei' in trur / ni tre m^hur o neive nyⁿ neive
gvr a thra waale torry' in trair na geyve drongy' sna ...**

Tugsad trí fir thoighe a dtriúr
na trí Mhoire ó nimh na naomh,
gur thráchtmhall torrach an triar
na gciabh ndrongach snátrum saor.

7. **Rugsi treir makki ni mnā / acca ripbi lea is a lea
ca sessir meine di bi woo' / essir ripbi so zeyve Dea**

Rugsad trí maca na mná,
aca roba lia 'sa lia;
(cá seisear mín doba mhó?)
eisean roba só dhíbh Dia.

8. **mayr Iacok yⁱⁿin deve / ska doyt / ergi nym^mne oyr
Ben deive mur mayr oyne / skoyle nor znā dwn**

Máthair Iacóibh inghean díbh,
sgiathdóigh ar gach n-imneadh fhuair,
bean díobh Muire máthair Eóin,
sgeóil nár ghnáthaigh duine i nduain.

9. **Tussi mur mayr rey / dw^mmi neir znaeic di zneit
Re willi er ni roy^mme er a thre / re feir neive id w...**

Tusa Muire Máthair Dé,
duine níor ghnáthaigh do ghnaoi,
ríghbhile arna roinn ar thrí,
Rí fírnimhe id bhroinn do bhaoi.

10. **Missi er vir nam^yth a threin / id zey heacht ag^{is} id zow...
a am^wm mvr mor / a ooyr boe a awille our**

Mise ar bhar n-aithnibh ar-aon,
id dhaighthigh agus id dhún,
a anam, a Mhuire mhór,
a ór buidhe, a abhall úr.

11. **A wey^g a eaddi a heicht / a cheyve za gy' mir in gort
A wayr a hur a harkg stur gi cart in brayr bocht**

A bhiadh, a édach ar h'iocht,
a chiabh ghégach mar an ngort.
a Mháthair, a Shiúr, a Shearc,
stiúr go ceart an bráthair bocht.

- 12.⁷⁹⁶ **brair zawsi di vac mor / a lat waalsi wayir heir**
deyg wrayr chēn er ir gowle schen vayr our noew / a ze reinn

Bráthair dhamhsa do Mhac mór,
 a shlat mhallsa, a Mháthair shaor,
 deaghbhráthair cóir ar bhar gcúl,
 seanmháthair úr róibh a-raon.

13. **Gwn narne mymir a her a ynn vur a harle twit**
ynmi yn chre creir zow / meic zwle da neic in dwit

Go ndearna m' ionghaire ar h' Fhear,
 a fhionnMhuire, a earla tiogh,
 iomdha im chridhe crithir dhubh,
 mithigh dul dá nighe aniogh.

14. **A wair zey, danwm seyth / ossi zley zownn gnā di cheyve**
Cuinichg harg a Wur woyri ooyr darg in gwr chreig

A Mháthair Dé, dénam síodh,
 ósa ghlédhonn gné do chiabh,
 ciúnaigh h'fhearg, a Mhoire mhór,
 a ór dearg i gcoire chriadh

15. **Di neiwe hanaka heyve gale / a layrik seir mir a schreive**
Ca beg lwm zowsis doyv / a chowle chass zlan inn o tir

Do nimh thánaig, a thaobh geal,
 a láraig, saor mar an sriobh.
 Cá beag liom do dhúthchas damh,
 a chúlchas ghlan fhionn, ót Fhior?

16. **A threnoit is sa wur wane / tulli gi gloor at fir gloor**
a chay'rir castew reim zoy / ne gayvir woyve assge ooyr

A Thríonóid, a Mhuire mhín,
 tuile gach glóir acht bhar nglóir;
 a Cheathrair, caistidh rém dhuain,
 ní geabhthair uaibh aisgidh óir.

17. **A oo wur awrith dow / a wor woyni a garri galle**
tugga a chenn bayg ni bann / doyv ter kenn mi nair noyve

A ÓghMhuire, a abhra dubh,
 a mhórmhuine, a ghardha geal,
 tug, a cheann báidhe na mban,
 damh tar ceann mo náire neamh.

18. **Di clonn dayve how a waale woor / gin chran mur how ravir dower**
di clonn awrane hwrle cleine / gawlane a chreive gowra er a ^(choll)

⁷⁹⁶ Tha an rann seo a' nochdadh aig bonn na duilleige (150) ann an ince nas doirche le comharra ro rann 13 airson sealltainn far am bu chòir dha a bhith.

Do chloinn Dáibhíodh thú, a mhall mhór,
 gan chrann mar thú rébhar dtúr,
 do chloinn Abhrán h'urla claon,
 gabhlán craobh gcumhra ar do chúl.

19. **Her is di wak er a wunn /gal a zlaka is gal a reit
 Ter ayr rayd heiwe is steic / ag senn tein zallin tir**

H'Fhear is do Mhac ar do mhuin,
 geal a ghlac is geal a righ,
 t'Fhearathair réd thaobh as-toigh,
 ag soin taom d'ealathain t'Fhir.

20. **Dalaa eny^t zid twcht bane agus zi tult in zlann owr
 di wak agus ter a threine /a laiç her zall er a zlowin /**

Dalta iongnadh dot ucht bhán,
 agus dot fhult fhionnghlan úr,
 do Mhac agus t'Fhear ar-aon,
 a shlat shaor gheal ar do ghlún.

21. **Di wawr deyss yve ann / da vir gewneith o zlinn di zlinn
 mak mallith zow doith zalle downn / oyk ven tron an allow inn**

Do bhábhair dias aobhdha ann
 dábhar gcaomhna ó ghlionn do ghlionn,
 Mac malachdhubh dóidgheal donn,
 óigbhean trom anathlamh fhionn.

22. **Di nee ay / cassy^t a cheyve / di dhowe ay er zassal da zein
 Di wass ok wur our /di chass ch^owle / royd woe in reit**

Do-ní sé casadh do chiabh,
 do dhuadh é ar t'asal dá dhíon,
 do bhas, a ógMhuire úr,
 do chas cúl ródbhuidhe an Ríogh.

23. **Tow zi heir di hawf less/ is di chei^t bane er a^{ti} woss
 in noyrri neyffa in greyve gass/ di leiç ay aⁱⁿ baiss geivi si goiss**

Tú do shíor doba shámh leis,
 is do chíogh bán ar a bhois,
 an uair do nighthéa an gcraoibh gcais,
 do lightheá an mbais gcaomh 's an gcois.

- 24.⁷⁹⁷ **Freiç boe er hour war mir hoyr /a wur howle waal a hur
 keich gelweine trome ass di heive / le^{vin} seir donn za dwle in veg**

Fraoch buidhe ar h'úrbharr mar ór,
 a Mhuire shúlmhall, a Shiúr,

⁷⁹⁷ Buinidh an dà fhacal mu dheireadh san rann ri an ath rann.

cíoch geilmhín trom as do thaobh,
Leinbhín saor donn agá diúl.

25. **Marg zole harle tw /dolle ̰ or / ne zarni kin
my^mi buirik di wrow a wenⁿ ̰e ne hey know er finlate**

Mairg do oilthigh h'earla glan,
doiligh, ór ní dhearna cion;
munab ionnraic do bhrú, a Bhean,
ní headh cnú ar fionnshlait i bhfiodh.

26. **Espy^t clann lat ~~rin~~^{darn} zit lavić / a lag war flessgy^t cam clyn
awrys di bolk a chaill /ort a cheyve clyg ollis cheyve**

Easbach clann ladrann do luadh,
a lagbharr fleasgach cam claon,
amhras dob olc an chiall
ort, a chiabh chladhsholas chaomh.

27. **Di wrow a neiss bi l^owmlane lat / mir veiss a wrone lan^e si^{vrit}
a con^{ne} is gin lai lat m^hak mvrre / zi rynit rwte**

Do bhrú aníos ba lomlán lat,
mar bhíos a bhronnlár 'san bhrioc,
an Coimdhe 's gan loighe lat,
Mac Moire do-roighne riot.

28. **Açt how feynⁿ, a wur wor / nac char layr di zu^mnith a zeir
swa. ey^t er her a olt fayr/ naç bey is benⁿ olk a rein**

Acht tú féin, a Mhuire mhór,
nochar léir do dhuine dhaor,
suaimhnighe ar fhear, a fholt fiar,
nach biadh is bean olc ar-aon.

29. **Coswil heinⁿ wac rayd chowle gan / a heir lat in da howle
di zlak ag in zilli hang / is tingi hann zattyth zownⁿ**

Cosmhail h'aonMhac réd chúl gcam,
a shaorshlat an dá shúl chorr,
do ghlaca ag an Ghiolla shiong,
is t'ionga fhionn data dhonn.

30. **Cwnl^ayth gormwlych di zroyğ / awrić down zlwⁿy^t ga zen^y^t
galzagy^t loyvⁱr di lawe / dane name brakgy^t i zlayr reim**

Coinnleach gormshúileach do ghruadh,
abhra donnghlúineach 'gá dhíon,
geilghégach leabhair do lámh,
dán neimbrégach dleaghair dhíom.

31. **Glan fallannⁿ boe di war / myr von^{ne} cammane fad chennⁿ,
glan di wass cheill wayrri^t chorre / as chass downⁿ heir zanⁿy^t hang**

Glan fallán buidhe do bharr,
 mar mhuine camán fád cheann,
 glan do bhas chaoilmhérdha chorr,
 a chas donn shaoirdhénmha sheang.

32. **Ne zachee zayk hay'chin wna / di harroe ni brak na weaa
 ner wlass beoe benn mir how / /a wrow zall in deacht dea**

Ní dheachaidh d'ég h'aithghin mhná,
 do shaighthin – ní brég – ní bhia,
 níor bhlas beathaidh bean mar thú,
 a bhrú gheal i ndeachaidh Dia.

33. **Tugi down lawe is lanni / a chowle / riss naç deggow tonn
 in wraikley er nat bee kennn / nar bi lamm ee a zayd zald(oy...)**

Tugaidh dhún leabaidh is lionn,
 a chúl ris nach teagaimh tonn,
 an bhréigfhleadh ar nach bí ceann,
 nárab leam í a dhéidgheal donn.

34. **Gwit gow hane hawri dow / er zraw ir nammi / a zraw glan
 awur ne hadur herr fod zw a zal zad zlan dawf**

Guidheadh go hán h'abhra dubh,
 ar ghrádh bhar n-anma, a ghrádh glan,
 a Mhuire, ní hédmhar h'Fhear
 fád ghuidhe, a gheal dédghlan, damh.

35. **a Olt boe clyith cam / a wurri ni mallith sang ~~na-leg-a~~
 Na lega di wree olli inn / feith lin di chroith fa kenn.**

A fholt buidhe cladhach cam,
 a Mhuire na malach seang,
 ná leig do bhreith oile ionn,
 feith lionn do chroidhe fár gceann.

36. **Damin fess a warra mhor is di lane dea teive ra teive
 gaw moythrin dey ran is donn woyee a zallee waale...**

Dénam feis, a mheardha mhór,
 dod deis dealbhdha, taobh ré taobh,
 gabh m'fhorthain deaghrann is duan
 uam, a ghealmhall shochraidh shaor.

37. **Na rowe benn aç tuss ym heic / gimmi tuss oss hir er
 ne mnā falls a chew sni crew / a vill doss rew na royg**

Ná rabh bean acht tusa im thigh,
 gomadh tusa bhus fhear air,
 na mná fallsa ad-chiú 's na cruiddh,
 a bhfuil damhsa riú ná raibh.

38. **Gin spess in gonnow na grof / na in skorrew a zess zlan**

Essew chorn chay is a gonn orm in skor blay is a bann

Gan sbéis i gconaibh ná i gcrodh,
 ná i sgoraibh, a ghéis ghlan,
 easbhaidh chorn cáich is a gcon,
 orm is a sgor mbláith 's a mban.

39. **Togow a malli now zownith & in nye mir wlli leith
 toggwss gur is fagkin fane / in g^aywe / royde slayt inn seir**

Tógaibh an malaigh nduibh dhúin,
 is an aghaidh mar fhuil laoigh,
 tógaibh, go ros faicinn féin,
 an gcéibh ródaigh slaitfhinn saoir.

40. **Togow downe a bonn sin boiss agus in kowl downn gin ness
 gwss a swle nekgrwnn a geyr igloss / rayd chayve dess gow
 vobrin fess / Estew /**

Tógaibh dhún an bonn 's an mbois,
 agus an cúl donn go ndeis,
 'gus an súil n-ógcruinn ngéir nglais,
 réd chéibh dtais go bhfóbrainn feis.
 ÉISTIDH.

9.2 'Fuigheall beannacht brú Mhoire'

Tha an tar-sgrìobhadh seo stèidhichte air Quiggin ach gu bheil mi air oidhirp a dhèanamh a leasachadh ann an àite neo dhà. Gheibhear an uair sin dà thionndadh; air an làimh dheis tionndadh foillsichte Mhic Chionnaith nach do chleachd Leabhar an Deadhain, agus air an làimh cheàrr gheibhear an oidhirp agam fhìn air tionndadh air na tha teacs Leabhar an Deadhain a' toirt seachad.

1. **Fewill barmich brow mvr / ewchir zoyr Soythin
 Glaß gi dwnni a wei bred / is she wlli zi zoslyk**

Fuigheall beannach[t] brú Muir[e];
 eochair dh'fhóir sochaidhean,
 glas gach duine a bhí [am] bruid,
 is sí uile dha dh'fhuaslaig.

(1) Fuigheall beannacht brú Mhuire;
 eochair ro fhóir shochaidhe,
 glas gach dhuine do bhí i mbroid,
 is í uile do oslaig.

2. **Ne hawir gill er in zwrt / toyr mir horri ni bzmicht
 Noch cha ley in torri hig // ~~toyr mir horri~~ no^we agus tallow throyviç**

Ní thabhair gill[e] air an ghart
 tuar mar thora[dh] na beannacht;
 noch cha leagh an tora[dh] thig,
 neamh agus talamh throimhid.

(2) Ní thabhair giolla ar a ghart
 tuar mar thoradh na mbeannacht;
 noch a leagh an taradh thig,
 neamh agus talamh treimhid.

3. **Skayle lamm er lossni bzmicht/ din doir mvrri mor chemith**

Neir chor schinn er *in* ninn oe / ach skaill ~~om~~ vinn *in* vamoe

Sgéala liom air lus na [m]beannacht
don d'fhuaire Muire mór-cheannacht;
níor chuir sinn air an eun ói[r]
ach sgéal o bhinn in bhanóigh.

(3) Sgéal liom a lus na mbeannacht
fa bhfuair Muire móircheannacht;
ní chuir sinn ar an éan óir
acht sgéal bhus binn don bhanóigh.

4. Lay zeame ayi'r mvrri / re *in* womis /za invirre

Da chew neno^r gin naew zlyn / sy^t wreynn wy rae gor rotht[in]

Lá dh'Iai[ch]im athair Muire
roimh an bhoin is dha ionghuire
do chí naoinear gu néimh ghloin
sa bhraoin-mhagh réidh ga rocht[ain].

(4) Lá d'Iaichim d'athair Mhuire
le haonbhoin dá hionghuire
do-chí naonbhar go néim ghloin
sa mbraonmhagh réidh dá rochtain.

5. ~~Rak~~^{c^k} a wo ziss aychti da chwnnow a chwtidichti

Lesg a la far a waall wo ma^t / ^{is} sy tawloo zalle zranich

C[r]eic a bhó dh'fhios [a] eachta
do chuingaibh a[n] chuideachta;
leasg le fear a mhallbhó [a-]mach
is tsamhló gheal ghrianach.

(5) Reic a bhó d'fhios a eachta
do chuingidh an chuideachta;
leasg le fear a mhallbhó a-mach
is an tsamhló gheal ghrianach.

6. Feymnis Eame z gar weym zoo/ kenzyrch a chenni a hane wo

Ne hay *in* kemich nar zaywe gryme / ~~is~~ di <~~zoyv~~>^{warri} *in* täalli^t zea

Feidhmis Iai[ch]im gér feidhm dhó
ceannach a chionn a h-aonbhó;
ní hé an ceannach nar ghabh greim
do mhair an t-eallach dh'Iai[ch]im.

(6) Gabhais uathaibh gér fheidhm dó
ceannach do chionn a aonbhó;
nochar cheannach nar ghabh greim
do mhar an t-eallach d'Iaichim.

7. In ix bemith er *in* bonni /tugsid doo *in* nwth a edde

benith *in* neno^r oe inn / di bi loyr zayne vonni eayme

An naoi beannacht air an bhoin
tugsad dó in n-ucht a éadaigh;
beannacht in naoinear ógh fhinn
do ba lór dh'aonbhoin Iai[ch]im.

(7) A naoi mbeannachta ar an bhoin
tugsad dó i n-ucht a éadaigh;
beannacht am naonbhair ógh [inn]
ro ba lór d'aonbhoin Iaichim.

8. Eayis owcht vmpi^t sin // tead *in* ~~sin~~^{ven} loo si lebbi

Bentyr rea sin leppi less / mir a chedde dea *in* deyis

Iadhais [a] ucht umpa sin
téid an bhean leo sa leabaidh,
beantar ria san leabaidh leis
mar a cheadaigh Dia an deighfheis.

(8) Iadhais a ucht umpa sain
téid 's a bhean leo sa leabaidh,
beantar ria sa leabaidh leis
mar do cheadaigh Dia an deighfheis.

9. **Teggwss in senn swork in grym / mvrri wor zi wreeaynn**
Dey hea'nayss di be a heyg senayir^t dey fa zerri^t

Teagmhais an sin – suairc an greim! –
Muire mhór dha mhnaoi <Iai[ch]im ?>;
deagh fhiadhnuis do b'e a <theagh?>
seanathair Dé fa dheireadh.

(9) Teagmhaidh annsain – suairc an
greim! –
Muire mhór do mhnaoi Iaichim;
deaghachain é ro b'é an fear
seanathair Dé fa dheireadh.

10. **Dea reessni bennichtin binni / graweiss zi nein Eaym**
Surre riss di roynith ~~sinn~~^{schec} / neir wriss a oe in tard ree /

Dia ris na beannachtain binn
grádhughis dha nighean Iai[ch]im;
suirghe ris do-róineadh sí
níor bhris a [h]óighe an t-árdrí.

(10) Dia tres an mbeannachtain mbinn
grádhughis inghin Iaichim;
suirghe ris do-róine sí
's níor bhris a hóighe an t-airdrí.

11. **Gawis gawrell gay gew / one ayr gow oe z wur /**
Tug samis di wur woyr goywis na g cree in gead doyr

Gabhais Gaibhrial ga guidh[e]
ón athair go óghMhuir[e]
tug sanais do Mhoir[e] mhóir
gabhais na croidh[e] an gcéadóir.

(11) Gabhais Gaibhrial ga guidhe
Ón Athair go hógMhuire
Tig sanais do Mhoire mhóir
Gabhais 'n-a croidhe i gcéadóir.



(12) Gur thorrach Muire máthar
go hiodhan don urláthar
Gaibhrial re bruinne níor bhean;
níor bh'ainliadh uirre an t-aingeal.

12. **Tre raye^t in be mayane wur gen soythir nin soithin**
In seir zanni di wei^t na broonne / ra tre ~~heyvlen bi~~^{heyleyve di} zwr sin

Trí ráithe in meadhan Mhuir[e]
gein sochair nan sochaidhean
an saorghein do bhí na broinn
ra tré h-aoibhlibh do dh'ursainn.

(13) Trí ráithe i meadhón Mhuire
gein sochair na sochaidhe
an tsaoirghein do bhí fa broinn
'n-a trí h-aoibhlibh ro ursaing.

13. **Rug in noosgi weynn zall wur / oywnn corkri^t in groy^t assill**
Innit foyr dokkir neir zlee / si hoywine gorkri^t fane geirri

Rug an uaisg mhíngheall Mhuir[e]
uan corcrach in gcrú asail;
ionad fuar docair nír dhligh
's a huan gcorcrach fan gcaoirigh.

(14) Rug an uaisg mhíngheal Muire
uan corcra i gcrú asaine;
ionadh fuar dochla nír dhligh
's a huan corcra man gcaoirigh.

14. **Ruggi si beair wuk / ard^{re} / neiwe fa nollik**
Tukgⁱ rich greyn^{mi} zin zinni / gir / heyg in bei^t za wrocin

Rugadh sa Bheithir bhuig
airdrí nimhe fa Nollaig
tug rioth gréine dhan ghein
gur théigh an bioth dha bhruithin

(15) Rugadh is an Bheithil bhuig
airdrí nimhe fa Nodlaig;
tug 'n-a rioth gréin mar do ghein
gur théigh an bioth dá bruithin.

15. **Foskoll ter re hwth in skoole / fwnok easga *agus* eaoyr**
Di wei^t zraynn gin torssi zea ~~di ley noe solsi~~ ^{di leith ni soisi} reyve roei^t

Fosgailtear re hucht an sgeoil
fuinneag[a] éasga is ai-eoir
do bhí [a']ghrian gun doirrsé dhí,
do laigh na soillse riamh roimhe.

(16) Oslaigid re hucht an sgeoil
fuinneoga éasga is ai-eoir
gur laoi an ghrian a doirrsé dhí,
dlaoi ar a soillse riamh roimhe.

16. **Di wei^t tayar ree lossi / di burriss a hwrmissni**
ossken ix mvrri zi noew / na inni er a inn nangill

Do bhí [an] t-a-éar ri loise
do b'uras[a] a <urmaise>
ós cionn naoi[mh]Muire dha neamh
'n-a <aondoie> fhionn aingeal.

(17) An t-a-éar lán do loise
o b'urusa a urmaise
ós chionn naomhMuire go neamh
'n-a aondoire fhionn aingeal.

17. **Ni phae di folsi doyve / ardre wea fane va^{moe}**
Lynn^{mir} oskenn a hocht / amir inn ni hoyecht

Na fáidhe do foillsi[ch] dóibh
airdrí [an] bheatha fan bhanóigh,
lainnir os cionn a hucht
ainnir fhionn na h-óigheacht.

(18) Na fáidhe faillsighthea dhóibh
airdrí an bheatha 'gun bhanóigh,
coinneal ós cionn a hochta
loinnear fhionn na hógheacht.

18. **Touss er zeyth daale zlann / oyr er a reicht^a / Rukgi**
Si linni na^t de rae re tart / mirre z na zail is dennicht

Túis air [a] dhiadhacht – dáil ghlan –
ór ar a ríoghachta rugadh
's a linn nach do thráigh re tart
mirr na dháil is daonnacht.

(19) Túis dó ar a dhiadhacht – dáil ghlan –
ór ar a ríoghacht rugadh
a linn noch a tráigh re tart
mirr n-a dháil ar a dhaonnacht.

19. **Insis fir dirwoe in sin / gir Rug benni ansi beair**
In tøy^{teo} schanti^t cass corkrich / dar lass readly^a reichti

Insis fir d'Ioruadh ann sin
 gur rug bean anns a'Bheithir
 an t-eo séanta cas corcrach
 dar las réatla ríoghdhachta.

(20) Innistear d'Ioruadh ann sin
 go rug bean is an Bheithil
 an t-eo séanta cas corcra
 dar las réallta ríoghdhachta.

20. **Gloisss a hylit za hour / ra armit is ra hymow**
Zeare dey gin gar wolt / is ay neno^t ni deyichdich

Gluais a theaghlach dha thúr
 re fharmad is re iomthnúdh
 dh'iarraidh Dé gin gur <dh'olc>
 agus é naoinear na diadhachta.

(21) Cuiris a theaghlach dá thúr
 tré fhormad is tré iomthnúdh
 d'iarraidh Dé gin gur dochla
 's é i ndiamhair na diadhachta.

21. **Marwoir git mak mor in gnew / da roye in neiss in nardree**
Di warve dey gin gar zle / di bea a wir in narle ^{di bea yvir in nerle t..}

Marbhthar gach mac – mór an gníomh –
 dá raibhe i n-aois an airdríogh;
 do mharbha[dh] Dé gin gur dhligh
 do b'é adhbhar an airligh

(22) Marbhthar gach mac – mór an
 gníomh –
 dá raibhe i n-aois an airdríogh;
 do mharbhadh Dé gin gur dhligh
 ro b'é adhbhar an airligh.

22. **Tugsi beaill fane gort / a lane er my sochri schork**
Is sea lein di marwe ann / di wakkei^t Sawli seir clann

<Tugais Beithil fan gort>
 a lán air <mo shochra suairc>
 is sé linn do m[h]arbhadh ann
 do mhacaibh samhla saorchlann

(23)[Seachtmhogad] fa sochla suairc
 do bhí san Bheithil bhánshuairc
 gach ar mharbha acaibh ann
 do mhacaibh samhla saorchlann.

23. **Ma^t di hey^t mvrri lay mak / fadda a hey^t si hymmich**
chortich sche in weayll fa thre / a teei^t lessin nard re

Mach do théid Muire le mac,
 fada a théid sí a-mach;
 chuartaich sí an Bheithil fa thrí,
 a' teicheadh leis an airdrí.



24. **Lay elli emwin mvr / muntir irwoe ewle**
Harle in glinni in groe chorkri^t / si hoynn finni er fallichti

Lá eile < > Muir[e]
muinntir Ioruaith Iulaidhe;
tharla an gleann an gruadh chorcach
's a huan bhfionn ar falachta

(24) Do bhádar lá i lurg Muire
muintear Ioruaith Iulaidhe;
tarla i nglionn a gruadh chorcra
le huan bhfionn ar folachta.

25. **Di we greor ansi zlanni / dalti ir ~~woe~~ woe nyn noir faale**
Di chew in stoyg chenn zlann chorkri^t / woe dalri^t in deyichti^t

Do bhí Grioghair anns a' ghleann
dalta Ioruaith na nór bhéal;
do chí an stuagh ceann ghlan chorcach,
uadh dealradh an diadhachta.

(25) Tarrla Grioghair ar an ngleann
dalta Ioruaith na h-óirbheann;
ad-chí an sduagh cheannghlan chorcra,
uadh dealradh na diadhochta.

26. **Hug greor graw ammi / din neyn oig oskirre**
Gloyr zreor / gin raith ne royve / gar vin a cha^t ga chossnow

Thug Grioghair grádh <a> anmna
don naoidhin óig oscartha
– glóir Ghrioghair gan rath ná rabh –
gar mhion a chath ga chosnamh.

(26) Tug Grioghair grádh a anma
don naoidhin óigh osgardha
– cró Grioghair gan rath ná rabh –
do mhionuigh cath ga chosnamh.

27. **Cayd zreor di choye in royve /is say maiss feir zin chanownn**
Greor sin royve shalli or senn / far imit foyle is pheddir

Céad Ghrioghair do chuaidh an Róimh
is é mas fhíor dhan chanóin,
Grioghair san Róimh seal < > sin,
fear ionad Phóil is Pheadair

(27) Céad Ghrioghair do-chuaidh sa
Róimh
is é más fhíor don chanóin,
Grioghair sa Róimh re seal sain,
fear ionaidh Póil is Peadair.

28. **Lay za royve er mvn mvr / di ryni^t in mak miarrwle**
Di Rymy in ley^t feir zlann firtti / di heil keil in croithnity

Lá dha raibhe air muin Muir<e>
do rinneadh an mac míorbhuile
do rinne an laoch fíor ghlan fearta
do thilgeil an cruithneachd

(28) Ga iarraidh ar muin Muire
do-rinne an mac míorbhuile,
an taobh fhíorbhán fa fhearta
'n-a míonghrán chaomh chruithneachta.

29. **Innmis agus ay gay ar / / di chonm^{ik} gir ay sin nath**
min tra sin er lorg a woonn / asse collg si connill

Innis agus é gá ar
do chunnaicear é san ach[adh]
<mion> tráth sin air lorg a bhonn
fásaidh colg 's a[n] connall.

(29) Innisidh is é gá ar
fear a fhaicsin tre achadh
an lásain tre lorg a mbonn
fásaidh an colg 's an connall.

30. **Hig *in* noyr sin treid *in* nar / mvntyr irrwoe na yrri^t**
Gar frab sin di waß gay woynn ar faß *in* nor re anen o[yr]

Thig an uair sin tred an ar
 muintear Ioruaith na adhradh
 gar phrab sin do bhás ga bhuain
 ar bhfás an oir re [h]aonuaire

(30) Tig an uairsin tres an ar
 muintear Ioruaith [ga] n-adhradh
 gur phrap soin do bás ga bhuain
 ar bhfás an oir re haonuaire.

31. **Harli lay moeh di Wur / mayne weß a chryne chourre**
A war gir lomny^t la layve / crommis a crann na coyile


Tharla lá muigh do Mhuir[e]
 mian mheas a[n] chroinn chumhraidhe;
 a bharr gur lomnaich le láimh
 cromais an crann na comhdháil.

(31) Táinig lá a-muigh do Mhuire
 mian measa an chroinn chumhraidhe;
 a barr gur lomair dá láimh
 cromaidh an crann 'n-a comhdháil.

32. **Mur myr a cha^t si chyill / a loyr di weß *in* wor chroy[n]**
Mir a chammi zin wenn zill woyr / deirreis *in* chranni *in* gaoddo^t

Muire mór a chaith sa choill
 a lór do mheas an mhórchroinn
 Mar a cham dhan mhíngil mhóir
 dírgais an <chrann> an gcéadóir.

(32) An uair do chaith ins an gcoill
 a lór do mheas an mhórchroinn
 mar do cham don mhíngil mhóir
 dírgaidh an crann i gcéadóir.



(33) Dírgheadh mise máthair Dé;
 ionann ar bhfuil 's ar bhfeoilchré,
 an chraobh fhionn [ón] eitne óir,
 leigthe saor ionn 'n-a honóir.

33. **Goyss lamm er losgi mammith / awlli lommi lassawle**
Tenni agus ay er mi hankgei^t / silli agus dey^{er} ~~ta~~drillimew /

Guais leam ar losgadh m'anmna
 aoibhle loma lasamhla,
 teine agus é air mo theangaidh.
 seile agus <Dé air> drithleannaibh

(34) Gráin liom do losgadh m' anma
 m'aoibhle loma lasamhna,
 mé agus teine ar mo theangaidh,
 seile Dé re dhrithleannaibh.

34. **Gi seyddi ni dre'ilymith zeynmi yn beall di wea / in tardree**
Sin drwmni er in deachi mvnn / di m vuk / o zeache in deowill

Gu[n] séideadh na drithleanna dhínn an béal do bhiath an t-airdrígh, 's an druim ar an deachaidh muin dom <bhac ?> ó dheathaigh an Diabhuil.	(35) Séideadh na drithleanna dhínn an béal ro bhiath an t-airdrígh, an druim ar a ndeachaidh muin dom buing ó dheathaigh Diabhuil.
--	--

- 35.⁷⁹⁸ **A chey't layr bea mak dey / eddrum is Iffirn arm zeyr**
nyymi fa toll erwe zea zawe / mee er chorith ni kei'

A[n] chíoch ler biath[adh] mac Dé eadram is Iffearn airmghéar; < > mé air <chomairghe> na cích<e>.	(36) An chíoch do cuireadh 'n-a bhéal eadram is Iffearn airmghéar; do-ghéabh connailbhe Dé dhe mé ar chomairghe na cíche.
--	---

36. **Eddrwmme agus creiss ni croynich / gi royve mak ni mor oe**
Know wo^e moggill gi mvnmi eo hobbir ni troikirre

Eadram agus < > na cróine go raibhe mac na móróghe cnú bheo mogail gach muine, eo thobair na trócaire.	(37) Eadram is allt na cróine go mbé mac na móróghe cnú bheo mogail ar muine, eo tobair na trócaire.
--	--

37. **Dawy't zlantit' zi' t'gilli forrigit' ni feirrimith**
Glant' ass in dawe gi dram / / na sawil fley ~~gi~~ si fwill
Fueyll

Dabhach ghlanta <gach> gille fothrugudh na fírinne, <glantar?> as an dabhaigh gach dream; 'n-a samhail fleadh sa fuigheall Fuigheall	(38) Dabhach ghlanta gach ghille, fothrugudh na fírinne, geal as a dabhaigh gach dream; 'n-a samhail fleadh re fuigheall. Fuigheall
---	--

9.3 'Binn Labhras Leabhar Muire'

Tha an tar-sgrìobhadh a gheibhear an seo stèidhichte air Quiggin ach gu bheil mi air a leasachadh ann an àite neo dhà. Tha an tionndadh eadar-amail seo cuideachd gu mòr stèidhichte air an tionndadh a gheibhear anns na pàipearan aig Quiggin ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba ach gun do rinn mi oidhirp air a leasachadh far an deach agam air. Tha tuilleadh obrach a dhìth fhathast air an tionndadh, gu tric chan eil comharradh anns an tionndadh.

⁷⁹⁸ Tha an rann seo a' nochdadh an dèidh deireadh an dàin agus loidhne air a tharraing le peann a sheallas far am bu choir dha a bhith.

1. **Bynn law*inis* lev*ir* mvrr sawir sloy ga scheir zoe
ga wll glor croynda cree mor zloyr rynna in reyach*h***

Binn labhras leabhar Muire
's adhbhar sluaigh ga síorghuidhe,
'gá bfuil glóir críonna cridhe
mar ghlóir ríoghna an richidhe/ríghthighe.
2. **<Y> mga sin lowir wrekk vynn di zloyr ney*ne* eawyme
<w>od wael a m*h*wr m*h*air skaell er dulli dach alda**

Iomdha 'san leabhar bhreac bhinn
do ghlóir inghine Iai[ch]im
<bh>ód bhéal, a Mhuir[e] mháthair
scéal < ... >
3. **Di m*h*eroil dy^t blast boyl ne tark me in ney in norsko<l>
Tug*is* grayg*h* dyn woeyr vynn ter lair gi lowyr le<yn >**

Do mhíorbhail dá blasta beóil
ní tearc mé i ndiaidh an uirsceóil,
tugus grádh don <mháthair/ mheadhar> bhinn
dár lán gach leabhar léighinn.
4. **Ad ta sin lov*ir*ynd oda os er mamach neyf in nossod
A<s> er aen*nay* inse in dwllew skaell is milsi werow<llew>**

Atá 'san leabhar fhionn ód
<os?> ar manach naomh an nós ód
's ar éanlaith innise an Dúilimh
scéal as millse mhíorbhúilibh
5. **<O>ct blyin din vamach vynn ag rear ney*ne* eaym*me*
mir <d>ar zane an dwlwf ga scheir zwe er zeßzlon<ew>**

Ocht [m]bliadhna don mhanach bhinn
ag ríar inghine Iai[ch]im,
mar <daordhuine ?> an Dúilimh
ga síorghuidhe ar deasghlúinibh.
6. **Din mvrrn tak er neyf nayly^t neir 'ayr in far feirany^t
Ach gloir oyne th*ril*se th*rom*m di choyl insse oyg*h* m*h*wr<e>**

Don mhúirn atá aige ar neamh néal
níor éar an fear <firéan?>
ach glór <eón trillse truime?
do cheól innse Ógh-Mhuire
7. **Laa zaa deach in mamach woa vrow neyf nyffry*my*^t
Di foar evy*mis* farty^t fwne na wrin*liss* naltaç nallinn**

Lá dhá [n]deach[aidh] an manach

bhó a bhrugh n-aobhdha n-aifreannach
do-fúair aoibhnios feartach fuinn
na bhraoin-lios <n-caltach n-áluinn>

8. **Di cwoall er layr in liss coyal woss gi coyal commisse
Goo oone fa wynn di lawri fa rynn *chwle* e chellawry^{<v>}**

Do chuala ar lár an leasa
ceól bhós gach ceól coimeasa
guth éoin fá bhinn do labhradh
fá rinn cheóil a cheileabhradh.

9. **Ne royf er drum clar doy'in a hawwl / na hynnoyl
Delf a *chochil* re raa bi herwe na oc*h*hir or zanna**

Ní raibh ar drumchlár domhain
a shamhail no a aonnamhail,
dealbh a chochail <ri rádha>
bu shearbh 'na fhochair orgháin.

10. **iiii hoirrin reym *rach* ag feachy^t ni anelaych
A cwr choil si wrin*liss* wlaa fa loyr deiwymis a <... >**

Ceithre <huairean>, réim <ratha>,
ag féachadh na <héanlatha>
a <c[h]uirm/cor> cheóil 'san bhraoin-lios bhláith
fá léor d'aoibhnios an <>

11. **Bailleis dol na char clooch da chaass di wei^t er a <vamach >
Din freewayg bi zallir less skarrych ree feirane ph<arris >**

B'áil leis dul 'na chairthe c[h]loch
dá chás do-bhí ar an mhanach
don <....> budh ghalar lais
scaradh re fíréan pharrthais

12. **Di quhoy a mach a mamach voa wrin*liss* o^r ossnoyth
Tark a carda in dey in non*ne* er tryle domnard in nayv<e>**

Do-chóidh amach an manach
ó a bhraoin-lios fhuar osnadhach
tearc a chairde i ndiaidh <an nóin?>
ar [d]triall <ón airde a n-aonuair?>

13. **Fayg*his* re mamistír vrik chowadis e ygh ryirk
An fynn wrow di wein swanna is eny^t a er aych chwma**

Féaghais re mainistir bhric
choimhéadais é <eadh radhraic ?>
an fionnbhrugh do bhí <an> sunna
is iongnudh é ar athchuma

14. **A mach di chongy as neir choir an tee bi chann din caanno<ne>
Fee clew ~~wynn~~^{zrynn} darry^t dwnne mamach ree vynne oyg<in>**

Amach do chuinnigh 's níor chóir
an té budh cheann don chanóin
fa chleithe ghrinn darach <donn/duinn>
manach lér mhinn oghfhuinn

15. **Feareit fir gi faach kea in mamach og iynaach
as draach mnā na zroyg dwnne as ald na in sloyg na<e>**

Fiafraighid fir go fáthach
cia an manach óg iongnáthach
as dreach mná iona ghruadh duinn
as áille ná sluagh <...>

16. **Ag so in raa in royvis reyve / di ray in feata feira<e>ll
Fadda as nair sin downe dawf mo chonghwal er cowl cho**

Ag so an ráith i rabhus riamh
do-ráidh an fiata fírfial
<fada as nár> san dún damh
mo chongbháil ar cúl <comhladh>

17. **Ane drast di quhoyis a mac ca wul in boone braar<ry^t>
A ness a loygh ni faacha nach / troyg miss er inmychin**

An tráth do-chuadhas amach
cá bhfuil an b[h]uidhean bhráthrach?
anois a shluagh ní <féacaim>
nach truagh mise <ar ionnraichin?>

18. **Di waigis iiii oyr ym liss cranzal creif oynnyth
Foyrris choyil gawlanych grynn ag ayn orzany^t evynn**

Do bhádh as ceithre huaire
am lios <cranngal> craobhuaine
fuaras ceól gobhlánach grinn
ag eón orghánach <éibhinn>.

19. **Di bar leyve estych oyr na s<e>yd in talwone teyf oynn<y>
Mo ghaale da znaa gin alsa gor far see no in seil soo**

Do b'fhéarr libh éisteacht uaire
ná séad talmhun taobhuaine
mo gheall, budh ghné gan fhallsa
gur f[h]earr sé ná an saoghal-sa

20. **Errid mama_yc gin woeill as leyad soas ni sannlowir**

Foar far na<r> allyt a i<s> schel a wamych si wreinliss

Éirghid <[na] manaigh> gan mhoill
's léighid suas na seanleabhair
fuair fear nar fhalaigh a fhios
seal an mhanaigh 'sa bhraoin-lios.

21. **Tre feizeit*h* bleyin tre chayd tulli agus tre bleyin de<g>
Di we er fer mhogzil zlwnmas ag ayn phoppil o<r> pharr<is>**

Trí fichid bliadhan trí chéad
tuilleadh agus trí bliadhna déag
do-bhí an <féar? mhogaill? ghlanmas?>
ag éan phobuil ó pharrthas

22. **Aygfryn in layirn varriⁱ cantir less gi loair ry^t
Di quhoy mir challwme voa hei^t cloch a ammin er neif naillo^t**

Aifreann an lá arna mhárach
cantar leis go lúthghárach
do chuaidh mar chalum <bhó a thoigh cloch?>
a <anum> ar neamh <néallaigh>

- 23 **Na gin narrivyr woir noyor fear <g>lass in talwon*n* theifroyg
Dekraa nann in narrew vlle ferta alda oyg m*h*vr**

Nogo n-áirimhthior mór n-uair
féar glas an talmhan taobhruaidh
deacra ná a n-áirmhe uile
ferta <áille> Óghmhuire

24. **Mur ruk mvrr in mamach so wrow ewin ocht'ac*h*
Ber mee a zna zawlanin zrynn sin raa orzany^t eb*h*yn<n>
Bynn law<iis >**

Mar rug Muire an manach
sa bhrugh <éibhinn> uachtarach
beir mé, a <ghné ghobhlánaigh> ghrinn
'san ráith orghánaigh éibhinn
Binn labhras

9.4 'Iomdha sgéal maith ar Mhuire'

Tha an tar-sgrìobhadh a gheibhear an seo stèidhichte air Quiggin ach gu bheil mi air a leasachadh ann an àite neo dhà. Gheibhear còmhla ri sin an dreach a dh'fhoillsich Mac Gionnaith, nach do chleachd Leabhar an Deadhain.

1. **Img*h*y skeall mach er mvr/ fa moltyr a merwlli
di zoyve er in noy neyn skayl is coor a c*h*redd<e>m*h***

Iomdha sgéal maith ar Mhuire

fá moltar a míorbhuile
do ghéabh ar an óigh n-iodhain
sgéal ar chóir do chreideamhain

2. **Oglaa di wee ag Mvr mor /gin dug fretty^t no honnoir
lass nar wail din nwl wan / a waynn ach mvr wayr**

Óglách do bhí ag Muire mhóir
nach tug eiteach na honóir
leis níorbh áil don uile bhean
a-mháin acht Muire mhaighdean.

3. **Ar fassach faddi voo cach /di we attrew in noglay^t
mvr bi znaa dwnni deya / o chaych vlli in nymzaynow/**

Ar fhásach i bhfad ó chách
[baoi] aitreabh ag an óglách
mar ba ghnáth duine diadha
ó chách uile i n-imchiana.

4. **In ry^t mna da walli sen / tyg yic^hh zis in derrew
an tea si harne nar vi^{rr}ay snaym is a no eskolbor**

I riocht mná dá mhealladh sin
tig oidhche d'fhios an [díthreibh]
an té [as] ainm nach ionráidh
snaidhm is é a eisiomláir.

5. **Oslyth er cowle ni coyle / earr^{is} dowle barmollyth
di wei^t in nyich gi for floch di law^t gi troyg^h tursyth.**

Osgladh ar cúl na comhla
iarrais d'fhuighlibh banamhla
atú ar an bhean do bhaoi a-muigh
gan mhnaoi gan fhear im fhochoir.

6. **Ben enteí ne hork^{is} doyf rymm erssin toglay eygin
a wēn, ga beyg huss mi heyg ne hay hoyllissi**

Mná i n-éintigh ní hoircheas damh
riom ar na t-óglách iodhan
a bhean acht gidh bé tusa
mo theagh ní hé t'eolus-sa.

7. 

Ná habair sin ar sise
mo dhiúltadh ní dhlighei-se
ní misde an teagh i dtair mé
nocha bean mar [sain] sinne.

8. **A chwnng di c^{hwrris} orrwm^m ne weit mai ga me chugin
Ben reyve im hey ne hikkow a wen a dear osl<ow>**

An chuing do chuireas oram
ní bhia mé dá míochomhall
bean riamh im theagh ní [tugadh]
a bhean [ná hiarr oslagadh].

9. Osgladh i n-onóir Mhuire
Cuinghis ar an gcríosduidhe
do bhí an [adhaigh] go fuar fiuch
's do labhair go truagh tuirseach.

10. An inghean d'éis a ndubhairt
ó do chuala an chontabhairt
osgladh uaidh níorbh fhaláir dí
fuair i n-anáir na hóighe.

11. Re deilbh a haighthe d'fhaicsin
tug an t-óglách ionnsaich-sin
a mac samhla [is dál do] dhligh
grádh a anma don inghin.

12. Dá dhiadhacht [níor] fhéach eisean
suirghe ria do rinnei-sean
do dhruim a dhaonnachta soin
cuing shaoghalta do shanntuigh.

13. Críoch do chur ar an suirghe
an uair do bhí i gcomhairle
do chluinid guth Mhoire a-muigh
i gcruth oile san ursuin.

14. Muire mar gach mnaoi eile
i n-ursain na haitreibhe
sirís [d'fhosgadh] mhall a-muigh
osgladh 's dob am dá iarraidh.

15. Is é freagra fuair Muire
[ó a compánach chríosduidhe]
insa teach [a-tá ar m'fheitheamh]
neach go lá ní [léigfeithear].

16. An aithne dhuit mar bhíos bean
na haonar ar an inghean
fóir a-nocht ar Muire mé
an gcluine olc na hoidhche.

17. Cros an [Dúilimh] mar dleaghar
cuir eadrad is aimseaghadh
fóirfe sé an snaidhm i bhfuile

i n-ainm Dé ar an diadhaire.

18. Muire [óg do fhiafraigh] dhe
mar nach biadh a fhios aice
cionnus do ghéanadh sí sin
[nó] an ní déaradh dá dh[éinimh].

19. A láimh ndéis dá chur i gcéill
tógbhais timcheall an fhíréin
[’s do] [sheol] mar [a-déaradh] di
a dhéanamh [gurbh] [eol] uaithe.

20. An inghean [rér fhóbair] feis
don chéid-fhéachain thug thairis
ní fhuair acht a hionad [sin]
an spiorad uaid do imthigh.

21. Mar sin rug ríoghan nimhe
a peacadh a páirtidhe
cuaird na hóighe san ursain
suaire do róine an ríoghan-sain.

22. Tabhram uile dar n-aire
an taom-soin dá trócaire
dar ndíon ar dhóirsibh na bpian
bíom ’s an óigh-sin ar éin-rian.

23. Cuaird na [heilte] d’fhios an laoigh
do bheir d’fhurtocht a hóglaigh
mo ghéanar as duine di
Muire dom dhéanamh dhise.

24. Go gcreidear mar as chóir damh
comhachta Muire mháthar
sgéala ar an óigh is iomdha
na séala chóir creideamhna.

25. Umhla ná gach ógh oile
máthair meic na trócaire
is uime dhírghigh Dia
i mbruinne mínghil Maria.

26. Táinig Dia na Dhia féine
na broinn mar gha ngeil-gréine
an [uimhir] do bhaoi na bruinn
[gur dhuinigh] mar chnaoi i gcrobhuing.

27. Táinig na dhuine ’s na Dhia
arís i meadhón Maria
an toircheas an tráth do [ghin]
oircheas do chách a [chreidimh].

28. Dá mbeinn [do ba beart doiligh]
